




Blair 130

3/2/16
Complete
L/1





OCHD SEARMOINEAN DEUG, TAGHTA,

A SHEARMONAICHEADH

LE

SEIRBHEISEACH URRAMACH AGUS DILEAS IOSA CRÌOSD,

MR EOIN WELSH.

BHA AON UAIR NA MHINISTEAR AN T-SOISGEUL ANN AN' AYR,

THA NAOI DE' NA SEARMOINEAN SO,

AIR

COGADH A' CHRÌOSDUIDH,

ANN AN

TIGH A CHUAIRT.

THA SIA EILE' AIR IOMADH PUING DIADHEACHD,

AGUS THA NA TRI

MU' DHEIREADH AIR A CHREIDEAMH.

EADAR-THÈANGAICHTE GU GAELIC.

LE

DAIBHIDH MUNRO,

MAIGHSTIR SGOILE DO'N CHUIDEACHD URRAMACH

A' TA ANN AN DUNEDIN, A' THA CUMAIL SUAS SGOILEAN GAELIC,

AIR FEADH GAELTACHD AGUS EILEANA' NA H-ALBA.

—00—0000—00—

Air chuimhne gu brath bithidh a'm firean. *SALM* cxii. 6.

Ach a mhain gu bheil an Spiorad Naomh a' deanamh fianuis, ag radh, gu bheil geimhlichean agus trioblaidean a feitheamh orm. *GINOMH*, xx. 23.

Phuair dream eile feuchainn do fhanoidibh, agus do sgiursaibh, seadh, fos do gheimhilibh agus do pàrso-an. *EABH*, xi. 36.

Is lionnibh amharan an fùirein; ach asda air fad saoraidh an t-igh-earn. *SALM* xxxiv. 19.

INVERNESS:

PRINTED FOR THE TRANSLATOR, & SOLD BY BOOKSELLERS
IN INVERNESS, TAIN, DINGWALL, THURSO,
STORNOWAY, &c., &c.

M D C C C X L I.

NOTICE

The whole of Mr WELCH'S SERMONS, and a MEMOIR of his LIFE,
are Translated into Gaelic, and will soon be published.

INVERNESS

PRINTED AT THE HERALD OFFICE, BY D. DAVIDSON.

COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

SEARMOIN XI.

AIR COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

EPH. vi. 10—21.—“Fa dheoidh, mo bhraithre, bithibh laidir sa Tighearna, agus ann an neart a chumhachd-san. Cuiribh umaidhe uile armachd Dhe, chum gu'm bi sibh comasach air seasamh an aghaidh cuilbheirtean an Diabhoil. Oir cha'n 'eil sinn a' gleachdadh a mhain ri fuil agus feoil, ach ri uachdaranachdaibh, ri cumhachdaibh, ri riaghlairibh dorchadais an t-saoghail so, ri aingidheachd Spioradail ann an ionadaibh arda. Uime sin, glacaibh do 'ur n-ionnsuidh uile armachd Dhe, chum 's gu'm bi sibh comasach air seasamh an aghaidh a bhuiridh san droch la, agus air dhuibh na h-uile nithe a dheanamh chum seasamh. Seasaibh uime sin air bhi do 'ur leasraidh air an crioslachadh le firinn, agus uchdeididh na firinteachd umaibh; agus ullachadh soisgeul na sìthe mar bhrogan agaibh air bhur cosaibh; thar gach uile ni a' glacadh do 'ur n-ionnsuidh sgeithe a' chreidimh, leis am bi sibh comasach air uile shaighde' teinteach an droch spioraid a mhuchadh. Agus glacaibh eogaid na slainte, agus claidheamh an Spioraid ni a 's e focal Dhe: A' deanamh urnuigh a ghnath leis gach uile ghne urnuigh agus asluchaidh san Spiorad, agus a' deanamh faire chum an ni se fein, maille ris gach uile bhuanachadh, agus ghuidheadh air son na naoimh uile; agus air mo shonsa, chum gu'n toirear dhomh comas labhairt le fosgladh mo bheoil ann an danachd, chum gu foillsich mi run diomhair an t-soisgeil; air son am bheil mi a'm theachdair ann an geimhlibh; chum gu'n labhair mi gu dana uime. mar is coir dhomh labhairt.”

Do BHRIGH 's gu bheil an dara' cuid, uine bhur n-eisdeachd-sa, no mo labhairt-sa ribh-se ann an ainm an Tighearna, neo-chinnteach agus nach 'eil fhios againn cia ce luath sa chuireas an Tighearna crìoch air an dara cuid àm mo chuairt-sa no bhur cuairt-se, uime sin 'se durachd mo chridhe a bhi air mo threorachadh le Dia aig na h-àmaibh so, sa mhaduinn agus sa'n fheasgair, ann a bhi leantuinn air na nithe sin a 's mò air am bheil agaibhse a dh'fheum; agus mu bheir an Tighearna an 'uine, agus gu'n cum e 'n dorus fosgailt, (oir cha'n urra do dhuine sam bith a dhunadh co fhada sa chumas esan e fosgailt, agus an uair a dhruideas esan cha'n urra do neach sam bith fosgladh.) Tha mi a'g radh, ma 's aill leis an Tighearna, nuair a chrìochnaichear cleachdamh a'r cogaidh

Chrisduidh so, mu'm bheil rùn orm a labhairt; ann an sin tha rùn orm a dhol troimh gach puing chreidimh a leanas; Gidheadh, aig an àm so, b' aill leam labhairt air na nithe is ro-fheumail; agus ciod na nithe is mo air an bheil agaibh-se feum, na eolas fhaotuinn air bhur cogadh Chrisduidh?

Ciod e beatha a Chrisduidh, ach cogadh gach là? Ge'd 'tha muinntir mhi-naomh an t-saoghail a caitheamh uairean agus laithean ann a faoineas, agus air nithe 'eile bhunas do'n bheatha so, gidheadh a mheud sa ghairm Dia, agus da'n 'tug e a shuaicheantais fein, tha iad a faotuinn a mach nach 'eil ann an uile uairibh an beatha ach gnath thuiteam no èiridh, gleachdadh no cogadh, aon chleachdadh no cleachdadh 'eile.

Uime sin, tha 'rùn orm trid gràs 'Dhe, innseadh dhuibh cia mar a chogas sibh bhur cathan, cia mar a chuireas sibh oirbhe bhur n-armachd, agus a ghabhas sibh bhur n' innealibh chogaidh ann 'ur lamhan, nithe ma 'se, is gu'n cleachd sibh iad gu ceart, gheibh sibh a bhuaidh, agus 'nuair a tha sibh air faotuinn buaidh cia mar a' sheasas sibh: agus a' nuair 'tha sibh air tuiteam, cia mar a' dh'eireas sibh a rìs; oir 's iomadh iad nach do chreid riamh fathasd iad fein a bhi air an lot, am feadh, 's 'an àm cheudna, a tha iad air an lotadh gu ro bhàsmhor; agus iomadh, am feadh a tha iad a tuigsinn iad fein a bhi air an lot, agus air tuiteam, nach 'eil fios aca cionnas a dh'eireas iad a rìs; tha iomadh air an lot le grabhan agus 'eagail, agus buaidh air fhaghail orra, le aon bhuaireadh no buaireadh 'eile, ach cha'n 'eil iad a faicinn an nambaid a lot iad, agus a thug dhoibh a bhuille, ni mo is urrainn doibh innseadh cia mar thig iad gu ath-leasachadh.

'Nis, 'a faicsinn nach 'eil duine sam bith air a cbrunadh as eugmhais spairn, agus 's ann dasan a bheir buaidh, da'm bheil e air a ghealltainn gu' sealbhaich e na h-uile nithe; ach an dream a ta gealtach, agus esan a' dh'fhannaicheas anns a chogadh, agus mi-chreidich. bithidh acasan an euibhrinn anns an loch a ta losgadh le teine agus pronasg, ni 'se an dara bàs. Uime sin, mar a b' aill leibh an crùn a bhi air a chuir air bhur cinn. feumaidh sibh an tùs 'ur cosaibh a shuidheachadh anns an raon gu cogadh, agus nam b' aill leibh buaidh a thabhairt, agus na h-uile nithe a shealbhadh. feum-

a'rdh sibh air tùs sibh fein uidheamachadh air son a chogaidh. Se ciall na nithe so air am bheil mi gu labhairt so—EADHON :

Sa cheud aite. Innsidh mi dhuibh feumalachd a chomhraig agus a chogaidh so.

San dara h-ait. Rùn Dhe ann a frithealadh a ghràis. Esan, a dh'fheudadh do naomhachadh gu h-iomlain ann an so, gidheadh fagaidh e urrad do pheacadh ann do chridhe 'sa chumas do ghna' thu fuidh chleachdadh bùan chomhrag uile laithean do bheatha. Tha e feumail aithne fhaotuin air an aobhar air son am bheil an Tighearna deanamh so.

San treas àit'. Tha mi gu a leithid do Stèidh a thabhairt dhuibh sa dh'fheudas bhur cumail suas, air choir 's nach fannaich sibh ann bhur cogadh.

'Sa cheathramh àit'. Tha mi gu innseadh dhuibh cia mar a tha sibh gu ullachadh air son bhur cogaidhean agus 'ur comhraga' chum 's gu'm bi aithne agaibh air bhur naimhde, cha'n ann mar a ta iadsan 'gan cuir fein sìos. ach mar a chuir Iosa Crìosd bhur ceannard sìos iad na fhocal.

'Sa Chuigeamh àit'. Tha mi gu innseadh dhuibh cia mar a dh'uirgheamaicheas sibh sibh fein, agus ciod e an armachd leis a' an cog sibh, agus anns a chrìoch gu'n faigh sibh a bhuidh ; an armachd, ma' se is gu'n cuir sibh oirbh i, agus gu'n cleachd sibh i, cha' n'e buaidh neo-chinnteach a bheir i mach, ach buaidh araidh agus chinnteach.

'San t-seathamh àit'. An deigh sin tha mi gu theachd agus a chogadh fein, agus tha mi mar so a rùnachadh innseadh dhuibh mu thimchioll, gach ainneart, b'erb, agus buintinn chealgach, a tha'n diabhail a cleachdadh gu buaidh fhaotainn air na naoimh.

'San t-seachdamh àit'. Uime sin, tha mi gu innseadh dhuibh mu'n chuilbheartachd a tha 'n t-eas-cairid cleachdamh, a ghabhas an co' throm deth na h-uile cor no inbhe leis am feud e buaidh fhaighail ort ; seallaidh e air do nadur, co'-dhiùbh a' tha thu air do thabhairt do'n pheacadh so, no do'n pheacadh ud eile, agus gabhaidh e an cothrom ann an sin ; ambaircidh e air an ait' 's am bheil thu, agus air a chuideachd anns a'm bheil thu, agus gabhaidh e a chothrom ann an sin mar an ceudna ; ambaircidh e air do ghairm ; agus gabhaidh e 'n cothrom ann

an sin mar an ceudna, amhaircigh e air do staid san àm air lathair, a dh'fheuchainn am bheil thu ann an soirbh-achadh, no ann an aire, agus gabhaidh e a chothrom 'an sin mar an ceudna.

An deigh sin. Tha mi gu innseadh dhuibh cia mar a chleachdas gach aon agaibh sibh fein ann bhur combraig, agus cia mar a bhios sibh ullamh 's gach àm gu seasamh ann an aghaidh an namhaid le cumhachd an Tighearn, ann an là bhur buairidhean; agus a' n-uair a tha sibh air tuiteam, cionnas a dh'eireas sibh a rìs.

An deigh na nithe coitichion so, tha mi air teachd gus na nithe sonruichte, far am bheil mi gu leigeil fhaicinn duibh, cia mar a ta e, o thoiseach ceud thinne bhur Slainte, air a steidheachadh air gradh Dhia, ach an tig sibh gus an tinne mu dheireamh, an ni is se 'ur gloireachadh. gu bheil aig an t-Satain ionnsuidhean sonruichte fein ann an aghaidh gach aon deth na tinneachan so.

Se ceud thobair do Shlainte gradh Dhe dhuit ann an Iosa Crìosd', agus bheir a Satain ionnsuidh air do chreach dheth na sin, agus mar sin mothachadh air a ghradh so a chumail air ais o' do chridhe.

'San dara h-ait. 'O 'na ghradh so tha do thaghadh a teachd; uime sin feuchaidh e ri thoirt ort a bhi ann an teagamh, no a bhi ann an 'an-earbsa, agus a thoirt a chreidsinn ort nach robh d'ainm riamh air a sgrìobhadh ann an leabhar na beatha.

'San treas ait'. Theid e mu'n cuairt a bhacadh do ghairm, nach d'rinn aon-chuid am focal no 'n Spiorad riamh do ghairm. No ma tha thu air do ghairm, feuchaidh e ri thoirt ort do ghairm a chuir ann an amharus, agus bheir e a chreidsinn ort nach robh i eifeachdach. Agus ann do ghairm, bheir e ort a chuir ann an teagamh firinn do chreidimh agus t-athreachais. Seadh, tha aig' a chuid buairidhean ann an aghaidh urnuighean, b'eachd-smuaineachaidhean, eisdeachd air an fhocal, buidheachas, agus ann an aghaidh gach uile earrann deth aoradh Dhe, agus ann an aghaidh na h-uile meadhon leis a bheil an Tighearn' a cumail suas a ghràsibh ann an cridheacha a mhuintir fein. An deidh sin tha aige buairidhean 'an aghaidh t-fluireanachaidh, do naomhachaidh, do bhuanachaidh, agus t-earb-sa. Agus, mu dheireadh, tha aige a chuid buairidhean aig uair dheiranach do bhàis, nì 'se an comhrag is goirt de'n a h-uile.

'Nis, dh'innis mi dhuibh bonn na nithe so, air a bheil a rún orm, tríd gras Dhe a labhairt ruibh aig na h-amaibh so.

Air tus. A chum 's nach sgithich sibh ann 'ar teachd gu'n 'eisceachd air a mhaduinn agus mu fheasgair; a chum 's gu'm bi fios agaibh ciod an t-ordugh agus an t-inbhe 's am bheil sibh nuair a tha sibh air bhur buaireadh, chum's, air dhuibh eolas fhaotainn air gu'm bheil sibh air bhur buaireadh, gun ullamhaich sibh dhuibh fein a leithid do dh'armachd a's ro fhreagaraich a' bhitheas do bhur staid.

'Nis, tha mi 'n dochas gu'm bheil mi air mo threorachadh le Dia ann an so; agus uime sin tha mi guidhe oirbh gu'n cobhair sibh mi ann bhur n-ur-nuighean ri Dia, agus gu'n guidheadh sibh air Dia gu'n deonaicheadh e a bheannachd agus a lathaireachd do'n t-saothair so.

Tha mi a creidsinn gu bheil moran agaibh do nach b'-aitlne riamh fathast ciod e sin a bhi cogadh laimh ri laimh ris an eas-cairid, agus tha moran agaibh do nach b'aitlne riamh fathasd' a cheilg agus a' chuilbheart. Is 'urrainn e aig cuid do dh'amaibh e fein a nochdadh dhuibh ann a chruth sa dhath fein, agus aig cuid do dh'amaibh is 'urrainn se e fein a chruth-atharachadh gu Aingeal Soillse, a chum 's gur mò chealgaich a bhudhaicheadh e nar n-aghaidh, agus mar sin gu'n toir e a rúintean aingidh agus an-icheadmhoir gu críoch; agus tha moran ann, 'nuair a tha iad air tuiteam, aig nach 'eil fios air; agus ge d' bhiodh fios agaibh air gu 'bheil sibh air tuiteam, gidheadh aig nach 'eil fios cia mar a dh'eireas sibh a ris: Uime sin, ciod e ni is mò air a bheil do dh'fheum, araon air mo shon-sa agus air bhur son-sa, na eolas a bhi againn air 'ar cogadh chríosduidh, a faicsinn ann's na h-uile h-uair de'n lā gu bheil againn ri dheanamh ris an euscairid. Nach eil e feumail air 'ar son an sin, ma ta, aithne a bhi againn air bunaitibh chinnteach, bho fhocal De, a chuir an Tighearna sios an sin gu a bhi na 'n comharidhean neo-mhearachdach, leis am feud sinn eolas fhaotuinn air gu'n ghradhaich e sinn ann a' Mhac Iosa Críosd roimh thoiseach an t-saoghail, agus gu'n do thagh se esan gu bhi na cheann duinn, agus sinne gu bhi nar buill dhasan. anns an rún shíorruidh sin a shuidhicheadh ann an comhairle Dhe; agus gu'n chuir e ar n' ainmean ann an leabhar na beatha mu'n robh an saoghal riamh ann:

agus gu'n do shaor e sinn le aon ghin-Mhic fein. Agus nach 'eil e feumail eolas a bhi againn air na h-aobhanean sonruichte, leis am bi aithne againn air gu'm bheil sinn gu firinneach air ar gairm, gu fìor air ar fireanachadh. agus air ar naomhachadh, agus aithne a bhi agaibh air bhur gloir a bhi air toiseachadh, a bhios aon la air a dheanamh iomlain anns na neamhaibh.

San dara h-aite. Togadh fein-fhiosrachadh na'n uile naoimh fianuis dhuibh mu fheumalachd a chogaidh so; agus ma bhitheas tusa na 'd aon diubh, feumaidh tu, co luath 'sa tha thu air do thabhairt a mach a glacan an diabhuil, agus air do shuidhachadh ann an uchd eaglais Dhe, feumaidh tu deanamh ullamh air son léig-eanaibh do dhiabhulaibh gu cogadh na 'd aghaidh; agus uime sin tha 'n t-Abstol ag 'radh an so, "Nis, fadheoidh"; mar gu'n abradh e, se so a ni fa 'dheireadh a' dh'fheumas sibh a dheanamh, as eugmhais nach urrainn sibh ni sam bith a dheanamh, "Feumaidh sibh uile armachd Dhe a chuir oirbh." Agus gu so a dhearbhadh le eisimpleirean, Abel, co luath 'sa thairg e iobairt do Dhia, do bhrìgh 's gu'n robh i taitneach do Dhia troimh chreideamh, bha Cain air a ghluasad suas le satan na aghaidh, agus mharbh se e. Na h-Israelich, co luath 'sa thainig iad a mach as an Eiphit, agus a chaidh iad thairis do'n fhasach gu seirbhis a thabhairt da'n Dia, tha satan a gluasad suas Pharaoh na'n aghaidh, a rinn le armailt mhòir an toir a leantuinn a dh'ionnsuidh na fairge ruaidh; ach gidheadh bhàth an Tighearn' e fein agus fheachd gu leir, agus thug e air a shluagh fein a' dhol troimh gu tearuinte. Cha' robh Pol na bu luaithe air iompachadh, na bha e air a gheur-leanmhuinn. Cha ro' ar Tighearn' agus ar maighstir Iosa Crìosd na bu luaith air a choisrigeadh agus air a chuir fuidh ùghdaras 'na ghairm, na bha e dà-fhichead là agus dà-fhichead oidhche air a bhuaireadh san fhasach le Satan. Mar sin, ma ta, cha luaith a chuireas tu-sa ann an aghaidh càmp an diabhuil, agus a' shuidhicheas tu do chasan ann an càmp an Tighearn, na bhios a' satan air do thòir. Nis, an t-aobhar nach 'eil na h-uile neach a faicinn so;—co fhad 'sa tha'n duine laidir a cumail an tigh ann an sealbh, tha na h-uile ni ann an sìth; ach 'nuair a thig na's treise na esan a steach, 'an sin tha e air a chuir a' seilbh; oir feudaidh tu itheadh, agus feudaidh tu òl,

feudaidh tu imeachd, feudaidh tu suidhe, feudaidh tu eiridh gu siothchail. anns am bheil an diabhlul, do bhrìgh 's nach 'eil thu faotuinn neo-fhreagarachd annad, oir cha'n 'eil Dia annad; air an aobhar sin feudaidh na h-aingidh sìth a bhì aca. ach is sìth bhronach an sìth; ach a mhuinntir dhiadhaidh, do bhrìgh 's gu'm bheil, araon Dia agus an diabhlul, solus agus dorchadas, fireantachd agus neo-fhireantachd annta; tha Iacob agus Easau an taobh a stigh dhiubh, uime sin, cha'n urra' dhoibh a bhì gun chogadh; agus tha so air a thoirt a steach mar bhonn solais dhuit. Taisb. xii. 17. Rinn an dragon cogadh ris a mhnaoi agus ri a sliochd, air an robh eagal Dè agus a ghleidh aitheantaibh, agus gu dearbh tha so na aobhar mèir shòlais, oir tha e a tabhairt air an diabhlul a bhì cogadh riut nuair a tha thu aig sìth ri Dia. 'Bheil farmad aig an diabhlul riut, ann an sin tha gradh aig Dia dhuit.—'bheil an diabhlul an toir ort. 'an sin tha Dia ga d' dhion; agus, ann an aon fhocal, 'bheil an diabhlul ann a'm fearg riut, ann an sin tha Dia ann an sìth riut; mar sin feudaidh so sòlas 'thoirt dhuit-se a tha air dol a steach a dhionnsuidh a chogaidh so.

Nis tha sibh a faicsinn a feum a ta air, oir cìod e 'ur beatha ach gnath chomhrag, agus a mheud agaibh-se 's a tha air an tabhairt a mach a gairdeanna an duine laidir sin, 's aithne dhuibh so a bhì fìor, ach air son a chuid eile tha e ga 'n cumail ann an sìth, cha'n 'eil e idir cuir dragh orra: feudaidh e bhì nach 'eil sibh uile tuigsinn so, uime sin soilleirichidh mì dhuibh e.

Co e an duine laidir so? An diabhlul. Cìod e an tìgh so tha e a cumail? Se'n tìgh anam no cridhe an duine no bhean. Cìod i an t-sìth tha'n so? Is leithid do shìth agus do shàmhchair sa'n inntinn a ta'un, a tha an diabhlul a' gealltainn a cupan òr dhoibh, ach tha iadsan ga h-ol gu milis; agus tha leithid do dh'fhois ann an toilinntinibh an t-saoghail so, air doigh agus iadsan aig a bheil i, nach 'eil urrad agus iartas ac' air son a treigsinn, agus faghail a mach a ghairdeanaibh. Ach tha e air chaochla' do dhoigh maille ri leanabh Dhe a chuir ann an aghaidh taitneasaibh an t-saoghail so, agus a tha air an tabhairt a mach a gairdeanaibh an diabhail; cha'n 'eil ni'sfaide sìth an taobh stigh dhoibh-san, ach gnath chomhrag uile laithean am beatha: air an aobhar sin, thus' a tha air do thaghadh, anns an uair sin fein anns a bheil

thu suidheachadh do chois ann an cāmp Iosa, agus a chogas tu fuidh shuaicheantas fhala, agus ann's an uair a rùnaicheas tu a dhol a mach as an t-saoghal so, gu seirbheis a thabhairt do'n Tighearn' san fhasach, anns a cheart uair sin fein bithidh an dragoin dearg an toir ort le uile neart; mar a chi sibh gu soilleir leis an t-samhladh a dh'ainmicheadh roimhe. Co fhada 's a bha clann Israeil fo' dhaorsa agus fo' thraillealachd Pharaoh san Eiphit, agus co fhada 'sa ghabh iad toilinntinn ann am poitibh feōla na Eiphit, bha aca sìth agus fois maille ri Pharaoh; ach co' luath 'sa thainig Maois a dh'ionnsuidh Pharaoh, agus a dh'iar e air sluagh Dhe a leigeadh as, ann an sin chuir Pharaoh uallaichean ni bu trime orra, agus sin gu'n cumail fuidh, air chor 's nach togradh iad iarraidh a dhol a mach gu seirbheis a thoirt do'n Tighearn an Dia anns an fhasach; eadhon mar sin, co luath 'sa dh'iarras tusa a theachd a mach a' Eiphit an t-saoghail so, a chum seirbheis a thabhairt do'n Tighearn do Dhia anns an fhasach, agus an Eiphit a thrèigsinn; ann an sin Pharaoh garg (tha mi a ciallachadh an diabhl) saothraichidh e gu do chumail fuidhe le uallachaibh trom do pheacanna, a chum 's nach faigh thu cead seirbheis a thabhairt do'n Tighearna do Dhia, le leithid do chomas agus do shaorsa spioraid agus a' b' àill leat; agus ma thig thu a mach a dh'ainndeoine air, ann an sin cha sguir e dhe'n toir a lean-tuin ort gus an fhairge Ruaidh.

Mar an ceudna, co fhada sa mheasadh Maois na Mhac do nighean Pharaoh, bha e fo dheadh mheas aig na h-uile dhaoine; ach co luath 'sa roghnaich e amhghar fhullang maille ri a bhraithre, sluagh Dhe, roimh shòlais a pheacaidh a mhealtainn rè seal; co luath is sin, ghabh an diabhl farmad ris, agus tha e air a cho'eigneachadh gu teicheadh a mach as an Eiphit, agus gu seirbheis a thabhairt do choigreach ann an tìr choimh-each, agus an sin a bhi na bhuaichill rè ùin da-fhichead bliadhna. Agus co'fhada 's a bha Pol ann an staid nadur, as eugmhais e bhi air a shuidheachadh ann an gràs. bha aig' gairdeachas agus sìth na bu leoir, gun do shaol leis a chaitheamha agus a ghiulan a bhi neo-lochdach; ach cho luath 'sa tha e toiseachadh ri bhi giulain ainm Iosa, ann a' sin tha'n diabhl air chuthach na aghaidh, agus tha 'leithid do ghamhlas aig dha, 's gu'm bheil e air a gheur-leanmhuinn o bhaile gu baile,

agus cha'n 'eil an t-eas-cairid idir ga fhagail, gus na chuir e a' chath, na ruith e a rèis, agus na chrìochnaich e a thuras, agus an robh dearbhachd aige gun robh "crùn gloir air a thasgaidh suas air a shon;" ann an sin bha 'satain air a mhealladh, agus Dia air a ghloireachadh, agus bha esan ni 's mò agus ni's mò air a cho'-dhaighnachadh.

Agus, mu dheireadh, cho luath 's bha esan, an Ti a b'e ceann agus ceannard na'n uile, air a choisrigeadh gu a ghairm, cho luath 'sa thainig an Spiorad Naomh a nuas air ann an coslas columan, na dheigh sin cha'n 'eil e a faotuinns fois, ach threoraicheadh e do'n fhasach, agus tha'n diabhl a toirt ionnsuidh air, aon uair, dā-uair, trì-uairean agus cha d'fhag e riamh e fad' laith-ean irioslachd, gus an tug e gus an uaigh e; ach anns a chrìoch thug e buaidh air a pheacadh, air satan, agus air an uaigh; tha e a'g eiridh a ris' agus a dol do neamh, "agus a tabhairt bruid a'm braighdeanas." Mar sin tha so fìor, co fada 's a tha sibhse nar codal ann bhur peacanna, agus a g'òl a steach toilinntinnibh na beatha so, co' fada 'sa tha'n duine laidir sin fuidh armachd a cumail daighneachd bhur cridheachan; ann an sin bithidh gach ni ann an sìth, agus cha bhi bhur coguis fuidh thrioblaid; ach cho luath 'sa tha'n duine laidir air a chuir a sealbh, agus air a chuir a mach asaibh, ann an sin cha bhi ni's faide sìth, ach cogadh lathail an taobh a steach. san taobh a mach aige a bhaile agus bho'n a bhaile, a'g imeachd no ad' chodal, no ciod air bith a tha thu a deanamh.

Nis, ciod an t-aobhar nach 'eil cogadh ann do chridhe-se, thusa nach 'eil ann an Crìosd? Innsidh mi dhuit, cha'n urrainn cogadh a bhi ach eadar da phairtidh a tha'n aghaidh a cheile, agus air do shonsa nach ro' riamh air d'athnuadhachadh, cha'n 'eil Dia ann do chridhe, ach a mhain an diabhl. Ann's a chridhe nach 'eil air athnuadhachadh, cha'n 'eil na h-uile ni ach na fheoil, agus annadsa nach 'eil air d' athnuadhachadh, cha'n 'eil ach a mhain dorchadas; ach annadsa a 'tha air d' athnuadhachadh, tha m' araon Dia agus an diabhl, tha feoil agus spiorad, tha solus agus dorchadas, agus o'n 'a sin tha comhrag a'g eiridh. Mar sin an duine no bhean sin nach 'eil air am breith a ris's math a dh'fheudas agairteas agus bioraidhean coguis a bhi aca, ach air son

gleachd no spairn, agus comhrag gu peacadh a spionadh suas le 'fhreumhan, cha robh riamh mothachadh aca dheth, uime sin, thusa aig nach 'eil cogadh cha'n 'eil aobhar gairdeachais agad, do bhrìgh's nach 'eil a bheag annad-sa ach an diabhul, dorchadas, agus an fheoil ; ach tha aobhar gairdeachais agadsa tha faotuinn cogadh an taobh a stigh dhìot, oir mar bu tusa cèile Chrìosd, agus mar biodh eagal Dè ort, agus thu deanamh do dhìchioll a bhì coimhead aitheantaibh, cha deanamh an diabhul cogadh riamh ann ad aghaidh ; uime sin co air bith thu aig an bheil an comhrag so, tha e na argumaid chinnteach dhuit gur leanabh le Dia thu.

Ceist. Ach feoraichidh sibhse, ciod e an t'aobhar, nach deanadh Tighearna cho glic, cho cumhachdach, agus cho ghrasmhor, air a lionadh le gradh agus truas, aig a 'bheil cumhachd do naomhachd a dheanamh iomlan 's a bheatha so, carson nach athnuadhachadh e d' uile chridhe ann an tiotadh ? Agus carson a tha e fullang do chù co an-ìochdmhor, ris an diabhul, a bhì leanmhuinn an tòir ort, nach 'eil a' g iarraidh a bheag ach eus-onair Dhe, (uì' se cùis is 'àirde na do dh'amnadh-sa) do bhrìgh 's gu bheil fhios aige gu'n dean t-fhir-eanachadh, do naomhachadh, agus do ghloireachadh esan onarachadh, uime sin, tha e a' deanamh tàairmais air na cuisibh so, gu'n tilgeadh thairis ? Freagradh. 'Nann, do tbaobh eusbhuìdh gràdh a tha so, an saol thusa ? Cha'n ann, cha'n ann. 'Sann 'o ghradh a tha e ga dheanamh, agus sin air son da aobhar :

Air tūs, air sgā onair agus ainm fein :

San dara h-aite, air son do shoirbheas agus do mhaithsa ; uime sin feumaidh t-usa thu fein a dheanamh toilichte a bhì fuidh na ghna chomhrag so fad uile laithean do bheatha, air dhuit fhaicinn gu' bheil Dia air onarachadh leis ; agus a faicsinn mar an ceudna gun robh, 's gu'm bheil, agus gu'm bì e na chrannchuir do 'uile chloinn De, 'o thūs gu crìoch an t-saoghail ; dh'orduich Dia air do shon-sa e, ma's leis-san thù, mu'n robh thū riamh air do bhreith.

Ceist. Feoraichidh tū, cionnas a tha e tionndaidh chum gloir Dhe, agus do mhath-sa ? Freagradh. Air tūs tha do bhuaireidhean-sa tabhairt gloir do Dhia ann an dā dhoigh :

'Sa cheūd aite. Tha Dia a faghail gloir, 'nuair a tha e ga d' dheanamh-sa, a tha air do reic fuidh pheacadh, ad' chreutair fānn, ad' chreutair faoin, lag, agus anfhann, saighdear singilte ad' fhear buaidh os-cionn lèigionibh do dhiabhuilbh, a bhi toirt sìos prionns' an athair, agus dia an t-saoghail so, agus a tabhairt ort do chois a chuir air a mhuineal, agus saltairt air fuidh do chasan. Tha e fìor, gu feudadh e fein so a dheanamh; gidheadh cha dean se e, ach 's àill leis thusa 'tha ad' chreutar lag agus tair-eil so a dheanamh, 'chum 's gun taisbean a ghlòir ni 's mo; oir, do ghnath, 'nuair is laige bhios tusa, a tha ad' inneal, 's ann is mo a tha cumhachd Dhé air fhaicinn ann a'd anfhannachd trid a bhi a' tabhairt dhuit-sa na buaidh. Uime sin, mar a ghairm Iosua air Israeil uile, agus a dh'farr e orra an casan a chuir air muinnealaibh phrionnsibh Chanain,—Iosua x. 24. Mar sin tha ar Tighearn Iosa, ar fìor Iosua, a' gairm oirnne, agus ag àithneadh dhuinn ar cosan a chuir air uachdranachdaibh, agus cumhachdaibh, agus riaghlairibh an t-saoghail, agus prionnsaibh an 'athar, agus angidheachd spioradail, agus tha e ag àithneadh dhuinn ar casan a chuir air am muinnealaibh, agus saltairt orra, air dhoigh 's nach eirich iad suas gu brath tuillidh, gu cron a dheanamh oirnne.

'San dara aite. 'S-aill le Dia thusa a bhi air do chumail an cleachdamh ri buairidhean, a chum 's gu'n d' thoir e air a ghraisaibh àrd agus òirdheire a ta annad dealradh a mach.

Am biodh foighdinn Iob riamh air fhoillseachadh, mur biodh e air a dhearbhadh le iomadh gnè bhuaireidhean, àon an deidh àon 'eile? Am biodh aithreachas Dhaibhidh riamh air a dheanamh aithnichte, mar bith eadh co iomadh cath 'sa bha aig? No am bitheadh riamh neart Phòl, no èud Pheadar, air a dheanamh aithnichte, mur b'e cho iomadh cath 's a bha aca?

Mar so is aill le Dia na h-ainglean, an diabhul, agus an saoghal a bhi na'n dearbh luchd amharc air na tro-airibh agus na grasaibh folaichte so a' tha annad-sa a chum 's nuair a chi na h-ainglean e, gu'n gloirich iad Dia air a shon, agus gu'm féud iad a' radh, 'nis tha mi faicinn gu'm bheil creideamh, gu'm bheil aithreachas, gu'm bheil foighidinn, gu'm bheil dòchas, gu'm bheil grās, gu'm bheil Crìosd annad-sa, agus leis na meadhonaibh so tha Dia a' foillseachadh saibhreas a ghrāis ann an cridhean.

an a phobuill fein, a bhiodh air dhoigh eile air am folach, mar biodh air son buairidhean, cho fhad 's is beō thu. Anns an ath aite is mōr am maith a gheibh thu fein le buairidhean.

'SA CHEUD AITE. Le buairidhean bheir e ort gu'n aidich thu dearbh pheacanna t'-oige, mar a thug e air Job, nì air doigh eile nach cuimhniceadh tu gu bràth, agus dheth nach gabhadh tu aithreachas; uime sin le buairidhean tha e ga'n gairm gu do chuimhne, tha e tabhairt ort brōn a dheanamh air an son, agus cha leig e leat fois a ghabhail gu bràth gus am faigh thu maith-eanas; oir mur biodh aithne agad orra, 's mar cuimhniceadh tu iad, agus mur gabhadh tu aithreachas dhiubh, cha bhiodh riamh maitheanas air a thabhairt dhuit air an son; oir as eugmhais eolais, cha'n 'eil cuimhne; agus gun chuimhne cha'n 'eil aithreachas; agus gun aithreachas, cha'n 'eil maitheanas, agus mur biodh maitheanas air a thabhairt dhuit anns an t-saoghal so, cha shealbhaicheadh tu gu siorruidh a bheath-bhithbhuan. Mar sin ann a bhì gairm gu d' chuimhne peacanna t-ōige, tha'n Tighearna 'faicinn so a bhì chum do mhaith.

2. Le buairidhean tha Dia a' leigeil fhaicinn dhuit saoghal do dh'aingidheachd annad, agus gu bheil urrad do pheacadh 'san taobh 'stigh dhiot 'sa bhiodh na bu leoir gu saoghal a dhiteadh, cia mō mhōr ma seadh thusa, nach 'eil ach ad aon chreutair. Mar sin le buairidhean bheir an Tighearn' a mach na h-uilebheistean diomhar a tha nan luidh am folach ann do chridhe, nithe nam faigh-eadh iad cead, nach b'fhada gus an sluigeadh iad suas thu.

3. Le buairidhean tha'n Tighearna leigeil fhaicsinn dhuit searbhadas a pheacaidh, a tha brosnachadh fearg Dhé a' t-aghaidh; agus air dhuit so fhaicinn, gu'm bhì thu air t-fhaicill roimh' ruith a dh'ionnsuidh an teine a rìs, agus do shàil a shathadh air dealg, agus thu fein a thilgeadh thairis ann an lamhan Dia feargach, a tha na theine dian-loisgeach.

4. Mar biodh buairidhean, cha bhiodh e so-dheanta do chridhe a chumail fodha; agus eiod sam bith a bhiodh agad do ghra-saibh, dh'atadh agus sheideadh tu suas le àrdan; mar biodh air son na'm buairidhean iomadh-fillte a tha Dia a' cuir a chum na criche, gu

freagairt air son na h-uibhir do dheilg air an sathadh ann do chridh, a chum gaoth an ardan a leigeil a mach as.

5. Le buairidhean nì Dia daoine eolach air an laigse fein, chum 's air faicinn an laigse fein doibh gu'm cuir iad an dochas ann an Dia a mhain, agus a chum 's gu'm faic iad 'nuair a sheasas iad, gur ann 'o ghràs a ta iad a seasamh, agus nuair a thuiteas iad, gu'm faic iad gur ann uatha fein a tha an tuiteam, agus le so tha iad air an teagasg gu cuir n'an aghaidh fein, agus gu an dochas agus am misneach a chuir ann an Dia a mhain, agus tha iad air an teagasg a' bhì treigsinn nadur, agus a bhì cuir an dochas ann an gràs; agus bheir so ort gràsan Dhe ardachadh, agus mōr mheas a bhì agad diubh, agus bheir e ort urram a bhì agad do'n fhocal agus do na sacramainte, agus bheir so ort caithris agus urnuigh a dheanamh a ghnath.

6. Mur biodh buairidhean bhrothadh sinn ann ar peacanna, chuireadh sinn dhinn ar n-armachd, agus thuiteadh sinn 'nar codal maille 'ris a chuid eile do'n t-saoghal; uime sin a chum na crìche so tha'n Tighearn' cuir buairidhean, gu ar cumail na'r duisg, agus a thoirt oirnn 'ar n-armachd a chuir umainn agus a cleachdamh, agus a thabhairt oirnn ar cridheachan a ghlanadh gach là troimh chreideamh ann am fuil Chrìosd.

7. Agus an t-aite mu dheireadh, tha Dia le buairidhean, a' meudachadh a ghrasibh dhuit, agus mar tha e fein ag radh, "Tha mo chumhachd air a dheanamh iomlain ann do laigse, agus ann ad' anfhannachd; agus cha'n fhuiling Dia dhuinn a bhì air 'ar buaireadh 'osceann na tha sinn comasach air a ghiulan; oir mar a tha ar cathan air an athnuadhachadh, mar sin tha a ghras-sa air athnuadhachadh dhuinne; agus tha e ga dheanamh a chum na crìche so, air chor agus, gu'm faic sinne nach dean na grasan a tha laithair an gnothach, uime sin gu'm bheil feum againn air gras daighneachaidh agus neartaichidh gach latha a bheir oirnn' gach là bhì fàs ann an gras, gus an tig sinn gu iomlanachd, a nì nach bi anns a bheatha so. An urrad so air son na'n aobharan air son am bheil an Tighearn a fulang d'a shluagh fein a bhì air am buaireadh co fhada sa ta iad anns an t-saoghal so.

Tha tuilleadh gu bhì air a labhairt air an stèigh-theagaisg so, oir b' aill leam sibh a bhì gu h-iomlain

fiosrach ann an cùis 'ur cogaidh, air doigh 's ma bheir sibh thairis, agus gu'm bi sibh 'nar luchd brathaidh do Dhia agus do bhur n-anama' fein, an sin gu'm bi bhur fuil air 'ur cinn fein, oir cha'n 'eil neach sam bith a bhasaicheas, agus air am bi buaidh air a thabhairt 'sa chath so, ach esan a tha ag iarraidh le uile chridhe, agus a tha toileach buaidh a bhi air a thoirt air.

Cha'n eil ach da ni a mhain ris an labhair mi aig an àm so.

ANNS A CHEUD AITE. Mu na h-aobharan misnich a dh'fheudas taic a chumail ribh, agus 'ur cumail suas, air doigh 's nach fannaich sibh anns a chath so.

2. Innsidh mi dhuibh cia mar a ghiulaineas sibh, sibh fein a chum 'ar cosan a chuir ris a chath so, agus mar sin a bhi comasach a bhuaidh fhaotuinn.

Air son a cheud ni, comhrag feumaidh a bhi agaibh, agus uime sin ùlluichibh sibhse air a shon, agus feumaibh sibh bhur n-armachd a chuir umaibh, agus bhur buill-airm a ghabhail 'n-ur laimh, agus leo-sin cha'n e a mhain gu'n cuir sibh an aghaidh, ach mar an ceudna gu'n lean sibh air an toir agus gu marbh sibh an t-eascairid.

'NIS, A CHEUD AOBHAR a chum bhur gluasad gu so a dheanamh, tha mi ga ghabhail 'o UGH DAR a chogaidh so, rinn Dia a chomhstri, agus chuir e naimhdeas eadar sìol na mna agus sìol na nathrach. Mar so chi sibh gur e Dia ùghdair na comh-stri so, an deigh do'n t-satain buille mharbhtach a thoirt do'n duine agus do'n bhean anns a gharadh, thuir an Tighearna. Gen. iii. 15. "Cuiridh mise naimhdeas eadar sìol na mna agus do shìol-sa; brisidh esan do cheanu-sa, agus bruthaidh tus a shail-san." A faicinn uime sin gur e 'n Tighearna is ughdar da, 's leis an Tighearna an cath, 's ann o'n 'Tighearn' tha bhuaidh, agus 's ann do'n Tighearna a bhios a ghloir; agus do bhrìgh gur leis-san e, thug e dhuinn àithne gu cogadh, air a cheangal le gealladh nach toir e buaidh oirne. I Peadar v. 8. 9. "Tha e dol mu'n cuairt mar leomban beuchdach a' sireadh co a dh'fhaodas e shlugadh suas. Cuiribhse na aghaidh air dhuibh bhi daingean sa' chreideamh." Agus, "cuiribh an aghaidh an diabhuil, agus teichidh e uaibh." Seum. iv. 7. Agus an so, anns an steidh-theagaisg so, "Cuiribh umaibh uile armachd Dhe, a chum 's gu'm bi sibh

comasach air seasamh an aghaidh uile ionnsuidhean an diabhail."

Mar so se a cheud steidh gu taic a chumail ribh, a chum 's gu'n cūm sibh suas an cath, aithne Dhe, air a' ceangal ris a ghealladh, a tha toirt aithne do gach uile dhaoine cogadh a dheanamh agus buaidh a thabhairt a mach, mar a' b'aill leo a bhi ann an sealbh air a chrūn.

'SE'N DARA H-AOBHAR gu impidh a chuir oirbh an cath so chuir, aobhar a chomhraig so, agus a nì air son a bheillear a cogadh. Cha'n ann air son fearann agus oighreachd, agus saibhreas saoghalta, air son a bheil thu a gleachd ann an so, ach air son gloir Dhe, agus sabhaladh t-anam fein. Tha'n Tighearna ag earbsa a ghloir riut, agus tha e ag iarraidh ort cathachadh air a shon; agus tha'n Tighearn ag earbsa do shlainte fein riut, agus tha e ag iarraidh ort cathachadh air a shon mar an ceudna.

Nis, thusa nach cog air son sin, tha mi cinnteach gu'n cog thu air son neo-ni; agus na'm b'aill leat a bhi ad fhear brathaidh do Dhia agus do d' anam fein, 's maith a' thoill thu a bhi air do dhiteadh. Mar so chi sibh rùn an namhaid anns a chomhrag so, cha'n 'eil e ag iarraidh tuille ach Dia a spuilleadh agus a chreach deth a ghloir, agus t'anamsa a bhrath. "Tha e na bhreugar agus na mhortair o'n tūs." Eoin viii. 44. Tha e na bhreugar agus na fhear casaid fallsa air na braithre'. Tais. xii 10. Faic mar a thubhairt e mu' Iob, i. 9 10. "An ann an nasgaidh a' tha eagal Dhe air Iob?" Leag dhomh a mhaoinn a thoirt air falbh, agus faic mar mallaich e thu anns an eudainn." Ni a bha na bhreug fhollaiseach, agus na mhasladh aingidh agus toibheumach, mar a dhearbh a chūis anns a chriche. Agus mar a tha e na bhreugar, mar sin ths e na mhortair. 'Se a cheud ni air an bheil e a' deanamh tūairmeis easonair a thabhairt do Dhia; agus se an ath ni sgrios t'anam bochd-sa a cheannaich Crìosd le fhuil luachmhoir fein, chum's gu'n rachadh e gu siorruidh a mugh. Nis, thusa nach cog, ciod a tha thu a' deanamh? Tha thu cuir sgian na laimh, agus 'ga tabhairt da gu sgornan t-anam fein a ghearradh; uime sin, air an lā mhor sin, bithidh tu air do dhiteadh mar ciontach dheth an da phuing so. Air tūs, bithidh tu air do chasaid, air t'fhaotuinn ciontach, 's air do dhiteadh, mar thraoightear do ghloir Dhe: agus, san

dara h-aite,—mar mhortair air t-anam fein. Uime sin, their Dia riut, dh'earb mis mo ghloir riut, ach cha chogadh tusa air a son; dh'earb mise t'anam fein riut, ach cha chogadh tusa air a shon; uime sin 's math a bhuil-eachadh, thus a bhi air do dhamnadh.

Tha cuimhne agam—Breith. v. 23.—ciod a thubhairt Debora, “Mallaichibh-se Mèros (thubhairt aingeal an Tighearna,) mallaichibh gu mór a luchd aiteachaidh, a chionn nach d' thainig iad gu comhnadh an Tighearn, gu comhnadh an Tighearn an aghaidh nan cumhachdach.” Is mo gu mor a dh'fheudas a bhi air a radh, mallaicheadh an Tighearn, agus mallaicheadh uile ainglibh agus naoimh na neamha' iadsan nach cuidich an Tighearn ann an aghaidh an diabhuil; uime sin, mar a ta beannachd-an an Tighearn' orrasan a tha cuir a chathan-san, mar sin tha mallachd Dhia orrasan nach cuir a chathan-sa.

A'N TREAS AOBHAR gu impidh a chuir ort gus a chomrag so a chuir 'se so e, cog na cathan so, nach mair ach air son ùine, agus bithidh aoibhneas gun chrìoch agus sìth shiorruidh agad an deigh so; 'seadh, ma chogas tu ann an aghaidh an namhaid, an diabhuil, bithidh agad eadhon sìth ri Dia, sìth ri uile ainglibh agus naoimh na flaitheanais, sìth ri do choguis fein, agus sìth ris a chuid eile do 'uile chreutairean Dhia, ge'd tha'n diabhuil a cogadh riut anns an àm a ta lathair. Leugh thusa comhdhuineadh nan seachd litrichean so, tha'n Tighearn, a tha na shuidhe air cathair a ghloir, a' cuir a chum seachd Eaglaisean na h-Asia, far nach eil e tabhairt gealladh do dh'aon neach, ach dhoibh-san a bheir buaidh. Tais. ii. 7—11. “Do'n tì a bhuaidhaicheas bheir mise r'a itheadh do chraobh na beatha, a tha ann am meadhon pharrais Dè. An tì bheir buaidh cha chiùrrar leis an dara bàs e. Rann 17. Do'n tì a bhuaidhaicheas bheir mi r'a itheadh do'n mhana fholaichte, agus bheir mi dha clach gheal, agus air a chloich ainm nuadh sgrìobhta, nach aithne do neach air bith, ach do'n tì a gheibh i. Dha-san a bhuaidhaicheas agus a ghleidhas m' fhocal-sa agus a chriche, bheir mi cumhachd os-cionn na'n Cinn-each, agus riaghlaidh e iad le slait iarruinn. Esan a bhuaidhaicheas sgeudaichear e le eudach fada geal. Esan a bhuaidhaicheas nithear e na phostann an teampull a Dhe.' Agus, fa'dheoigh, “Esan a bhuaidhaicheas suidhidh e air rìgh-chathair maille riumsa, eadhon mar a shuidh

mise maille r'a m-Athair air a Rìgh-chathair-san." Nis, mar nach 'eil buaidh as eugmhais cath, mar sin cha'n 'eil gloir no crùn as eugmhais gleachd agus buaidh; uime sin thusa nach cog, agus nach d'thoir buaidh, cha'n 'eil còir agad air a ghealladh: oir nach 'eil so na roinn fhreagarach? Esan a bhuaidhaicheas ithidh e do chraobh na beatha." Rìs ann an ceart aghaidh sin, thusa nach toir buaidh cha bhlais thu gu sìorruidh air craobh na beatha. "Esan a bheir buaidh cha chiùrrar e leis an dara bàs;" agus mar sin anns a chuid eile gu leir. Mar so cha'n 'eil gealladh air a dheanamh ach dhoibh-san a chogas agus a bheir buaidh.

'SA CHUIGEAMH AITE. Runaich gleachd, oir cha dean teicheadh feum dhuit, ach saoraidh gleachd thu 'o lāmhan do nāimhde; oir ma theicheas agus ma dh'fhailnicheas tu ad' chasaibh, agus ma shuidheas tu sìos air an t-slighe, no ma bheir thu aite do' namhaid, ann an sin bithidh buaidh air a thabhairt ort; oir cha'n 'eil e ag-iarraidh tuilleadh ach gu'n tugadh tu aite dha, agus gu'n tionndaidh tu do chùlthaobh, agus gu'n rachadh tu air falbh. Air an aobhar sin tha thu a faicinn gu'm bheil armachd air son gach earrann do d' chorp anns a chath so as eugmhais do thaobh cùl a mhain, do bhrìgh 's nach 'eil a bheag ach am bàs air son an duine no a bhean a ghabhas an teicheadh; tha armachd air son na'n leasraidh, tha armachd air son an uchd, tha armachd air son nan casaibh, tha armachd air son a chinn, tha armachd air son na'n lamhaibh; ach cha'n 'eil armachd air son do thaobh cùl. Uime sin rùnaich gleachd, oir cha bhi e air son feum sam bith dhuit teicheadh.

'SAN T-SEATHAMH AITE. Cogaibh, do bhrìgh 's gu'n do bhoidich sibh ann bhur baisteadh, far an do gheall sibh cuir an aghaidh càmp an diabhuil, agus gu'm biodh sibh na'r saighdearan dileas do'n Tighearn Iosa; agus mar fhianuis 's mar chomharradh air a sin, ghabh sibh a Shuaicheantas agus a LIBHRE oirbh; uime sin deanadh a bhoid sin, a thug sibh, gach aon agaibh a mhisneachadh gu gleachd, air neo a bhi air bhur dìteadh dheth na mionnan-èithich is mo 's urrainn a bhi air an dealbh.

'SAN T-SEACHDAMH AITE. Thugaibh fa'near bhur ceannard, agus cuimhnichibh cò a bhratach fodha am bheil sibh a cogadh, eadhon TIGHEARN NAN TIGHEARN,

AGUS RIGH NA'N RIGÈRE, a cheangail an diabhl, agus a thug innealaibh chogaidh uaith, agus a fhuair buaidh o's-cionn a bhais, na h-ifrinn, agus na h-uaigh, agus o's-cionn an t-Satain fein, agus a chaidh do na neamhaidh leis a bhuidh sin, agus a thug bruid am braighdeanas.

'SAN OCHDAMH, agus anns an aite fa' dheireamh. Deanamh earbsa chinnteach air buaidh fhaotainn bhur misneachadh gu cogadh; oir mu chogas sibh cha chaill sibh am blàir; oir cha'n 'eil a h-aon a chailleas ach iad-san a chailleas d'an deòin fein. Cha'n 'eil an cath so coslach ri cathan an t-saoghail so, far a bheil a bhuidh ann an teagamh agus neo-chinnteach; anns a chath so tha bhuidh gun teagamh agus cinnteach. Ciod uime, 's le Dia an cumhachd, 's leis an Tighearn' a ghloir, agus 's leis an Tighearn' thusa: Uime sin cha leig an Tighearn leat-sa càll.

A mheud so air son na h-aobhairean gu do chumail suas ann an gabhail a chath so 'os lamh.

'Nis, labhraidh mi mu thimchioll bhur n-ullachadh. Tha e co'-sheasamh ann an dà earrann.

'SA CHEUD AITE. Feumadh tu colas a bhi agad air co ris a tha agad ri dheanamh, oir feumaidh tu colas a bhi agad air do namhaid, air a chumhachd, air a chuilbheart, air a ghamhlas, agus air a luchd-cuideachidh; air neo cha chog thu gu brath gu ceart.

'SAN DARA H-AITE. Feumaidh tu d'armachd a bhi ort, oir ma thig thu lomnochd, bithidh buaidh air a thabhairt ort; uime sin feumaidh tu uile armachd Dhe a chuir umad, agus feumaidh tu a bhi laidir; oir duine lag ge do bhitheadh e fo' arm, no duine laidir, as-eugmhais armachd feudaidh buaidh a bhi air a thabhairt orra; agus cha'n fheud thu leigeil le d' armachd luidhe ri do thaobh, ach feumaidh tu a' cuir ort, gun a' cuir gu brath tuille dhiot; agus feumaidh tu seasamh ann an aghaidh uile ionnsuidhean an t-Satan.

AIR TUS. Feumaidh tu bhi cinnteach a neart cumhachd an namhaid.

'SAN DARA H-AITE. Feumaidh tu bhi lan-chinnteach dheth a chuilbheart agus a sheoltachd.

'SAN TREAS AITE. Feumaidh tu a bhi cinnteach a mhisneach, nach caomhainn ionnsuidh a thoirt ort, ge do bhiodh tu ad dhuine do reir cridhe Dhe.

'SA CHEATHRAMH AIT', agus anns an aite fa' dheireamh. Feumaidh tu bhì lan chinnteach deth 'armailt agus a luchd-cuidichidh, a tha nan luidhe ullamh gu a chomhnadh.

'Nis, Se aineolas air na nithe so a tha deanamh a leithid do chasgairt mharbhtach am measg anama' dhaoine' agus mhnaibh; oir a' nàthair innleachdach so, nuair nach urrainn e a chuid buairidhean a dhùblachadh a mach le ainneart, goididh e a steach gu cuil-bheartach, agus tairgidh e a chuid puinsean ann an cùpan òr dhuit; agus 'nuair nach urrainn e fàotainn a steach le lamh-laidir, goididh e a steach le ceilg agus le innleachd; agus 'nuair nach urrainn e buaidh fhaotainn ort le taitneasaibh an t-saoghail so, feuchaidh e an urrainn e buaidh fhaotainn ort le croisibh agus trioblaidibh; agus mar urrainn e buadhachadh le a h-aon diùbh so, an sin gluaisidh e suas t-fheoil fein ad aghaidh, a dh'fheuchainn an urrainn e do mhealladh gu peacachadh. 'S ann mar sin a ta 'chuilbheart, air doigh 's gu bheil e air a radh uime, gur e a 'nathair sin e tha mealladh an t-saoghail uile, Tais. xii. 9. Agus mar air son a mhisneach, cha robh a h-aon riamh ann am measg clann na'n daoine a bha saor 'o ionnsuidhean. Thug e ionnsuidh air Adhamh ann a neo-chiontas, agus ann an gàradh Eden; thug e ionnsuidh air Noah, a bha fìreanta na linn; thug e ionnsuidh air Maois, a bha dileas ann an uile thigh Dhia; thug e ionnsuidh air Daibhidh, duine a bha do reir cridhe Dhe; thug e ionnsuidh air Peadar, a bha air a thogail air carraig, an aghaidh nach b'urraim geat-an na h-ifrinn buaidh fhaotainn. Tha iad so uile moir agus iongantach.

Ach tha so na 's mò na bhì iongantach, gu'n d'thug e ionnsuidh air-san, an Tì a b'aithne dha a b'e sliochd na mnà, a bha gu a cheann a shaltairt sìos; thug e ionnsuidh air an duine a b'aithne dha a b'e Mac an Dia bheo, thug e ionnsuidh air-san a b'aithne dha aig an robh cumhachd àithn a thabhairt da e a dhol sìos do'n doimhneachd; thug e ionnsuidh air-san a b'aithne dha bha air teachd gu a phianadh; bha so iongantach gu'n d'thug e ionnsuidh air, air an talamh; ach se so iongantas na'n iongantais, gu'n tug e ionnsuidh air, air neamh, mar a ta e sgriobhta, Tais. xii. 7. Agus bha cogadh air neamh, rinn Michael agus a chuid ainglean cogadh ann an agh-

aidh an diabhuil agus a chuid ainglean. Uime sin, air da fhaicinn nach b'urrainn e buadhachadh na aghaidh air an talamh, agus ann a laigse, agus air dha fhaicinn nach b'urrainn e buadhachadh air am feadh a bha e anns an fheol, cha'n 'eil e a' caomhnadh a dhol suas do neamh, agus ionnsuidh a thabhairt air an sin, eadhon 'nuair a bha e air arduchadh agus a' Rìoghachadh ann an gloir; gidheadh cha tug e buaidh, oir thilgeadh an dràgon a mach a flaitheanas, agus cha d'fhuaradh ait' air bith air a shon ann an sin.

'Nis, a' faicinn gu'm bheil e cho dana, tha so 'eagalach; gidheadh tha aireamh dhìbhse, a tha a' luidhe sìos ann an sith, tha sibh a' codal ann an sith, agus tha sibh ag èiridh ann an sith, agus tha sibh ag imeachd rè an la uile ann an sith, agus aig nach 'eil idir comhrag sam bith ann 'ur n-anama', nì mo tha sibh idir a' tairgse gu cogadh ann an aghaidh an namhaid an-ìochdmhor so; oir ma gheibh am murtair fuilteach so a bhuaidh, am bheil sibh a sealltainn air son truas air bith 'o a laimh? Cha'n fhaigh, cha'n fhaigh, mar is bèò Dia, cha'n fhaigh sibh trocair no truas maille ris-san; oir cha shàsuich an dad e ach fuil bhuir n' anama.

'Nis, da nì, agus mar sin eriochnaichidh mi.

ANNS A CHEUD AITE, tha aireamh dhìbhse nach do rùnaich riamh fathast bhuir cois a chuir ris a chath so, agus a chogadh a mach gus a chrìoch; do bhrìgh 's nach 'eil sibh a faicinn an fheum a ta ris; agus cha'n 'eil ann ach amaideas innseadh dhuit, gu'm bheil agad namhaid gamhlasach, cuilbheartach agus laidir, aig am bheil arm-ailt mhoir gu cogadh ann ad aghaidh, gus an cuir an Tighearn t-anam fa-sgaoil, agus gu'n spion e thu a gairdeanna an diabhuil, agus gu'n cuir e thu ann an uchd a Mhic.

'SAN DARA AITE. Tha aireamh ann a shaor Dia a mach as a lamhan, agus a chuir e fa-sgaoil, agus dheth an d' rinn e ìochdarain shoar do'n Tighearn Iosa: uime sin, guidheam oirbh cuiribh bhur cosaibh ris a chomhrag, agus deanaibh-se air son cogaidhean, agus ullaichibh sibh fein air son gleachd, mur aill leibh a bhi na' luchd-brathaidh do ghloir Dhia, agus do bhur n-anamaibh fein, mar aill leibh a bhi ciontach a mionnan-eithich. 'Nis, do bhrìgh 's gu bheil duil agam na nithe so a laimhseachadh, 'sa mhaduinn agus 'san fheasgair, gu'n

choimeasgadh ri gnothach sam bith eile, uime sin guidh-
eam oirbh, ann an innigh Chríod, gu'n tigeadh sibh uile
a dh'ionnsuidh a chleachdaidh mhaduinn agus fheasgair
so, a chum 's gu'm bi aithne agaibh air dealbhaibh inn-
leachdach agus sheolta an diabhuil, a tharruing aig an
àm so mi-churam choitcheonn air gach uile fheoil.
Cha chan mi na 's mo aig an àm so. ach a' bhi 'g earbsa
na bha air a radh ri beannachadh Dhe a ta ann an Iosa
Críod. Dha-san, maille ris an Athair agus ris an Spiorad
Naomh gu robh a ghloir a nis agus gu siorruidh Amen.
Deanamaid urnuigh.

COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

SEARMOIN XII.

AIR COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

Epes. vi. 10, 11, 12. “Fa’dheoidh, mo bhraithre, bithibh laidir ‘san Tighearn, agus ann an neart a chumbach tsan. Cuiribh umaibh uile armachd Dhe, a chum ‘s gu’m bi sibh comasach air seasamh an aghaidh cuilbheartean an diabhuil. Oir cha’n ‘eil sinn a gleachdadh a mhain ri fuil agus feoil ach ri uachdaranachdaibh, ri cumhachdaibh, ri riaghlairibh dorchadais an t-saoghail so, ri anigidheachd spioradail ann an *ionadaibh* ard.”

‘Na nithe a theagaisg sinn dhuibh anns a chuis so tha againn ann an laimh, ‘siad so iad gu h-aithghearr :

‘SA CHEUD AIT’. Dh’fheuch mi dhuibh feumalachd a chomhraig so, agus gu’m bheil e iomchuidh, agus gu’m bun e a mhain do shluagh Dhe ; oir tha’n drāgon a mhain a’ cogadh ris a mhnaoi agus ri a sliochd, a tha toirt oidhirp air ‘eagail De a bhi orra agus aitheantan a choimhead ; uime sin, cha’n ‘eil a h-aon aig am bheil an gleachd so bu choir a bhi fo’ mhi-mhisneach ; oir mar bitheadh tusa dheth shìol na mnā, agus mar oidhirpicheadh tu air a bhi fo’ eagal Dhe, agus a bhi ag coimhead aitheantan uile, cha deanadh an drāgon gu brath cogadh riut.

B’e an DARA ni, an t’aobhar air son a’m fuiling an Tighearn da shluagh fein a bhi air an cleachdadh ri buairidhean am feadh ‘sa ta iad anns a bheatha so ; ni a’ bha ann an cuid air son a ghloir fein, agus ann an cuid eile air son am maithse, oir leis an da chuid tha esan a’ faghail gloir, agus mar an ceudna tha thusa faotuinn mor mhaith dheth.

‘SAN TREAS AITE. Na h-aobhairean a dh’fheudadh do chumail suas, agus do ghluasad gu gleachd, nithe a b’ iad so ; se Dia ughdar a chogaidh so, agus a dh’aithe dhuinne gleachd, agus maille ris an āithne thug e dhuinne gealladh gu’n toir sinn buaidh ; mar so ‘s leis an an Tighearn an cath, ‘s leis an Tighearna an armachd

tha bhuaidh o'n Tighearn', 's leis an Tighearn' a ghloir, agus 's leis an Tighearn' thusa; uime sin cha leig esan dhuit càll.

A rìs, cha'n ann air son òr no airgiod, no fearann, no oighreachd deth shaibhreas saoghalta, air son am bheil thusa 'gleachd; ach is ann air son gloir Dhè, agus do shlainte fein a tha thu 'gleachd; agus uime sin tha beannachd o' Dhia air a ghealltainn dhoibh-san a ghleachdas, agus tha mallachd air a bhagradh nan aghaidh-san nach dean gleachd. A rìs, gleachd an so air son ùine ghearr, agus gheibh thu crùn do ghloir neo-chrìochnaichte an deigh so. Agus a ris, gleachd agus thoir buaidh, "agus gheibh thu do thoradh craobh na beatha, a ta na seasamh ann a meadhon Pàras Dè gu do bheathachadh;" gheibh thu uisge abhainn na beatha gu do thart a chasgadh; gheibh thu "clach gheal agus ainm nuadh sgrìobhta oirre, nach aithne do neach sam bith ach dha-san a gheibh i. Cha chiurar leis an dara bàs thu. Bithidh cumhachd agad o's cionn nan cinneach, agus riaghlaidh tu iad le slait iarunn. 'Sgeudaichear thu le trusgan fada geal; bithidh d'ainm sgrìobhta ann an leabhair na beatha; agus bithidh tu air do dheanamh ad' phost ann an Tigh Dhe; agus suidhidh tu maille ri Crìosd air Rìgh-chathair, chum breith a thabhairt air da-thrèubh dheug Israeil." A ris, runaich cogadh, oir teicheadh cha'n fhaod thu, oir cha dean teicheadh an gnothach. A ris gleachd, air neo bithidh tu ciontach do mhionnan èithich. Agus anns an aite mu dheireamh, deanadh cumhachd do cheannaird, agus dòchas chinnteach air son buaidh fhaighinn, impidh a chuir ort gu cogadh.

BHA AN CEATHRAMH nì mu thimchioll bhur n-ullachadh; agus a chum sibh fein ullachadh na 's fearr, tha dà nì feumail.

'SA CHEUD AITE. Feumaidh sibh eolas fhaotuinn air bhur nàmhaid, agus ciod a tha e, cia gàmhlasach, cia cumhachdach, cia cuilbheartach 'sa ta e; agus ciod iad an armailt a tha e toirt leis maille ris.

'SAN DARÀ AITE. Feumaidh sibh 'ur n-armachd a chuir oirbhe; oir ma thig sibh lomnochd gheibh sibh buille ghoirt, agus lot bhas-mhor. A thaobh bhur naimhde, tha ceithir nithe air am feum sibh eolas fhaotuinn; agus cha'n ann air bheag seadh a tha iad air am foillseachadh dhuinn 'san Sgrìobtuir; oir mur biodh e

féumail dhuinn eolas fhaotuinn air an gamhlas, an seoltachd, an cumhachd, agus an luchd cuideachaidh, cha chuireadh an Tighearna riamh suas iad ann a thiomhnadh.

Mar so air TUS, feumaidh tu eolas fhaotuinn air an gamhlas. 'SAN DARA AITE, feumaidh tu eolas fhaotainn air an cumhachd. 'SAN TREAS AITE, air an seoltachd. 'SA CHEATHRAMH AITE, feumaidh tu eolas fhaotainn air an armait agus an luchd cuideachaidh.

AIR TUS—A thaobh an gamhlas ; cha'n urrar a chuir an cèill na 's leòir ; tha iad do ghna na'n naimhde gamhlasach do ghloir Dhia, agus do shlainte an duine ; tha e na bhreugair mu Dhia d'a 'phobull ; agus tha e na bhreugair mu Dhia da na h-aingidh mar an ceudna ; tha e na mhurtair, agus cha'n urrainn a bheag 's am bith a rùn ghamhlasach a shasachadh, ach gloir Dhé a shaltairt fuidh chos-aibh, agus damnadh siorruidh 'anama gach uile dhaoine agus mhnai. Tha e na bhreugair agus na mhortair bho'n tus ; mar sin tha a ghamblas sean, oir cha'n ann an dè no'n diugh a thoisich a ghamhla ; ach thoisich e air a bhi ghamblasach co luadh 's a rinneadh an duine.

Tha e air a ghairm Satan, 'se sin, éas-cairid no namhaid ; oir tha e na namhaid do Dhia, agus na namhaid dhuinne, oir cha'n 'eil tairt air, air son a bheag sam bith ach air son eas-onoir Dhé, agus sgrios anman-na bochd dhaoine agus mhnai ; agus cha'n urrainn a bheag s'am bith a thart a chasgadh ach crùn Chrìosd a spionadh deth a cheann, agus doirteadh a mach fuil anman-na dhaoine agus mhnai, agus an tilgeadh a dh'ionnsuidh teine siorruidh na h-ifrinn, a chum 's gu'm bi iad air an losgadh gu siorruidh ; air son an aobhar so, ghairm e air an droch àon sin a tha teachd agus a spionadh air falbh síol focal Dhe, a tha air a chuir ann an cridheachan dhaoine agus mhnai, a chum 's nach faigh iad cead a thuigsinn, agus nach faigh e cead freumh a ghabhail, a chum 's gu fasadh e agus gu'n d'thugadh e mach toradh a chum foirfeachd. Mata xiii 19.

Agus cia mheud agaibhse tha creidsinn so, 'nuair a tha 'm focal so air a chuir ann ar measg, gur e an diabhl a tha teachd, agus a tha ga spionadh a mach as bhur cridheachan.

A ris, tha e air ghairm an duine farmadach, a tha cuir a chogail ann am measg an deadh shìl, gu a bhac

adh a chum 's nach fas e ; oir is esan a tha 'cuir an uile agus an aimhreit so uile ann an 'eaglais Dhe, a chum a's le sin gu'n d'thoir e air clann Dhè tuisleadh agus tuit-eam. Tha e air a ghairm leomhan-beucach, a tha 'dol mu'n cuairt a ghnath, 'sireadh co a dh'fheudas e a' shlug-adh suas. Tha e air a ghairm an dragon-dearg, air a dhath le fuil ; oir 's iomadh muillion a mharbh e o'n a cheud là a bha Adhamh air a chuir ann am paras, agus an là an diugh : "Tha aige seachd cinn agus deich adhaircean," oir tha ciall na 's leoir aige, agus cumhadh na 's leoir : tha e sineadh a mach earbull agus a tarring sios reultaibh neimh leis'. Seadh, tha moran ann an Alba an diugh a bha na'n reultan dealrach, agus na'n lochrainean lasta, gu dhol air thoiseach air muinntir 'eile ; agus gidheadh a nis tharruinn e nios 'o neamh iad, agus rinn e iad de' dh'inntinn shaoghla, agus mar sin tha e buadhachadh orra'. Tha e air a ghairm buaireadair. 'Se sin ri ràdh, nathair chealgach no chuilbheirteach, is urrainn crubadh gu samhach ann do bhroilleach, air dhoigh 's nach bi fios agad air gus a'm bi e an sin ; agus a' nuair a tha e ann an sin, is urrainn e luidh ann rè tamull gun do chiurradh ; ach an uair a thoisicheas e air gluasad earbull, agus 'nuair a thoisicheas do choguis air dusgadh, an sin bheir e buille mharbhtach dhuit ; oir crubaidh e ann an anam an duine no a bhean, le a bhi goid peacachadh orra, do bhrìgh 's gu bheil fhios aige gu'n dean am peacadh iad rùisgte, a chum an naire ann a measg an naimhde, agus gu'n creach e iad deth lath-airachd Dhé, a chum an sin gu'n gabh e an cothrom orra ; mar a ta e air a radh mu na h-Israellich : " Agus nuair a chunnaic Maois gu'n ro' an slugh ruisgte (oir rùisg Aaron iad a chum an naire ann a measg an naimhde)." Exod. xxxii. 25. Agus cionnas a rinn Aaron an rùsgadh ? Eadhon le thabhairt orra iodhal-aoiraidh a dheanamh, agus mar sin peacachadh ann an aghaidh Dhe ? Cionnus a bha iad ruisgte ? Bha iad as èugmhais fabhar Dhe, agus air an creach deth a lath-airachd ; nan creach rùisgte do chorruidh Dhé, air an fagail fosgailt do bhreitheanais Dhé. Tha e air a ghairm fear-ditidh na'm braithre ; oir 'se an ceud neach e a bheir air lathair do pheacanna ann am fianuis caithir bhreitheanais Dhe, ann an sin gu do dhiteadh air an son, ge' d' b'e fein a b' ughdar doibh ; agus cha'n e a mhain

gu'm bheil e na fhear dìtidh, ach mar an ceudna na Fhear-tùailleis, na fhear casaid-bhrèug, na fhear cùl-chainidh; oir se sin is ciall do'n ainm sin Diabolus, Fear-tùailleis; labhraidh e gu h-olc 'nuair nach 'eil coslach uile ann, mar a thubhairt e mu Iob, i. 9, 10. "An ann an nasgaidh a tha eagal Dhe air Iob? Nach do chuir thu garadh mu'n cuairt d'a air gach taobh," air doigh 's nach urra' mi faighinn am fagus dà: "Ach sin a mach do lamh, agus bean ri a mhaoin, agus ris na h-uile ni ta aig, agus leig dhomh a thabhairt ùaith," feuch an sin mar mallaich e thu san aodann'. Ach O am breugair meallta, nach ro' so na thuaileis 'eagalach, mar a bha e air a dhearbhadh anns a chrìoch! San aite mu dheireadh, tha e air a ghairm Maoir, oir tha e air ghairm maoir prìosan an Tighearna, ullamh aig àithne Dhè, gu'n gabhail agus an ceangal eadar lamhan agus chasan, do reir ordugh Dhé, agus an tilgeadh a dh'ionnsuidh dorchadas iomallach; uime sin bha e air radh, gu'n robh droch spiorad air a chuir gu Saul a chum a phianadh. I Sam. xvi. 14. Mar so se'n dearbh namhaid e air a chuir 'o Dhia gu a chorrùich a chuir an gnìomh, oir cha d'fhag e Saul 'o'n àm sin tuillidh gus an d' thug e air laimh a chuir na bheatha fein.

'Nis, cìod am feum bu choir dhuibhse a dheanamh deth na nithe so uile a bha air an labhairt mu'n eascaraid so? Nach bu choir dhuibh a bhi air bhur faicill uaithe? An cuir sibh bhur n-anama ann an cunnart air? An saoil sibh am bheil e na ùan macanta? Am bi trùas sam bith aige riut? Cha bhi; mar as beo an Tighearna, cha chaomhain e thu, oir cha'n 'eil uile bheathaichean oillteil na talmhainn comasach air a nadur an-ìochdmhor a shamhlachadh a mach; air an aobhar sin tha e air a choimeas ri mathghambainn, ri leomhan, ri madadh-alluidh, ri dragon, agus ris an lebhiantan chumhachdach sin. Nis, their sibhse, tha fios againn gu bheil e mar sin, mar a tha thu ag radh; ach cia mar a ni sinn ris, agus cia mar gheibh sinn buaidh air, tha e na namhaid co laidir? Innseam dhuibh, cha'n 'eil doigh air buaidh fhaotuin air ach le cuir na aghaidh. "Cuiribhse 'an aghaidh an diabhail, (deir an t-Abstol Seumas) agus teichidh e uaibh." Cuiribhse na aghaidh ma ta, agus gleachdaibh, agus seasaibh na aghaidh, agus na bithibh gu bràth tuillidh aig sìth ris; ach cuiribh an rùn so

oirbh, seasaidh mise ann ad aghaidh, agus troimh ghràs Dhe cha'n fhaigh thu gu bràth buaidh ann am aghaidhse, ni mo a gheibh thu lamh-an-uachdar orm le mo thoil; feudaidh tu gu math buille 'ghoid orm, nuair nach bi aithne agam ort. Tha thu ad namhaid gamhlasach; tha mi a' faicsinn nach 'eil thu aig iarraidh a bheag ach eas-onair mo Dhia, agus sgrios m'anam fein; imich 'uam, seachainn mi a Shatain, agus faigh air mo chulthaobh, cha bhi tuillidh gnothuch agam riut; tha mi a' cuir an cèill cogadh ad' aghaidh, agus cha dean mi sìth riut gu bràth tuillidh.

Cha'n 'eil ann diot ach breugaire, agus tha thu a mealladh an t-saoghail uile; agus tha thu ad' mhurtair, a ghearr sgòrnain nan uile anamana a chaidh a dh'ifrinn 'o thùiteam Adhamh; agus is tusa a dhoirt fuil uile naoimh Dhe, a bha air a doirteadh, o' fhuil Abel fhir-eanta gus an àm so, agus is tusa ughdar gach fuil neochiontach a bhios air a doirteadh gu crìoch an t-saoghail. An urrad so air son a ghamhlais

SAN DARA H-AITE. A thaobh a chumhachd, tha aige cumhachd na 's lèoir, thug e teine o neamh, agus loisg e uile chaoraich Iob, agus a chuid oiglach, agus mar sin, mharbh e iad; ghluais e suas na Sabeanaich agus na Caldeanaich na aghaidh, agus thug e orra' a dhaimh agus a chuid asail a thoirt air falbh le ainneart; thog e gaoth mhòir o'n fhasach, agus thug e oirre bualadh air ceithir oisinnibh an tigh anns an robh a chuid cloinne, agus thuit an tigh orra, agus mharbh e iad. Tha e na phrionnsa, agus tha aig' na 's mò do dh'iochd-rainibh fo' ordugh na tha aig prionnsa' saoghalta sam bith eile fo' neamh; agus tha e air a ghairm, "prionnsa cumhachd an athair, a tha riaghladh gu cumhachdach ann an clànn na h-easumhlachd; se'n lebhiatan cumhachdach sin e; is esan a nathar dhireach agus lubach sin;" amhaire air a chunntas a ta air ann an Iob xli. l. &c., agus coimeas an t-ait sin ri Isaiah xxvii. l. 'Se-san an duine laidir sin a tha 'cumail an tigh agus daighneachd-laidir a chridhe, air dhoigh 's nach urrainn a bheag sam bith buaidh fhaotuinn air ach a mhain cumhachd Dhe. Tha e air a radh uime gur ainm dha LEGION, do bhrìgh 's gu bheil iad moran ann. Tha aige leigionaibh do dhia-bhulaibh aig ordugh, agus tha uile luchd aingidheachd an t-saoghail aig ordugh agus fuidh uachdranachd aige;

'seadh, 'nuair nach urrainn e buaidh fhaotuinn le a chuid iochdranaibh fein, 's urrainn e seann fhaidh a ghluasad suas gu faidh òg a mhealladh, agus 's urrainn e thoirt air a radh, "Nach faidh mis co maith riut fein?" 1 Rìghre xiii. 15. Agus nach 'eil agamsa Spiorad Dhe co maith riutsa? Eadhon mar sin 's urrainn e aon mhinisteir a ghluasad suas gu ministeir eile a mhealladh, agus na h-uile a chum a ghnìomh an-ìochdmhoir agus a rùn aingidh a thabhairt gu crìoch. Tha e air a ghairm prionnsa an dorchadais, oir feudaidh e a bhì ann ad uchd mu aird-mheodhan là, agus gidheadh nach faic thus e; 's urrainn e a bhì maille riut aig a bhòrd 'nuair a tha thu ag itheadh agus ag òl, agus gidheadh gun thusa bhì ga thabhairt fainear, agus is urrainn e bhì dol dìreach ri do thaobh 'nuair a tha thu 'san raon, agus nach urrainn thusa 'fhaicsinn; uime sin tha e air a ghairm prionnsa an dorchadais, do bhrìgh 's gu bheil e a' dalladh suilean dhaoine agus mhnathan, air dhoigh 's nach urrainn iad fhaicinn no thuigsinn 'nuair a thig e da 'n ionnsuidh. A ris, ann an so tha e air radh uime, gu'm "bheil e shùas anns na h-ataibh ard; agus uime sin tha cothrom aig ort:" oir mur bhì thu air d' aonadh ri d' cheann Crìosd air neamh, cha bhì thu comasach air buaidh fhaotuinn air; oir tha e 'os do chionn, agus uime sin feudaidh e na 's leoir do bhuaireidhean a thilgeadh sìos ort. Tha fios agaibh gu'm feud duine tha na sheasamh air mullach bruaich, gu furas clach a thilgeadh sìos agus iadsan a tha fuaidh a mharbhadh: mar sin tha aig satan an cothrom oirne gu cinnteach, agus 'se'n aon doigh air a theachd mu'n cuairt da le fìor chreideamh agus le aithreachas treibhdhireach. Anns an aite mu dheireadh, tha e air a ghairm Dia an t-saoghail so; do bhrìgh 's gu bheil e tabhairt buaidh air a mhoir-chuid de'n t-saoghal so; agus tha a mhor-chuid de'n t-saoghal a tabhairt an umhlachd, an onair, agus an t-seirbheis dha-san, bu choir doibh a thabhairt do Dhia; agus mar sin tha'n saoghal 'a deanamh an diabhuil na dhia dhoibh. Agus mar h-'eil agad-sa an Tì 'se Dia na'n diathan a' gabhail comhnaidh ann do chridhe, cha'n 'eil e so-dheanta gu'm faigh thu buaidh air, ach gu'm bhì buaidh air a thabhairt ortsa leis-san; uime sin, an ann an nasgaidh a shaoileas sibh, a thug e ionnsuidh air Daibhidh, duine do reir cridhe Dhe? 'Nann a' nasgaidh a thug e ionnsuidh air Solamh,

an duine bu ghlic bha air an talamh uile ann a latha fein? Agus am b'ann a nasgaidh a thug e ionnsuidh air Peadar, a bha air a thogail air carraig? Am b'ann a nasgaidh a thug e ionnsuidh air a Cheann Críosd Iosa, am feadh 's a bha e air an talamh? Ach gidheadh cha d'thug e buaidh air. Mar sin cha'n 'eil ni sam bith a bheir buaidh air, ach a mhain neart, cumhachd, agus lamh threun Dhe.

'SAN TREAS AITE, cuir ri so, a chuilbheart agus a sglil, agus thoir fa'near e. 'Se 'n nathair chuilbheartach sin e, a tha 'mealladh an t-saoghail uile; 'se'n dragon sin e air am bheil na seachd cinn, aig am bheil a leithid do chiall 's do ghliocas, 's nach urrainn do ghliochas air bith 'eile, a theachd mu'n cuairt air, ach do ghliocas Dhia a mhain; tha' innleachdean agus a dhealbhean cho laidir, oir comharaichidh e do nadur, ciod sam bith e, agus bheir e ionnsuidhean na aghaidh; bheir e fa'near do staid ma tha thu ann an saobhreas no ann am bochd-ainn, agus gabhaidh e a chothrom ann an sin; bheir e fa'near do ghnè, agus bheir e fa'near do chleachdamh, oir tha fios aig ciod e a ta thu, na 's fearr na tha agad fein! Nis, air dhuit fhaicinn gu bheil agad a leithid do namhaid laidir agus gamhlasach, rùnaich gleachd agus cuir na aghaidh; oir mur cur thu na aghaidh, marbhaidh e thu; agus éisd ris a' ni 'tha mi ag radh, tha e ni 's mo ghamhlasaiche ann ad aghaidh-sa tha ad leanabh do Dhia, agus tha e ni 's iarrtanaich air son do sgrios-sa, na tha e mu mhile neach 'eile; agus bithidh e ni 's dripeil gu thus a bhuaireadh gu peacachadh, do bhri 's gu'n toir aon pheacadh ann do phear-sa na 's mo do dh'èusonair do Dhia na bheir uile pheacaidhean mìle anam eile, nach do ghìulain riamh ainm Iosa air an guailleann. Uime sin tha e air a radh ri Peadar, "A Shimon, a Shimon, dh'iarr Satan do chriathradh, agus d'fhasganadh; ach rinn mis' urnuigh nach dibreadh do chreidimh thu."

'Nis, ann an tabhairt fa'near na h-uile a bha air a labhairt mu d' namhaid, 'se so a mhain a ni a dh'fheumas do chumail suas, agus taic a chumail riut, feumaidh tu aithne a bhi agad gu'm bheil crìochan air a chuir roimh a chumhachd, cha'n urrainn e na 's mo a dheanamh na cheadaicheas Dia dha, agus cha'n urrainn do fhuiltean a grùag do chinn tuiteam as eugmhais ceadachadh t-Athair neamhaidh; agus cha robh cumhachd aige o's cionn Iob,

a spreidh, a chlann, a sheirbhisich, agus a phearsa, ach do reir 's mar cheadaich an Tighearna dha, agus mar a fhuair e 'n t-ordugh, ni mō a bha cumhachd aig o's ceann na mucaibh, ach do reir 's mar a cheadaich Dia dha. Uime sin, 'nuair a tha e air a radh gu'm bheil e cumhachdach, tha e fìor; ach tha tomhas agus crìochan air a chuir roimh a chumhachd, agus tha comharaidhean-erich air a shuidheachadh dha, nach dāna dha dol thairis orra; cha'n 'eil ann deth ach namhaid ruisgte, oir tha e air a chreach deth a chuid innealaibh cogaidh; chreach Crìosd e, mar a deir an t-Abstol, a labhairt mu Chrìosd, "Air dha uachdranachdan agus cumhachdan a chreachadh, rinn e bàll sampuill dhiubh gu follaiseach, a' deanamh buaidh chaithreim o's an ceann tre'n chrān ud fein." Colos. ii. 15. Agus cha'n 'eil ann deth ach namhaid fo-chuibhreach mar a tha'n t-Abstol Iudas ag radh, 6. "Choimhid se iad ann an geimlibh siorruidh fo-dhorchadas, fa' chomhair breitheanais an lā mhōir." Agus tha Peadar ag radh—2. Phead. ii. 4. "Cha do chaomhainn Dia na h-aingil a pheacaich, ach air dha an tilgeadh sìos do ifrinn, gu'n d'thug e thairis iad gu bhì air an coimhead ann an slabhraidhibh dorchadais, fa chomhair breitheanais." Agus uime sin, ged a tha'n cumhachd so gu leir aige, gidheadh cha'n 'eil e aige ann an aghaidh a h-aon, ach a mhain ann an aghaidh clann na h-eusumhlachd, anns am bheil e aig oibreachadh gu cumhachdach, agus cha'n ann an aghaidh aon do shliochd na mna air am bheil eagal Dè agus a tha a coimhead aithntean. Cha chan mi nì's mo aig an ām so, ach gu'n tugadh an Tighearn' do gach aon agaibh cumhachd agus gliocas Dhé, leis an tabhair sibh buaidh air a namhaid laidir agus chuilbheartach so, trid cumhachd thrèun bhur Tighearn agus bhur Ceannard Crìosd Iosa: dha-san, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n ro' gach uile urram agus moladh, a nis agus gu sìorruidh. AMEN.

COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

SEARMOIN XIII.

AIR COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

EPHES. VI. 10. Fa' dheoidh, mo bhraithre, bithibh laidir san Tighearn, agus ann an neart a chumhachd-san.

ТНА ām bhur beatha na chogadh agus na ghnā ghleachd, agus 'se so ām a chath, ach an deigh sin bithidh ām caitheamh a chrùin. Thusa a chogas gu laghail ann an so, gheibh thu an crùn an deigh so; agus mur cog thu an so, cha'n fhaigh thu gu brath crùn an deigh so; esan a chogas agus a bheir buaidh ann an so, gheibh e Rioghachd Shiorruidh an deigh so; cha d'theid a h-aon gu siorruidh a steach a dh'ionnsuidh na rioghachd sin, ach an leithid 'sa dh'fheudas a ra', mar a thubhairt an t-Abstol, "Chomhraig mi an deadh chomrag, chrìochnaich mi mo thuras, ghleidh mi an creideamh," air an tug an diabhl iomadh uair ionnsuidh air mo chreach dheth; "Chrìochnaich mi mo thuras," "A ruith mi do ghnath a dh'ionnsuidh na crìche, agus uaith so a mach tha crùn glòir air a thasgaidh suas dhomh." Oir an nuair a tha sibh a' faotuinn a bhais (mar gheibh sibh uile bas; oir cha'n 'eil a h-aon agaibh nach 'eil a' giulain a bhais mu'n cuairt maille ribh; agus tha e mhain aithnichte do'n Tighearn e'uin a gheibh sibh bas). Tha mi ag radh, 'nuair a tha sibh a' basachadh, mar fèud sibh a radh ann an ni-eigin do fhirinn agus do threibhdhireas cridhe, agus le deadh choguis, "Chuir mi mo chath, ghleidh mi mo chreidimh, agus ruith mi mo rèis;" as eugmhais gur urradh dhuibh so a radh, cha dāna leibh a radh ni a tha air a chùl, cha dāna leat a radh, "gu'm bheil crùn glòir air a thasgaidh suas air do shon-sa; ach tha mi a' fagail so. Air son bhur n-ullachadh a chum a chath, dh'innis mi dhuibh dā ni fheumail air bhur son.

AIR TUS, feumaidh sibh eolas fhaotuinn air staid agus gnèth bhur naimhde, ni as eugmhais nach cuir sibh gu

bràth do rìreadh bhur cois ris a chath, agus a ghleachd a mach troimhe ; oir mur bi fios agaibh co ris a tha agaibh ri gleachd, cha chog sibh gu brath do rìreadh. Dh'innis mi dhuibh cìod e an t-eòlas bu chòir dhuibh fhaotuinn orra', agus tha mi a toirt dearbh-bheachd dhuit, gu'm bheil thu cronail do'n Tighearn, ma shaoileas no ma labhras tu mu'n timchioll air a chaochlaidh do dhoigh 'sa tha'n Tighearn a' saòilsinn agus a' labhairt mu'n timchioll, a rinn air a leithid so do dhoigh an comharrachadh a mach dhuit ann a fhocal le a Spiorad.

Tha'n diabhul na bhreugair ma-ta ; oir, an uair a tha thus ann am mi-churam, innsidh e dhuit gu bheil Dia trocaireach, agus 'nuair a smuainicheas tu gu'm bun trocair Dhé dhuit, an sin their e, nach 'eil gnothaich sam bith agad-sa ris ; agus 'nuair a tha creideamh agad, their e-san nach 'eil a bheag sam bith agad, agus mar sin bheir e ort a bhì ann an teagamh, agus a' cuir ann an amharas, agus mar sin tha e na bhreugair mòr ; agus cha'n 'e mhain na bhreugair, ach mar an ceudna na mhurtair an-ìochdmhoir. Tha aig màgan an-ìochdmoir agus béul sgriosach leomhain laidir, agus ma bheir thu aite dha, cha sgar e gu brath gus an deodhail agus an òl e fuil t-anam ; agus tha e na bhreugair agus na mhurtair bhò'n tùs, agus tha a ghamhla an-ìochd, agus a cheilg sean. 'S iomadh aon a mheall e ; 's iomadh aon a sgrios e, agus a thug e do dh'ifrinn, 'o'n là an robh Adhamh air a chuir a mach a garadh Edin, gus an là so ; agus bhuadhaich e gu cumhachdach os-cionn clann na h-eus-umhlachd 'o cheann tuillidh is cuig mìle agus sia ceud bliadhna ; agus mar a thoisich a ghamhla leis a cheud duine, mar sin crìochnaichidh e leis an duine mu dheireamh ; agus mar is e a chéud neach e gu do bhuaireadh, agus gu do thalaidh gu peacadh, mar sin se a cheud neach e gu do phianadh ann an ifrinn. Tha e na nathair, mar a thubhairt Eubha, " Mheall a' nathair mi agus dl'ith mi ;" oir is esan am fiadh-bheathach cuilbheartach a mheall iomadh neach. Tha e na fhear-ditidh. Nach creid thu ma ta nis, gu'n toir e do pheacaidhean air lathair fa-chomhar caithir-bhreitheanais Dè, agus ann an sin an toirt fa d' chomhar gu do dhiteadh ann an lathair Dhe, agus gu'n abair e, am peacadh so agus am peacadh ud rinn thu, agus uime sin tha thu toilltinneach air bàs ? Tha e na dhiabhul, se

sin, cha'n e a mhain gu bheil e na bhreugair agus na fhear ditidh, ach mar an ceudna na fhear culchainidh gamhlasach; oir labhraidh e air a choslas uile is taireil a tha'n taobh stigh dhiot; agus uime sin bu choir dhuit a bhi air t-fhaicill uaithe, roimh aobhar sam bith a thabhairt da air ole a labhairt a'd thimchioll, seadh, cha chaomhainn e do dhiteadh gu fàllsa.

Tha e na leomhan togarrach, an comhnuidh sireadh co dh'fheudas e a shlugadh suas; tha e na sheann dràgon-dearg, 'o chesnn fhada air a chleachdadh ri murta anama bochd; tha e air a ghairm "uachdranachdan agus cumhachdan, agus riaghlairan an t-saoghail, prionnsa an dorchadais a tha riaghladh 'san iarmailt," spioradaibh nach urra bhi air am faicinn, agus, anns an aite mu dheireamh, "tha e air a ghairm dia an t-saoghail so."

Nis ciod am feum b'u choir dhuinn a dheanadh de na so uile.

'SA CHEUD AITE. Na aontuich leis, oir cha'n 'eil e ag iarraidh na's fearr na gu'n deanadh tu sìth ris.

'SAN DARA AITE. Na d'thoir ionnsuidh air le neart sam bith a ta annad fein, no le innillibh chogaidh fheolmhoir, oir ni e fochaid air a chlaidheamh, oir cha'n urrainn e cron a dheanamh air-san, oir cha dean do neart na's mo dhochann air na ni e air balladh umha, 'se a mhain neart agus cumhachd Dhe a bhuaileas sios e.

'SAN TREAS AITE. Cha'n fhuil agus feoil a bheir buaidh air, ach feumaidh tu gliocas Dhe a bhi agad gu a' chuir na thosd leis. Bha aig Ahitophel gliocas saoghalta ni bu leoir, gidheadh fhuair Sātan buaidh air, air doigh's 'nuair a chunnaic e nach do bhuaidhaich a chomhairle, gu'n deachaidh e agus gu'n chroch se e fein. Mar sin feumaidh gur e cumhachd agus gliocas Dhe a mhain a bheir buaidh air; oir tha e na phàirtidh laidir, agus air ceann armailt laidir, agus tha moran luchd-cuidichidh aige; oir cha'n 'eil e na àmith agus òl, agus codal, agus a bhi a' gabhail 'ar fois, no idir a bhi ag imeachd as eugmhais ar n-armachd, agus a theachd rùisgte fa 'chomhar a leithid do namhaid, a tha aig iarraidh sgrios d'anam; tha e 'stiureadh armailt fein fodha dha cheannard coithchionn, se sin, an saoghal o'n leth-muigh, agus t-fheoil fein o'n leth-stigh dhiot. Leis an t-saoghal, tha mi ciallachadh gach uile phāgan-aich mhi-naomh agus as-creidich, uile chlann na h-eus-umhlachd, oir tha iad aige uile aig ordugh. Se'n t-aingil

sin e, do'n ainm san Eabhra, Abadon, agus anns a Ghreigis, Apolion, se sin, fear-millidh, oir tha e a' mill-eadh na h-uile ge b'e ait' gus an tig e, agus am faigh e an lamh-an-uachdar : agus se an t-aingeal sin na sluicidh gun ìochdar e, a thug a mach no locuist sin uile tha air an iomraidh ann an leabhar an Taisbeanaidh, ix. caib.

Agus 's e-san a tha 'stiuradh na h-armailt mhoir sin do fhichead mìle uair deich mìle, a ruith trè'n t-saoghal uile, agus a mhill a luchd aiteachaidh agus iadsan a bha a chomhnuidh ann. Thuilleadh air na daoine aingidh so, tha aige saobhbreas, gloir agus toil-inntinn an t-saoghail so, gu gnothach a dheanamh leò mar bhiathan, a chum tarruing air a dhubhan, a mhuinntir aineolach agus shimplidh ; tha aige mar an ceudna, croisean agus trioblaidean an t-saoghail, chum feum a dheanamh dhiubh mar bhioraibh agus mar dhrisibh a chum ar bacadh ann ar turas a chum neamh ; agus uime sin, tha e aig cuid do dh'uaribh a toirt ionnsuidh ort air an lamh dheas, agus aig amaibh eile air an lamh chlith ; aig cuid do' amaibh bheir e daoine agus mnathan suas gu mullach beinn, agus nochdaidh e dhoibh gloir agus saobhbreas an t-saoghail so ; agus mar a th'airg se iad do Chriosd, mar sin 's urrainn e'n tairgse dhuitse, ma ni thu seirbhis da, Mata. iv. 6. 'S urrainn e puinsean a shineadh 'an cupan òr, a chum 's gun òl thu dheth, agus gu'm bàsaich thu gu siorruidh ; agus 's urrainn e ùbhlàn òr a chuir ann do shlighe, agus a thoirt orra iomain romhad, a dh'fheuchainn a'm pill thu air t-ais air do thuras, agus an treig thu do shlighe ; no, an suidh thu sios air an t-shlighe, a chum 's gu'n cail thu neamh agus do chrùn agus ann an so bhudhaich e gu h-iongantach air moran, agus thug so air earbull ruigheachd suas gu neamh, agus reultan a thabhairt a nuas 'o neamh, agus an tilgeadh a chum na talmhainn. Thairg e do Dhémas Saoibhreas an t-saoghail, agus roghnaich e'n saoghal a ta lathair, agus ghabh e ann a ghlaicibh e, 2 Tim. iv. 10. Cia as a shaoileas sibh a thainig Iudas gu bhi na fhear brathaidh ? thainig e o'n airgiod a bha air a thairgsinn dā 'o na Sagairtean, na Sgrìobhaichean, agus 'o na Phairaisich ; ghabh esan e, agus chuir e suas ann a sporan e. Mar sin, sàinnt agus gionach an t-saoghail so, a chuir an diabhl ann an cridhe Iudais, thug e air gu'n do bhrath e Criosd. Se so aon doigh air an cleachdach leis a bhi faotainn

buaidh air daoine ; uime sin, tha feum againn a bhi air ar faicill roimh na so, nach suidhich sinn ar cridheachan air ni sam bith o's iosal.

An dara doigh air am bheil an saoghal ga chuideachadh, 's ann le croisean agus trioblaidean. Tha e a' cuir drisean san t-slighe gu do thaobh a tholladh, agus a' tilgeadh creagan agus cìp-thuislidh romhad, agus sin uile a chum do bhacadh air do thuras, air chor 's nach ruith thu le gairdeachas, agus do ghnà gu crìch do thurais. Agus tha aige trioblaidean am buairidhean fein mar an ceudna, mar a thubhairt e mu Iob, ii. 5. "Leig dhomh mo lamh a chuir air a phearsa, agus faic mur mallaich e anns an eudan thu ;" agus b' iad trioblaidean a loisg suas an sìol air an talamh chlachaidh, do bhrìgh 's nach robh aige freumh domhainn na bu leoir, cha do mhair e ach rè tamull. Mata xiii. 21. "Air an aobhar sin, 'nuair a thig amhghar agus geur-leanmhuinn air son an fhocail, a lion cuid agus cuid gheibh e oilbheum;" mar sin cha'n e na h-uile neach as urrainn giulain troimh bhuaireidhean n'an trioblaidean so, agus buairidhean an t-saoibhreis shaoghailta so, agus toilinntinn na beatha so ; uime sin bi air t-fhaicill roimh a chuid pùinnsean a tha e a tairgse dhuit ann an cùpan òr, agus a' deanamh mìodal riut gus an òl thu e ; agus bi air t-fhaicill roimh na h-ubhlàn òr a tha e tilgeadh romhad ; oir co' fhada sa mheasas tu 'n saoghal na chairid dhuit, cha'n urrainn thu gu bràth buaidh fhaotuinn air ; uime sin fèumaidh tu an dara cuid an saoghal a mheas na namhaid dhuit, air-neo cha'n urrainn thu buaidh fhaotuinn air taitneasaibh no air trioblaidibh a chuid buairidhean. Uime sin tha e air a radh, "Gu'm bheil cairdeas an t-saoghail so na naimhdeas do Dhia," (cha'n e nach 'eil e laghail dhuinn na sochairean a tha Dia a' tilgeadh da'r n-ionnsuidh anns an t-saoghal so a ghnathachadh a chum ar feumas) oir tha'n diabhul leis na nithe so ag oidhearpachadh, ma 's urrainn e do chridhe a tharruing air falbh o Dhia, agus a shuidheachadh air na nithe sin ; agus a nuair nach urrainn e buadhachadh leis na meadhonaibh so, do dh'urram agus do shaoibhreas, agus do thaitneasaibh saoghailta, ann an sin cuiridh e croisean agus trioblaidean, an dara cuid gu thabhairt ort gu'n tuit thu air t'ais gu buileach, air neo gu'm fannaich thu air an t-slighe.

'Nis, a chum buaidh a thabhairt air na buairidhean so anns an t-saoghal, bheiream dhuibh cuid do nithe gu bhur cumail suas a chum 's gu'n cuimhnich sibh iad; air an aobhar sin beachd-smuainichibh air na h-aitibh so do'n Sgrìobtuir. Eoin xvii. 9. "Cha'n 'eil mi guidhe air son an t-saoghal, ach air son na muinntir sin a thug thu dhomh, oir is leatsa iad." Cuimhnich sin a tha anns, I Eoin ii. 15. "Na gradhaich an saoghal, no na nithe a ta 'san t-saoghal. Ma gradhaicheas neach air bith an saoghal, cha'n 'eil gradh an Athair ann." Cuimhnich a ris, "Cìod a bhuannachd a ni e do dhuine ge do choisneadh e an saoghal uile, agus anam fein a chàll? No cìod an èiric a bheir duine air son anam?" Cha'n urrainn do dh'uile onair agus shaoibhreas an t-saoghail so, aon anam cailte a shaoradh. Agus cuimhnich sin a tha air a labhairt anns Saim lxxviii. 30, 31. "Cha robh iad air an sgarachduinn o am miann; fathast bha am biadh 'nam bèul; an sin thainig fearg Dhé orra, agus mharbh e iadsan bu shultmhoir dhiubh." Leugh Taisb. xviii. 9, 10. Iadsan a dh'ol maille ris an t-striopach ann a cùpan òr, agus a bha air mhìsg le a fion, sheas iad fad as trid eagal a peanais, agus bha iad a' guil agus a' caoidh, agus thubhairt iad, "Mo thruaighe! mo thruaighe! gu bheil saobhreas co mòir air teachd gu fàs-aidheachd." Mar sin iadsan a tha ag òl do thaitneasaibh an t-saoghail so, blaisidh iad mar an ceudna do shearbhalachd am breitheanasan. Leugh Eabh. xi. 24, 25, 26. "Dhiult Maois a bhi air a ghairm na mhac do nighean Pharaoh. A' roghnachadh amhghar fhulang maille ri sluagh Dhe, roimh sholas a pheacaidh a mhealtuinn rè séal. A' meas gu'm bu mho an saobhreas masladh Chrìosd na ionmhais na h-Eiphit. Agus cha robh eagal air roimh chorruch an Rìgh; oir bha e laidir 'na inntinn, mar neach a bha faicinn an Ti a tha neo-fhaicsinneach." Mar so se'n doigh is fear gu buaidh fhaotainn air an t-saoghal, agus air a thaitneasaibh, bhur suilean a thogail suas, agus amharc air na nithe a ta sìorruidh, a tha anns a bheatha so neo-fhaicsinneach. Agus air son trioblaidean agus buairidhean na beatha so, dearbhaidh e thu leo-san mar an ceudna, agus na h-uile a chum do chridhe a tharruing' o Dhia; oir is e do chridhe a tha e ag iarraidh, agus se daighneach-laidir do chridhe mu'm bheil e a' dol mu'n cuairt gu a chosnadh, a chum's gu'n

gabh e a chomhuidh ann : agus mar urrainn e thoirt ort tuiteam sìos gu aoradh a thabhairt dà, ach gu'n d'thoir thusa aoradh do'n Tighearn do Dhia, agus dhas-an na aonar gu'n d'thoir thu seirbheis ; ann an sin cuiridh e deuchainn theinntich, trioblaidean mòr, agus geur-leanmhuinn fhuilteach ad' ionnsuidh gu do chridhe a chumail fuidh, agus gu thabhairt ort fannachadh anns a chath, agus sin, a dh'fheuchainn an d' thoir e ort a thabhairt thairis.

'Nis, gu do chumail suas ann am buairidhean nan croisean agus na'n trioblaidean so, cuimhnich briathran Chrìosd. Mata v. 10. "'S beannaichte an dream a tha fulang geur-leanmhuinn air son na còrach, oir is leosan rioghachd neimhe. Mata vii. 13. "Imichibh a steach air an dorus chumhunn ; oir is farsuing an dorus, agus is leathan an t-slighe a ta treorachadh a chum sgrios agus is lionmhoir iad a tha dol a steach oirre ; ach is cumhann an dorus, agus is aimhleathan an t-slighe a ta treorachadh chum na beatha, agus is tearc iadsan a tha 'g amas oirre." Cuimhnich briathrean Abraham ris an duine shaibhir. Lucas xvi. 25. ' Mhìc, cuimhnich gu'n gu'n d'fhuair thusa do nithe maithe rè àm dhuit bhì beò, agus Lasarus mar an ceudna droch nithe, ach a nis tha esan a faotunn solais, agus a ta thusa air do phianadh.' Cuimhnich briathran Phoil. 2 Thes. i. 6, 7. Do bhrìgh gur ceart a ni do Dhia, amhghar iocadh dhoibhsan a tha cuir amhghar oirbh ; agus dhuibhse a ta fa amhghar fois maille ruinne. Agus is ann trid iomadh amhghar a dh'fheumas sinn a dhol a steach do rioghachd neimhe. Agus na h-uile a bhios beo gu diadhaidh ann an Iosa Crìosd, feumaidh iad geur leanmhuinn fhulang, 2 Tim. iii. 12. ' Is lionmhoir amhgharan an fhìreìn ; ach asda air fada saoraidh an Tighearn e,' Salm, xxxiv. 19. Biodh na briathra' so, agus an leithid sin, na 'm barandas dhuibh ann an là buairidhean, oir mar bì agaibh focal De a' gabhail comhuidh ann bhuiridheachan gu saibhir, cha'n 'eil e so-dheanta gu'n d'thoir sibh buaidh air na buairidhean so, (Smuainich mis leam fein) gu dearbh cha d'robh sinne gu mòr air 'ar dearbhadh leis an dara h-aon diubh, tha mì a ciallachadh le croisean agus amhgharan ; ach air son an aon eile, amhaircibh agus faicibh cia fhada sa bhuaidhaich an saoghal oirbh, air doigh a's tre ghradh an t-saoghail so gu'm bheil gradh Dhe air fàs

fuair annaibh. (Tha mi cur cuid agaibh ann an teagamh.) Nach robh agaibh uair-eigin bhur caith-beatha air neamh, 'nuair a bha sibh ag itheadh agus ag òl toilinntinn na flaitheanas, agus a' beathachadh air a gairdeachais, 'nuair a bha feoil agus fuil Chrìosd na bu mhilse do bhur n'anma, na bha riamh biadh no deoch sam bith anns an t-saoghal do bhur pearsaibh, agus 'nuair a bha sibh ag amharc air gloir na neimhe, agus teampull 'ur Dè; ach a nis tha sibh aig itheadh plaosgan truaillidh na talmhainn, maille ri mucan an t-saoghail, agus ag òl suas a chlabar thruaillidh. Mo thruaighe! C'arson a tha sibh a' deanamh so? A'm b'aill leibh nì's mò fhaotuinn na crùn siorruidh de' ghloir? A'm b'aill leibh nì's mò na bhi air bhur deanamh n'ur puist ann an Teampull bhur De? Am b'aill leibh nì's mò na a chlach gheal sin, air am bheil an t'ainm nuadh sgrìobhte? Am b'aill leibh nì's mò na bhi n'ur suidh air rìgh-chathair maille ri Crìosd? Agus am b'aill leibh nì bu mhò na saibhreas do-rannsaichte Chrìosd? An innis sibh dhomh cìod a b'aill leibh fhaotainn? Gheibh sibh neamha nuadh agus talamh nuadh; agus nach fheud an oighreachd so bhur riarachadh? Gu'n deònaicheadh Dia bhur sùilean a bhi air am fosgladh gus am faicheadh sibh na nithe so. An amhaire sibh ris na geallaidhean cothromach so? An amhaire sibh ris an lùchairt sgìamhach so, far an gabh sibh comhnuidh gu siorruidh? An amhaire sibh ris a bhaile sgìamhach sin, an nuadh Ierusalem, aig am bheil gloir Dhe innte, aig am bheil am balladh àrd sin mu' timchioll, aig am bheil dà gheata dhèug air an suidheachadh air clachan luachmhoir, agus aig am bheil sraidean deth dh'òr fìorghlan, agus mar ghloin shoilleir, agus gur e Dia is teampull ann, agus far gur e 'n t-Uan is solus ann? C'arson a bheireadh na nithe sìubhlach so oirbh, nach urrainn bhur beatha a chumail aon uair, gu'n cailleadh sibh nithe siorruidh aig nach bi crìoch gu brath? Mo thruaigh! C'arson a chailleadh tu an crùn gloir gun chrìoch 'n sin air son beagan do ghloir dhiomhain ann an so? Agus c'arson a chailleadh tu aobhneas shiorruidh agus toilinntinn na flaitheanas, air son n'an taitneasaibh talmhaidh so nach mair ach airson seal? Mar sin mata, 'nuair a thig croisean agus triobladaidean oirbh, armaichibh sibh fein le cuimhne air na

nithe so, armaich thus thu fein le mothachadh na'n uile naoinh a bha romhad, a chaidh tre mhòir amhghairibh a steach do rioghachd neamh. 'Cuimhnichibh, ma dh'fhulaingear sibh maille ri Criosd ann an so, gu'n rioghaich sibh na dheigh so maille ri Criosd ann an gloir. Taisb. vii. 13, 14. 'Nuair a chunaic Eoin sluagh mòr le culaidhean fada geala, agus pailmibh na'n lamhan, na'n seasamh fa chomhar na cathrach, agus ag radh, tha slainte teachd 'o ar Dia-an, a ta na shuidh air an Rìgh-chaitir, agus o'n Uan. 'Nuair a dh'fheoirich e ris an aingeal, 'Co iad so?' Fhreagair e, 'Siad so iadsan a thainig a amhghar mhòir.' Agus ma ghairmeas Dia a h-aon agaibh gu brath gu fulang airson Chrìosd, cuimhnichibh eisempleir iomadh martaireach, a dh'fhuiling an teine gu foighidneach air son so, agus air a sgath-san, agus a rinn gairdeachas ann an dearbh-mheadhon an teine, a ni chuir iongantais air na ceusadairibh fein. Agus cuimhnichibh maitheas Dhe dhuibh fein, agus cia lion beannachdan milis a bhuilich e gu saor oirbh, agus nach bu choir dhuibhse ni searb a ghabhail 'o a lamhan, mar thubhairt Iob, 'An gabh sinne maiti 'o Dhia agus nach gabh sinn ole mar an ceudna?' Eadhon mar sin abraibhse, an gabh mise na h-urrad do nithe maith 'o mo Dhia, agus nach gabh mi droch nithe mar an ceudna? Uime sin, mo bhraithre, ullmhaichibh air son croisean; cha'n urrainn sibh innseadh cia cho luath 'sa dh'fheudas iad a theachd oirbh, oir tha mi smuaineachadh gu bheil ni-eigin a leantuinn air cùl so, gu bheil reultan 'o neamh air an toirt sìos agus air an tilgeadh chum na talmhainn, gu bheil na h-ùbhlàn 'òr so air an tairgse do mhinistearan, agus daoine air teachd gu a bhi dhe inntinn thalmhaidh d'am b'u chleachdach a bhi comasach air nithe spioradail. Mar is beò an Tighearna, tha mi smuaineachadh gu'm feum deuchainn theinntich leantuinn air so. Ach tha mi fàgail so. Dh'innis mi dhuibh a cheud chomhnadh a ghnathaicheas an Sàtan ann ar n-aghaidh, a ni 'se 'n saoghal, agus a thoraidhean.

An dara cumhachd a ghnathaicheas e na'r n-aghaidh, se 'ar feoil fein, an nàdur tràillidh sin a tha 'm folach anns na h-uile duine agus bean a thaobh nàdur; féumaidh sibh sibh fein a chuir fuidh arnachd ann an aghaidh sin mar an ceudna. Feumaidh tu thuigsinn gu bheil tràillidheachd an taobh stigh dhiot a tha air a

sgaoileadh thairis air gach uile éarrainn do t'anam, agus tha truailidheachd an taobh a muigh dhiot air a sgaoilcadh thairis air do chorp, agus air na h-uile bál de na chorp sin; agus tha'n truailidheachd air a measgadh air feadh a chèile, eadhon mar a tha uisg agus fion air a mheasgadh ann an aon chūpan cuideachd, far a' bheil na h-uile troimh-cheile; mar sin tha uile aignidhean do chridhe air am measgadh leis an truailidheachd so, air doigh 's gu bheil e air a sgaoileadh thairis air t-anam; oir tha do sholus air a leithid do dhoigh air a mheasgadh le dōrchadas, eadhon do dhearbhair athnuadhaichte, tha do chreideamh air a mheasgadh le teagamh, (seadh, tha'n creideamh is fearr a th'againn uile mar so); tha do chuimhne air a measgadh le di-chuimhne; mar sin cha'n 'eil aon éarrann ann ad uile anam no d' chorp nach 'eil air a mheasgadh le truailidheachd. A chum's gu'm bi fios agaibh air a so na's fearr, leughaidh Rom. vii. 14, 15, 18, 23. "Tha'n lagh spioradail: ach a ta mis feòlmhor, air mo reiceadh fuidh 'n pheacadh; oir an nì a ta mi 'deanamh, cha taitneach leam e; oir an nì a b'ail leam, cha'n e a ta mi a' deanamh, ach a nì a's fuathach leam, is e sin a ta mi a' deanamh. Oir a ta fhios agam, annamsa (sin ri radh, ann am fheoil) nach 'eil maith sam bith a' gabhail comhnuidh. Oir tha'n toil a lathair maille rium, ach doigh sam bith a chum maith a dheanamh cha'n 'eil mi a' faotainn; oir cha'n 'eil mi a deanamh am maith bu bhian leam; ach an tolc nach b'ail leam, is e sin a ta mi a' deanamh. Tha mi a' faicinn lagh eile ann mo bhuill, a' cogadh an aghaidh lagh m'inntinn, agus 'gam thabhairt am bruid do lagh a pheacaidh, a ta ann mo bhallaibh." Thug so air mu dheireamh èigheachd a mach, 'Och an duine truagh a ta mi ann co a shaoras mi o' chorp a bhais so!' Leugh an v. Caib. do'n Galatianaich, 17 rann, 'Tha'n fheoil a' miannachadh ann an aghaidh an spioraid:' agus ciod iad iarrtuis an spioraid, tha e ag innseadh so, anns an 22 agus an 23. 'Ach is e toradh an spioraid gradh, aoibhneas, sìth, fad-fhulangas, caomhalachd, maitheas, creidimh, macantas, stuaim.' Agus ciod iad miannan na feola, tha e ag innseadh anns na rann so, 19, 20, 21, 'An nì is e adhaltranas, striopachas, neoghlaime, macnus, iodhal-aoraidh, druidheachd, naimhdeas, connsachadh, co-fharpuis, fearg, comhstri, aimh-

reite, saobh-chreidimh, farmad, murtadh, misg, ruidhteireachd, agus an leithide sin.'

Mar sin, far am bheil e ag radh, gu'm bheil an fheoil a' miannachadh ann an aghaidh an spioraid, leis an fheoil tha e air a chiallachadh, miannan truailidh a chridhe, oir tha uile bhuill an duine aig ordugh.' 'S urrainn e do shuilean a tharraing air falbh gu amharc air diomhanas, is urrainn e thoirt air do chluasan éisdeachd ri diomhanas; 'surradh e a thabhart air do lamhan aingidheachd oibreachadh, 's urrainn e a thoirt air do chosaibh ruith air an rathad mhi-cheart, agus do thiondaidh 'o shlighibh an Tighearna. Mar so 's urrainn do an-mhiann duine gu h-ìomlan a dheanamh suas. Leugh I Phead. ii. 11. 'A mhuinntir mo ghraidh, guidheam oirbh, mar choigrich agus luchd-cuairt, sibh a sheachnadh ana-mhianna feolmhor a tha 'cogadh ann an aghaidh an anama. Air an aobhar sin, tha e ag radh, air dhuinne bhi air ar cuartachadh le nèul co mòr do dh'fhianuisibh, cuiream aid dhinn gach lethtrom, agus am peacadh dha'n usadh ar cuairteachadh.' Mar a ta sibh a' faicinn gu bheil peacadh air a choimeas ri clach-mhuilean, a tha na luidhe air a chridhe, agus a tha 'ga chumail fuidh, agus cha leig e dhuit do shuilean a thogail suas ri neamh, oir tha e deanamh do chridhe na's truime na ge d' bhitheadh uile ghaineamhach na fairge na luidhe air, agus tha e air a radh uime anns a GHREUGUIS gu'm bheil e ga d' chuairteachadh agus ga d' dhruideadh a steach ann am blar-chlais air doigh 's nach urrainn thu air rathad sam bith fadainn a mach as. Mar an uair chuairtichear daighneachd-laidir, agus dh'iom-dhruidear a steach e le blar-chlais, air doigh 's nach faigheadh na naimhde a mach gus am biodh iad toileach gèilleadh; eadhon mar sin cuairtichidh am peacadh thus, agus druididh e steach thu, agus cuiridh e claisean ad thimchioll, a chum 's gu'n d'thugadh tu geil dha. Leugh Seumas i. 14, 15. far am bheil e ag radh, 'Tha gach duine air a bhuaireadh, 'nuair a thairngear, agus a thàlaidhear e le ana-mhiann fein. An sin air 'bhi do ana-mhiann torrach, beiridh e peacadh: agus air do'n pheacadh a bhi air a chriochnachadh, beiridh e bàs.' Le sin chi sibh gu'm bheil am peacadh a tarruing a chridhe air falbh 'o Dhia, tha e cuir romhad biadh do thaitneas no do bhuanachd gu do mhealladh, agus mar sin a' ribeadh do chridhe; gin-

idh e agus leigidh e a steach athair a pheacaidh. Co e athair a pheacaidh? Sàtain. Co i a mhathair? Do phairt neo-nuadhaichte? agus 'nuair a choinnicheas an t-athair agus a mhathair ginidh iad, agus uath-san a tha teachd breith a pheacaidh, agus tha peacadh a toirt a mach breith eile, se sin, bās, ni mur bi e air a mhaith-eadh agus air a mharbhadh, marbhaidh e thusa, araon anam agus corp. Mar sin tha'n fheoil na mòr chomhnadh do'n namhaid, oir tha i do ghnath maille riut, ciod sam bith aite am bheil thu, ciod sam bith ait' an teid thu, theid ise an sin mar an ceudna, agus ciod sam bith ait' anns an gabh thus comhnuidh, gabhaidh an fheoil comhnuidh ann an sin mar an ceudna, agus 'nuair a tha thu aig a bhord, tha lamh aice anns a mheis maille riut, agus ge do bhithheadh i dhiut na banachairid ionmhuinn, seadh, 'ga d' phògadh, fathast brathaidh i thu, agus sin le pòg fo-sgail cairdeas, bheir i seachad thu do'n diabhul, ag radh ris, so an duine a bha thu aig iarraidh. Ann an so tha agaibh r'a thoirt fa'near cionnus a bheir sibh buaidh oirre. 'Nis na'm b'aill leibh buaidh a thabhairt air an fheoil,

'Sa cheud ait.' Feumaidh sibh sibh fein aicheadh. Feumaidh tu a fuathachadh; ach feumaidh tu thu fein fhuathachadh mar an ceudna, cha'n urrainn thu a marbhadh; ach feumaidh tu buille mharbhtach a thabhairt do d' chridhe; mar sin thoir an aire do 'd ard namhaid, an Satan, bi air t'fhaicill roimh an t'saoghal, a cheannard araidh.

'San dara ait.' Thoir an aire uait fein a tha ad Cheannard laidir aige. Na'm biodh baile no daighneachd air a sheisdeadh leis an naimhde, far am biodh ann na's mo do luchd brathaidh na bhiodh do fhior luchd aithridh, am bheil e na iongantas sam bith ge do bhiodh am baile no an daighneachd so air a bhrath? Eadhon mar so tha a chuis leinne, se'n daighneachd ar cridhe, se'n t-eas-cairid an diabhul, a tha do ghnath a cuairteachadh an daighneachd; siad an luchd brathaidh na beachd-smuainnte ceannairceach a tha'n taobh a stigh d'ar cridheacha. Ciod an t-iongantas ma ta ge d' tha'n diabhul a' faotainn buaidh air daighneachd-laidir bhur cridheacha? Agus mur toir sinne buaidh orra-san, brathaidh iadsan sinne.

Nis, ciod e an rathad gu buaidh fhaotainn orra? Cha'n 'eil rathad sam bith ach air an doigh so, feumaidh tu an gabhail agus am marbhadh, agus an cuir gu bās, feumaidh tu droch rùintean agus anamianan do chridhe a chèusadh, air-neo coisnidh an diabhl daighn-eachd-laidir do chridhe, mur gearr thusa sgòrnan an luchd brathaidh so a ta'n taobh stigh dhiot. 'Nis, tha sibh a faicsinn ciod an cath a th'agaibh ri chuir, tha sibh a faicinn an t-ard namhaid a tha cogadh 'nar n'aghaidh; se sin r'a radh, uachdaranachdaibh, cumhachdaibh, riagh-lairibh saoghalta, prionnsaibh an athair, leomhanaibh an-ìochdmhor, dràgonaibh dearg, nathraichean cuilbheartach, prònnsa an dorchadais, agus, ann an aon fhocal, dia an t-saoghail so. Chi sibh a ris an gamhlas, an cumhachd agus an cuilbheart; mu dheireadh do na h-uile, chi sibh an luchd-comhnadh a tha aca,; sin ri radh, an saoghal o'n leth muigh dhiot, agus t-fheoil thruaillidh fein o'n leth stigh dhiot. 'Nis, air dhuibh na nithe so gu leir fhaicinn, bithibh air bhur faicill roimhe bhur feoil fein, a ta na namhaid dhuibh; uime sin, feumaidh sibh a phairt neo-nuadhaichte do bhur cridhe, a ghabhail agus a thabhairt a dh'ionnsuidh a chrann-cheusaidh, agus ann an sin a thairngadh ris a chrann, agus leigeadh leis a bhì'n crochadh ann an sin gus am basaich e; oir co fhada 'sa bhios peacadh beo an taobh a stigh dhiot, cha bhi uair san là anns nach fosgal am fear-brathaidh sin uile chàilean do chridhe, agus leigidh e steach seachd spioradan na's miosa na bha agad riamb roimhe; agus mar sin bithidh do chrìoch dheireanach na's measa na do cheud staid. Mar so tha feum agaibh an aire 'thabhairt dhuibh fein.

An tūs mata, cuir dearbhadh gach là, agus rannsaich gu mion na h-uile a' ta 'n taobh stigh dhiot, agus anns a cheud aite gabh do ghliocas fein, agus meas e mar a 'namhaid a's mō do ghliocas Dhe; gabh sin, tha mi ag radh, agus ceannsaich sin an toiseach, agus foghlum gliocas Dhe; oir gus an tig thu aon uair gu so, gu'n tig thu gu a bhì ad amadan a chum gliocas Dhe fhoghlum, agus thig aon uair gu so, nach iarr thu a bheag sam bith ach Crìosd agus esan air a chèusadh, ann an sin gheibh thu buaidh a' teachd uaithsan, agus a' ceusadh a chuid eile do d' aignidhean gu leir.

'SAN DARA H-AIT'. Amhairc ris an ole aig am bheil an t-uachdranachd ann do chridhe, gabh e agus cuir do chois air, mar cheannard, agus mar mhaighstir chaich uile, agus bithidh so na earlas dhuit, air dhuit fhaicinn gu'n do chuir thu do chois air muineal an àird phrionnsa agus an rìgh bu treise, agus gu'n do shaltraich thu air a mhuineal, bithidh e na chomharradh dhuit gu'm faigh thu gu furas buaidh air each uile.

'SAN TREAS AIT'. Thoir an aire o thaitneasaibh na beatha so, agus bi air t-fhaicill nach creach iad thu deth dh'aoibhneas neimh. Feuch nach dean thu raghainn diubh mar bhat air an leig thu do thaic, agus 'nuair a mhothaicheas tu do ghradh do Dhia a' fas fuair, ann an sin smuainich agad fein gu'n d'fhuair thu lot mharbhtach: oir cha luaith a thoisicheas gradh Dhe air fuarachadh, na thoisicheas an diabhl air sealbh a ghabhail ann do chridhe; mar sin 'nuair a mhothaicheas tu an gaol so a' fàs fuar, na gabh fois gu brath gus am faigh thu do cheud ghradh a ris: oir ma dh'fhanas tu mar sin, tha e cruaidh r'a thuigsinn ma sguireas tu gu brath do thuiteam, gus an tuit thu ann an dearbh shlochd gun iochdar na h-ifrinne. Shaoil leam argumaidean a thabhairt dhuibh g'ur gluasad suas, agus bhur brosnachadh a chum bhur n-armachd a chuir umaibh, agus bhur ceud ghradh fhaotainn a ris; oir gu cinnteach tha tuiteam agus dol air ais maille ruinn uile, agus tha mi 'ga fhaotainn annam fein gu sonruichte; agus gu'n deoinicheadh Dia gu'm faigheadh sibh a ris bhur ceud ghradh, oir gus an tachair sin tha na h-uile nithe ann an diombanas.

Nis, tha fhios agam gu'm bheil sibh nì's mò cheangailt gu Dia a ghradhachadh na bha sibh riamh, oir tha e ag cuir a bheannachdan a meud gach là dhuibh ann a mòr phailteas, araon le muir agus tìr, 'araon spioradail agus aimsireil, air doigh 's nach 'eil dith oirbh; gidheadh tha sibh a faicinn gu'm bheil tuiteam air falbh ann, agus gu cinnteach tha mi a' sealltainn air son breitheanas Dhe tuiteam air closaichean nan daoine so, a tha goid a steach truallidheachd do'n eaglais, a chum toirt oirnn tuiteam air falbh o fhìor chreidimh Dhe; uime sin ni Dia dhiubhsan eisimpleirean do mhuinntir 'eile, gu bhi air am faicill nach bean iad a ris ri eaglais ghloirmhoir aig àm air bith an deigh so. Gidheadh ma 's

urrainn sinn trasgadh agus bròn a dheanamh, agus pill-tinn gu neo-chealgach a dh'ionnsuidh ar Dia, feudaidh e bhi, tha mi a'g radh, gu'n deònaich Dia dhuinn sìth rè 'ar laithean fein. Tha mi a' cuimhneachadh, gu'n do bhuaich Dàniel ann an trasgadh agus ann an urnuigh, agus aig iarraidh gu'm biodh Dia trocaireach, agus gu maitheadh e a pheacanna, agus peacanna a shluaigh, agus gu'n sàoradh e an eaglais 'na àm fein; agus ge do bhuaich e fada aig urnuigh rè sea-laithean-fichead ann an trasgadh, agus ann an guil, agus ann an aidmheil a pheacanna, agus ge do chuir an Tighearna dàil fbada ann am freagradh a thabhairt da, gidheadh chuala an Tighearna e ann an toiseach athchuinge, agus chuir e freagradh grasmhoir, d'a ionnsuidh fa-dheireadh. Mar so, na'm b' urra sinn trasgadh agus urnuigh a dheanamh, cor am biodh e ach ann an aon teaghlach no'n co' thionail, co is urrainn innseadh nach cuireadh an Tighearna freagradh ghrasmhoir mu dheireadh. Nach 'eil sibhse a' smuaineachadh gu'm bi so na àm 'eagalach 'nuair a dh'imicheas an Tighearn air falbh uainn?

“Anaoibhinn dhuibh deir an Tighearn, nuair a dh'imicheas mise uaibh;” mar so na'n deoinicheadh Dia dhuibhse, gu'n cuireadh sibh aon là air leth air son bhur n-irioslachadh, agus na h-uile duine na theaghlach fein, air a chuid as lugha gu bròn a dheanamh fa 'chomhar an Tighearna, an duine ann an aon oisinn de'n tigh, agus a bhean ann an oisinn 'eile de'n tigh, na seirbhisich ann an aon earrann de'n tigh agus a chlann ann an earrann eile; co 's urrainn innseadh nach gabhadh an Tighearn truas? Nach faic sibhse ciod a rinn athreachas Ninebhe. Ionah iii. 4. Nuair a chuireadh am fàidh da'n ionnsuidh, a dh'innis dhoibh, “Fathast da-fhichead là agus sgriosar Ninebhe;” nis 'nuair a chuala iad an naigheachd chabhaigeach so, ge d' nach robh aca cinnteachas air saoradh, gidheadh earbaidh iad ri maitheas Dè, agus feuchaidh iad an urrainn dhoibh a bhreitheanas a bhaeadh le aithreachas; “agus uime sin, rinn an rìgh, agus a chùirt, agus a mhòir-uaislean uile, agus am baile gu h-iomlan, aithreachas, agus dh'irioslaich siad iad fein ann an eudach saic agus ann an luaithe.” Air dha 'n Tighearn so fhaicinn, tha e ag atharachadh a rùn, a' gairm air ais a bhinn fein, agus tha iadsan a faotuinn trocair. Nach faic sibhse ciod a rinn athreachas fallse

Ahaib, nuair a rèub e eudach, agus a dh'iriosluich se e fein anns an duslach, agus a chuir e saic-eudach air; thubhairt an Tighearn ris, nach d' thugadh e air an t-olc sin a chuir an Thighearn an cèill na aghaidh fein agus ann an aghaidh a thigh.—1 Rìgh xx. 27.—ann a laithibh-sa. Faicibh ciod a tha 'n t-aithreachas so a' deanamh, ge d' bu neach e a chuireadh air cùl. 'Nis, nach 'eil agaibh-se aobhar co mòr air son bròn agus aithreachas a dheanamh 'sa bha riamh aig Daniel, no aig Ninebhe, no aig Ahab? Nach 'eil athrachadh cuid do sheirbhisich fhirinnich Dhe a mach as an aitibh, agus ceangal suas beòil mhuinntir 'eile, na chomharradh na's mo air fhearg, na na h-uile plaigh a bha anns an tìr so air an dā bhliadhna a chaidh seachad? Ciod is ciall do dh'athrachadh na'n soillsibh so da 'm b-abhaist a bhi dealradh fa'chomhair muinntir 'eile? Seadh, mar is bèo an Tighearn, tha mi do ghnāth ga shaoilsinn na chomharradh air breitheanas na 's ro-eagalaich na thainig riamh fathast air an tìr so. Gu'n toir an Tighearna dhuinn suilean gu fhaicinn, agus gliocas gu a bhacadh, ann an ām, a chum 's nach bi sinn n-ar luchd com-pairt deth; no air a chuid is lugha, ma thuiteas sinne leis a bhreitheanas aimsireil, nach bi sinn n-ar luchd com'pairt de'n bhreitheanas spioradail mar an ceudna.

'Nis, cha'n abair mi tuillidh aig an ām so, ach a bhi ag earbsa na bha air a labhairt ri grās Dhè ann an Iosa Criosd. Dha-san, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad-naomh, gu'n robh gach uile urram agus molladh, a nis agus gu siorruidh. Amen.

COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

SEARMOIN XIV.

AIB COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

EPHES. VI. 10.—Fa-dheoidh mo bhraithre, bithibh laidir 'san Tighearna, agus ann an neart a chumhachd-san.

Na naimhde ris am bheil againn r'a dheanamh agus ri gleachd na'n aghaidh, dh'innis mi iad 'o fhocal an Tighearna; ach cha'n urrainn a bheag sam bith 'o fhirinn Dhe

maith a dheanamh dhuibh, mur measg sibh bhur n-eisdeachd le creideamh ; uime sin, guidheam oirbh, mar a b'aill leibh air aon là an crùn a shealbhachadh, agus mar a b'aill leibh a bhi air bhur n-eideadh le trusgana fada geala, agus pàilmibh a bhi agaibh 'nur lamhan, agus mar a b'aill leibh air aon là a bhi air bhur cuir 'nar suidhe aig deas-lamh Chrìosd, dh'iarrainn mar athchuinge oirbh gu'n creideadh sibh an nì a bha air a labhairt mu thimchioll namhaid so bhur slainte. Tha agaibh r'a dheanamh ri Satan, namhaid do Dhia, agus namhaid do bhur n-anama-sa; tha agaibh ri dheanamh ri diabhlul a ni 'ur cul-chaineadh ; tha agaibh ri dheanamh ri bùaireadair a ghoideas a steach a dh'ionnsuidh bhur cridheachan mu'n d'thoir sibh idir an aire dha, tha agaibh ri dheanamh ri fear casaid, a chuireas bhur peacaidhean air lathair fa'chomhar caithir bhreitheanais Dhe ; tha agaibh r'a dheanamh ri crochadair, a bhios na cheud fhear a chuireas lamh annaibh, agus is ullamh a ghearras sgornan bhur n-anama ; tha agaibh r'a dheanamh ri leomhan, tha agaibh r'a dheanamh ri dragoin, tha agaibh r'a dheanamh ri uachdaranachdaibh agus cumhachdaibh, agus riaghlairibh an t-saoghail agus prionnsaibh an athar ; agus, mu dheireamh do na h-uile, tha agaibh r'a dheanamh ri dia an t-saoghail so. Mholainn duibh a chuimhneachadh na bha air a labhairt mu' an gamhlas, an cumhachd, agus an seoltachd. B'e a ni fa'dheireadh an luchd-cuidichidh, se sin, an saoghal agus a bhiadhan, uile bheartas, uile onair, agus uile thaitneasan an t-saoghail. Agus a chum buaidh fhaotainn air, tha sibh gu 'ur cridheacha' a shoerachadh air neamh, agus gu bhur sùil a chumail air a ghloir agus air na toilinntinnibh shiorruidh a tha'n sin. 'Se'n comhnadh is ro chunnairtich a th' aig' an truailidheachd nadur a tha'n taobh stigh dhiot, a tha cumail sios do chridhe, oir cha'n urrainn thu a dhol gu neamh ach le uallach do pheacaidhean a tha 'ga d' chuairteachadh timchioll, agus am fear-brathaidh sin, a tha fosgladh uile uinneagan do chridhe, agus a tha leigail a steach leigionaibh do dhiabhuilibh, agus an uilebheist sin, a tha 'gineamhuinn a leithid do bhreith uamhasach, an nì, 'nuair a bhios e air a bhreith, a tha a' gineamhuinn breith na 's ro-uamhasaiche. Seumas I 15. Chuala sibh mar an ceudna mu chumhachd truailidheachd nadur, gu'm bheil e a' bacadh duine o mhaith a dheanamh, agus is

lagh e a tha 'cogadh ann an aghaidh lagh na h-inntinn. Rom. vii. 23. Is fear-ceannaire feallsa e, uime sin reicidh e thu; mar a thubhairt an t-Abstol, "Tha mi air mo reic fuidh na pheacadh," rann 24. 'Nis a chum buaidh fhaotainn air an namhaid so, feumaidh tu thu fein àicheadh; air an aobhar sin, thubhairt Crìosd, "Cha'n urrainn do dhuine sam bith a bhi na dheisciobuil dhomhsa mur àicheadh se e fein, agus mur tog se a chrann-chéus agus mise a leantuinn." Lucas xiv. 27. Agus cha'n e a mhain gu feum sibh sibh fein àicheadh, ach feumaidh sibh sibh fein a mharbhadh mar an ceudna; agus cha'n 'eil rathad gu sin a dheanamh ach an Tighearna air a mharbhadh agus air a cheusadh a ghabhail ann bhur gairdeanaibh. Agus deanadh na tairgean a rinn esan a tholladh thus a tholladh gus a chridhe, agus deanadh an t-sleadh a rinn esan a lotadh, thus a lot gus a chridhe; gabhaibh blur n-anama agus sgaoilibh iad air-san, a chum 's gu'n dean bolladh cùbhraidh a bhàis-san sibhse a bhualadh gus a chridhe, agus gu'n toir a chuid-sa lotan lot bàis do'n pheacadh an taobh a stigh dhìbh. Mar so, na'm b'aill leibh buaidh fhaotainn air a pheacadh, agus air truailidheachd nàdur an taobh a stigh dhìbh, a tha'm follach ann bhur cridheacha, feumaidh sibh air tùs buaidh fhaotainn oirbh fein, feumaidh sibh ruith agus deoch nuadh a ghabhail deth dh'fhuil Chrìosd gach là.

'Nis tha leantainn an deidh so cia mar bu choir dhuibh gleachda. A chum 's gu'm bi fios agaibh air na 's fhearr, mìnichidh mi dhuibh an steidh-theagaisg so; cunaibh do ghnath na'r cuimhne gu bheil Dia a labhairt ann an so, agus gu'm bheil an Spiorad Naomh a teagasg ann an so. 'Nis, tha lan-fhios agam gu'n d'fhoir thusa dìbheatha do'n teagasg so a tha rùnachadh cogadh; agus tha mi cinnteach gu'n abair thu, tha mi tabhairt buidheachas do mo Dhia ann an Iosa Crìosd, a dh'fhosgail an rathad dhomh cho soilleir, agus a leig fhaicsinn dhomh an doigh air an cog mi mo chathan, air am buadhaich mi air mo naimhde, agus cia mar a gheibh mi buaidh aig a chrioch.

Ach sibh-se nach do chreid fathast an fheum a th'agaibh air gleachd, agus am partidh laidir ris am bheil agaibh ri combrag a dheanamh, agus gu'm bheil agaibh r'a dheanamh ri uachdranachdaibh, agus ri cumhachdaibh,

ri diabhuilibh agus ri dragonaibh, agus ri naithrichibh cuilbheartach, agus prionnsibh dorchadais agus dia an t-saoghail so. 'Nis gu innseadh dhuit-sa mu armachd, agus mu armachd a chuir umad, cha'n 'eil e uile ach na sgeula-faoin, cha dean e maith air bith dhuit, oir mur faic thu a mhoir fheum a tha agad air gleachd, agus an pairtidh laidir ris an bheil agad ri cogadh, cha bhi e uile ach na shaothair chaillte a bhi labhairt riutsa mu thimchioll cath, no cath a chuir, no ciod an armachd leis an cog thu; oir mur faic duine gu bheil e dol a dh'ionnsuidh a chogaidh, agus gu'm feum e gleachd, agus gu bheil aige armailt agus pairtidh laidir a chum gleachd na'n aghaidh, agus nach bi dearbhachd air a ghabhail ach air a chumba so, gu'n d'thoir e thairis a bheatha do lamhan a naimhde, mu'm bheil e lan-chinnteach, nach caomhainn iad e; tha mi ag radh, mur faic duine na nithe so, cha shaoil e ach mar amaideas iarruidh air a chuid armachd a chuir uime; eadhon mar sin, air a mheud sa dhinnsinn-sa dhuibh, gu'm feum sibh bhur n-armachd a chuir umaibh, agus gleachd, mur faic sibh an fheum a th' agaibh air gleachd, agus bhur feumas air armachd a chuir umaibh, (oir cha d'theid duine sam bith ruisgte a dh'ionnsuidh a chogaidh) agus mur faic sibh neart an namhaid, is beag an feum ni m' uile labhairt-sa dhuibh; gidheadh, a' mheud agaibh 'sa tha faicinn an fheum so, agus a runaich cogadh, eisidibhse so,—“Fa'dheoidh, mo bhraithre, bithibh laidir 's an Tighearn.”

'SA CHEUD AITE.—Tha e a'g radh, “Bithibh laidir,” oir ma bhios sibh lag cha'n urrainn sibh gleachd a dheanamh, oir feumaidh an tùs neart a bhi agaibh, oir cha'n fhada gus nach buadhaichear air duine lag.

'SAN DARA H-AITE.—Tha e ag radh, “Bithibh laidir 'san Tighearn;” cha'n fheud thu fein seasamh ad aonar; mur bi thu ann an Crìosd, agus Crìosd annadsa, cha'n urrainn thu buaidh a thabhairt; mar sin, 'se an aon rathad gu bhi laidir, a bhi anns an Tighearn Iosa, (tha a thaobh fathast fosgailt) uime sin feudaidh tu ruith d'a ionnsuidh, agus 'se creideamh a mhaing a chuireas ann san thu; agus ma bhitheas esau annad, gheibh thu e a' marbhadh na h-uile namhaid a tha na'n luidhe an fòlach ann do chridhe; mar sin, feumaidh tu a bhi anns an Tighearn, agus feumaidh tu a bhi laidir anns an Tighearn, agus tha sin tuillidh 'sa bhi ann an Crìosd. Cha'n

fheud thu a bhli lag ann an Criosd, ach feumaidh tu greim daingean a ghabhail do Chrìosd, feumaidh tu e a bhli agad mar rìgh air a chrùnadh a rioghachadh an taobh a stigh dhiot, agus cathachadh ann an neart a chumhachdsan. Cha'n 'eil umhail cìod sam bith co lag 's a bhitheas tu annad fein, ma tha thu laidir annsan. 'S beannaichte an duine sin a tha faicsinn a laigse, agus anfhannachd fein, oir bheir so air ruith ni 's luaithe a dh'ionnsuidh an Tighearn, a chum 's gu faigh e a chumhachd agus a neart gu a chumail suas ; agus bheir so air a radh, tha mi a' cur cùl ris an fheoil, agus ris na h-uile ni tha'n taobh a stigh dhìom fein, seadh, tha mi cuir cùl ris na h-uile nithe fuidh neamh, O Thighearna, a chum 's gu'm bi mi laidir annadsa, agus ann an neart do chumhachd-san ! 'Nis cìod e a chumhachd-san ? B'u chumhachdach e ann a theachd a nuas o neamh ; b'u chumhachdach e ann a irioslachadh 's an fheoil, b'u chumhachdach fhuil, bu chumhachdach a bhàs, b'u chumhachdach ais-eiridh ; 'nuair a bha aige uile pheacaidhean an taghaidh-bhithbhuan air a dhruim ; agus ge d' bha am peacadh co laidir, 's gu'n do thilg aon pheacadh na h-ainglean a mach as na flaitheanas, gun dochas air bith eiridh a ris, gidheadh cha b'urrainn na peacaidhean so gu leir esan a chumail fuidh, ach dh'èirich e agus thug e buaidh air ifrinn, air an diabhl, agus air an uaigh, agus chaidh e suas do neamh, agus thug e bruid am braighdeanas ; bu treun a dhol suas do neamh, agus is cumhachdach a bhitheas a theachd a ris o neamh gu breith a thabhairt air na beo agus air na mairbh. Cìod e sin a bhli laidir ann an neart a chumhachd-san ? 'Se sin, bi laidir ann an cumhachd a theachd sìos o neamh a dh'ionnsuidh na talmhuinn, bi laidir ann an cumhachd a theachd 'san fheoil, bi laidir ann an cumhachd irioslachaidh, bi laidir ann an cumhachd fhala ; seadh, ge d' b'u tu am peacach bu mhò a bha riamh ann, 's urrainn an fhuil so do dheanamh glan, agus ge d' bhiodh t-anam dearg mar a sgarlaid, 's urrainn an fhuil so a dheanamh geal mar an sneachd. Bi laidir ann a bhàs, a tha comasach gu marbhadh agus claidh do pheacaidhean ; agus bi laidir ann a ais-eiridh, a tha comasach air do thogail 'o bhàs gu beatha ; agus bi laidir ann a theachd a ris, agus bi laidir ann an dochas a ghloir gun chrìoch sin.

Nis, tha mi gu innseadh an doigh air am faigh thu an eumhachd so. Cuir ort uile armachd Dhe. Thoir fa'near, cuir ort an armachd uile, agus cha'n e part dhi, oir feumaidh tu an armachd a bhi ort uile. Agus c'ar son a dh'fheumas tu armachd? do bhrigh's gu bheil agad diabbuilean laidir gu gleachd riù; uime sin cha'n e a mhain gu'm feum thu fhireantachd gu do chomhdachadh, ach feumaidh tu mar an ceudna armachd a bhi agad a chum uile shaighde teinnteach an droch spioraid a mhuchadh; cha'n e a mhain gu'm feum thu armachd a bhi agad a chum cuir na aghaidh, ach feumaidh tu armachd a bhi agad mar an ceudna gu buanachadh leo. Ma 'seadh ciod an armachd tha'n so? 'Se armachd Dhé a ra ann, Ar n-armachd, a deir an t-Abstol, cha'n 'eil iad feolmhor, ach spioradail, agus eumhachdach ann an oibreachadh. Mar so cha'n 'eil mìr do'n armachd so nach 'eil na h-uchdeididh dhearbhta; agus ma chuireas tu ort i, seasaidh tu ri urchair gunna-n'r agus ma chaitheas tu i, cha chiurrar thu; ach ma chuireas tu dhìot i, cha sheachainn thu buille bhasmhoir fhaotainn; theagamh gu' saoil thus' nach 'eil e ach lag, ach gu dearbh cha'n ann mar sin a tha chùis.

Tha e ag radh, cuiribh oirbh uile armachd Dhe, feumaidh tu a gabhail a d' ionnsuidh uile, cha'n fhead thu aon earrann do t-anam fhagail ruisgte, oir is namhaid seolta agus cuilbheartach ris am bheil agad r'a dheanamh, ma chi e earrann sam bitidh dhìot a dh'easbhuidh armachd agus lomnochd, gabhaidh e a chothrom, agus ni e tuairmeis ort anns an aite sin; mar sin feumaidh tu a cuir umad, oir cha dean e feum dhuit a cuir seachad ri do thaobh.

Ciod i an armachd a tha'n so? Is uidheam fhreagaireach i dheth gach gràs air am bheil feum agad, a tha'n Tighearna tabhairt dhuit ann an amaibh do cheud ghairm, agus tha iad agad maille riut, ach cha'n urrainn thu an gnathachadh. Ciod e a cuir ort ma ta? Anhaire air na gràsan a thug Dia dhuit ann do cheud ghairm; oir, mar a thubhairt mi, tha'n armachd so uile agad, ge nach do chaith thu i; tha thu cinnteach ann am frinn do chridhe gu'm b'aill leat ann an tomhas-eigin seirbheis a thabhairt do Dhia; tha agad fireantachd Chrìosd air a mheas dhuit, tha geallaidhean an t-soisgeil agad, an ni bheir anns a chrìoch sìth a d' ionnsuidh; tha agad sìd

an fhior chreidimh thearnaidh air a chuir ann do chridhe ; tha agad dòchas a tha tabhairt ort a bhi sealltuinn air son slainte ; tha agad claidheamh an spioraid, an nì 'se focal Dé ; mar sin tha agad na gràsan so gu leir ann do chridhe, ann an tomhas-eigin, ge' nach urrainn thu an cuir umad. Cionnas ma ta a chuireas tu ort iad ? Eadhon dean so, thoir a mach iad agus cleachd iad, agus aidich fa' chomhair dhaoine agus ainglean gu'm bheil thu a' caitheamh n'an gràsan so mar do shuaicheantais air a thoirt dhuit le do Thighearna agus do cheannard. Na dheidh sin tha e ag radh, " A chum 's gu'm bi sibh comasach air cuir an aghaidh," se sin, air seasamh an aghaidh, oir feudaidh tu do cheann a chumail suas gu dana, ge' do dh'fheudas iomadh bior agus dealg a bhi ann do chridhe anns na h-uile cèum air am bheil thu a dol, gidheadh air dhuit ullachadh soisgeil na sìth a bhi agad mar bhrōgan air do chosaibh, feudaidh tu imeachd gu sàbhailt, agus leùm thairis air gach ceap-tuislidh a tha air a thilgeadh a d' rathad 'san droch latha, 'se sin, ann an latha a bhuaireidh, 'nuair a bheir an t-aon ole agus fharmadach sin ionnsuidh ort ; ann an aghaidh uile dhian-ionnsuidhean an diabhuil, 'se sin, uile ionnsuidhean, uile chonnsachadh, agus uile ghleachd, leis am bheil e an dùil do thilgeadh thairis ; a chum 's gu seas thu mar chriosduidh ann ad ghairm,—seas, agus na luidh sios, agus bi a d' dhuine fa'dheireadh sa bhlār,—seas agus cog, seas agus na fannaich. 'Nis tha e teachd a dh'ionnsuidh nithe sonruichte an armachd so, agus tha aige so seachd mìrean.

An tūs,—Crios na fireantachd ; seasaibh, air dhuibh 'ar leasaidh a bhi air an crioslachadh le firinn. Ciod i an fhirinn sin ? Tha dā ni aig firinn.

An tūs,—Feumaidh tu am barand so a bhi agad ann a t-anam ; gu bheil d'-aoradh do reir firinn Dhè, agus gu bheil thu 'ga aoradh do reir 's mar dh'aithn e fein dhuit ; agus 'nuair a tha thu ag aoradh, tha thu an sin cinnteach gu bheil thu a toirt umhlachd da' aitheanta ; agus uime sin tha d' adhradh 'g a thoileachadh. Ciod an sōlas a dh'fheudas a bhi agad, 'nuair a tha fios agad gu bheil am barand so agad, gu'm feud thu a radh, a Thighearn, tha 'n t'adhradh so gad' thoileachadh, do bhrìgh 's gu bheil e do reir t-fhirinn, tha mi ga dheanamh air t-aithn, a chum umhlachd a thoirt dhuit !

Cìod e an sòlas a bheir e dhuit nuair a chuimhnicheas tu 'se so firinn a tha mi a' deanamh, agus tha so taitneach do Dhia!

Cha'n 'eil na dearbhachdan so idir aig na Pāpanaich, ach tha iad do ghnath fa' theagamh, co-dhiubh a tha 'n seirbheis do reir firinn Dhe, no co-dhiubh a tha Dia toilichte leis no nach 'eil, uime sin bu choir dhuitsa a mheas mar throcair mhoir gu'n d'fhoillsich Dia so dhuit. agus gu'n d' rinn se e soilleir do d' choguis, gu'm bheil do sheirbheis agus d' adhradh do reir firinn Dhe, agus taitneach dhas-an trid creideamh ann an Iosa Crìosd.

'SAN DARA H-AITE.—Cha 'ne a mhàin gu'm feum thu firinn a bhi agad, ach mar an ceudna aoradh a thabhairt do Dhia ann an treibhdhireas, agus ann am firinn do chridhe; “Oir is Spiorad Dia, uime sin is àill leis a bhi air aoradh ann an spiorad agus ann am firinn;” se sin, le cridhe ionraic agus treibhdhireach, a tha glan agus onarach na fhianuis; a chum an fhirinn so a thuigsinn, leugh Micah, vi. 7, 8. “Am bi an Tighearn toilichte le mìtibh do reitheachaibh, le deich mìtibh do shruthaibh òladh? An toir mi mo cheud-ghin air son mo chionta; toradh mo chuirp air son cionta m' anam?” Dh'fheuch e dhuit o dhuine cìod e a tha maith; agus cìod a tha 'n Tighearn ag iarraidh ort, ach ceartas a dheanamh, trocair a ghradhadh, agus gluasad gu h-iriosal maille ri d' Dhia? Agus leugh Isaiah lxvi. 2. “Air an fhear so amhaircidh mise, deir an Tighearn, eadhon airsan a tha bochd agus leònta 'na spiorad, agus a chrìothnaicheas roimh m' fhocal.” Cìod e firinn ma ta? Spiorad glan agus leònta, a tha crìothnachadh roimh fhocal Dhè.

CEIST.—Ach feoraichidh sibhse, cionnas a bhios fios aig duine air an fhirinn so? Cha 'n 'eil aig eaglais na Roimh barrandas na 's mo air son an creidimh a bhi fìor, na gu'n d' thubhairt an Clèir e bhi mar sin. Ach tha so na steidh lag dhoibh gu an taic a leigeadh air, oir tha iad air am mealladh leis. Ach cionnas a bhitheas fhios agaibh ma tha bhur n-aoradh ann an treibhdhireas agus ann am firinn? Freagair thus mise an toiseach, agus ann an sin freagraidh mise thus a rìs. Innis dhomb, ma tha do dhuine an taobh a stigh ag radh ris an Tighearn, is dàna leam do ghabhail mar fhianuis, gur e an t-aon mì fuidh neamh a b' aoibhnic a b' àill leam a dheanamh,

do thoileachadh ann ad aoradh ; agus tha mo choguis a tabhairt fianuis dhomh, gu 'm b' aill leam d' aoradh ann am firinn agus ann an treibhdhreas mo chridhe. Ma tha an urrad so agad, ann an sin tha firinn agad.

Tha mi faicinn nach fhaigh mi ni's fhaid air m' aghaidh aig an àm so, na a dh'ionnsuidh an ath mhìr dhe'n armachd. Aon ni a mhain, agus ann an sin thig mi d'a ionnsuidh.

Cia mar a chleachdas sibh na grasan so? Nach 'eil fhios agaibh cia bàsmhoir na mi-mhàisnichidhean a tharlas duibh a' nuair nach urra' dhuibh urnuigh a dheanamh le leithid do mhothuchadh 'sa b'aill leibh? No idir am focal éisdeachd le leithid do thoradh's a dh'iarradh sibh? No buidheachas a thoirt do Dhia le bhur cridhe mar a' b'aill leibh a dheanamh? Tha aineolas air an doigh air an ghathaich sibh grasa' Dhe a' cumail air ais mòr chomhfhurtachd uaibh, ach thig air d'aghaidh, agus gabh an fhirinn so ann do lamh, agus abair, 'Thighearn, is fianuis dhomh thu gur e so a mhain mo roghainn, do ghloir fein ann mo shàbhaladh ; agus na'm biodh agam neart gu do sheirbhis a dheanamh gu treibhdhireach, gu'n deanainn e gu subhach le'm uile chridhe. Rom. vii. 19. " Ach tha mi a' deanamh a ni nach b'aill leam, agus a ni a b'aill leam cha'n 'eil mi a' deanamh.' Ma thig thu a dh'ionnsuidh an Tighearn, agus gu'n aidich thu do mhìchomas a chum seirbhis a thabhairt da anns an neart cridhe sin a tha thu ag iarraidh ; agus ma rùnaicheas tu na meadhonan a chleachdadh, mar is urrainn thu, ge do b'ann le beag sòlas, a mhain a chum ùmhlachd aon-fhillte a thabhairt do Dhia ; ma ni thu so, tha mi ag radh gu'm faigh thu mòr aoibhneas agus shòlais an deidh so.

'Nis tha mi air teachd gus a ni fa' dheireadh a tha mi gu a labhairt aig an àm so. 'Se'n ath mhìr deth 'ur n-armachd "uchd-eididh na fireantachd" Tha dà ghne fhìreantachd ann a th'aig na h-uile leanabh taghta le Dia, tha aon diubh air a 'meas doibh, agus se sin fireantachd Chrìosd, agus tha i air a gairm 'fireantachd Dhe.' Tha'n aon 'eile an taobh stigh dhiot, agus tha i air a gairm 'ionracas deadh choguis.' Tha'n ionracas dhùbailt so air a gairm uchd-eididh, oir tha i a' cumail uile bhuillean a namhaid 'o na chridhe air doigh's nach bi e air a chiùradh ; oir tha fhios agad, ma bhitheas an cridhe air a leònadh, nach h-'eil a bheag air do shon ach am

bàs, oir co fhada 'sa tha'n cridhe sabhailt, cha'n urrainn thu lot basmhor fhaotainn. Mar sin, ge' do gheibheadh tu buillean, gidheadh ma tha agad uchd-eididh na fireantachd umad, cha'n urrainn na buillean so ruigh-eachd a dh'ionnsuidh do chridhe, agus uime sin cha'n urrainn iad a bli basmhoir. Tha e fìor gu'm feud sibh buillean mòra fhaotainn, mar a fhuair Daibhidh buille mhòir agus ghoirt a 'nuair a thuit e a dh'ionnsuidh adhaltranas agus murta; gidheadh, do bhrìgh 's gun robh aige do ghnath an fhìreantachd so mar uchd-eididh, a chomhdaich a chridhe, uime sin cha robh a bhuille sin basmhor, oir fhuair e aithreachas agus maithneas; oir feudaidh tu buillean mòra agus tuislidhean goirt fhaotainn; ach co fhada 'sa tha agad fireantachd Chrìosd 'ga d' chomhdach, agus co fhada sa tha àit gu aithreachas, agus co fhada 'sa tha'n fhuil sin a labhairt air do shon, agus co fhada sa bhios agad ath-philleadh a dh'ionnsuidh na fòla sin, agus co fhada 'sa bhitheas agad an urrad so ann do chridhe, gu bheil agad oidhirp onorach gu Dia a thoileachadh ann ad uile shlighibh, ge do tha thu a' fàilneachadh ann an iomadh puing, agus ge do tha thu a' deanamh iomadh tuislidhean salach, agus a' faotainn iomadh buille ghoirt, gidheadh co fhada (tha mi ag radh) 'sa tha agad an cridhe treibhdhireach so, cha d'fhuair thu buille mharbhtach, air an aobhar sin cha'n 'eil do leòn do-leigheas. Gu'n d' thoir an Tighearn dhuibhse agus dhomhse an uile ionracas agus threibhdhireas cridhe so, air sgath Chrìosd. Dhasan, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh an 'onair agus a ghloir 'o 'n àm so a mach, agus gu sìorruidh. Amen.

COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

SEARMOIN XV.

AIR COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

EPHES. vi. 14, 15, 16.—Seasaibh uime sin, air bhli do 'ur leasraidh air an crioslachadh le firinn, agus uchd-eididh na fireantachd um-aibh; agus ullachadh seisgeil na sìth mar bhrogan agaibh air bhur cosaibh; thar gach uile ni, a' glacaibh do 'ur n-ìonsuidh sgeith a ehreidimh, leis am bi sibh comasach air uile shaigde teinteach an droch spioraid a whuchadh.

A'm féum a tha againn air uile armachd Dhe, chuir umainn, cha ruig mi leas aithris dhuibh; agus na'm biodh e o throcair agus o thoil an Tighearna gu'n deonaicheadh e dhomh m' iarrtais, b' aill leam gu'm bitheadh sibh uile air 'ar n-eideadh leis an armachd so gu h-iomlain.

Agus their mi riut, gur fianuis mhoir air fabhar Dhia dhuit, na'm bitheadh tu do ghuath fo'n armachd so, do ghnath air do chleachdadh ann an cogaidhean an Tighearna'. 'Nis, mar nach 'eil a h-aon a tha cuir orra eudach do nach aithne am feumas agus a maise, mar sin cha 'n 'eil duine 'sam bith a chuireas air armachd, ach esan a tha' faicsinn feum air cath; cha 'n 'eil duine chuireas air eudach ach esan a tha' faicsinn fheumas orra'; mar sin, cha chuir sibh oirbh gu bráth an armachd so gus am faic sibh am feum a tha agaibh ris. Tha mi cho brònach 's a 's urrainn mi a bhli, nach d' rinn a h-aon againn riamh sinn fein co eolach air an armachd so a 's b'u chòir dhuinn; oir tha e na aobhar bhreòin gu'n lotadh an dragon so daoine agus mnathan agus iadsan gun mhothachadh air. Tha mi ga fhagail do'n Tighearna gu oibreachadh ann an cridheachan a mhuinntir fein, am mèr fheum air seasamh a latha agus a dh'oidheche ann 'ur cuid armachd, chum 's nach buadhaichear oirbh anns a chath so; oir cha 'n 'eil aon uair ann rè àm do bheatha anns am bi thu aig fois ris an namhaid, nach e sin an uair anns am buadhaich an diabhl; anns an uair sin tha e a, tabhairt dhuit buille bhasmhoir; cha 'n 'eil uair anns a mhaduinn, no uair anns an fheasgair, air nach 'eil féum agad air an armachd so, seadh, cha 'n 'eil uair anns an latha gu h-iomlan air nach 'eil feum agad oirre; cha

'n 'eil aite a dh'ionnsuidh an tig thu, cha 'n 'eil cuideachd am measg an tig thu, nach 'eil agad do ghnath feum air an armachd so; bi aig a bhaile, no bi anns an achadh, bi a'd aonar, bi ann an deadh chuideachd, no ann an droch chuideachd, tha agad anns gach aite agus aig gach àm, agus air gach aobhar, feum air an armachd so, agus air thu a bhi air do chomhdach leo. Bha dā mhìr shònruichte de 'n armachd so a laimhsich mi dhuibh.

Sa cheud aite,—B'e a chèud mhìr "crios na firinn, seasaidh le 'ur leasraidh air an crioslachadh le firinn:" (air bhur crioslachadh tha e a'g radh). Chi sibh gu feum 'ur n-eididh air tùs a bhi teann air a chrioslachadh mu'n cuairt dhuibh, air-neo tuitidh iad dhibh; agus féumaidh gach mìr a bhi ceangailte ri chèile, air-neo caillidh sibh iad; a rìs feumaidh sibh seasamh, agus gun luidhe sìos, no suidhe leis, feumaidh sibh a bhi do ghnath air bhur cosaibh uilamb gu cogadh leis.

An nì a b'e a'n fhirinn so, dh'innis mi dhuibh gu'm b'i a 'n fhirinn a thug am Mac a' mach a broilleach an Athair, agus a dh'fhoillsich dhuinn i ann a fhocal fein; uime sin, tha fhios agaibh, gu bheil sibh a' gairm air an Dia bheò, agus gu bheil sibh ga aoradh-sa a rinn na neamha agus an talamh.

2.—Le sin tha e air a chiallachadh firinn anns a chridhe, air a chuid is lugha anns a phairt athnuadhaichte dheth; oir cha'n fhaigh thu firinn ann a d' fheoil a tha 'cogadh ann an aghaidh lagh d' inntinn; air an aobhar sin cha'n fheum thu saothair a ghabhail gu fhaotainn ann an sin; ach ma 's urrainn thu firinn fhaotainn anns an duine an taobh a stigh do d' chridhe, tha mi ag radh, ma tha firinn do Dhia ann, air a leithid do dhoigh 's gur urrainn thu gu firinneach a' radh, anns an duine an taobh a stigh, tha mi a' fuathachadh a ni a tha Dia a' fuathachadh, agus tha mi a' gradbachadh ni tha Dia a' gradbachadh, is firinn so, agus is leòr sin; ach ma 's cealgair thu, cha 'n urrainn thu seasamh ann an aghaidh stòirmean an diabhuil. Air an aobhar sin tha mi a' gairm bhur coguisean uile ann an so fa'chomhair an Dia uille-leirsinnich, aig am bheil seachd spioradan, tha mi tabhairt aithn dhuibh uile 'na ainm-san, gu'm bi gach neach agaibh ullamh gu rannsachadh co-dhiubh a tha agaibh an fhirinn so anns an duine an taobh a stigh no nach 'eil. 'Nis, thus a tha a d' leanabh do Dhia, 'se so

an nì is mò a bhitheas gad' phianadh, nach urrainn thu do chridhe fhaotainn dìreach agus ionraic na's leoir fa'chomhair Dhia, agus do bhrìgh's nach urrainn thu bèanntan do chridhe fhaotainn air am bualadh sìos, agus aitean àrd air an toirt sìos, agus na h-ionadan garbha air an deanamh comhnard. An innis mi dhuit cia mar a gheibh thu do chridhe air a dheanamh dìreach agus comhnard, agus cia mar a gheibh thu e air a ghlanadh? Innseam dhuit, trìd creideamh gu'm bheil an cridhe air a dheanamh glan; creid, agus chi thu iongantais, creid, agus bithidh tu air do thearnadh; mar sin, ma ta féumaidh sibh ruith gu neamh, agus greim a dheanamh air Iosa Crìosd, agus feumaidh sibh a thabhairt a nuas ann bhur eridheachan, agus bhur cridheachan fhaotainn aon uair air an suidheachadh agus air am freumhachadh ann-san, agus nì esan bhur cridheachan a ghlanadh, oir cha'n fheud thu dàil a chuir ann an Esan a chuir ri do chridhe, agus am faigh thu a dhearbhadh-san ann do chridhe gu'm bheil do pheacaidhean air am maitheadh dhuit; ach feumaidh tu air tūs fhuil-san a ghabhail ann do ghairdeanaibh, agus ann an sin feudaidh tu a bhi cinnteach gu bheil do pheacaidhean air am maitheadh dhuit.

Cionnas a tha creideamh a' deanamh do chridhe glan? Tha thu a faicsinn gu bheil e salach, tha thu a faicsinn gu bheil e lòbhrach agus truaille le peacadh; 'nis, nuair a chi thu so ruithidh tu a dh'ionnsuidh na fola, agus tumaidh tu t-anam's an fhuil, ionnlaididh tu do chridhe ann an sin, agus le sin tha thu air do dheanamh glan.

'Nis, an deigh dhuit do chridhe fhaicinn ann a ni-eigin glan, ma thig do rùn o'n a so, do bhrìgh's gu'm bheil Dia ann an rèite riut, agus do bhrìgh's gu bheil maith-eanas air a thabhairt dhuit le Crìosd, agus air do ghlanadh na fhuil; air an aobhar sin gu'n sgar thu do'n pheacadh, agus gradhaichidh tu a nì a tha Dia a' gradhachach, agus fuathaichidh tu a nì a tha Dia a' fuathachadh; ann an sin bheir an rùn onorach so leis firinn. Ciod an t-aobhar air son am bheil cho iomadh a faotainn cho beag do shìlais ann an geallanna Dhe? ach do bhrìgh's nach 'eil iad a' dol le creideamh a dh'ionnsuidh fuil Chrìosd, agus nach 'eil iad ga chomh-chuir ri n-anama; agus do bhrìgh's gu'm b' aill leo do ghnath ni-eigin fhaicinn annta fein mu'n dàna leo a dhol idir a dh'ionnsuidh Chrìosd; tha so a' creach iomadh de' mhoir shìlais.

Uime sin, tha sibh a' faicinn, gur ann an creideamh a dh'fheumas sibh na h-uile nithe a dheanamh leis an bheil sibh an dùil Dia a thoileachadh. "Fanaibh annam-sa," deir Crìosd, "agus fanaidh mise annaibhse." Eoin xv. 4. Mar sin cha 'n 'eil rathad air do chridhe a ghlanadh, ach le thu a theachd gu Crìosd air son athnuadhachadh do mhaitheanas peacanna, agus air son nuadh-dhearbhachd do shlainte. Mar sin, ma's urrainn thu a radh ann am firinn do chridhe, gu 'm bheil aithne mhaith agad air gu'n d' thug fuil a Mhic air falbh do chiontan, agus gu'n d' rinn e do chridhe glan, agus ma dh'fheudas tu so aideachadh fa'chomhar dhaoine agus ainglean 'nis tha mi cinnteach gu'n d' rinn fuil Iosa mo chridh-sa ghlanadh, agus ionnlaid 'o gach uile pheacadh; fhuair mi maitheanas agus slainte anns an fhuil sin, uime sin bithidh mi air m' fhaicill nach truaill mi mo chridhe le peacadh a rís, agus an fhuil sin a shaltradh fuidh chois, agus a meas mar nì mi-naomh, agus Spiorad na'n gràs a chràdh le mo pheacanna, ma dh'fheudas tu so a radh, tha firinn agad ann do chridhe.

B'E 'N DARA mìr sonruichte de 'n àrmachd so, "uchd-eididh na fireantachd." Ciod i an fhireantachd a tha 'n so? Eadhon far am bheil urrad do 'eagal Dhe ann do chridhe, air dhoigh 's nach dana leat peacachadh le' d' fhios no gu toileach, agus 'nuair a tha agad a leithid a ghràdh do Dhia, 's gu'm b'aill leat seirbhis a thoirt do Dhia anns an duine an taobh a stigh, na'n tugadh an Tighearn dhuit gràs; oir esan a ghradhaicheas fireantachd, ni e nithe fireanta; mar sin, ciod sam bith a bhios tu a' deanamh, biodh gloir Dhe agad do ghnath fa'chomhar do shuilean; na 'm b'aill leat so a dheanamh, ma ta cuir ort an uchd-eididh; agus feuch nach goid an diabhl air falbh an gradh so do Dhia, agus am fuath do'n pheacadh as do chridhe; oir co fhada 'sa tha agad gradh do Dhia agus fuath do 'n pheacadh ann do chridhe, cha 'n urrainn thu lot marbhtach no bàsmhor fhaotainn. Ni an fhireantachd-sa do ghairm agus do thaghadh cinnteach do bhrìgh 's gu bheil thu a' faotainn gach lā dearbhachd nuadh air t-oidhearp onoireach gu Dia a thoileachadh; agus ni an fhireantachd so dol a steach comh-thromach dhuit, a chum 's gu'n tig thu le danachd gu caithir na'n gràs, air dhuit a bhi air do chomhdach le fireantachd Chrìosd, agus ann an sin feudaidh tu iarr-

aidh gu dana na ainm cìod sam bith air am bheil feum agad, oir bheir an t-Athair dhuit e.

Nis 'se 'n treas mìr de 'n armachd so, an deigh do d' "leasraidh a bhi air an crioslachadh le firinn," agus an deigh do t-uchd a bhi air a chomhdachadh le fireantachd, gu'n cuir thu ullachadh soisgeil na sìth mar bhrògan air do chasan. Feumaidh brògan a bhi air do chasan, oir air an t-sligh so tha dris agus dreathan agus deilg iarunn ann do rathad air am feum thu saltairt, feumaidh tu saltairt air nathraichean agus air scorpianaibh; uime sin mur bi do chuid brògan ort, cha 'n urrainn thu gu bràth ruith no a dhol air d-aghaidh 'san t-sligh so. Ach co leis a dh'fheumas tu do chasan eideadh? "Le ullachadh soisgeil na sìth." Cìod a tha air a chiallachadh leis an t-soisgeil? Na tiodhlacan luachmoir so uile agus na gràsan a tha air an gealltainn dhuit anns an t-soisgeil, a tha co mòir agus co luachmhoir, agus gur urrainn iad do dheanamh a d' fhear compairt de dhearbhaduir na diadhachd; tha iad co mòir, agus co luachmhoir, 's ma chuireas tu iad air do chasan, cha 'ne a mhaing gu 'n dean iad do chasan sgiamhach, ach ni iad mar an ceudna thu a d' fhear compairt dheth nadur na diadhachd; agus cìod e tuille a dh'fheudadh a bhi air a radh?

Feoraichidh tu a nis, cìod iad na geallaidhean so? Eadhon iad so. Am bheil thu ad pheacach? Tha maitheanas air a thairgse dhuit anns a Mhac Crìosd Iosa, agus thig-sa agus gabh e. Am bheil d' èididh salach? thig leo a dh'ionnsuidh fuil an Uain, agus dean an glanadh ann an sin. 'Bheil do lamh air seargadh, air dhoigh 's nach urrainn thu grèim a dheanamh? Sìn a mach i na lathair, agus ni esan slan thu. 'Bheil do chasan crùbach air dhoigh 's nach urrainn thu imeachd? Amhaire air-san, agus aisigidh e dhuit lùs do chasan, agus bheir e dhoibh neart gu do ghiùlain. 'Bheil lagh ann do bhùill a' cogadh ann an aghaidh lagh t-inntinn? Ann an so tha 'n gealladh, "Cha 'n 'eil diteadh dhoibh-san a tha ann an Iosa Crìosd, nach 'eil ag imeachd a reir na feola, ach a reir an Spioraid." Ann an aon fhocal, am bheil thu air do reic fodha'n pheacadh? Ann an so tha gealladh, Crìosd, do nach b'aithne peacadh, bha e air a dheanamh na pheacadh air do sgath-sa, agus cheannaich e thu, cha 'n ann le airgiod agus òr agus

clachan luachmhoir, ach le fhuil luachmhoir fein, tha comasach air t-uigheamachadh ann ad uile uireasbhuidhean. Ach tha e coslach gu 'n cuir so trioblaid ort; tha mi lag, agus cha 'n urrainn dhomh buadhachadh; ann an so tha gealladh an t-soisgeil. Eoin x. 28. "Tha mo chaoraich ann an lamh m' Athair, agus cha 'n 'eil neach sam bith comasach air an spionadh as a lamh; cha teid a h-aon deth mo chaoraich-se mugha. "Na biodh 'eagal ort, a threud bheag, oir 'se toil an Athair an Rìoghachd a thabhairt dhuibh. Thug mi aithne do m' ainglibh mu'r timchioll, a chum 's nach buail sibh bhur cois ri cloich;" bithidh iad maille riut rè àm do bheath, agus bithidh iad maille riut aig àm do bhais, giulainidh iad t-anam a dh'ionnsuidh m' uchd-sa, gleidhidh iad do chorp anns an ùaigh gu là t-aiseiridh, 'nuair a thogas iad suas e. agus a bhios araon anam agus corp air an ceangal ri cheile, agus a ni iad thu coslach ri corp glormhoir Iosa Crìosd do cheann; cuiridh iad thu air a laimh-dheis air caithir maille ris-san, far an d' thoir thu breith air an t-saoghal; an deigh sin theid thu maille ris do neamh, agus ann an sin rioghaichidh tu maille ris ann an gloir shìorrudh. 'S iad so, agus mōran tuille, geallaidhean an t-soisgeil. Ach c'ar son a tha e ga ghairm soisgeil na sìth?

Air tūs, do bhrìgh 's gur ann leis a tha Dia 'ga d' dheanamh-sa rèidh ris fein, agus a tha e ann an sìth riut.

'San dara h-aite.—Tha 'n soisgeil a' tabhairt sìth a dh'ionnsuidh do choguis trid dearbhachd chinnteach air maitheanas do pheacanna. Tha se toirt ort a radh; ghlaodh mo pheacanna gu labhair, no gu h-ard, ach dh'eigh fuil Chrìosd na 'b airde; tha mo pheacanna-sa mōr, ach tha fuil Iosa na 's mo; bha mo pheacanna-sa iongantach, ach tha fuil Iosa na 's ro iongantaich'; mharbh mo pheacanna mi, ach tha fuil Iosa cuir beatha na m' anam a rìs; thug mo pheacanna mi sìos gu ifrinn, ach thog fuil Iosa mi suas gu neamh; thug mo pheacanna orm fearg agus mallachd Dhe; ach thug fuil Iosa sìth agus beannachd Dhe, agus thug e dhomh cōir air uile gheallaidhean agus ghrasaibh. Mar sin, tha mi a' gabhail fois anns an fhuil sin, agus tha i a' tabhairt sìth da 'm choguis.

Nis, o 'n t-sìth choguis so tha 'n treas sìth a teachd, sìth ri neamh, sìth ri talamb, sìth ri uile chreutairean

Dhia. Tha na h-ainglean air neamh ann an sìth riut; “Tha beathaichean na machrach ann an sìth riut; tha dearbh chlachan an t-sraid ann an sìth riut.” Iob v. 23.

Agus uaith so thig sìth eile, ’nuair a dh’imicheas tu as an t-saoghal so, agus ’nuair a bheir Dia thu a dh’ionnsuidh neamh, agus ’nuair a ghabhas tu fois o d’uile shaothair, agus ’nuair a bhios gach déur air an tiormachadh o d’shuilean, agus ’nuair a ghabhas tu “fois fuídh an altair, agus an deigh dhuit a theachd troimh iomadh buairidhean agus àmhgharan, agus an ’nuair a ni thu do chuid ròbachan fada géala a nigheadh ann am fuil an Uain.” Taisb. vi. 9, 10, 11. “’Nuair a sheinneas tu ’n t-òran nùadh sin nach urra neach sam bith a sheinn ach iadsan a tha air am foghlum o Dhia,” agus ’nuair a leanas tu ’n “t-Uan ge b’e taobh an teid e,” agus ’nuair a bhios tu air do dheanamh na ’d fhear baile do ’n nuadh Ierusalem, agus ’nuair a dh’itheas tu do thoradh craobh na beatha, agus a dh’òlas tu deth thobair uisge na beatha, agus ’nuair a ghabhas tu toilinntinn ann a bhi ’g amharc Dhe do ghnath, agus far nach bi ach aon phàillion, agus ’nuair is se “Dia an teampull, agus an t-Uan an solus ann,” ann an sin bìthidh agad aoibhneas do-labhairt, agus sìth a tha dol thar gach uile thuigse. Nis, c’ar-son a ghairmear dheth “ullachadh soisgeil na sìth?” Ciod e nach dean soisgeil na sìth so thus ullamh gu a dheanamh? Ni e thu ullamh gu dol trìd an teine maille ri Sadrach, Mesach, agus Abednego. Daniel iii. Bheir e ort a dhol do gharradh na ’n leomhanaibh maille ri Daniel; bheir e ort Crìosd a leantainn ann a uile fhulangais; agus bheir e ort a dhol fad na slighe a chaidh esan. Mar sin cha ’n ’eil ni sam bith is urrainn a thoirt ort a dhol troimh an rathad is gàirbhe a bha riamh ann, ach sìth an t-soisgeil a mbain; agus mur ’eil i agad maille riut cha ’n fhad gus an cuirear an ruaig ort; mar thachair do Pheadar, do bhrìgh ’s nach robh ullachadh soisgeil na sìth mar bhrogan air a chosan, uime sin chuir dearbh ghuth cailinn shuarach eagal air, agus thug so air tuit-eam air an t-slighe?

Agus ciod e an t-aobhar gu bheil sibh cho tric a’ lùbadh ’s a’ cromadh sìos air an t-slighe? agus ciod e an t-aobhar gu bheil sibh cho tric a scalltainn air bhur ’n ais ris na h-ubhlàn òr a tha ’n diabhul cho tric a’ tilgeadh ann bhur rathad gu ’r bacadh ’n ’ur rèis? ach do

bhrìgh 's nach 'eil sibh air bhur n-eideadh le ullachadh soisgeil na sìth so. Thug so air "Maois gu 'n do threig e an Ephit gu h-ullamh, agus gu 'n do roghnaich e amhghar fhulang maille ri sluagh Dhè, roimh shòlas a pheacaidh a mhealtainn rè seal;" agus ni e thus ullamh gu a bhi a d' iochdaran umhaild do 'n "Rìgh sin a mharcaich an t-each geal, da 'n goirear dileas, agus fìor, agus a tha toirt breitheanas ann am fireantachd, aig am bheil a shuilean mar lasair theine, agus air a cheann an robh mòran chrùin, agus aig an robh ainm nach b'aithne do neach air bith ach e fein; a bha air a sgreadachadh le trusgan tumta ann am fuil, as a bheul an deach claidheamh gèur, leis an do bhual e na h-uile chinnich: agus esan a tha saltairt amair fion féirge Dhe, aig am bheil air a thrusgan agus air a leas an t-ainm so sgriobhta, "Rìgh nan Rìghre, agus Tighearn nan Tighearna." Cìodis urrainn thus' a dheanamh a' d' àon de shaighdearean, tha mi 'g radh, agus a' leantainn air each geal? Cìod e ach ullachadh soisgeil na sìth, bheir e air duine ainm Iosa a chaitheamh mar shuaicheantas, a chum 's gu 'm bi fhios aig na h-uile gur saighdear e do Iosa Crìosd, a tha na Rìgh; bheir so air a radh, aidichidh mi e fa' chomhar dhaoine agus aingle, agus gu'm bheil Crìosd na Rìgh air a chrunadh 's na flaitheanas, agus gu 'm bu choir e bhì mar an ceudna na Rìgh air a chrùnadh air an talamh.

'Nis, tha mi air teachd a dh'ionnsuidh a cheathramh mìr de 'n armachd; thar na h-uile ni, glacaibh sgiath a chreidimh, cha 'n 'e a mhain gu do dhion o na buillean, ach tha aig an sgiath so buaidh 'eile innte nach 'eil aig sgiath sam bith 'eile anns an t-saoghal, tha buaidh innte gu do dhion o uile bhuilibh an diabhuil, air dhoigh's nach urrainn iad do lot. Agus e'air-son? Do bhrìgh 's gu'm bheil thus a' caitheamh na fola sin trid creideamh. Ge do tha Dia na theine dian-loisgeach, gidheadh air dhuit-sa an fhuil a bhi agad air do chridhe, bidh dānachd agad teachd suas an lathair Dhe, agus gun eagal a bhi ort; bithidh danachd agad seasamh ann an lathair dearbh-chaithir a bhreitheanais; oir cha 'n 'eil a bheag aig r'a radh ann an aghaidh an dream sin a tha air an comharrachadh le fhuil fein; agus tha buaidh eile aig a chreideamh, 's urrainn e "uile shaighde teinteach an droch spioraid a mhuchadh." Cìod e sin? Tha saighdeas

aig an t-satan a tha e a' tilgeadh ann an cridheachan dhaoine agus mhnathan a chum an coguisean a lot gu bàs, agus gu teine a bheothachadh 's a choguis; oir aon uair 's gu 'm faigh e a cheann a steach, agus, cosmhail ri nathair chuillbheartach air crubadh ann do chridhe, ann an sin feudaidh e teine agus lasair fhadadh 'na t' anam, nach urrainn ni air neamh no air thalamh a mhùchadh ach an fhuil sin a mhain. 'Nis a chum cumail air ais na 'm buillean bàsmhoir, agus nan saighde téinteach so, cuiridh creideamh Criosd umad, a ni do chomhdachadh le fhireantachd fein, agus tha thus' ag imeachd maille ris, agus tha thu a d' chomhnuidh ann-san, agus is maiseach an t-anam sin a chuir Criosd uime, is sgiamhach an t' aite anns am bheil thu a' gabhail comhnuidh, agus gach earrainn a dh'ionnsuidh an tig thu; is sgiamhach am bòrd aig an suidh thu, agus is sgiamhach a chuideachd 'am measg am bheil thu! O is sgiamhach an t-anam sin a tha air eideadh leis an trusgan fada geal sin do fhireantachd Chriosd! Agus is sgiamhach an t-anam agus a choguis sin a tha air a glanadh ann am fuil an Uain! Mar sin is urrainn creideamh duine agus bean a dheanamh sgiamhach ann am fianuis Dhe, sgiamhach araon ann am fianuis dhaoine agus ainglean Ach ni creideamh na 's mò, 'nuair a tha 'n nathair air crubadh a steach, agus 'nuair a tha 'n gath air a shàthadh, agus an teine air fhadadh ann a t-anam, tarraingidh do chreideamh a nùas fuil Chriosd air t-anam, agus muchaidh sin an teine, leighisidh e an gath, buailidh e a mach an nathair, agus ni e thu cho slàn 's cho fallan 'sa bha thu riamh! O! cha 'n urra' mi na 's leoir fhoillseachadh dhuibh mu bhuidh a chreidimh. 'S maith do 'n duine sin no do 'n bhean sin a fhuair riamh urrad ri cudthrom a ghraine a 's lugha do chreidimh.

'Nis, air dhuinn fhaicinn gu 'm bheil a leithid do bhuidh ann an aon mhir do 'n armachd so, 'nuair a tha i air a cuir oirbh, ciod a bhuidh agus an neart ma ta, a shacilleas sibh, a tha anns an armachd uile 'nuair a chuirear oirbh i? Nis, tha fios aig Dia gur e 'n aon ni agus chuibhrinn a tha mi ag iarraidh, gu 'n cuir sibh uile oirbh an armachd so gu h-iomlain; oir cuiridh an armachd so sibh anns na neamhaidh, agus bheir i dhuibh bhur caithe-beath a bhi air neamh, maille ri ainglean, agus ri spioradan air an gloireachadh agus naoimh, agus

maille ri Crìosd, agus maille ri Dia fein. Gu 'n d' thugadh an Tighearn dhuibh e gu a chuir oirbh air sgath ainm fein. Dha-san gu 'n robh gloir, agus moladh, a nis agus gu sìorruidh. Amen.

COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

SEARMOIN XVI.

AIR COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

EPHES. vi. 15, 16, 17.—“ Agus ullachadh Soisgeil na sìth mar bhrogan agaibh air bhur cosaibh, &c.”

Gu 'n oibrich an Tighearn' an t-ullachadh sin ann 'uz cridheachan, a chum an fhirinn so èisdeachd, èisdeachd mar fhocal Dhe, agus mar fhirinn fhocail-san, oir tha e mar sin gu dearbh, agus cha 'n urrainn e pilltinn air ais gu diomhan; uime sin, na 'm b'e toil an Tighearn, b' aill leam gu 'm biodh an urrad so agaibh, gu 'n gabhadh sibh ris, cha 'n ann mar fhocal duine, ach mar fhocal an Dia sìorruidh; oir tha e na leichid do neamh-nuid, 's nach urrainn na h-uile h-ionmhas a tha fuidh neamh a cheannach.

Ach a chum na criche so, cha 'n 'eil meas air armachd ann an latha na sìth, ach ann an latha a chogaidh; uime sin bu choir dhuibh a bhì a' rannsachadh co dhiubh a tha cogadh agaibh ris an diabhl no nach 'eil; 'nis, ma tha cogadh agaibh ris, cuiridh sibh meas air an armachd so; agus ma tha meas agaibh oirre, saothraichidh sibh a chum a faotainn oirbhe.

Chuala sibh mu cheithir pàrtean no màrean de 'n armachd so:

'Sa cheud aite,—“ Crìoslaichibh bhur leasraidh le firinn;” 'se sin co-dhiubh a dh'itheas no a dh'olas sibh, no bhithess sibh air 'ur cleachdadh ann bhur gairm, no cìod sam bith a ni sibh, faicibh gu'm bheil agaibh gloir Dhe fa' chomhar bhur suilean, agus faicibh ré an là uile gu'm bheil an urrad so do dh'fhirinn agaibh ann bhur cridhe, gur urrainn duibh a radh, “ Thighearna, ann 's

duine an leth a stigh tha iarrtais agam gu seirbheis a thabhairt dhuit."

'SAN DARA H-AITE.—“Cuiribh umaibh uchd-èididh na firinnteachd,” a chum an 'nuair a chuireas an satain a d' aghaidh, nach 'eil agad ionracas, no firinn, no creidimh no aithreachas, no gràs, gu 'm feud thu a fhreagairt, “B' aill leam am maith a dheanamh, oir tha 'n toil air lathair maille rium, ge d' nach urra mi a dheanamh; oir an ni nach b' aill leam a dheanamh, 's e sin a tha mi a' deanamh, agus an ni a b' aill leam, cha 'n 'eil mi a' deanamh.”

B' E 'N TREAS NI.—“Ullachadh soisgeil na sìth a chuir mar bhrogan air blur cosaibh.” Tha 'n soisgeil so a' tairgse geallaidhean cothromach dhuit, creid, agus gheibh thu a bheatha shiorruidh, bithidh tu ann an coimh-cheangal na 'n gràs. Agus ciod e coimh-cheangal na 'n gràs? Cuiridh mi mo reachd na 'n taobh a stigh, agus sgriobhaidh mi air an cridheachan e, agus bithidh mise dhoibh-san na m' Dhia, agus bithidh iad-san dhomh-sa na 'm pobull; bithidh eolas aca ormsa uile, o 'n neach a 's lugha gus an neach a 's mò dhiubh, deir an Tighearn; oir maithidh mise an aingidheachd, agus cha chuimhnich mi ni 's mò an cionta.” Ier. xxxi. 33, 34. “Agus cuiridh mi m' eagal na 'n cridhe a chum 's nach dealaich iad gu brath rium”, (Ier. xxxii. 40.) no nach tuit iad air falbh uam. Tha iad so na 'n geallaidhean cothromach, agus bithidh Dia na Dhia dhuit, air a leithid do dhoigh 's ge' do dh'atharraicheadh no ge' do chaochailleadh tus air do thaobh fein, gidheadh cha 'n atharraich agus cha chaochail e-san dhuit-sa, oir tha e-san neo-chaochlaideach. Agus ciod e tuille a gheall e? Bithidh mise maille riut rè uile laithean do bheatha. bithidh mi maille riut 'san teine, bithidh mi maille riut ann an garadh na 'n leomhanaibh, cha 'n fhag mi gu brath thu ann am meadhon trioblaid agus geur-leanmhuinn; 'nuair a ni thu urnuigh rium, bithidh mise maille riut agus éisdidh mi riut; 'nuair a tha thu ann an cunnart, saoraidh mi thu; 'nuair a bhios cùrse do bheatha fagus do chriche, thig mi agus giulainidh mi t-anam gu pàras, far am bheil mi fein; gleidhidh mi duslach do chlosaich bhriste a chum là na h-ais-eiridh, 'nuair a cheanglas mi 'araon anam agus corp ri cheile, agus gabhaidh mi thu a dh'ionnsuidh mo luchairt, agus

bheir mi dhuit sealbh air gloir siorruidh. 'Nis air do na geallaidhean so a bhi air an comh-chuir riut fein, ni iad ullamh thu gus na h-uile ni a dheanamh; bheir na geallaidhean cothromach so ort do rèis a ruith le aoibhneas agus toilinntin: ann an sin cha teid thu air d' aghaidh le cèum mäll, ach theid thu air do thuras gu cabhagach, a dh'aindeoin air gach uile dhrisibh agus dheilgibh iaruin, agus chip-thuislidh a bhios air an cuir ann do rathad, lèumaidh tu thairis orra uile gus a chrùn sin a chosnadh a tha thu a' faicinn aig ceann do thurus.

B' E 'N CEITHREAMH pairt do 'n armachd sin. "Tha gach uile ni glacaibh da 'r n-ionnsuidh sgiath a chreidimh." Tha aig an t-àrgaid no aig an sgiath so dā bhuaidh.

'SA CHEUD AITE.—'S urrainn i uile bhuillean an diabhuil a chumail 'o do chridhe; agus a bhuaidh so cha 'n ann 'o d' chreideamh a tha i a' teachd, ach 'o chumhachd an Ti sin ris am bheil do chreideamh ag amharc; oir cha 'n 'eil anns a chreideamh ach an fhainn òr, anns am bheil a chlach luachmoir sin, a nī is e fuil Iosa Crìosd; agus is e a chlach luachmhoir sin a tha 'leigheas an lot, agus cha 'n e an creideamh, an ni nach 'eil ann ach an fhainn òr. Tha creideamh ann fein cho lag ri a h-aon 'eile deth thiodhlaican Dhe; ach do bhrìgh 's gu 'm bheil aige a bheath-bhith-bhuan, am focal fìor-ghlan, agus fuil Iosa, a bha air tùs air irioslachadh, agus na dheidh sin air a ghloirachadh, agus a tha nis air a dheanamh na's airde na na neamhan is airde, do bhrìgh, tha mi ag radh, gu 'm bheil so aige a steach ann a ghlacan, 's ann uime sin a tha aige leithid do bhuaidh cho chumhachdach agus laidir. Mar so, 's urrainn creidimh uile bhuillean an diabhuil a chumail air ais. An abair an satan, is peacach thu? Freagraidh creidimh, "thainig Crìosd a thearnadh pheacach." 1 Tim. i. 15. "Cha d' thainig Crìosd a ghairm na 'm fireanach, ach na 'm peacach a chum aithreachas." Mata. ix. 13. An abair an diabhuil, tha thus' a d' pheacach mòir, agus tha agad uallach mòr agus tròm do pheacadh air do dhruim? Freagairidh an creidimh, "thigibh am ionnsuidh-sa, sibh-se uile a ta ri saothair, agus fuidh throm uallaich, le peacadh, agus bheir mise suaimhneas dhuibh." Mata xi. 28. An abair an diabhuil, tha thu fuidh na mhallachd? Freagraidh creidimh, "Bha Crìosd air a dheanamh na mhallachadh air mo shon," a chum 's gu 'm bithinn-sa

air mo bheannachadh. An abair e-san, cha 'n fheud ní air bith neo-ghlan a dhol a steach do neamh? Their an creidimh, rinn fuil Iosa mise glan, air dhoigh 's nach fheudar mo chumail a mách. Mar so cuiridh an creid-camh an aghaidh uile bhuillean le cūngaidh-leighis a tha na cheart-aghaidh-san. 'Se sin cèud chleachdadh a chreidimh a bhi cumail air falbh uile bhuillean an dia-bhuil.

'SE 'N DARA NI, ge do bhiodh do chreuchdan sam bith cho bàsmhor, no teine feirge Dhe sam bith cho teth air lasadh 'na d' aghaidh, 's urrainn do chreidimh fuil Iosa a ghabhail agus a thilgeadh a dh'ionnsuidh na lasrach, agus an lasair 's an teine a mhùchadh. Mar so ge do bhiodh do pheacaidhean sam bith co bàsmhoir, co-dhiu is iad peacaidhean ain-eolais roimh do ghairm, no peacachadh ann an aghaidh solus do choguis an deigh do ghairm; 'seadh, gach uile pheacaidhean, a mach 'o na pheacadh sin ann an aghaidh an Spioraid Naoimh, 's urrainn do chreidimh am muchadh gu lèir, eòd sam bith co mór. An robh peacadh sam bith na bu mhò na adhaltranas Dhaibhidh, a rinn e ann an aghaidh solus a choguis, agus le'm b'aill gu subhach a mhuchadh; agus, a chum a pheacaidh sin a chomhdach, thuit e a dh'ionnsuidh peacadh na's miosa, agus chiontaich e murta? 2 Sam. xi. 4. Gidheadh do bhrìgh 's gu'n do chreid e anns a Mhesiah a bha ri theachd, rinn e aithreachas agus fhuair e trocair. An robh peacadh ann 'bu mhò na Manaseh, 2 Rìghre xxi. 3. &c. a bhris sìos altairean Ierusalem, agus a thùail an fhìor dhiadhachd agus aoradh Dhia, agus a chuir suas iodhal-aoradh, agus a thug air sraidean a bhaile a bhi ruith le fuil na 'n naoimh; 'neach a bha air son a pheacaidhean air a thabhairt ann am braighdeanas gu tìr choigreach, agus ann an sin a bhi air a thilgeadh 'am prìosan? 2 Eachd. xxxiii. 11, 12, 13. Gidheadh 'nuair a ghlaodh e ris an Tighearn as a phrìosan, agus a rinn e aithreachas air son a pheacaidhean 's an àm a chaidh seachad agus do bhrìgh 's gu 'n do chreid e anns a Mhesiah a bha air a ghealltainn, uime sin chuala an Tighearna urnuigh, agus dheoinich e dha trocair. An robh peacadh ann na bu mhò na aicheadh trì-fillte Pheadar air Crìosd? Mata xxvi. 71, 72. Gidheadh do bhrìgh 's gu 'n d' rinn e aithreachas, agus gu 'n do chreid e ann am Mac Dhe.

Fhuair e maitheanas. An robh peacaich ann ni bu mho na na daoine so, a chèus le lamhan aingidh, Tighearna na gloir? Lucas xxii. 53. Gidheadh, 'nuair a bha iad air am bioradh 'nan coguisibh, dh'iarr an t-Abstol orra aithreachas a dheanamh, agus a bhi air am baisteadh le sèulan a chreidimh. Rinn iadsan mar sin, agus uime sin fhuair iad trocair. Mar sin tha mi ag radh, ge do bhiodh do pheacaidhean cho dearg ris an sgarlaid, gidheadh tha creideamh ann am fuil Iosa comasach air an deanamh geal mar an sneachd.

'Nis an cuigeamh pairt no mìr de 'n armachd so, "Cuiridh oirbh clogaid na slainte." Ciod i an t-slainte sin? Cha d' theid mi gu siorruidh do dh'ifirinn, ge do tha mi toilltinneach air; theid mi do neamh a dh'aindeoin air an diabhal agus air uile chumhachd; bithidh mise air mo thearnadh, ge do bhios iomadh millianan do mhuintir thrèigte air an dìteadh. Ach cia mar a chuireas tu slainte mar chrùn air do cheann, a chum 's gu 'n tog thu suas do cheann 'nuair bhios an Tighearna teachd anns na nèulaibh, 'nuair a chi thu là do shaoraidh tarruing am fagus, agus an uair a chi thu neamh agus talamh 'nan lasraichean teine, 'nuair a chi thu na dùilean a leaghadh, agus na speuran air am filleadh r'a cheile mar sgròla leabhar, agus 'nuair a ghlaodhas na h-aingidh ris na creagan, "follaichibh sinn," agus ris na "cnuic tuitibh oirne." Cionnas aig an àm sin a ghlacas tu slainte ad ionnsuidh? Tha mi ag innseadh dhuit, mar a thubhairt mi roimh, thus' a bha aig àm sam bith gu firinneach air do ghairm, tha agad-sa an armachd so uile, agus na gràsan so uile, am follach an taobh stigh dhìot; eadhon cho luath sa tha thu air do ghairm, tha agad firinn ann do chridhe, tha agad fireantachd Chrìosd air a meas dhuit, agus tha fireantachd do thaobh sin air tòiseachadh annad; tha agad geallaidhean an t-soisgeil a' tairgse sìth dhuit, tha agad sìol an fhìor chreidimh thearnaidh air a chuir an taobh a stigh dhìot; tha agad mar an ceudna clogaid na slainte, a ni is e dochas an taobh a stigh dhìot; uime sin is fhuras dhuit cèum a dheanamh a dh'ionnsuidh do chridhe, agus dòchas a ghabhail ad ionnsuidh, a ni a tha air a ghairm, "Clogaid na slainte," do bhrìgh 's gu 'm bheil thus' aig am bheil dòchas, a chéana air do thearnadh. Mar sin, thus' aig am bheil creidimh, tha agad-sa mar an ceudna slainte,

ann a mhead-sa ma dh'fheudas am Mac a bhi air a dhiteadh, cho luath is sin a dh'fheudas tusa bhi air do dhiteadh; agus am bheil e so-dheanta gu 'n tig an Tighearn 'o neamh a bhasachadh a rìs, cho luath is sin, ma ta, a dh'fheudas tusa a bhi air do dhamnadh. 'Seadh, tha mi ag radh riut, mus biodh tu air do dhamnadh, bu raoghnaich leis an Tighearn a theachd agus bāsachadh a rìs; 'nì a tha do-dheanta.

'Nis, ciod e dòchas? Cinnteachd àraidh aig èiridh 'o do chridhe; air a steidheachadh a mhain air gras Dhe, gu 'm bi uile gheallaidhean a throcair ann an Crìosd, air a coimhlionadh annad-sa, agus gu 'm bi uile bhreitheanasan Dhe air an coimhlionadh air do chuid-sa agus air a chuid-sa naimhde; mar sin, ma ta, a chum gabhail clogaid na slainte so, cha 'n 'eil tuille agad r'a dheanamh ach amharc a dh'ionnsuidh do chridhe, agus a thoirt a mach agus a chaitheamh, ith agus òl, dūisg agus coidil, èisd agus dean urnuigh, agus dean na h-uile nithe a nì thu mar dhuine a tha' feitheamh gach lā air son teachd an Tighearn, mar dhuine tha do ghna ag amharc c'uin a bhitheas na neamha air an rèubadh, agus a thig an Tighearn anns na neulaibh a thabhairt breith air an talamh uile; mar dhuine tha do ghnath a' cuir a mach a cheann a' sealltainn air son la na slainte; mar so cuir umad dochas agus cha tuit thu gu brath air falbh 'o Iosa; cuir umad dochas, agus cha bhi thu as-cumhais an spiorad; cuir umad dòchas agus saltraichidh tu satan fuidh do chosan; cuir umad dòchas, agus cha bhi thu gu brath air do chuir gu nair.

'Nis, 'se 'n seathamh mīr de 'n armachd so, "Glac-aibh claidheamh an Spioraid, a nì is e focal Dé." Tha aig a chlaidheamh so da-fhaobhar, leis an dara h-aon ciurraidh e, agus leis an aon eile marbhaidh se. Tha 'n claidheamh so cho gēur, agus gur urrainn e an smear cadar-sgarradh bho na cnamhan. 'S iongantach cumhachd a chlaidhe so. 2 Coriut. x. 4. 'S urrainn e uachd-aranachdan agus cumhachdan a bhualadh sìos, agus na h-uile dhaighneachd-laidir, agus na h-uile nì a tha air ardachadh ann an aghaidh fìor eolas Dé; agus 's urrainn e gach smūain a thabhairt ann am braighdeanas a chum ùmhlachd Chrìosd; agus tha dioghaltas Dhia aig ann an ullachadh an aghaidh gach uile eus-umhlachd. Tha claidheamh so an fhocail comasach air do dhion ann an

aghaidh do naimhde uile, agus ann an aghaidh uile bhuaireidhean an t-satain. Ach 's ann an so a tha an cunnart uile, 's iomadh iad aig am bheil claidheamh, agus a tha 'g an ciurradh fein leis, do bhrìgh 's nach urrainn doibh a chleachdadh; mar so 's e 'n t-seoltachd gu leir a chleachdadh gu ceart, agus mar a ghabh Daibhidh claidheamh Gholiah, agus a mharbh se e le a chladheamh fein, (1 Sam. xvii. 51.) eadhon mar sin feudaidh an diabhl claidheamh an fhocail a ghabhail, agus buille bhàsmhoir a thabhairt dhuit leis. C'ionnas a chleachdas tu e gu ceart? Dean eadhon mar a rinn Muire, Lucas i. 19. Bheachd-smuainich i air briathra, Chrìosd, agus thaisg i suas iad ann a cridhe. Dean mar a rinn Daibhidh. Salm cxix. 92. A thubhairt, “mur biodh gu 'm b'è do lagh mo thlachd, an sin gheibhinn bàs ann am amhghar. O cia ionmhuinn leam do lagh-sa! S ann air a tha mi a' beachd-smuaineachadh do ghnath; le t-aith'ntean rinn thu mi na 's glìce na mo naimhde, oir tha iad do ghnath leam.” (97, 98, 99). “Tha mi na 's glìce na 'm uile luchd teagasg, tha na 's mo thuigse agam na th'aig na Seanair-ean, do bhrìgh 's gu'm bheil mi a' gleidheadh do reachdan. Cia milis do gheallaidhean do mo bhèul! 'Seadh na 's mìlse na a mhil, na cìr na meala. Tha t-fhocal na lochran do mo chasaibh, na sholus do mo cheumanaibh. Tha m'anam do ghnath ann mo lamh, gidheadh nìor dhearmaid mi do lagh. Do theisteachas ghabh mi mar m' oighreachd gu brath, oir is iad gairdeachas mo chridhe.” Dean mar a thubhairt an t-Abstol a rinn na Tesalonianich. (1 Tesalon. ii. 13.) “Uime sin tha sinn mar an ceudna toirt buidheachas do Dhia gun sgur, do bhrìgh 'nuair a ghabh sibh ri focal Dé a chuala sibh uainne gu'n do ghabh sibh ris, cha'n ann mar fhocal dhaoine, ach (mar is e gu firinneach) focal Dhe, a tha 'g oibreachadh gu h-eifeachdach annaibh-se a ta' creidsinn.” Dean mar a ta 'n t-Abstol aig earalachadh air na Colosianaich—iii. 16.—a dheanamh, ag radh, “gabhadh focal Chrìosd comhnuidh annaibh gu saobhir, 'san uile ghliocas a' teagasg agus a' comhairleachadh a cheile le Salmibh, agus Laoidhibh, agus dānaibh Spioradail, a' deanamh ciùil do'n Tighearn le grās ann bhur cridhe.” Dean mar a tha 'n Tighearna ag aithne dhuit. Deut. vi. 6, 7, 8, 9. “Agus bithidh

na briathra so, a tha mi ag aithneadh dhuit an diugh ann ad chridhe ; agus teagaisgidh tu iad do d' chloinn, agus labhraidh tu orra 'nuair a shuidheas tu ad' thigh, agus 'nuair a dh'imicheas tu air an t-slighe, agus 'nuair a luidheas tu sìos, agus 'nuair a dh'eireas tu suas, agus ceanglaidh tu iad mar chomharadh air do laimh, agus bithidh iad mar eudnain eadar do shuilibh ; mar an ceudna sgrìobhaidh tu iad air uirsinnibh do thigh, agus air do gheataibh, a chum 's gu'n amhaire thu orra 'nuair a theid thu steach, agus a nuair a thig thu mach." Dean mar a dh'aithn an Tighearna do Iosuah—i. 7, 8. "A mhain bi-sa laidir agus gle mhisneachail, a chum gu'n toir thu 'n aire gu'n dean thu a reir an lagha uile a dh'aithn m'oglach Maois dhuit, na tionndaidh uath a dh'ionnsaidh na laimh-deise, no dh'ionnsuidh na laimh-clithe, chum 's gu'n soirbhich leat anns gach aite d'an d' theid thu : Cha d' theid leabhair an lagh so as do bhèul, ach beachd-smuainichidh tu air a latha agus a dh'oidheche, chum gu'n d' thoir thu 'n aire gu'n dean thu a reir gach ni a ta sgrìobhta ann ; oir an sin bheir thu air do shlighe soirbheachadh leat, agus an sin ni thu gu glice."

Mu dheireadh de 'n a h-uile, dean mar a rinn do Thighearn agus do Mhaighstir, 'nuair a bhuaire an Satan e ; thug e do ghnath a' mach am focal agus chuir e na aghaidh leis. Dean thus eadhon mar sin 'an uair a b' aill leis do bhuaireadh gu peacachadh, tilg air do ghnath am focal anns na faclaibh. Am buair e thu le ardan ? Thoir a mach focal Dhe. I Phead. v. 5. "Tha Dia ag cuir 'an aghaidh na 'n uabhrach, agus a' tabhairt gràs do 'n mhuinntir iriosal." An dean e do bhuaireadh le 'eagal agus mi-chreideamh ? Thoir a mach am focal, "Bithidh aig na gealtaich, na h-eus-chreidmich, agus a mhuinntir ghraineil, an cuibhrinn anns an loch a ta 'dearg-lasadh le teine agus le pronnag, ni is e an dara bàs." Am buair e thu le curamaibh an t-saoghail so ? Thoir a mach am focal, "Na biodh ro-churam oirbh air son bhur beatha, ciod a dh'itheas sibh, no dh'òlas sibh, no mu thimechioll bhur cuirp, ciod a chuireas sibh umaibh : nach mo a bheatha na 'm biadh, agus an corp na 'n t-èudach ? Amhaireibh air èunlaith an athair ; oir cha chuir iad sìol, agus cha bhuaire iad agus cha chruinnich iad ann an saibhlibh, gidheadh a ta bhur

n-Athair neamhaidh-sa ga 'm beathachadh. Nach fearr sibh-se gu mòir na iad-san? Agus co agaibh-se le mòr churam a dh'fheudas aon laimh-choille a chuir r'a airde fein? Agus c'arson a ta sibh ro-churamach mu thimchioll bhur culaidh? Foghlumaibh cionnas a ta na lilighean a' fàs sa mhachair; cha shaothraich iad, agus cha shniomh iad. Gidheadh a ta mise ag radh ribh, nach robh Solamh fein 'na uile ghloir, air eudachadh mar aon diubh so. Air an aobhar sin, ma tha Dia mar sin a' sgeadachadh féoir na machrach a ta 'n diugh ann, agus am maireach air a thilgeadh 'san àmhuinn, nach mo na sin a sgeadaicheas e sibh-se, a dhaoine air bheag creidimh? Uime sin na bithibh lan do chūram, ag radh, ciod a dh'itheas sinn? no ciod a dh'òlas sinn? no ciod a chuireas sinn umainn? (oir iad so uile iarraidh na Cinnich) oir a ta fios aig bhur n-Athair neamhaidh gu'm bheil feum agaibh air na nithibh so uile. Ach iarraibh air tūs rioghachd Dhe agus fhireanntachd-san, agus cuirear na nithe so uile ribh. Uime sin na biodh ro-chūram oirbh mu thiomchioll an la maireach, oir bithidh a lan do chūram air an la maireach mu thimchioll a nithe fein; is lecir do 'n la ole fein." Mata vi. 25—34. Thoir a mach am focal, na bitheadh eagal ort a threud bhig, oir is e toil 'ur n-Athair an rioghachd a thabhairt dhuibh." Thoir a mach am focal,—deanaibh saothair, cha 'n ann air son a bhidh a theirgeas, ach air son a bhidh a mhaireas a chum na beatha sìorruidh a bheir Mac an duine dhuibh, oir esan shèulaich Dia an t-Athair. Eoin vi. 27.

Thoir a mach am focal, "Uime sin, air dhuinne biadh agus éudach a bhi againn, bitheamaid toilichte leo-sin; ach an dream le 'n aill bhi beartach, tuitidh iad ann am buaireadh, agus ann an ribe agus ann an iomadh anamiann amaideach agus ciurail, a bhathas daoine ann am milleadh agus ann an sgrios. Oir is e gàol an airgid frèumh gach uile; ni am feadh a mhiannaich dream arraidh, chaidh iad air seachrain o 'n chreideamh, agus throimh lot siad iad fein le iomadh cràdh. Ach thus' O oglaich Dhe teich 'o na nithibh sin; agus lean fireantachd, diadhachd, creideamh, gradh, foighidin, ceann-sachd; Comhraig, deadh chomhrag a chreidimh, gabh greim de 'n bheatha mhaireannach, chum mar an ceudna an do ghairmeadh thu." 1 Tim. vi. 8, 9, 10, 11, 12.

“Tilgibh bhur 'n uile chūram air-san, oir tha e 'gabhaib' cūram dibh.” 1 Pead v. 7. “Tilg thus' air an Tigh-earn do churam, agus cumaidh esan suas thu, cha leig e am feasd do 'n fhìrean a bli air a ghluasad.” Salm lv. 22. Am buair e thu le gaol an t-saoghail so, agus le a chairdeas? Thoir a mach am focal, Mata x. 37, 38. “An ti a ghradhaicheas athair no mhathair ni 's mo na mise, cha 'n arraidh ìrm e: agus an ti a gradhaicheas mac no nighean os mo cheann-sa, cha 'n arraidh ìrm e,” deir Crìosd. “Agus an ti nach glac a chrann-cèusaidh, agus nach lean mise, cha'n araidh orm-se e; agus co-sambith a ghabhas naire dhiomsa agus dheth m' fhocalaibh, 'am measg a ghinealach adhaltranach agus pheazach so, dheth-san mar an ceudna gabhaidh Mac a duine naire 'nuair a thig e ann an gloir Athair' maille ris na h-ainglibh naomh.” Thoir a mach am focal. 1 Eoin ii. 15, 16, 17. “Na gradhaichibh an saoghal no na nithe a ta 'san t-saoghal. Ma ghradhaicheas nach air bith an saoghal, cha'n 'eil gradh an Athair ann; oir na h-uile a ta anns an t-saoghal, ana-mhiann na feòla, agus ana-mhiann na'n sùil, agus uabhar na beatha, cha'n ann o'n Athair a tha iad, ach o'n t-saoghal. Agus siubhlaidh an saoghal seachad, agus 'ana-mhiann: ach an ti ni toil De maridh e a choidhche.” 'A m buair an satan thu gu fearg? Thoir a mach am focal, Marc ix. 24. “Na rachadh a ghrian sìos air do chorruich:” thoir a mach am focal so “biodh fearg ort agus na peacaich.” An abair e, cha 'n 'eil thu a creidsinn; agus uime sin cha bhuin thu do 'n ghealladh? Thoir a mach am focal, “Thigearn, tha mi a creidsinn, Thigearn, cùidich thus' le 'm mhi-chreideamh.” Am buair e thu le an-earbsa, do bhrìgh meud do pheacaidhean? Thoir a mach am focal, Mata xi. 28. “Thigibh da 'm ionnsuidh-sa, sibhse uile a ta ri saothair, agus fuidh throm uallaich agus bheir mise suaimhneas duibh.” Am buair e thu le mi-thaingeachd? Thoir a mach am focal, “Deanaibh faire agus ùrnuigh do ghnath; anns gach uile nithe thugaibh buidheachas.” Am buair e thu le dearmad? Thoir a mach am focal. 'Nuair a theid thu a steach a dh'ionnsuidh na tìr a tha sruthadh le mìl agus bainne, a gheall an Tighearna do Dhia dhuit; bi air t-fhaicill ma ta nach di-chuimhnich thu an Tighearna do Dhia. Am buair e thu le briseadh na Sabaid? Thoir a mach am focal,

“ Bha ’n t-Sabaid air a deanamh air son an duine, agus cha ’n e an duine air son na Sabaid ; uime sin is Tigh-earn Mac an duine air an t-Sabaid.”

’Nis, ’se so ’ur truaighe, nach urrainn sibh feum a dheanamh de’ dh’fhocal Dhe ; oir ge do bhitheadh agaibh urrad do sholus agus do dh’ionracas ’sa bh’aig Adhamh, agus ge do bhiodh agaibh urrad do ghliocas ’sa bh’aig Solamh, mur bi agaibh am focal sgriobhta so ullamh gu a thabhairt a mach, bithidh sibh air bhur mealladh ; ach tomhaisibh so le fuil agus feoil, agus cha shàoil sibh e ach na inneal chogaidh lag ; ach an d-thoir sibh breith gu ceart, agus gheibh sibh am focal so na ’s cumhachd-aich, na bhur n-uile bheachd-smuainte, bhur n-uile urnuighean, agus bhur n-uile bhreith-bhuidheachais, no ciod sam bith is urrainn sibh a dheanamh a chum seirbheis Dhe a chuir air aghaidh, agus a chum buaidh a thabhairt air buairidhean an diabhail.

’Se ’n seachdamh, agus an earrainn mu dheireadh do ’n armachd so urnuigh, agus tha e air a chuir anns an aite mu dheireadh, do bhrìgh as-èugmhais urnuigh nach dean càch uile feum air bith. Teagaisgidh urnuigh dhuit cionnas a chaitheas tu a chuid eile do t armachd uile ; teagaisgidh ūrnigh dhuit cionnas a chuireas tu umad t-armachd, agus cionnas a chumas tu umad i ’nuair a bhitheas i agad, mar so ’se urnuigh an gràs is eifeachd-aich, dhiubh uile. Rinn urnuigh Mhaois na ’s mo na b’ urra Iosua, na uile dhaoine taghta Israeil a dheanamh ann an aghaidh na ’n Amalecich, oir ’n uair a chum Maois suas a lamhan, bhuaidh Israeil, ach ’n uair a leig e sìos a lamhan, bhuaidh Amalec. Exod. xvii. 9, 10, 11. Eadhon mar sin, anns an uair anna failnich thus’ ann an urnuigh, anns an uair sin buaidh an diabhail ; ach mar a dh’fhasas tu ann an urnuigh, mar sin tha gràs a’ fàs air do shon, agus a’ dol a meud annad, dearbh shradan teine an eud agus gaoil Dhia, a tha ’n Spiorad Naomh a’ cuir ann do chridhe, tha e air doigh araidh ’g an cuir ann do chridhe ’n uair a tha thu ag urnuigh.

Mar so ’s mòr cumhachd na h-urnuigh. Shaoileadh sibh-se a ghrian luath, ach tha urnuigh na’s luaithe. Iosua x. 12. Rinn Iosua urnuigh, ‘ Agus sheas a ghrian ann am meadhon neimh, agus cha d’rinn i cabhag gu dol sìos air son à iomlain, ach an d’fhuair Iosua buaidh air

a naimhdibh uile.' Shaoileadh sibh-se an fhairge domhain; rinn Ionah urnuigh a broinn na muice-mara ann am meadhon a chuain, agus chuala an Tighearn e, agus thug e air a mhuc-mhara a theachd gu tìr, agus thug e mach e slàn fallan. Ionah ii. 2. "Rinn Elias urnuigh nach biodh uisge ann air son trì bliadhna; agus a ris rinn e urnuigh gu'm biodh uisge ann, agus bha uisge ann." Rinn Pòl agus Silas urnuigh anns a phrìosain, agus bha crith mhoir thalmhainn ann, air a leithid do dhoigh 's gu 'n do chrathadh bunaitean a phrìosan, agus gu h-obann dh'fhosglaidh dorsan a phrìosain, agus dh'fhuasgladh ceanglaichean gach aon dhiubh. Gnìomh x. 25, 26. Rinn an Eaglais urnuigh air son Pheadar, 'n uair a thilg Herod ann am prìosan e, agus chuir an Tighearn aingeal da ionnsuidh, a dh'iarr air eiridh gu grad agus a theachd air falbh, "air dhoigh 's gu'n do thuit a shlabhruidhean deth a lamhan;" mar sin thug an t-aingeal e a dh'ionnsuidh "geata iarruinn a bhaile, a dh'fhosgail da leis fein," agus mar sin bha Peadar air a shaoradh. Gnìomh xi. 7, 8, 9, 10. Mar so, 's mor na h-iongantasan a dh'oibrich urnuigh o'n toiseach. Ach innsidh mi dhuibh mu na cinn, ann am briathra goirid, air am bheil a rùn orm labhairt mu thimchioll urnuigh.

ANNS A CHEUD AITE,—innsidh mi dhuibh cìod e urnuigh.

'SAN DARA II-AITE,—innsidh mi dhuibh mu na h-aobh-airean gu bhur gluasad suas chum urnuigh.

'SAN TREAS AITE,—innsidh mi dhuibh cuid do riaghailtean urnnigh.

'SA CHEITHREAMH AITE,—innsidh mi dhuibh an doigh air am bu choir duibh ùrnuigh a dheanamh.

'SA CEUGEAMH AITE,—tha rùn orm innseadh mu na h-aobhneis a gheibh sibh le urnuigh. Anns an àm cheudna, tha mi guidh oirbh an armachd so a chuir umaibh; am feuch sibh ris air son aon latha, no mur urrainn sibh a ghiulain là iomlain, gidheadh feuchaibh an armachd so leth latha, agus mur urrainn sibh a giulan air sòn leth latha, gidheadh an dean sibh ach a feuchainn air son uair na dha? Agus o'n àm sin gheibh sibh ni 's mo do ghairdeachas agus do chomhfhurtachd, agus ni 's mo do neart na bha agaibh riamh roimh rē uile laithean bhur beatha a bha sibh as a h-eugmhais; agus

an caith sibh i air son àm bhur cuairt agus bhur cogaidh, ni nach 'eil ach goirid? Agus air aon latha beannaichidh sibh an Tighearna a smuainich riamh sibh fiughail air bhur cuir anns a chogadh so, agus a chum gleachd, fuidh an t-suaicheantas so, agus air cogadh a dheanamh fuidh bhratach a Mhic Iosa Crìosd. Dhasan, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, gu 'n robh gach uile mholadh agus glòir, a nis agus gu sìorruidh. Amen.

COMHRAG A CHRISDUIDH.

SEARMOIN XVII.

AIR COMHRAG A CHRISDUIDH.

EPHES. vi. 18.—“A' deanamh urnuigh a ghnath leis gach uile ghne urnuigh agus aslachaidh 'san Spiorad, agus a' deanamh faire chum an nì so fein maille ris gach uile bhuanachadh, agus ghuidh air-sou na naoimhe uile.

A phuing fa' dheireadh a bha air fhagail dh'inn de' n armachd so a dh'fheumas sibh a bhi oirbh, na 'm b'aill leibh a bhi 'cuir cathan an Tighearn do ghnath, agus aig a' chrìoch an crùn fhaotainn, 'se sin urnuigh. Ach b'aill leam gu 'n cuimhnicheadh sibh na h-earrannan roimh de' n armachd so mar an ceudna, agus b'aill leam gu 'n cuireadh sibh oirbh uile i, eadhon air an latha so fein; ach gus an leig an Tighearna ris dhuibh feum na h-armachd so, cha ghabh sibh gu bràth saothair a chum a caitheamh; oir 'se so aon de' dh'innleachdan an t-satain, gu 'm bacadh e sibh o' ur n-armachd a chuir umaibh. Ach a (mhuinntir mo ghraidh) na bithibh na's fhaide air bhur mealladh leis, agus mur do chuir sibh oirbh fathasd i, no ma chuir sibh dhìbh a rìs i, an deigh dhuibh a cuir oirbh aon uair; gidheadh air son sin. fathasd eadhon a nis fein cuiribh oirbh uile armachd Dhe air an là an diugh; cuiribh oirbh firinn, agus crìoslaichibh bhur leasraidh leis; cuiribh umaibh fireantachd agus comhdaichibh bhur n-uchd leis; an sin cuimhnicibh na geallaidhean mòra a rinn Dia dhuibh anns an

t-soisgeil, agus cuiribh iad mar bhrògan air bhur casan, a chum 's nach d' thoir taitneasan na beatha so oirbh suidh sìos, no 'ur bacadh ann bhur rèis, agus a chum 's gu 'm bi sibh comasach air leūm thairis air gach uile chreagan agus chip-thuislidh a bhios air a chuir ann bhur rathad; a reisd, thar gach uile nì, gabhaibh d' ar n-ionnsuidh sgiath a chreidimh, agus an aghaidh uile bhuaireidhean an diablul cum do ghna Crìosd; oir mar nach robh e comasach air buaidh fhaotainn air-san anns an fhasach, cha mho a bhitheas e comasach air buaidh fhaotainn orra-san a ta ann an Crìosd; agus ma bhios a h-aon dhibh air 'ur leonadh troimh amaideachd neo-chaitris, agus dith-faicill duibh fein, gabhaibh an fhuil sin agus comh-chuiribh ri 'ur lotan i, oir is urrainn i an leigheas, agus is urrainn i "uile shaighdean teinnteach an droch spioraid a mhuchadh," 'seadh, mur urrainn thu a faotuinn mar a tha thu an dùil, agus mur dana leat do lamhan salach a chuir oirre, gidheadh seall suas ris an fhuil sin le sùil a chreidimh agus leighisidh si gath do choguis, mar a rinn iadsan nach d' rinn ach sealltainn ris an nathair umha, a bha na samhladh air Crìosd, bha iad air an leigheas 'o lot na 'n nathraichein teinnteach anns an fhasach. Aireamh xxi. 8, 9. Ann an sin gabh clogaid na slainte, gabh dòchas nach teid thu gu bràth a mugh; dochas gu 'n lean thu gus a chrich; dochas gu 'm bàsaich thu anns an Tighearn; dochas gu 'm bi t-anam air a ghiulan gu uchd Chrìosd, agus gu 'm bi do chorp air a ghleidheadh anns an uaigh a dh'ionnsuidh a bhreitheanais dheireanach; dochas gu 'n eirich thu a rìs, agus gu 'm bi t-anam agus do chorp air an aonadh a rìs r'a cheile, agus gu 'm bi do chorp air a chumadh agus air a dheanamh cosmhail ri corp glormhoir Chrìosd; dochas gu 'n suidh thu air caithir maille ri Chrìosd a chum breith a thabhairt air dā-threubh-dheug Israeil; agus dochas gu 'm faigh thu crùn de' ghloir shiorruidh. An deigh sin b' e a phuing mu-dheireadh, "Gabh focal De," claidheamh rùisgte sin an Spioraid, a dh'ionnsuidh do lamh, agus do ghna, 'n uair a bheir an namhaid ionnsuidh ort, biodh agad am focal do ghna ullamh, a chum leis gu 'n toir thu dha buille air ais. Nis, gu'n deonaicheadh Dia gu 'm b' urra dhuibh toilinntinn a ghabhail gu leughadh, gu labhairt, agus gu beachd-smuaineachadh a là agus a dh'òiche air an fhocal sin,

agus an sin gun t-eagamh bithidh sibh beannaichte, mar a tha Daibhidh ag radh. Sairm i. 1, 2. "Is beannaichte an duine sin nach gluais ann an combairle na 'n aingidh, agus nach seas ann an slighe na 'm peacach, agus nach suidh ann an caithir luchd-fanoid." Ciod eile tha e deanamh, ma ta? Tha e air innseadh san dara rann, "Ach aig am bheil tlachd ann an lagh an Tighearn agus a smuainicheas air a lagh-san a là agus a dh'oidhche." Nis, ciod e so a bhi beachd-smuaineachadh araon a là agus a dh'oidhche? Feudaidh e a bhi nach 'eil sibh uile tuigsinn so, innsidh mi dhuibh air an aobhar sin, ciod is ciall dà; tha e a' beachd-smuaineachadh a là agus a dh'oidhche air lagh an Tighearn, air dha a bhi ag itheadh no ag èl, 'na chodal no 'na dhuisg, a' luidhe sìos no ag eiridh suas, aig a bhaile no bho' na bhaile, tha aige do ghna focal Dhe gu a bhi na fhear iuil da, agus a bhi na lochran d'a chasan; agus cha 'n 'eil smuainte air an fhocal sin a' dol idir a mach as a chridhe, tha e co' milis da bheul, 's nach mallairtich-eadh se e air son a mhil, na cìr na meala, uime sin tha e a' gabhail tlachd ann a bhi 'ga leughadh, tha e a' gabhail tlachd ann a bhi labhairt air, agus tha e a' gabhail tlachd ann a bhi a' cuimhneachadh agus a beachd-smuaineachadh air.

'Nis tha agaibh aithn fhollaiseach Dhia a chum so a dheanamh, mar ann an Deut. vi. agus xvii., agus ann an Iosua i. 8., chi sibh ciod a tha air a radh mu na mhnai shubhailceach ann an Gnath. xxxi. 26. "Fosgailidh i a beul le gliocas, agus tha lagh a chaoimhneis air a teangaidh;" 'se sin, tha i a' gabhail tlachd ann a bhi labhairt air focal Dé. 'Nis (a mhuinntir mo ghraidh) deanaibh-se mar a rinn a bhean so, cha chuir so bacadh air bhur gairm, ach na 's roghnaich a chuir air aghairt.

Am bi sibh a' labhairt air focal Dhe 'nuair a tha sibh a' cardadh, no a' sniomh air a chuidhle, no ciod air bith nithe tha sibh a deanamh, air taobh stigh no air taobh muigh an tigh, 's an t-sabhal no 'sa bhaigheach, aig a bhaile no bho 'n a bhaile, biodh do ghnaith focal a ghràis ann bhur bilibh. Sibh-se a's urrainn leughadh, nach gabh sibh leabhar Dhia agus leughaibh dha no trì do loineachan dheth do chach, agus labhraibh mu thimchioll riu, agus sibhse a tha foghlumte teagaisgibh iadsan a tha neo-fhoghlumte; agus sibhse a ta aineolach, feor-

ichibh riu-san a tha foghlumte, agus iarraibh orra bhur ceistean fhuasgladh, agus bu choir dhuibh so a dheanamh, agus tha lagh Dhia ga 'r ceangal gu a dheanamh, agus na 'm b' urra dhuibh a theachd gu eolas air so, ann an sin bu choir dhuibh a radh maille ri Daibhidh. Saim cxix. 97. O Thigearn', "Cia ionmhuinn leam do lagh ! is e do ghnath mo smuaintibh." Agus ma bha a leithid do thaitneas aig Daibhidh anns an lagh, nach robh ach mar sgail agus mar litir mharbh, ciod e an toilinntinn bu choir dhuibh-se a bhi agaibh anns an t-soisgeil, a ni is e am brigh, agus a tha tabhairt Spiorad agus beatha da rirleadh ? Tha fhios agam gu'm bi leughadh, agus eisdeachd, agus labhairt mu'n fhocal neo-thaitnach agus na sgios dhuit-sa aig am bheil do chridhe air a lionadh leis an t-saoghal so, air a leithid do dhoigh 's nach urrainn dhuit tuille a chumail ; oir duine a tha gu teinn, agus aig am bheil a stamag air a lionadh agus sàsaichte le iongar shallach, ni dearbh bholadh a bhiadh a lionadh suas ; eadhon mar sin, cho fada sa tha 'ur cridheachan air an lionadh le curaman agus toilinntinn shoghainhoir na beatha so, cha 'n 'eil aite ann 'ur cridhibh do dh'fhocal Dhe. Mar sin feumaidh sibh bhur cridheachan a ghlanadh agus 'ur stamagean fhalamhachadh, mu 's dean focal Dhe gu brath feum air bith dhuibh ; mur sin mur bi agaibh-se ionracas agus firinn anns an duine an leth a stigh ; mur 'eil agaibh fireantachd a' comhdachadh bhur cridhe ; mur bi bbur casan air an eideadh le geallaidhean an t-soisgeil ; mur 'eil agaibh creideamh ann am fuil Iosa ; mur 'eil agaibh dochas anns a ghloir gun chrìoch sin ; cha d'thoir sibh gu bràth sibh fein seachad gu mor, do eisdeachd, do leughadh, do bheachd-smuaineachadh, no do chomhlabhairt air an fhocal ; agus ge do thigeadh sibh a dh'eisdeachd air-son tamull, gidheadh mur bi bhur cridhe glan, cha dean bhur n-eisdeachd feum air bith dhuibh.

Mar sin, a mhuinntir mo ghraidh, thar na h-uile nithe cumaidh bhur cridheachan glan.

'Nis feoraichidh sibh, cionnas a chumas sibh bhur cridheachan glan ? Leis na meadhonaibh so gleidhidh sibh bhur cridheachan glan.

'Sa cheud aite. Gleidhibh do ghnath gaol Dhe ann bhur cridheachan, agus biodh mothachadh air a ghradh

sin do ghnath ùr ann bhur n-anama, agus cumaibh daighean an dearbheachd so ann bhur cridheachan ; is es-san mo Dhia, agus is mise a leanabh-sa ; is es-san mo shlanuighear, agus tha mis n'am aon a cheannaich e le fhuil ; is e-san mo bhuachaill-sa, agus tha mis an aon deth a threud-sa. 'Nis ni mothachadh air an dearbhachd so do chridhe a chumail do ghnath fosgailt a chum gabhail ri grasan Dhe a tha air an tairgse ann a fhocal.

'San dara h-aite. Bithibh do ghnath ullamh a chum gach uile dheadh oibre, agus 'nuair a dh'fhailnicheas sibh ann an obair mhaith sam bith, no ann am pūing sam bith de 'ur dleasan aon-chuid troimh dhearmaid no troimh thair air na meadhonaibh ; ann an sin ruithibh a dh'ionnsuidh an eadar-mheadhonair, agus iarraibh air bhur comhdach le fhireantachd fein, agus maitheanas a cheannach dhuibh air son bhur oilbheumaibh, agus bhur n-anama truailidh ionnluid le feartain fhola.

'San treas aite. Gleidh do ghnath na geallaidhean a rinn Dia dhuit ann an Críosd, gleidh iad do ghnath ann do chridhe, cuir iad do ghnath fa' chomhar do shuilean, agus smuainich do ghnath gu'm bun iad dhuit fein.

'Sa cheathreamh aite. Le creidimh tha'n cridhe air a dheanamh glan ; gabhaibh so mar na meadhonan son-ruichte gu 'ur cridheachan a ghlanadh ; deanaibh greim air fuil Iosa, ge d' bhiodh 'ur cridheachan ciod sam bith co salach 's co lòbhrach, 'seadh, ge nach bitheadh annta ach ùamhaibh do dhiabhailibh ann am feoil, agus air an lionadh do spioradain neo-ghlan, gidheadh tha'n fhuil sin comasach air an cuir uile a mach, agus an cridhe a dheanamh glan, a chum 's gu'm bi e na theampull do a spiorad fein a chum combhuidh a ghabhail ann.

'Sa chuigeamh, agus anns an aite mu dheireadh, 'cuiribh elogaid na slainte umaibh,' ni a dh'fheudas 'ur misneachadh a chum saothair agus curam a ghabhail mu thimchioll bhur cridhibh ; agus an deigh sin gabhaibh am focal fein, agus cuidichidh e gu 'ur cridheachan a ghlanadh. Naombaich iad leis an fhirinn,' deir 'ar Slanuighear,. Eoin xvii. 17. " Oir 'se t-fhocal-sa 'n fhirinn.

Nis, a mhuinntir ionmhuinn, tha mi 'guidhe oirbh, air son uile ghradh agus throcairean Dhe a bhuileachadh oirbh, agus air son a ghloir ris am bheil dochas agaibh

a bhios air fhoillseachadh dhuibh air aon là, cuimhnichibh gur e so àm bhur cuairt, agus laithean bhur cogaidh, agus cuimhnichibh mar an ceudna gu 'm bheil crùn roimhibh, nach faigh sibh gus an ruig sibh crìoch bhur cuairt, agus cha do chrìochnaich sibh fathast bhur rèis, agus feumaidh sibh do ghnath a bhì ruith am feadh sa tha sibh an so ; oir saoilidh sibh bhur n-uile shaothair agus imeachd gu maith air a bhuileachadh, 'n uair a chì sibh an crùn sin air a chuir air 'ur cinn, agus 'n uair a bhitheas sibh air bhur cuir ann an séilbh air a ghloir sin a tha nis air fhollach oirbh, ris am bheil dochas agaibh a dh'fhoillsichear dhuibh air aon là.

Nis, tha mhain an earrann mu-dheireadh 'de'n armachd so gu a bhì air a labhairt ùimpe, an nì 'se urnuigh ; dean so, agus nì thu càch uile ; uime sin, tha'n t-Abstol a' cuir so anns an aite mu dheireadh, mar an nì is ro-fheumail, agus as-eugmhais so, cha dean a chuid eile feum air bith ; do bhrìgh 's nach e do ghrasan anns an àm a chaidh seachad, 'se sin r'a radh, cha'n e t-fhirinn, cha'n e t-fhireantachd, cha'n e na geallaidhean, cha'n e do chreideamh, cha'n e do dhèchas, cha mho is e am focal, a chumas suas thu ann an là do bhuaireadh, ma tha thu as eugmhais urnuigh. C'ar-son ? Do bhrìgh 's gu 'n cuir buairidhean nuadh feum air grasan nuadh, agus is ann le urnuigh a mhain a tha grasan Dhe air an ath-nuadhachadh. "Gairm orm-sa," deir an Tighearn, ann an "la na trioblaid, agus èisdidh mi riut ;" a rìs, fa'chomhar sin, mur gairm thu orm ann an là na trioblaid, cha 'n eisd mi riut ! "Deanaibh caithris agus urnuigh," a deir Crìosd, "chum 's nach tuit sibh ann am buaireadh." Mar sin, as-eugmhais ùrnùigh, tha mi ag radh, nach dean a chuid 'eile gu leir feum dhuit ; oir ge do tha agad firinn anns an duine an taobh a stigh, gidheadh "tha do ghnath ann do bhallaibh lagh a tha cogadh ann an aghaidh lagh t-inntinn ;" oir ge do tha agad fireantachd ann an aon earrainn dheth do chridhe, gidheadh tha agad mi-fhireantachd ann an earrann eile dheth. Ge do tha agad creideamh, gidheadh tha e do ghnath air a mbeasgadh le teagamh, agus ge do tha agad dochas, fathast tha e do ghnath measgaichte le mi-dhochas, air dhoigh 's gu 'm bheil feum agad an comhnuidh air ùrnùigh gu do chumail suas mus tuit thu ann an èu-dochas ; agus ge do dh'fheudas am foca. a bhì ann do

bheul, agus ge do tha thu 'ga eisdeachd 's 'ga labhairt; gidheadh cia tric 's a tha thu a dh'easbhuidh cleachdadh ceart a dheanamh dheth, air a leithid do dhoigh 's nach 'eil thu aon chuid a' faotainn sòlas dhuit fein leis, no fathast a' tabhairt comfhurtachd do mhuinntir 'eile.

'Nis, 'n uair nach urrainn so uile sòlas a thabhairt thuit, agus 'n uair a 's beag nach h-eil thu air tabhairt thairis na h-uile, ann an sin ruithidh tu gu urnuigh, agus tha thu a faotainn sòlais; agus teagaisgidh urnuigh dhuit a chuid 'eile do d' armachd gu leir a chuir umad. Bheir urnuigh ort a ràdh,—'Nis crioslaichidh mi mo leasraidh le firinn; 'nis cuiridh mi orm uchd-eididh na fireantachd; 'nis cuiridh mi ullachadh soisgeil na sìth mar bhrògan air mo chasan; 'nis gabhaidh mi do 'm ionnsuidh sgiath a chreidimh; 'nis cuiridh mi orm clogaid na slainte; 'nis gabhaidh mi am focal gu a bhi na fhear iuil dhomh; oir tha mi dol a dh'ionnsuidh lathaireachd mo Dhia, a tha 'rannsachadh diomhaireachd gach uile chridhe. Mar so ruithidh urnuigh a dh'ionnsuidh na flaitheanas, agus bheir i leatha Esan, nach urrainn na flaitheanas a chumail, bheir i leatha Crìosd a dh'ionnsuidh d'anam; agus co'fhada 'sa tha do lamhan air an cumail suas ri Dia, bheir thusa buaidh air do namhaid; ach co'luath sa thoisicheas tu air failneachadh ann an urnuigh, agus do lamhan air tuiteam sìos, ann an sin tha an t-eas-cairid a' buadhachadh; eadhon cosmhail ri Maois, "Co fhad 'sa bha a lamhan air an cumail suas ri Dia, bhuidhich na h-Israelich; ach 'n uair a thuit lamhan Mhaois sìos, an sin bhuidhich Amalec;" air an aobhar sin chuir Aaron agus Hur clach fuidh ghairdeanna, agus chum iad suas a lamhan. Mar sin, 'n uair nach urrainn thusa urnuigh a dheanamh thu fein, iarr air muinntir 'eil do chobhar ann an cuid urnuighean, agus urnuigh a dheanamh air do shon. Ach gu teachd a dh'ionnsuidh na 'n cinn shonruichte a rùnaich mi a lamhseachadh mu thimchioll ùrnuigh.

'SA CHEUD AITE.—Feumaidh sibh eolas fhaotainn air ciod e urnuigh.

'SAN 2. H-AITE.—Feumaidh sibh eolas fhaotainn air cionnas a gheibh sibh urnuigh.

'SAN 3. AITE.—Feumaidh sibh eolas fhaotainn air cionnas a bhunaicheas sibh ann an urnuigh, gu fhanachadh.

'Sa 4. AITE.—Feumaidh sibh eolas a fhaotainn air co ris a dh'fheumas sibh urnuigh a dheanamh.

'Sa 5. AITE.—Feumaidh sibh eolas fhaotainn air cìod e an doigh air an còir dhuibh urnuigh a dheanamh.

'SAN 6. AITE.—Cìod air son an còir dhuibh urnuigh a dheanamh.

'SAN 7. AITE.—Cìod e a gheibh sibh le urnuigh.

'SAN 8.—agus anns an aite mu dheireadh, cìod iad na nithe a chuireas air agbairt sibh ann an urnuigh.

A thaobh a cheud ni, cuimhnich, 'n uair a tha thu ag ùrnuigh, gu 'm bheil na neamhan air am fosgladh, agus gu 'm bheil thu a' faotainn seomraichean a lathaireachd fosgailt dhuit, (tha mi a' labhairt ri creidmheich a bhain) agus tha thusa teachd a steach agus a' faotainn sùilean Dhia ullamh gu ambarc ort gu falhaireach, tha thu a' faotainn a chluasan ullamh a chum eisdeachd riut, agus tha thu a' faotainn a lamhan ullamh gu d' chomhnadh, agus tha thu a' faotainn a chasan ullamh a chum teachd a d' ionnsuidh, tha thu ga fhaicinn a' teachd thairis air cnuic agus air beanntan do chiontaibh, luath mar earba no mar laogh fèidh. Ann an sin tha saorsa na h-urnuigh. Cìod e ùrnuigh ma ta? Is comh-labhairt milis e eadar Dia agus t'anam, 'n uair a tha t-anam air doigh sàorsail a' labhairt ri Dia, le a bhi cuir ann a lathair, mar Athair trocaireach uireasbhuidhean agus fheumas fein mar a dh'fhoillsich Dia iad dha. Mar sin cha 'n 'eil féum air son teachdar gu giulan athchuinge ann an sin, a chum do bhànn a ghabhail, agus a thabhairt ann an lathair an Rìgh, agus a dh'fheuchainn an gabh e ris no nach gabh; ach feudaidh tu theachd air t-aghairt a dh'ionnsuidh an Rìgh thu fein, no dh'ionnsuidh Mac an Rìgh, a ghabhas tu air laimh agus a threoiricheas tu a dh'ionnsuidh Athair, agus le fhuil fein rinn e rathad gu flaitheanas a chum 's gu feud peacach a theachd a steach gu dana air an fhuil sin, cha'n ann gus an ionad is ro-naomh, ach a dh'ionnsuidh na neamhan is airde. Rinn e dh'inne sagairtean, a chum 's gu feudamaid a theachd steach a dh'ionnsuidh an Athair air na h-uile uair do an là; cha 'n ann le fuil thairbhe, agus ghobhair, na bheathaichean eile, ach le fuil a Mhic fein, an Tighearn Iosa; cha 'n ann aon uair 'sa bhliadhna, ach air na h-uile uair 'san latha; cha 'n ann gus an ionad is ro-naomh, ach a dh'ionnsuidh na neamhan is airde. Oir ni urnuigh thu gle eolach agus

fagus air Dia, agus cha 'n 'eil a bheag tuillidh ann an urnuigh ach comh-labhairt eolach agus shaor maille ri Dia.

BE 'N 2. NI.—Cia mar a gheibh sibh urnuigh. A chum urnuigh fhaotainn, feumaidh sibh fhios a bhi agaibh gur e urnuigh gibhte Dhe, agus uime sin feumaidh i a bhi air a factainn o Dhia fein, agus feumaidh esan a tabhairt, air-neo cha 'n fhaigh sibhse gu brāth i. 'Nis, gu Sgriobtuir a thoirt dhuibh air-son so, gur e urnuigh tiodhlaic Dhe, leugh, Ioeil ii. 28. “Agus tarlaidh na dheigh sin, deir an Tighearn, gu 'n doirt mise a mach mo Spiorad air gach uile fheoil, (a ciallachadh Spiorad na h-urnuigh) agus ni bhur mic agus bhur nigheanan faistneachd; bruadairidh bhur seann daoine bruadairean, agus chi 'ur n-oganaich seallaidhean, agus co air bith a ghairmeas air ainm an Tighearna tearnair e.”

Tha'n t-Abstol Peadar a' tabhairt a steach an fhaistneachd cheudna, Gniomh. ii. 17. A' dearbhadh gu'n robh an fhaistneachd so air a coimlionadh, anns na laithibh sin gu luath an deidh dol suas Chrisd, 'nuair a fhuair na deisciobluibh an Spiorad Naomh, leugh Sephaniah iii. 9. ‘Gu deimhin pillidh mi 'n sin air na sloigh teanga glan, gu gairm gu leir air ainm an Tighearna, gu seirbhis a dheanamh dha le aon rùn.’ Leugh Secha. xii. 10. ‘Agus doirtidh mi air 'tigh Dhaibhidh, agus air luchd aiteachaidh Ierusalem, spiorad na'n grās agus na'n athchuingean;’ 'se sin spiorad na h-urnuigh, ‘agus amh-aircidh iad air-san a lot iad, agus ni iad caoidh air a shon, mar a chaoidheas duine air son aon mhic: agus bithidh an doilghios air a shon mar dhoilghios air son ceud-ghin. Leugh Rom. xiii. 15. ‘Oir cha d'fhuair sibh spiorad na daorsa a ris chum 'eagal; ach fhuair sibh spiorad na h-uchdmhacachd tre an glaobh sinn Abba, Athair,’ rann 26, ‘Tha'n spiorad fein mar an ceudna a' deanamh comhnadh le'r n-anmhuinneachd: oir cha'n aithne dhuinn ciod a ghuidheamaid mar bu choir dhuinn; ach a ta an spiorad fein a' deanamh eadar-ghuidhe air ar son le osnaibh do-labhairt.’ leugh I Cor. xii. 3, “Uime sin tha mi toirt fios duibh, nach abair duine sam bith a tha labhairt 'o Spiorad Dhe, gu bheil Iosa malluichte; agus nach urrainn duine sam bith a radh gur e Iosa an Tighearna ach trid an spiorad naomh.’ Leugh Gal. iv. 6. ‘Agus do bhrigh gur mic sibh, chuir

Dia spiorad a Mhic fein ann bhur cridhibh, aig èigheach Abba Athair.' Mar so, o' na h-aitean so de'n sgrìobtuir, feudaidh sibh fhaicinn gu'm feum Dia Spiorad na h-urnuigh a chuir d'ar n-ionnsuidh mus urra sinn urnuigh a dheanamh mar bu choir dhuinn; agus feudaidh so a bhì na mhoir sholas dhuit, 'nuair a bhios fios agad nach e feoil agus fuil, ach gur e an Spiorad Naomh a threoirich thu gu urnuigh, agus co-luath 'sa bha agad cridhe gu èigheach, Athair, Athair, co tric is sin a bha agad spiorad na h-uchd-mhacachd, a' seuladh suas dhuit gu'm bu mhac no gu'm bu nighean thu do'n Dia bheo. Ach cha robh neach sam bith riamh fathast a b'urrainn urnuigh a dheanamh gu ceart, ach a mhain leanabh Dhia, 'smaith a d'fheudas iad maille ri Balaam 'bàs an fhirein' iarraidh. Aireamh xxiii. 10. Ach cha d'iarr iad riamh gràs agus gloir Dhia mar ard chrìoch, ann am beatha 's ann an giulain; cha'n 'eil iad aig iarraidh a bhì beo beatha an fhirein, tha iad maille ri Esau, ag iarraidh beannachd shaoghalta le deuraibh, ach cha'n iarr iad gu brath rioghachd Dhe air thoiseach, agus cha'n 'eil iad idir cuir meas air slainte mar phrìomh neamhnuid an anama; 'S ann do leanabh Dhia a mhain a tha so freagaircach.

'Nis, 'nuair a tha thu as-eughbhais urnuigh, ruith a dh'ionnsuidh an Tighearn agus guidh air son spiorad na h-urnuigh; oir tha e fuidh cheangal a thabhairt dhuit, agus gheall e, ge b'e a ghairmeas air ainm an Tighearn gu'n tearnar e. Rom. x. 13. Mar so, ma ghairmeas tu air son an spiorad, cuiridh esan ad ionnsuidh e; oir cheannaich am Mac e le fuil fein, agus 'nuair a tha thus feumnach, tagraidh esan e air an Athair, agus cuiridh se e a dh'ionnsuidh t-anam. Air an aobhar sin thubhairt Crìosd, 'Tha e feumail dhuibh mise dhol air falbh, oir mar falbh mi, cha d'thig an comhfhurtair d'ur ionnsuidh-se; ach ma dh'fhalbhas mi, cuiridh esan d'ur ionnsuidh e.' Eoin xvi. 7. Agus treoirichidh e sibh a dh'ionnsuidh gach uile fhirinn, agus teagaisgidh e dhuibh cionnas bu choir duibh urnuigh a dheanamh, agus cìod an urnuigh bu choir dhuibh a dheanamh. Mar so, chi sibh gu'n do cheannaich am Mac e o'n Athair, agus gu'm bheil e 'ga thabhairt mar ghibhte da n'ainntir thaghta fein. 'Nis tha 'n tiodhlac so air a thabhairt duibh aig àm bhur cèud-ghairm. Tha fhios

agam gu maith gu 'n robh Spiorad na h-urnuigh air a dhoirteadh oirbh aig an ām sin, 'n uair a bha 'ur coguisibh an tūs air an dùsgadh; ach feudaidh e a bhi gu bheil sibh a nis n'ur codal ann am fein-thearuinteachd, agus nach urra sibh do ghnath a chuimhneachadh gu 'n robh an Spiorad agaibh aon uair. Cuimhnichibh gu'm bheil sibh air bhur gairm gu Suipeir an Uain, cuimhnichibh gu 'm bheil sibh air bhur spionadh a mach a nadur, agus air bhur suidheachadh ann an Críod; cuimhnich gu 'm buin uile gheallaidhean an t-soisgeil, air an deanamh ann an Críod, a mhain dhuitse. Gheall e an comfhurtair a chuir, uime sin feumaidh tusa urnuigh a dheanamh ris air son gu 'n cuir e an comfhurtair; seadh, their mi na 's mo riut, ma 's urrainn thu-sa sealltainn gu muladach ris, bithidh e air èigneachadh le h-aon deth do shuilibh; oir cha 'n urrainn e t'-aicheadh, ma 's urrainn thu ach beantainn ri iomal eudach, agus greim a dheanamh air fuil Iosa, feudaidh tu a dhol le danachd do neamh 'n uair is aill leat, oir gheibh thu a steach, oir 's e-san an dorsair a tha cumail na 'n geataichean fosgailt an comhnuidh dhuit-sa tha air t-athnuadhachadh, agus is esan am fear-tagraidh a tha labhairt riut, agus air do shon, 'n uair nach dana leat, agus nach urrainn thu labhairt air do shon fein; mar sin, 'n uair nach urrainn thu cridhe gu urnuigh fhaotainn, "Gluais suas gibhte Dhe a tha 'n taobh a stigh dhìot," mar a thubhairt Pol. 2. Tim. i. 6, 7. Oir cha d'thug Dia dhuinne spiorad na geilt, ach spiorad a chumhachd, agus a ghraidh, agus na h-inntinn fhallain. Mar sin, 'n uair a tha thu iarrtanach air son urnuigh, tha agad spiorad na h-urnuigh an taobh a stigh dhìot; gluais suas e ma ta, agus seid air an eibhleag, agus beothaich an t'-srad bheag a tha 'm folach ann do chridhe, agus brisidh i a mach gu teine mōr mu-dheireadh, a leaghas do chridhe a chum 's gu 'n dèirt thu e a mach ann an lath-air an Tighearn' do Dhia. Mar a thubhairt Daibhidh, "Doirtidh mi mach mo chridhe do 'n Tighearn." A ris, 'n uair nach urrainn thu urnuigh a dheanamh, iarr gibhte na h-urnuigh, iarr an Spiorad Naomh gu d' theagasg. Mata vii. 11. "Air an aobhar sin ma 's aithne dhuibh-se a ta olc, tiodhlacan maithe a thabhairt do bhur cloinn, nach mo na sin a bheir bhur n-Athair a ta air neamh nithe maith dhoibhsan a dh'iarraas iad? Tha

aithn air a thabhairt dhuibh iarraidh, agus tha gealladh air a thabhairt, ma dh' iarras sibh gu 'm bi e air a thabhairt dhuibh, bithidh bhur n-iarraidh air a dheonachadh. Deanadh so a nis 'ur misneachadh agus bhur gluasad suas gu urnuigh. Cha 'n abair mi tuille aig an àm, ach gu 'n tugadh an Tighearna dhuibh uile spiorad na h-urnuigh, Amen. Deanamaid urnuigh, &c.

COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

SEARMOIN XVIII.

AIR COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

EPHES. vi. 18.—“ A' deanamh urnuigh a ghnath leis gach uile ghn urnuigh agus asluchaidh 's an Spiorad, agus a' deanamh fair chum a ni so fein maille ris gach uile bhuanachadh, agus ghuidheadh air son na'n naoimh uile.

Be 'n ni mu dheireadh air an robh sinn a' labhairt, am mìr fa dheireadh de 'n armachd, a dh'fheumas sibh a bhì agaibh air son bhur comhrag, a ni 'se urnuigh, ni as eugmhais nach 'eil soaradh o bhuaireidhean, no gràs as ùr gu 'r cumail suas ann an là bhur buairidhean; agus cha 'n urrainn sibh feum fhaotainn dhe' na chuid 'eile do ghlasan Dhe mur cuir sibh urnuigh maille riu; oir a 'n uair a dh'fhasas bhur lamhan sgìth agus a thuiteas iad sìos, ann an sin feumaidh e bhì gu 'm buadhaich Amalec, ach 'n uair a bhios bhur lamhan air an cumail suas gu seasmach, ann an sin buadhaichidh sibhse, agus tha a chuid 'eile gu leir do na grasan a tha 'n taobh a stigh dhuibh a' gabhail an uile neart agus threoir o urnuigh, oir is i an inneal choitchionn a tha air òrduchadh le Dia air son maith fhaotainn, agus saorsa 'o'n olc. Cha mhair bhur firinn fada as-eugmhais urnuigh; cha 'n fhada is 'urrainn sibh “ uchd-eididh na fireantachd” a chaitheamh as-eugmhais urnuigh; cha 'n fhada mhaireas geallaidhean an t-soisgeil maille ribh as-eugmhais ùrnugh; cha 'n fhada chumas sibh bhur creideamh as-eugmhais urnuigh;

cha 'n fhada mhaireas slainte air bhur cinn as eugmhais urnuigh ; cha dean am focal fe um dhuibh as-eugmhais urnuigh ; uime sin 'se urnuigh 'araon am meadhon leis am feud thu gràs fhaotainn agus 'se am meadhon a chum gràs a d'iaighneachadh agus a chumail suas an deidh dhuibh fhaotainn.

Bha dā nì air an labhairt uime ; air tūs, gu 'n robh e na dhearbh chomh-labhairt agus chomhradh diomhair an anam ri Dia, oir tha againn an t-saorsa so gu leir ann an Criosd ; rinn e sinn uile na'r sagairtibh, a chum 's gu'n tigeamaid a steach ann an lathair Dhe ; cha 'n ann le fuil thairbh no ghobhair, ach le fuil Iosa ; cha'n ann aon uair 'sa bhliadhna, ach aig gach uile àm ; cha'n ann gus an ionad is ro-naomha, ach a dh'ionnsuidh na Neamha is àirde ; feudamaid a theachd a steach ann an lathair caithir-trocair Dhe, agus ann an sin feudaidh tu na h-uile a ta ann do chridhe a dhoirteadh a mach, biodh sin an nì a's aill leis, a ta ann do chridhe ; feudaidh tu a radh maille ri Daibhidh, Saim. lxii. 8. 'Theid mi agus dōirtidh mi mach mo chridhe am fianuis Dhe.' Tha e fìor, gu'n d'fhosgail an fhuil an t-slighe agus gu'n do reub i an roinn-bhrat, agus gu'm bheil i air dol a dh'ionnsuidh na'n neamhaibh romhad gu bhi cumail n'an geatan fosgailt dhuit, a dh'ionnsuidh an dearbh uair auns an tig e 's na neulaibh gu suidh air a righ-chathair, agus gu breith a thabhairt air na beò agus air na mairbh, an uair a theid thu a steach maille ris, agus cha d'tig thu mach gu siorruidh tuille.

Feudaidh e a bhi, gu'm bheil leanabh Dhe a' smuaineachadh gu'm bheil geataichean na neimhe air an druid-eadh, agus nach urrainn iad a bhi air am fosgladh ; ach cha'n 'eil e mar sin. Tha'n Tighearna ag iarraidh ort-sa bualadh, agus gheall e gu'm fosgaileadh e dhuit ; 's aithne dha do ghuth, 's e-san an dorsair sin a dh'fhosg-aileas dhuit, thus a tha deth a chaoraich, tha thu 'g eisd-eachd a ghuth ; tha e a' gairm ort air t-ainm, agus 'ga d' threuireachadh a mach, agus a' dol romhad, agus tha thusa 'ga leanntuinn, oir 's aithn dhuit a ghuth ; oir feudaidh e gu maith leagail leat bualadh air-son tamull, ach cha'n urrainn e do chumail a mach, oir feumaidh e do leagail a steach mu dheireadh ; gu sonruichte an uair a thogas tu do chuis a dh'ionnsuidh caithir a throcair, agus a dh'iaras tu maitheanas ann am fuil Iosa ; cha'n

urrainn e gun fhreagradh a thabhairt do ghlaodh peacach bochd aithreachail a tha teachd da ionnsuidh, le mothachadh air aingidheachd fein, aig iarraidh air a bhi trocaireach dha air sgath a Mhic Iosa Crìosd.

'Se'n t-ath ni air am bu choir dhuibh eolas a bhi agaibh mu thimchioll urnuigh, so, gu'n tuigeadh sibh co dha is nighean urnuigh; oir cha'n urrainn sinn urnuigh a dheanamh dhinn fein, do bhrìgh 's gu'm bheil an t-Abstol ag radh, 'nach aithne dhuine cìod a ghuidh-eamaid, mar bu choir duinn,' Rom. viii. 26. Agus co a bha 'n so, a shaoileas sibhse, dha nach b'aithne cìod a ghuidheadh e na cionnas a ghuidheadh e? Be'n t-Abstol Pol, a thogadh suas gus an treas neamh, agus do 'm b'aithne uile chomhairle Dhia, agus a dh'fhoillsich e, duine anns an robh faistneachd Shechariais air a choimh-lionadh, ag radh. 'doirtidh mi orra spiorad na h-urnuigh agus na h-athchuinge.' Tha'n leasan an so dubailte, 'se aon diubh 'nuair a tha thu as-eugmhais urnuigh, gu'm bheil fhios agad cionnas a gheibh thu i, eadhon 'o t-Athair neamhaidh, nach urrainn nithe maith aicheadh dhuit 'nuair a dh'iarras tu air iad, agus o' na Spiorad Naomh, an Ti is e Spiorad na h-urnuigh. Cuimhnich briathran Chrìosd, Mata viii. 11. 'Ma 's aithne dhuibhse a ta olc, tiodhlacan maith a thabhairt do bhur cloinn, nach mò na sin a bheir bhur n-thair a ta air neimh an Spiorad Naomh dhoibhsan a dh'iarras e.' Mar sin, cha b'aithne dhuitsa riamh urnuigh a dheanamh gus an robh an spiorad so air a chuir ad' ionnsuidh, agus cha d'fhuair thu riamh an Spiorad Naomh gus an do chuir an t-Athair e: agus anns an tomhas anns am bheil an Spiorad air a thabhairt dhuit, anns an tomhas cheudna tha gibht agus gràs na h-urnuigh air a thabhairt dhuit. 'Nis, am b'aill leibh fios fhaotainn cìod an tomhas anns am bheil an spiorad air a thabhairt do'n Mhac? tha e air a thabhairt gun tomhas; ach dhuit-sa tha e air a thabhairt anns an tomhas cheudna anns am bheil urnuigh air a thabhairt. 'Bha e-san air ungadh le cladh aobhneis os' cionn a chompanaich,' Saim xlv. 7. Ach tha do thomhas-sa air a thomhas agus air òrduchadh air do shon, agus cha'n fhaigh thu na's mò na chi Dia freagarach a dheònachadh dhuit. 'Nis, bithidh aithne agad air tomhas an Spioraid leis na torraidhean a tha air oibreachadh leis an Spiorad; mar a ta ghrìan ag eiridh agus

a' dol a dh'ionnsuidh a h-airde, mar sin tha e a' tilgeadh uaith a bhoisgidhean, agus a' tabhairt air na blathan a bhi cuir a mach am bolladh le a theas; eadhon mar sin tha'n Spiorad Naomh, co luath 'sa tha e a' soilseachadh ann do chridhe, tha e a' beothachadh teine, agus tha'n teine a' tarruing a mach tùis agus faileadh milis t-iarr-tuis a dh'ionnsuidh Dhia; agus tha am faileadh so a' ruith suas a dh'ionnsuidh na flaitheanas, agus a' tarruing sìos air tus teine gu losgadh, agus gu do chridhe a chuir na lasair; anns an ath aite tha e a' tarruing sìos uisg gus an teine sin a mhuchadh, agus do chridhe uisgeachadh le dealt-gràsa Dhia; agus mar a tha urnuigh a' fàs, agus a' dol am meud, mar sin tha'n Spiorad Naomh a' fàs, agus mar a tha urnuigh a' crianadh, mar sin tha chuid 'eile do ghrasan an Spioraid a' lughdachadh mar an ceudna. 'An urrad so air na nithe air an do labhradh roimhe.

'Nis, tha'n treas puing a' leanntuinn, gu fios fhaotainn ciod a bheir ort buanachadh ann an urnuigh, agus ciod a ghluaisas suas thu air doigh 's nach fannaich thu innte; oir 'se urnuigh a nì a' s mò a tha cuir do dh'fharmad air an diabhl, agus tha e a' saothrachadh a chum urnuigh a chlaoidheadh thar gach gràs a tha anns an duine; uime sin, tric do àmaidh gheibh thu na buairidhean a's mò aig àm na h-urnuigh; oir aig an àm sin tilgidh an diabhl a steach beachdan iongantach a dh'ionnsuidh do chridhe, an dara cuid a chum toirt ort sguir do dh'urnuigh, no gu a bhi bacadh durachd spioraid ann ad urnuighibh. 'S urrain e an saoghal agus a chùraman, agus a thoilinntinn-eun a thabhairt a steach a chum 's nach bi 'ar cridheachan air neamh, agus sin, 'air dhuinn a bhi tarruing am fagus do Dhia le 'ar bilean, gu'm bi 'ar cridheachan fàda ùaith. 'Surrainn e spiorid fàlsa a sheideadh a steach anns an t seann fhàidh gus an fhàidh òg a mhealleadh; agus bheir e leis gluasadan a shaoileas sibh-se a thainig a mach o spiorad Dhe; a chum do chuir mearachd air aoradh Dhe; ach co luath 'sa dhearbhas sibh iad gheibh sibh mach nach 'eil annta ach gluasadan spiorad a mhearachd. 'S urrainn e meadhonaibh innleachdach a thilgeadh a steach leis am feud thu rùn a thoirt gu crìoch; ach feuch iad an uair is àill leat, cha'n fhaigh thu gu bràth beannachd Dhia air an aonadh riù. Mar so bu chòir dhuibh a bhi air bhur faicill 'o a chogarsaich, a thilgeas e steach oirbh ann an àm na h-urnuigh, agus

foghlumaibh an dealachadh, 'o bhur smuainte fein, agus 'o ghluasadan Spioraid Dhe.

'Nis tha mi air teachd a dh'ionnsuidh nan aoblairean bu choir bhur cumail suas aig am na h-urnuigh, a chum 's nach fannaich sibh innte. 'Se a cheud aobhar so, stauainich gur e aithn Dhe a th'ann, agus uime sin cha'n 'eil e na ni caoin-shuarach dhuit co dhiubh a ni no nach dean thu e, aig do thoil fein, ach tha e na aodhradh air aithneadh, air a shuidheachadh 's air orduchadh le Dia fein. 'Gairm orm ann an là teanntachd, agus saoraidh mise thu, agus bheir thusa gloir dhomhsa,' Saim 1. 15. 'Iarraibh, agus bheirear dhuibh,' deir Crìosd; sibh, agus gheibh sibh; buailibh, agus fosgailear dhuibh; Mata vii. 7. 'Deanaibh caithris agus urnuigh chum 's nach tuit sibh ann am buaireadh,' Lucas xxii. 40. 'Deanaibh urnuigh do ghnath,' deir an t-Abstol; anns na h-uile nì bitibh taingeil.' 'Nis, tha umhlachd do aithn Dhe na's fearr na iobairt; agus deth uile aithntean sonruichte Dhe, tha urnuigh aig iarraidh umhlachd shonruichte; oir dheth na h-uile h-urram agus gloir is urrainn do chreutair a thabhairt do Dhia a chruithfhear anns a bheatha so, 'si urnuigh a cheud nì; oir le urnuigh tha thu a tabhairt do Dhia:

'SA CHEUD AITE. A ghloir so, gu'm bheil gach uile umhlachd do dh'aithntibh a' tabhairt gloir dhasan, dh'aithn e dhuinn urnuigh a dheanamh, uime sin tha umhlachd do urnuigh a' tabhairt gloir do Dhia.

'SAN DARA AITE. Tha thu a' tabhairt gloir do Dhia, 'nuair a tha thu ag aideachadh gur e Dia fear rannsachaidh agus dearbhaidh do chridhe; agus ann an urnuigh tha thu ag aideachadh agus a' cuir an ceill Dia a bli na fhear rannsachaidh agus dearbhaidh air airnean do chridhe.

'SAN TREAS AITE. Le urnuigh tha thu ag aideachadh, ann an aon-fhillteachd do chridhe, gu'm bheil Dia uile-fhoghainteach; mar a thubhairt an ceannard-ceud ri Crìosd, 'Labhair am focal a mhain, agus slanuichear m'oglach,' Mata viii. 8. Agus mar a thubhairt an duine air an robh an lobhair, 'Thighearn, tha mi criedsinn, ma 's aill leat 's urrainn thu mo dheanamh glan.

'SA CHEATHREAMH AITE. Le urnuigh tha thu ag aideachadh gu bheil Dia maith, grasmhoir, agus trocaireach, agus uime sin feithidh tu air a ghras agus a thro-

cair ; ge do tha thu ad pheacach, gidheadh tha esan gle uliamh gu maitheanas a thabhairt ; mar a thubhairt e fein, ‘Cha’n iad mo smuainte-sa bhur smuainte-sa. ni mò is iad ’ur slighean-sa mo shlighean-sa, deir an Tigh-earna ; ’oir mar a ta na neamhan àrd seach an talamh, mar sin tha mo shlighean-sa àrd seach ’ur slighean-sa, agus mo smuainte-sa seach bhur smuainte-sa,’ Isa. iv. 8. 9. Mar so, ge’ nach deanadh tu urnuigh air do shon fein, gidheadh cha leig gloir Dhe leat, ach comb-eignichidh e thu gu urnuigh, do bhrìgh ’s gu bheil t-urnuigh a’ tabhairt gloir do Dhia.

Nis air son na’n aitean de’n sgrìobtuir a smuainich mi a bhi gu leoir a chum bhur gluasad suas. Leughaidh Sailm li., lxi., lxxvii., lxxxii., civ., Isaiah iv., Eoin xv., xvii., Lucas xv. 11.

SAN DARA AITE. Deanadh geallaidhean Dhe bhur gluasad suas, do bhrìgh ’s gu’m bheil geallaidhean taitneach air an deanamh dhuibh. ‘Iarraibh agus bheirear dhuibh, sibh agus gheibh sibh, buailibh agus fosg’lair dhuibh.’ Ma’s urrainn sibhse a ta ole tioblacan maith a thabhairt do’r cloinn, cia mò mhoir a bheir bhur n-Athair neamhaidh-se an Spiorad Naomb dhoibhsan a a dh’iarras air e ? Lucas xviii. 7. “ Agus nach dean Dia dioghaltas airson a dhaoine taghta fein ata ’g eigh-each ris a là agus a dh’oidheche, ge d’ tha e fad-fhulangach mu’n timchioll ? Eoin xv. 16. ‘Cìod sam bith ni a dh’iarras sibh air an Athair ann an ainmsa bheirear dhuibh e.” Agus co a tha labhairt so ? eadhon am Mac fein, a thainig a mach o uchd an Athair, agus a bha air combhairle dhiombhair Dhe ; agus a tha nis air neamh aig deas laimh an Athair, a’ deanamh eadar-ghuidhe air bhur son ; ’nuair a bha e air an talamh rinn e urnuigh air bhur son, ag radh, Eoin xvii. 9. ‘Air an son-san tha mi guidheadh, cha’n ’eil mi ’guidheadh air son an t-saoghail, ach air son na muinntir sin a thug thu dhomh, a chum ’s gu’m bi iadsan na’n aon mar a ta sinne na’r n’aon ; ’nuair a bha mise maille riu anns an t-saoghal, choimhead mi iad troimhe t-ainm-sa. An dream a thug thu dhomh, ghleidh mi iad, agus cha do chailleadh a h-aon diubh, ach mac an sgrios, a chum ’s gu’m biodh an sgrìobtuir air a choimhlionadh.’ Tha cuimhne agam gu’n d’rinn na Persianaich lagh, co air bith a thigeadh a dh’ionnsuidh an Rìgh anns a chùirt a b’ fhaide stigh, do nach d’thug-

adh cuireadh, gu'm faigheadh e bàs, ach esan d'an sìn-eadh an Rìgh a mach an t-slat èr rioghail; ach cha'n 'eil e mar sin ann an so, oir feudaidh sibh a dhol a steach gu dāna dh'ionnsuidh an Rìgh, oir shìn e a cheana mach an t-slat èr rioghail duibh; agus uime sin cha ruig sibh a leas 'eagal a bhì oirbh. Cuimnichibh mar an ceudna briathra sin an fhaidh Daibhidh, Sailm xxvii 8. 9. 'Nuair a thubhairt thusa, iarraibh-se mo ghnuis, thubhairt mo chridhe riut, do ghnuis a' Thighearna iarraidh mi. Na follaich uime sin do ghnuis ùam, na cuir air falbh t'-oglach am fearg: bu tusa mo chabhair, na fag mi, agus na treig mi, a Dhia mo shlainte.'

'Nis, tha fios agam gu'n tagair an diabhuil iomadh ni gu 'ur cumail air bhur n'ais o urnuigh. An tus, their e, ciod am feum a th' agad-sa air urnuigh a dheanamh, tha fios aig t-Athair gu maith na's leoir ciod e a tha dh' fheum ort; uime sin cha ruig thu leas innseadh dha? 'Nis, air son freagradh da so. Tha e fìor gu'm bheil fios aig an Tighearn air t-uireasbhuidhean gu maith na's leoir, gidheadh is aill leis an Thighearna sinn fein innseadh dha ciod a tha a dh'easbhuidh oirun, a chum's gu'm bi sinn na's mò 'na uighean; oir ma dh' fheumadh am Mac fein iarraidh, agus uime sin rinn so e co durachdach ann an urnuigh, air doigh 's aig cuid do amaibh gu'n caitheamh se oidlichean iomlain ann an urnuigh; ma 'se, agus esan, tha mi ag radh, an ti a b'e am Mac, agus anns an do ghabh uile lanachd na diadheachd combhuidh gu corporra, agus air an do dhortadh an spiorad gun tomhas gu'n do chaith e oidbchean iomlain ann an urnuigh; cia mò mhoir a tha dh' fheum againn air a bhì durachdach ann an urnuigh? Agus ciod a shaoileas sibh-se a rinn es-an co durachdach? Ach do bhrìgh 's gu'm b'e aithn Athair a bh'ann: 'Iarr ormsa,' deir an t-Athair ris a Mhac, 'agus bheir mi dhuit na Cinnich mar oighreachd, agus crìocha na talmhainn mar sheilbh,' Sailm. ii. 8. Nis, do bhrìgh 's gu'm b'e aithn Athair e, uime sin tha Chrisd a' tabhairt umhlachd do Athair anns an ni so, mar a rinn se anns a chuid 'eil gu leir, oir bha e umhail do dhearbh bhas a chrainne-cheusaidh.

An 2. Cunnail, Tilgidh an diabhuil a steach ort, agus bheir e ort a radh, Ciod am feum a th' ann domhsa urnuigh a dheanamh; oir bha e air a rùnachadh le Dia

o thus, ciod an tomhas do ghras 'bhios air a thabhairt dhomh; uime sin an tomhas sin fein do ghràs gheibh mise, agus cha'n e na's lugha, ge' nach fosgail mi gu brath mo bheul gu iarraidh? Air son freagradh da so, se so innleachd an t-Satain a radh, rùnaich Dia a thabhairt dhomh urrad do ghràs is a gheibh mi; uime sin cha ruig mi a leas iarraidh, oir gheibh mi e. Ni-h-eadh, na rùnaich Dia gràs a thabhairt dhuit, rùnaich e mar an ceudna cridhe agus beul a thoirt dhuit gu iarraidh; agus anns an tomhas sin anns am bheil thu ga iarraidh, anns an tomhas sin gheibh thu e air a dheonachadh dhuit. 'Fosgail do bheul gu farsuing,' deir an Tighearn, agus lionaidh mis' e,' Sàilm lxxxi. 10. Mar sin deanadh na geallaidhean do ghnath do bhrosnachadh gu urnuigh, deanadh iad misneachail thu, agus thugadh iad muin-ghinn agus dochas dhuit ann an Dia; ann an sin gairmidh tu agus freagraidh an Tighearn; an sin eighidh tu, agus freagraidh esan, Tha mis an so: 'Mu'n gairm iad, freagraidh mis, agus am feadh a bhios iad fos a' labhairt. eisdidh mi,' Isaiah lxxv. 24. Mar so cha'n urrainn thus a tha ag urnuigh gun eisdeachd fhaotainn, oir tha'n Spiorad ag urnuigh air do shon, agus a' deanamh comhnadh le do laigsibh. 'Tha'n Spiorad fein a' deanamh eadar-ghuidhe air 'ar son le osnaich do-labhairt.' Agus nach eisd an t-Athair ri eadar-ghuidhe a Mhic le a Spiorad fein? Mar so ma gheibh thu cridhe gu urnuigh a dheanamh, feudaidh tu gu cinnteach eisdeachd fhaotainn, feudaidh e a bhi, gu'm bheil thu a' smuaineachadh gu'm bheil an Tighearna cuir dail air son ùin fhada, mar aig cuid do 'amaibh a ni e; mar a rinn e ri Daniel, a rinn urnuigh agus caoidh air son tri-laithean-fichead mu'n d'fhuaire freagradh: agus thubhairt Daibhidh, Sàilm xl. 1. 'Dh'fheith mi le foighidinn ris an Tighearn, se 's ciall do'n fhocal feitheamh, Dh'fheith mis ris an Tighearn, agus chrom e thugam, agus chuala e mo ghlaodh: 'gidh-eadh tha mi ag radh, ge do bhitheadh e coslach ri dail a chuir ann a theachd, feith thus air, oir thig e mu dheireamh: 'Seasaidh mi air m'fhaire, agus cuiridh mi mi fein air an tùr, agus feuchaidh mi ciod a their e rium, agus ciod a fhreagras mi 'nuair a chonaichear mi. Agus fhreagair an Tighearna mi, ag radh, sgrìobh an fhaistneachd; agus dean soilleir i air clàraibh, air chor is gu'm feud e-san ruith a leughas i: oir tha'n fhaist-

neachd fathast air son aimsir shonruichte, ach air a cheann mu dheireamh labhraidh i agus cha dean i breug, ge'd d'hean i moille, feith rithe, oir gu deimhin thig i, agus cha bhi i air dheireamh, Hab. ii. 1, 2, 3.

'Nis, ma bha e air aithneadh do'n Fhaidh fuireach a' feitheamh gus am biodh a bhreitheanas air a coimhlionadh, agus gu'n tigeadh an taisbeineadh gu teachd; cia mò mhòir bu chòir d'buinne feitheamh gus am bi geallaidhean an Tighearn, air an coimhlionadh dhuinn.

A ris, bithidh fearg air Dia mur bi sibh ag urnuigh, oir tha e ag radh, 'doirtidh mi mach mo chorruch air na teaghlachan nach 'eil a' gairm air m'ainm;' agus Daniel ix. 13, 14, 'Mar a ta e sgrìobhta ann an lagh Mhaois, tha'n t-olc so uile air teachd oirnn; gidheadh cha d'rinn sinne 'ar n-urnuigh, ann an lathair an Tighearna 'ar Dia, a chum gu'm bithcamaid air n-ar pilleadh 'o 'ar n-euceartaibh, agus gu'n tuigeamaid t'fhirinn; uime sin, rinn Dia faire air an olc, agus thug e oirnn e: oir tha an Tighearn ar Dia ceart 'na uile oibribh a ta e' deanamh: oir cha d'thug sinn gèill da' ghuth.' Tha sibh a' faicinn am Faidh Daniel, ann am measg a chuid 'eile de am peacaidhean, a' meas suas a ni so mar aon de' na peacaidhean is mò, nach d'rinn iad an urnuigh am fianuis an Tighearn, a ni b'e aon de na h-aobhairean bu mho a thug plaigh an Tighearn orra. Mar so chi sibh, mur dean sinn urnuigh, bithidh Dia feargach ruinn; oir 'se urnuigh earrainn de 'aodhradh, agus 'nuair a ni sinn dearmad air urnuigh, ni sinn dearmad air aodhradh agus seirbhis Dhe. Agus co am maighstir sin nach bi dìomach air a sheirbhisich mur dean iad an t-seirbhis sin a dh'aithn e dhoibh a dheanamh? Eadhon mur sin, mur dean sinne seirbhis Dhe a dh'aithn e fein duinn, am bheil e na iongantais sam bith ge do bhiodh e feargach ruinn?

Ann an aite mu dheireadh. Do bhrìgh 's gu'm bheil agaibh eadar-mheadhonair agus fear-tagraidh anns na fìaitheanas, eadhon Iosa Crìosd (am firean), tha e-san do ghnath a' deanamh eadar-ghuidhe air bhur son, agus tha e do ghnath a' sgaoileadh a mach a ghairdeanan ann a fhocal, agus ag radh ris gach aon agaibh, thigibh a steach ann an so a pheacaidh, air taobh a steach crìch m' fhala, ionnluidibh bhur n' anama salach anns an tobair so; thigibh am ionnsuidhsa agus cuiridh mise m' araon sibh fein agus bhur n-urnuighean ann an

lathair an Athair, cuiridh mis fàileadh cùbhraidh dhiubh le tuis m' fhireantachd fein, agus gabhaidh an t-Athair riu air mo sgathsa. Thuille air a so tha agaibh eisimpleir na'n uile naoimh a chaidh romhaibh, agus na'n uile a tha fathast beo. Thairg iad an urnuighean do Dhia, ghlaodh iad ann an àm teanntachd, agus dh' eisdeadh riu, ghuidh iad air an Tighearn an an àm an cunnairt agus shaor esan iad. 'Nis a thuille air a so uile, tha so agaibh a chum 'ur misneachadh gu urnuigh, cuimhnichibh ciod e a rinn urnuigh, rinn urnuigh an fhairge ruadh a sgoltadh, a chum 's gu'n rachadh clann Israeil troimh gu sabhailt, agus thug i air an fhairge cheudna gu'n do bhàth i Pharaoh agus fheachd gu leir, Exod. xiv. 16. Thug urnuigh air na creagan gu'n do sgoilt iad, agus air an uisge a theachd a mach ann am pailteas air son an t-sluaigh, agus air son am feudail, Aireamh xx. 14. Thug urnuigh air a ghrian stad anns na speuran, air doigh 's nach do ghluais e rè là gu h-iomlain, Iosua x. 12. Dhruid urnuigh na neamha, air doigh 's nach robh uisge ann rè uine thri bliadhna, agus a rìs dh'fhosgail i uineagan na neamha. agus thug i air an uisge a theachd a nuas agus an talamh uisgeachadh, 1 Rìgh xvii. 7. Thug urnuigh air a ghrian dol air ais deich ceuman, 2 Rìgh xx. 11. Rinn urnuigh, mar gu'm b'fheadh, dearbh bhinn an Tighearn air a tabhairt a mach ann an aghaidh Ninebhe athrachadh. Rinn urnuigh buaidh fhaotainn air teintibh, dhruid i beoil leomhanan, agus thug i air an talamh criothnachadh agus luasgadh gu mōr, agus dh'fhosgail i dorsan a phriosain, agus bhris i na cuibhrichean, agus shaoir i naoimh Dhe, agus, anns an aite mu 'dheireadh, dh'fhosgail urnuigh suilean na'n doill, agus thug i an lamhan do na criplich, agus an casan do na bacaich, Isaiah xxxviii. 5. Agus rinn urnuigh a mhuinntir thinn a leigheas, na mairbh a thogail; mar sin ciod e an nì nach urrainn urnuigh a dheanamh? 'Nis ma ta, nach bu choir do na so bhur misneachadh gu urnuigh a dheanamh. Ge nach 'eil sibh a' factainn toradh 'ur n-urnuighean air tùs, ma 'se gu'n 'aicheadh se beannachd ain-sireil. gidheadh bheir e gràs spioradail ann a aite, agus 'se sin is ro'-fhearr; agus ma 'se is gu'n cuir e dail ann ad eisdeachd air-son tamull, gidheadh bheir e foighidinn gu feitheamh, agus dearbhachd gu'n eisdear riut mu-

dheireadh. Air an aobhar sin, a mhuintir ionmhuinn, biodh iad so na'n argumaidean na 's leoir gu' r gluasad suas gu urnuigh; an uair a ghuidheas sibh ri Dia ann an urnuigh, cuimhnichibh gu'm bheil sibh a' dol mar mhic agus mar nigheanan seachranach, a dh'ionnsuidh Athair trocaireach, ann an ainm Eadar-mheadhonair, a' creidsinn a gheallaidhean, ciod sam bith a dh'iarras sibh na ainm-san gu'm bi e air a thabhairt dhuibh; mar a tha'n t-Abstol Seumas ag radh, i. 6, 7. 'Ach iarraibh le creideamh, gun bhi fuaidh amharas sam bith, oir an ti a tha fuaidh amharas is cosmhuil e ri tonna na fairge, a sheidear le gaoith, agus a tha air an luasgadh a null agus a nall; oir na saoiladh an duine sin gu'm faigh e ni air bith o'n Tighearna?

'Nis do'n Tighearn gu'n robh na h-uile moladh agus gloir a nis agus gu siorruidh. AMEN.

COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

SEARMOIN XIX.

AIR COMHRAG A CHRIOSDUIDH.

EPHES. vi. 18. 'A' deanamh urnuigh a ghnath leis gach uile ghne urnuigh agus asluachaidh 'san spiorad, agus a' deanamh faire chum an ni so fein maille ris gach uile bhuanachadh, agus guidheadh airson na'n naoimh uile.'

Gu'm fosgaileadh Dia 'ur cridheachan agus 'ur cluasan, a chum as gu'n dean an fhirinn agus na dearbh bhriathran, a thoilicheas a Mhōrachd-san a chuir ann mo bheul, bhur cluasan a tholladh agus a dhol a steach a dh'ionnsuidh bhur cridheachan; cha'n 'eil mis ach a mhain na'm fhianuis air an fhirinn, agus am theachdair singilte, air mo chuir 'o Dhia, gu bhi tairgse beath agus slaint dhuibh-se, ma 'se is gu'n gabh sibh e; agus ma dhiultas sibh a ghabhail, tha mi air mo chuir a chum seuladh suas bās agus sgrios do 'ur n-anama, agus a chum sin a dhaighneachadh maraon le fhirinn agus le

fhocal ; uime sin, gu'n deonaicheadh an Tighearn bhur gluasad suas uile le a Spiorad Naomh, a chum's gu'n toir sibh eisdeachd do ghuth 'na fhirinn, agus gu'n tabhair sibh 'ur cridheachan a chum dith-bheath a thoirt da' agus gabhail ris, mar fhirinn Dhia, agus cha'n ann mar fhocal duine.

'Se so sùim na bha air a radh uile, tha crùn do bheatha agus do ghloir gun chrìoch ann an lamhan Mhic Dhe, 'ga ghleidheadh anns na flaitheanas a chum a thabhairt do gach uile neach a tha 'cuir cathan an Tighearn', agus a bheir buaidh air an namhaid anns a bheatha so ; agus cha'n 'eil a h-aon agaibh a gheibh an crùn gloir so air a chuir air a cheann, ach a mheud dhibhse, eadhon, ann an àm bhur cuairt ann an so, a chogas agus a bheir buaidh air anns an t-saoghal so ; oir ma bhitheas sibh air bhur claidh agus air bhur marbhadh ann an so, bàsaichidh sibh gu sìorruidh tuille an deidh so ; agus mur cog sibh an so, cha'n fhaigh sibh gu sìorruidh a steach air geataibh na flaitheanais gus a ghloir sin fhaicinn a bhios ann an deidh so. 'Nis, cha'n e a mhain gu'm bheil agaibh ri gleachd ri feoil agus fuil, tha iad so agaibh mar an ceudna gu gleachd na'n aghaidh ; oir cha robh riamh a h-aon a bha air an gairm, nach robh aca lagh ann am ballaibh, a' cogadh ann an aghaidh lagh an inntinn, agus tha agaibh-se an seann duine a' cogadh ann an aghaidh an duine nuadh, agus tha agaibhse miannan na feola a' cogadh ann an aghaidh an anam agus an spioraid ; cha'n e a mhain, tha mi ag radh, gu'm bheil agaibh ri cogadh 'n'ur n-aghaidh fein, ach tha agaibh saoghal ri cogadh 'na aghaidh ; tha agaibh uachdranachdan agus cumhachdan, agus riaghlairan an t-saoghail, prionnsan an athair, spioradan gamhlasach, dragonan dearg, nathraichean cuilbheirt-each, prionnsan an dorchadais, agus dia an t-saoghail so ; tha iad so uile agaibh gu cogadh na'n aghaidh. A mheud dhibh 'sa tha 'n'ur cloinn do Dhia, agus tha gu cinnteach air bhur gairm, is aithne dhuibh so a bhi fìor. Ach tha fios agam gu'm bheil moran dhibh nach 'eil air an tabhairt a steach fathas ; gidheadh feithidh mis ri àm agus ri deagh-ghean maith an Tighearn, 'nuair is e a thoil 'ur tabhairt a steach ; tha fios agam gu'm bheil aireamh dhibh aig nach 'eil Dia no a spiorad a chomhnuidh ann 'ur cridheachan ; agus uime sin, cha'n 'eil cogadh

agaibh-se, agus air an aobhar sin, tha sibh n'ur luidhe marbh, tha sibh air 'ur treorachadh fuidh dhoille le prionns' an dorchadais, tha e 'g'ur cumail ceangailte gu teann le slàbhruidhean an dorchadais, air doigh 's nach urra dhuibh aon-chuid lamh no cos a ghluasad, oir is e-san an duine laidir a tha cumail a sheilbh fein ann an sìth, gus an d'thig neach eile is treise na e agus gu'm bual e mach e. Ach tha mi 'g'ar fagail-se, agus a' labhairt ri clann taghta Dhe a tha air an gairm. Tha agaibh-se saoihbreas agus taitneas an t-saoghail so air an cuir ann bhur rathad, a chum bhur bacadh 'o saoihbreas do-rannsaichte sin Chrìosd a tha de ghloir shiorrudh fhaotainn; tha agaibh mar an ceudna geata cumhung gu a dhol a steach air, ach cha 'ne a mhain sin, (agus gu cinnteach bhiodh so fein laidir gu leoir air bhur son) ach tha agaibh ri gleachd a dheanamh ri cumhachdaibh laidir agus naimde an-ìochdmhoir, agus ri diabhuilbh ann am feoil, nach urrainn a bhi toilichte le na's lugha no eas-onoir Dhia agus dāmnadh siorruidh bhur n-anama fein; (na bithibh 'n'ur codal) tha e eadhon a nis fein ann an so 'n'ur measg, ag amharc a dh'fheuchainn an urrainn e bhur luasgadh 'n'ur codal, agus an dean e bhur cluasan trōm air chor 's nach cluinn sibh an fhirinn so; oir tha e an dūil 'nuair a gheibh e sin, gu'n d'fhuair e deagh chothrom, an uair le amharc, nach faic sibh, agus le eisdeachd nach cluinn sibh, agus 'nuair a tha bhur cridheachan air an cruadhachadh air dhoigh 's nach urrainn dhuibh tuigsinn, cha'n 'eil e ag iarraidh tuille ma ta, ach bhur cluasan a dhruideadh a chum nach faigh bhur n-anama feum de'n fhocal so, a ni is e cumhachd Dhia chum slainte. Gu'n d'thugadh an Tighean dhuit grās, oir bithidh e ro ghoirt air do shon 'nuair a bhuaidhaicheas esan ort; oir ann an sin their e, 's maith a thoill thu a bhi air do dhannadh, oir bha sabhaladh air a thairgse dhuit, ach cha b'aill leat a ghabhail: cha robh e riamh air a thairgse dhomhsa, uime sin cha b'urra mi fhaotainn, dh'eisd thu riumsa, ach cha'n eisdeadh tu ri guth Chrìosd, uime sin cha'n eisd esan riutsa 'nis. Bithidh e ro ghoirt air do shon thu bhi air do chuir air taobh stigh geataibh na h-ifrinn, agus gun fhaotainn a mach gu siorruidh tuille; bithidh e ro ghoirt air bhur son am murtair, agus an cù fuilteach sin a bhi agaibh gu 'ur sathadh troimh na chridhe le lasraichean an teine

shiorruidh sin, a loisgeas suas anam, is coguis, agus cloaich troimhe na bhithbhuantachd; bithidh e ro ghoirt 'nuair a mhothaicheas sibh e, ge nach creid sibh e aig an àm so; air an aobhar sin 's beannaichte an duine no bhean sin a chreideas na nithe so ann an tiom, agus 's maith do'n anam sin aig am bheil fios gu'm bheil aige r'a dheanamh ris na naimhde sin mu'n do labhair mi, agus air am bheil mi fathasd gu labhairt ruibh. Tha mi ag iunseadh dhuibh gu'm bheil agaibh ri dheanamh ri namhaid gamhlasach; tha agaibh ri dheanamh ri nathair chuilbheartach; tha agaibh ri dheanamh ri dragon fuilteach, nach caomhainn ionnsuidh a thoirt oirbh, nach do chaomhainn ionnsuidh a thabhairt air an dream a b' ionmhuin de chlann Dhe a bha romhaibh; cha chaomhainn e ionnsuidh a thabhairt ortsa, nach 'eil ach ad' bhàll anfhann; nach do chaomhainn ionnsuidh a thabhairt air a Cheann, a b' aithne dha a b'e sliochd na mna a bha gu a cheann-sa a shaltairt sìos, an ti a b'aithne dha a b'e Mac an Dia shiorruidh, agus a b'aithne dha a bha air a chuir a chum esan a phianadh, an ti a b'aithne dha aig an robh cunhachd ordugh thoirt dha dol sìos do'n doimhneachd, ge' do b'aithne dha na nithe so gu leir mu thimchioll, gidheadh cha do chaomhainn e ionnsuidh a thoirt air aon uair, dà uair, trì uairean, anns an fhasach; seadh cha d'fhag se riamh e rè na h-uin a bha e ann an so air an talamh; agus cha'n e sin a mhain, ach lean se e mar an ceudna suas gu neamh, agus thug e ionnsuidh air ann an sin, gidheadh cha d'thug e buaidh, ach bha e air a thilgeadh a mach a flaitheanas gu siorruidh tuille. Taisb. xii. 7, 8, 9. Air an aobhar sin b'aill leam gu'n tuigeadh sibh co ris a th' agaibh ri dheanamh, oir cha'n ann gun aobhar a rinn Spiorad an Tighearn a chomharachadh a mach cho soilleir anns an fhocal. Thugaibhse fainear, ma bhuannaicheas sibh an so, rioghaichidh sibh air neamh gu siorruidh an deigh so; ma bhuannaicheas sibh ann an so; bithidh an crùn is sgiamhaich' a bha riamh ann air a chuir air bhur ceann an deigh so; com'raichibh a ris, cogaibh agus coisnidh sibh, oir cha chaill a h-aon ach an neach sin a tha ag iarraidh gu'n cail e; cha bhi a h-aon air a mharbhadh ach esan a tha gu toileach ag iarraidh a bhi air a mharbhadh; uime sin cogaibh agus coisnidh sibh, agus mu chogas sibh agus gu'm faigh sibh buaidh, gheibh sibh trusgan fada geal air a chuir oirbh, ithidh

sibh de chraobh na beatha, gheibh sibh clach gheal ann bhur lamhan agus ainm nuadh air a sgrìobhadh oirre nach aithne do neach sam bith ach dhasan a gheibh i, bithidh sibh air bhur deanamh n'ur puist ann an team-pull bhur De, bithidh sibh air bhur cuir air caithrichean, agus cruintean air an cuir air bhur cinn, agus leanaidh sibh an t-Uan ge b'e taobh an d'theid e. Ach ma chaill-eas sibh cha tig sibh gu brath a dh'ionnsuidh flaitheanas, cha'n fhaigh sibh gu brath an crun, bithidh sibh air bhur druideadh a mach o' na ghloir sin, bithidh sibh air bhur ceangal eadar lamhan 'us chasan agus air bhuir tilgeadh a dh'ionnsuidh dorchadas iomalach, agus a dh'ionnsuidh an teine sin nach bi gu brath air a mhuchadh no air a chuir as, agus a dh'ionnsuidh an aite sin far nach bi a bheag ach guil agus diosgan fhiaclain gu sìorruidh tuille. Mar so guidheam oirbh cogaibh agus gheibh sibh a bhuaidh.

'Nis, a chum na buaidh fhaotainn, ciod a dh'fheumas sibh a dheanamh? Cha dean bhur neart fein, bhur gliocas fein, bhur ciall fein, bhur toil fein, an gnothuch dhuibh. Bha neart na b'u leòir aig Adhamh am feadh 's a bha e anns a gharadh ann an staid na neo-chiontais, gidheadh bha buaidh air a thabhairt air do bhrìgh 's nach do lean e comhairle Dhia, ach gu'n d'thug e eus-umhlachd do dh'aithn, agus gu'n d'thug e aite do'n diabhul, agus gu'n do ghoid e a dh'ionnsuidh a chridhe; uime sin feumaidh sibh cuir an aghaidh 'ur gliocas fein, feumaidh sibh cuir an aghaidh bhur neart fein, bhur toil fein, agus bhur tuigse fein, agus gliocas Dhe fhoghlum, agus a bhi laidir ann-san; agus air son an aobhar so tha'n Spiorad Naomh a' tabhairt sòlas dhuibh anns an sgrìobtuir so, aig iarraidh oirbh a "bhi laidir anns an Tighearn, agus ann an neart a chumhachd-san." Mar so, ma bheir sibh buaidh, feumaidh sibh buaidh a thabhairt trid fuil an Tighearn Iosa Crìosd, oir is laidir an Tighearn sin, is laidir an fhuil sin, is laidir a theachd a nuas bho neamh, is laidir a theachd anns an fheoil, is laidir irioslachd, is laidir a dhol suas, agus is laidir e 'na uile oibrichean, thug e buaidh air an diabhul, nàraich se e air a chranncheusaidh, agus chreach se e dheth uile innealan-chogaidh; uime sin, is namhaid air a chuir fuidh nàir agus ruisgte e, agus cha'n urrainn e seasamh romhaibh, ma

bhios sibh laidir anns an Tighearn, agus ma tha a chuid armachd-sa agaibh oirbh.

'Nis, uime sin, na'm b'aill leibh buaidh a thabhairt, feumaidh sibh uile armachd Dhe a chuir umaibh; agus an uair a chuireas sibh oirbh i, feumaidh sibh seasamh anns a bhlaire air bhur n-éideadh leis an armachd so, a chum's gur sibh an dream fa' dheireadh sa bhlaire, agus gu'n cuir sibh 'na aghaidh 'san droch là. Chuala cuid dhibh ciod e an armachd a bha 'n so, ach cha chuala na h-uile. 'Na coidlibh! Gu'n dhuiseadh an Tighearn sibh. Am bheil mi a' labhairt mu sgeula faoin ribh? Mo thruaighe! Cha'n 'eil fios agaibh ciod a tha sibh a' deanamh. 'Nis, 'nuair a choidileas sibh, tha sibh a' leigeadh do bheul an dragon fosgladh a chum bhur gabhail a steach; bheir sibh ait' do'n diabhul an uair a luaisgeas e 'n'ur codal sibh; "ach e-san a bhios salach biodh e salach do ghnath; agus e-san a bhitheas naomh, biodh e naomh do ghnath:" agus co air bith leis am b'aill a bhi naomh, cuireadh e air an armachd so. Crìosluichibh bhur leasraidh le firinn, 'se sin a cheud earrann de'n armachd so; faicibh gu'm bheil agaibh dearbh-chinnteachas gu'm bheil sibh a' tabhairt seirbhis agus aoradh do'n Dia fhìor.

'SAN DARA H-AITE. Faicibh gu'm bheil agaibh cridhe treibhdhireach ann an aoradh Dhe, agus bitibh air bhur faicill 'o chealgùreachd; 'se sin a cheud earrann de'n armachd so. 'Se'n dara h-earrann, 'uchd-éididh na fireantachd a chuir umaibh; 'se sin, faicibh gu'm bi sibh ullamh a chum gach uile dheadh oibir a dheanamh, agus gu'm fuathaich sibh gach uile dhroch oibir.

'SAN TREAS AITE. 'Cuiribh geallaidhean an t-soisgeil mar bhrogan air bhur cosan; a chum's ge do bhiodh sibh gu ruith troim theine, gu'm feud sibh 'ur reis a ruith le acobhneas agus sìth, agus gu'n cum sibh do ghnath a ghealach fuidh 'ur cosan; a chum's gu'm meas sibh na h-uile ni a th'ann 's an t-saoghal so mar chlabair agus mar aolach ann an coimeas ri oirdhearcais eolais Chrìosd agus gu'm meas sibh na h-uile ni mar chàll le'm b'aill 'ur bacadh o' 'ur Tighearn, agus nach leigeadh dhuibh bhur caith-beatha a bhi air neamh.

'SA CHEITHREAMH AIT'. 'Glacaibh do'r n-ionnsuidh sziath a chreidinn; 'se sin, cuiribh umaibh an Tighearn Iosa, gabhaibh an fhuil sin ann bhur lamh air sou.

sgiath ; ann an sin 'nuair a gheibh sibh teine air fhadadh ann bhur coguisean, gu'm feud sibh a gabhail agus le sin uile shaighdean teinnteach an droch-spioraid a mhuchadh, leis am bheil e-san an dùil bhur n-'anama agus bhur coguisean a losgadh suas do ghnath.

'SA CHUIGEAMH AIT'. Cuir ort clogaid na slainte ; oir ma tha a cheud chuid agad, feudaidh tu slainte a ghabhail ad' ionnsuidh gu dàna. 'Bheil an fhirinn sin agad, ma tha, 's leat slainte, agus am bheil an t-sith sin agad a tha dol thar gach uile thuigse, 's leat slainte ; agus am bheil creideamh agad, 's leat slainte, oir e-san a tha creidsinn, tha e a cheana air a thearnadh, mar a ta e-san nach 'eil a creidsinn a cheana air a dhiteadh ; uime sin, ma tha so agad gu ceart ann an tomhas sam bith, tha agadsa mar an ceudna 'slainte, uime sin feudaidh tu a ghabhail a d' ionnsuidh ; a nis ma ta cuir umad an t-slainte sin, agus dean a caitheamh air clair-t-eudain, a chum 's gu faic an saoghal gu leir e, agus gu'm feud iad a radh, ann an so tha duine aig am bheil dochas air son gloir ; ann an sin tha neach a ta air a shabhaileadh ; 'an sin tha neach a ta air ionnluid ann am fuil Iosa ; 'an sin tha neach a tha ag imeachd maille ri Dia ; ann an sin tha neach aig am bheil suil ri a bhi rioghachadh maille ri Dia gu siorruidh.

SAN T-SEATHEAMH AIT'. 'Glacaibh do'r n-ionnsuidh claidheamh an spioraid,' a ni 'se focal De, glacaibh do'r n-ionnsuidh e agus cogaibh leis, cleachdaibh sibh fein a là agus a dh'oidhech ann an leughadh, beachd-smuaineachadh, agus labhraibh air do ghnath ; oir tric do dh'uir-ean, le briathraibh agus comhradh diomhain, tha'n diabhlul a' faotainn dol a steach. Ciod a thug air Iosua, a shaoileas sibhse, buaidh fhaotainn air co iomadh righ-rean laidir, ach gu'n robh leabhar an lagha aige do ghnath ge' b'e taobh a chaidh e, agus gu'n do sheall se oirr maraon a latha agus a dh'oidheche ? Agus, air an laimh 'eile, ciod a thug air Daibhidh tuiteam cho salach, ach gu'n do dhi-chuimhnich e amharc air leabhar an lagha ? Oir na'n robh e air cuimhneachadh agus air sealltainn air an leabhar a thubhairt, 'Na dean mùrt, agus e-san a mharbhas, bithidh e air a mharbhadh leis a chlaidheamh :' a rìs, 'cha sealbhaich mùrtairean agus adhaltranaich rioghachd Dhia gu bràth ;' na'n robh e air cuimhneachadh an leithide so agus an leithide sud do

bhriatbraibh anns an fhocal, cha tuiteadh e cho salach. Ciod a thug air Samson tuiteam, an ti a b'e neach bu tréise a bha riamh anns an t-saoghal? Ciod e a thug air gu'n d' fhuiling e fholt a bhi air a ghearradh, agus a neart a bhi air a thabhairt uaith, ach nach do sheall e air lagh na'n Nàsarach? A thubhairt, 'cha d'thig ealtainn air a cheann,' Breith. xiii. 5. Ciod a thug air Solamh tuiteam ann an iodhal-aoraidh, an neach a b'e an duine bu ghlic a bha anns an t-saoghal, ach nach do sheall e ri lagh Dhe? a thubhairt, 'Bheir thu aoradh do'n Tighearn do Dhia, agus dhas-an na aonar bheir thu seirbhis,' 1 Rìgh xi. 4, 5. Ciod a thug air Peadar, Mata. xxvi. 69., air son uile èud, tuiteam aig guth cailinn shuarach, ach nach do chuimhnich e focal an Tighearn', a thubhairt ris, 'Mu'n goir an coileach, aich'idh tu mi trì ùar-ean?' Mar sin mata, ge' do bhiodh agad neart Shamsoin, ge' do bhiodh agad cridhe Dhaibhidh, a bha na dhuine a reir cridhe Dhe, ge' do bhiodh agad gliocas Sholaimh, ge' do bhiodh agad èud Pheadair; 'seadh, ge' do bhiodh agad fireanteachd Adhaimh, cha chumadh iad uile suas thu, mur 'eil thu cumail an fhocail so romhad; uime sin, feumaidh tu am focal so a ghabhail ad' ionnsuidh, feumaidh tu gleachd 'na aghaidh leis an fhocal so, air neo cha bhi thu comasach air buaidh fhaotainn air: agus uime sin, thug so air 'ar Slanuighear cuir na aghaidh leis an fhocal so, agus ge' do dh'fheudadh e air doigh 'eile a bheul a dhruideadh, agus le 'ùghdaras aithn a thabhairt da a thosd a chumail; gidheadh, cha b'aill leis a dheanamh; ach ann an so theid e romhainn ann an eisimpleir, a chum 's gu'n gabhadh siune mar an ceudna am focal, agus gu'n gleachdamaid 'na aghaidh. 'Nis, tha fios agam gu maith nach pill am focal so air ais gu dìomhain; tha mi cinnteach gu'n toir Dia a bheannachd air do chuid agaidh; agus tha deadh aithne agam gu'n dean cuid agaibh am feum so dheth, gu'm bi am focal so na riagh-aillt dhuibh gu a bhi beo d'a reir fad uile laithean 'ur beatha; agus gu'm bi am focal so na 's ionmhuinn leibh na bha e riamh, agus gu'n cleachd sibh am focal so na's trice na rinn sibh riamh, agus gu'n gabh am focal so comhnuidh annaibh na's ro-phailte na rinn e riamh: tha mi dearbh-ta gu'n rùnaich cuid agaibh so leibh fein.

'SAN T-SEACHDAMH, agus ANNS AN AIT MU DHEIREADH.
 Gabhaibh urnuigh, ni as eugmhais nach dean càch

uile feum ; oir ge do bhiodh agaibh a chuid 'eile de'n ar-
machd gu leir, gidheadh ma tha sibh as eugmhais urn-
uigh, cha'n urrainn duibh an cleachdadh ; uime sin cha
dean iad maith dhuibh. Mo thruaighe ! Cia iomadh
dhibh a tha ruisgte an diugh, air dhoigh 's nach 'eil
agaibh aon-chuid firinn no ionracas ann bhur cridhe.
An do chuir sibh oirbh brogan geallaidhean an t-soisg-
eil ? Mu thruaighe ! cia iomadh dhibh nach do shìn an
lann a mach, mar gu'm b'ann a ifrinn, agus a tharruing
a nuas fuil Chrìosd a dh'ionnsuidh bhur n-anama marbh
agus bhur coguisean air an lotadh ; agus, air dhuibh a
bhi anns na doimhneachdaibh so, a thog suas bhur
n-anama, air an truailleadh le peacadh, agus a rinn
fhuil-san a chrathadh orra, agus le sin a fhuair aoibh-
neas do-labhairt, agus sìth do 'ur coguisibh, a tha dol
thar na h-uile thuigse, trid a bhi deanamh greim air an
fhuil sin ? Agus cia iomadh dhibh, 'nuair a bha 'ur
cridheachan air an lotadh gu goirt, agus 'nuair a bha
teine do-fhulangach air fhadadh ann bhur n-anama, gu'n
do ghabh sibh i agus gu'n do thilg sibh anns an teine sin
i a chum a mhuchadh ? Agus cia meud dhibh a chuir
slainte air bhur cinn, agus a thaisbean do'n t-saoghal,
gu'm bheil dochas agaibh-se air-son a ghloir sin, agus
air-son teachd bhur Tighearn, anns na neulaibh ? Agus
cia meud dhibh a ghabh focal Dhe air son bhur dìon
ann an aghaidh uile bhuaireidhean an t-Sàtain ? Mo
thruaighe ! Is ro-theire dhibh, tha mi 'm beachd, aig
am bheil fein-fhiosrachadh air na nithe so ; ach fathasd,
anns na nithe so uile, cha'n fhaigh sibh buannachd mur
bi urnuigh air a h-aonadh riu. Cha'n fhada gus an
fàilling do chreideamh mur bi thu ag urnuigh ; cha'n
fhada gus an teid as do t-fhireantachd mur 'eil thu ag
urnuigh ; bithidh do threibhdhireas ann an ùin ghearr
truailte mur h-'eil thu ag urnuigh : uime sin, thuilleadh
air a chuid 'eile gu leir, feumaidh tu urnuigh a bhi agad.

'Nis mar air son urnuigh, fosglaidh i na flaitheanas
dhuit, agus thig i a dh'ionnsuidh doras trocair Dhia ; agus
buailidh i ann an sin, agus èighidh i aig na geatachan ;
ann an sin is aithne do'n dorsar, a cheannaich thu le fhuil
fein, do ghuth ; oir b'aithne dhuitse guth do Tighearn
aig èigheachd riut ann an so 'na fhccal. Uime sin, cho
luath 'sa thig thusa, le urnuigh, a dh'ionnsuidh na
flaitheanas, èisdidh e-san do ghuth, agus their e, 'se so

aon de mo chaoraich, tha e-san aig eisdeachd ri mo ghuth-sa; uime sin tha e na dheadh aobhar gu'n eisdinn-sa ri ghuth-san a rìs. Dh'eisd e-san rium-sa 'nuair a ghairm mi air; uime sin eisdidh mise ris-san 'nuair a tha e gairm ormsa: lean e-san mise 'nuair a ghlaodh mi ris; uime sin thig mise do ionnsuidh-sa 'nuair tha e-san aig èigheachd riumsa; dh'fhosgail e-san dorus a chridhe dhomh-sa, agus leig e a steach mi 'nuair a bhual mi aige; uime sin, fosgailidh mis' dorus mo throcair dhasan, agus leigidh mi a steach e, air dhomh fhaicinn gu'm bheil e 'bualadh aige.

'Nis, an b'aill leibh fios fhaotainn, cia mar a ta urnuigh a' teachd, agus ciod an doigh a'm bheil i air a h-oibreachadh ann an cridhe neach air bith? Innseam dhuibh.

Air tus, tha'n Tighearn a' teachd agus a seasamh aig dorus do chridhe a' bualadh, ag radh, Dan. v. 2, 'Fosgail domh, mo choluman, m'aon ghaoil, m'aon sgiamhach, oir tha mo cheann comhdaichte le druchd, mo chiabha le braonaibh na h-oidheche,' oir cheannaich mi thu gu daor, fosgail thus dhomhsa, agus leig a steach mi, agus fanaidh mi rè na h-oidheche; 'an sin eiridh tusa agus fosglaidh tu dorus do chridhe, agus thig esan a steach agus fanaidh e maille riut.

Tha thus a rìs le urnuigh a' dol a dh'ionnsuidh geata Neimh, agus dorus na trocair, agus buailidh tu aige; ann an sin their thu—a Thighearn, 'an so tha mise, a dh'eisd ri do ghuth-sa a' labhairt ann a' t'fhocal; ann an so tha mise a dh'fhosgail dorus mo chridhe, agus a leig thus a steach, agus trid do làthaireachd-sa fhuair mi sìth. 'Nis, a Thighearna, tha mi air teachd ad' ionnsuidh le uallach tròm air mo dhruim, agus co tròm, 's gur ann air eigin a fhuair mi suas gu mullach na beinne. 'S iomadh osnadh agus acain a bh'agam mu'n d-rainig mi gu ruige so; 's iomadh gleachd agus cogadh a' bha agam mu'n d'fhuair mi an so; agus, a Thighearn, mur bhiodh trid neart do chumhachd-sa, cha d'thiginn gu bràth an so. 'Nis, air faicsinn trid neart agus cumhachd do ghairdean gu'n d'thainig mi fa' dheireadh, uime sin fosgail dorus do throcair, agus innigh do thruais, agus leig dhomh fois fhaotainn ann an sin do m'anam sgìth agus fànn, a tha air a ro-sharachadh agus sgìth le uallach a pheacaidh, agus na feirge a ghiulain mi rè ùine co fada.

Mar sin, 'se so urnuigh, agus tha a leithid so do dh'urnuigh a faotainn freagradh grasmhoir o'n Tighearna, ag radh, thig air t-aghaidh, iarr 'ge b'e ni a's aill leat agus bithidh e air a dheonachadh dhuit. 'Ne maitheanas peacaidh a b'aill leat fhaotainn? Bi do dbeadh mhisneach, tha do pheacaidhean air am maitheadh dhuit. 'Ne fireantachd gu do chomhdachadh a b'aill leat? Feuch m'fhireantachd-sa, gabh ad' ionnsuidh i agus cuir ort i. 'Ne cridhe glan a tha dh' easbhuidh ort? Feuch, an so tha m'fhuil, creid innte agus ni i do ghlanadh. Mar sin ciod sam bith a tha dh'ith ort ulluichidh mi dhuit e.

'Nis, na'm b'aill leibh 'ur n-urnuighean a bhi air an eisdeachd, agus 'ur n-iarrtuis a bhi air an tabhairt dhuibh, 'an sin feumaidh sibh an dà ni so a cheangal ri cheile,

Air tùs. Feumaidh sibh an Tighearn a chluinntinn a' labhairt ribh 'na fhocal; oir tha e-san ann an guth caol ciuin searmonachaidh 'an t-sois-geil, agus tha e 'ga fhoills-eachadh fein ann roimh gach meadhon air bith 'eile; mar 'nuair a dh'fhoillsich se e fein do Elish, i Rìghre xix. 11, 12. Cha'n fhac e anns an teine e, cha'n fhac e anns a ghaoth e, cha'n fhac e anns a chrith-thalmhainn e, ach tha e 'ga fhaicsinn a mbain anns a ghuth chaol chiun; agus dh'aitinich Elish gu'n robh an Tighearna anns a ghuth sin; uime sin, chomhdaich e aghaidh le fhalluing, 'nuair a chuala e a ghuth, mar chomharadh air urram dha. Mar so tha mi ag radh, ma chluinneas sibh a ghuth a' labhairt ribh anns a mhinisteir-lachd so againn, agus mar an ceudna, ma dh'fhosglaas sibh bhur cridheachan gu gabhail ris, tha mi tabhairt fianuis duibh gu'n eisd an Tighearna sibh-se 'n 'ur n-urnuigh, a tha 'g eisdeachd ris-san a tha nis a' labhairt na fhocal, agus fosgailidh e dorus seomar a lathaireachd agus a throcair a chum do leigeadh-sa steach, a dh'fhosgail do chridhe dhias-an, agus a leig a steach e-san a sheas a' buailadh aig dorus do chridhe, agus bithidh e-san air fhaotainn leat 'nuair a dh'iarras tu e, thus a bha air d'fhaotainn leis-san a bha ga d' iarraidh-sa anns a mhinisteir-lachd so.

Tha nis a' leanntuinn cia mar is coir dhuibh urnuigh a dheanamh. Is maith dhoibh-san is urrainn doigh cheart na h-urnuigh fhaotainn. 'Nis, a chum so a thuigsinn

na's fearr, comharaichibh dà choir air an cuir sìos ann an so.

Air tus. 'Deanaibh urnuigh gun sguir,' 'se sin aig gach uile àm. Tha'n t-Abstol e fein a' mìneachadh so ann an aite eile, I Tessel. v. 17, ag radh 'deanaibh urnuigh gun sguir;' agus, ann an ait' 'eile, 'buanaichibh ann an urnuigh;' agus cha robh so aige uaith fein, ach theagaisg a Mhaighstir agus a Shlanuighear an ni ceudna dha ann an Lucas xviii. 7. le bhì cuir a mach comhsamhlachd bantrach, agus breitheamh eucorach, a dh'ionnsuidh an d'thainig a bhantrach so a latha agus a dh'oidheche, aig iarraidh ceartas air, agus ge' nach robh aon-chuid 'eagal Dhe air, no speis aig do dhuine, gillheadh do bhrìgh 's gu'n robh i co durachdach agus co dìon-iarrtaineach air, tha e air a chomh-eigheachadh gu eisdeach rithe mu dheireadh; agus tha a chomhsamhlachd so uile a chum a's gu'm foghlumadh sinne bhì durachdach ann an urnuigh. 'Nis, tha fhios agam gur e mor ghràs a chumas suas sibh, air doigh 's nach fannaich sibh ann an urnuigh; oir, mar a dh'innis mi dhuibh, dh'fheumadh Maois dithis a chumail suas a lamhan, a chum 's nach tuiteadh iad sìos, agus nach fannaicheadh e ann an urnuigh, oir bha fhios aca co fhada 'sa bhiodh a lamhan air an cumail suas ri Dia, gu'm buadhaicheadh iadsan; uime sin, ma bhunaicheas tus ann an urnuigh gun fhannachadh, feumaidh tu rùnachadh a radh maille ri Daibhidh, 'thubhairt thu. Thighearna, iarr m'aghaidh, agus fhreagair mo chridhe, Thighearna, do ghnais iarraidh mi do ghnath." Agus na'm b'aill leibh gun fhannachadh ann an urnuigh, cuiribh suas an dà thaic so fuidh 'ur lamhan.

'Sa cheud aite. Cuimhnich àithn Dhe.

'San dara h-aite. Cuimhnich gealladh Dhe; an aithn, 'gairm ormsa ann an latha na teantachd,' an gealladh, 'agus eisdidh mi ruitse, agus saoiridh mi thu.' Se'n aithn', 'Iarraidh, siribh, agus buailibh;' Se'n gealladh, 'bheirear dhuibh, gheibh sibh, agus fosgailear dhuibh. Mar sin 'siad so na cul-taic a dh'fheumas 'ur cumail suas, agus bhur lamhan a chumail suas a chum 's nach fannaich sibh ann an urnuigh; amhaircibh do ghnath ri aithn Dhe, a dh'iarr oirbh faire agus urnuigh a dheanamh do ghnath. Cuimhnichibh, uime sin, gu'm feum sibh urnuigh a dheanamh, mur bi sibh eas-umhail do'n

Tighearna, agus mar sin gu'm broснаich sibh e gu bhì ann am fearg ribh. Anns an ath ait, seall ris a ghealladh a thug e, gu'n eisd e ruit, deonaichidh e t-iarrais, agus fosgailidh e dorus a throcair, agus thig e ad' ionnsuidh mu dheireadh; ge' do dh'fhanas e 'uait air son tamull, agus ge do bhiodh e mar gu'm b'ann a' bagradh a lathaireachd a bhì fada uait; gidheadh, fa' dheireadh, thig e agus bheir e dhuit freagradh caomh agus gràmhoir, mar a thug e do Dhanìel; ge' do bhuanairch e ag urnuigh agus a' trosgadh rè ùin thrì-laithean-fichead, agus rè na h-ùin sin uile, chuir an Tighearn dail ann am freagairt a thabhairt dà, gidheadh, bha urnuigh air a h-eisdeachd air an dearbh cheud thiota' air an d'fhosgail e a bheil gu urnuigh.

'Nis, mur dean an dà thaic so an gnothach dhuit, cuir a dhà 'eile riu. Sa cheud aite, cuimhnich gu'm bheil agad Fear-tagraidh agus Eadar-mheadhon'ear air Neamh a chum tagradh air do shon, oir chaidh e-san romhad agus rinn e 'n t-slighe reidh le fhuil fein, agus rinn e rathad nuadh agus beo dhuit, a clum, trid-san, gu'n tigeadh tu gu fàitheanas; dh'fhosgail e geataichean na fàitheanas, a chum gu'n leigeadh e a steach thu; co ma seadh, is urrainn do dhruideadh a mach?

Agus do bhrìgh 's gu'm bheil t-urnuighean salach agus truaillidh le peacadh; uime sin, 's e-san an t-aingeal sin a ta na sheasamh leis an tuisair òir 'ra lamh fa' chomhar na h-altrach, 'Dha'n robh mòran tuis air a thabhairt, a chum 's gu'n tugadh se e maille ri urnuighean nan uile naoimh air an altair òir, a bha 'n lathair na rìgh-chaitheach, agus chaidh deatach 'na tuisse suas maille ri urnuighean na'n naoimh, 'o lamh an aingil an lathair, Dhe,' Taisb. viii. 3, 4.

'S e-san an t-Aaron sin, a ta cuir a steach am boltrach cubhraidh deth dh'fhuil fein, agus a tha cuir deadhbholladh dheth t-urnuighean-sa le deagh-bholladh cubhraidh fhìreantachd fein, agus 'an sin 'gan tabhairt an lathair an Athair; oir cha'n fhead thu a dhol a dh'ionnsuidh an Athair 'sa cheud cheum, ach feumaidh tu air tùs a dhol a dh'ionnsuidh an Eadar-mheadhon'ear, agus iarraidh air-son air tùs deagh-bholladh a chuir deth t-urnuighean, agus an deigh sin an toirt an lathair an Athair agus gu'n guidheadh e-san an t-Athair air son gu'n gabhadh se riu, agus gu'm biodh e trocaireach

dhuith-sa air a sgath-sa; tha e-san na Aaron a chum aon lamh a chumail suas, ach c'ait am faigh thu Hur gus an lamh eile a chumail suas? Tha e air iarraidh oirbh uallaichean a cheile a ghiulan. Tha mi ag innseadh dhuibh, gu'm bheil agaibh na naoimh, a chum urnuigh a dheanamh air 'ur son; tha e air iarraidh oirbh urnuigh a dheanamh air son a cheile. Rinn Abraham urnuigh air son Lot, agus dh'eisdeadh ris; rinn Maosis urnuigh air son cloinn Israeil, agus le urnuigh-san thionndaidheadh air falbh corruich Dhe a bha air lasadh 'nan aghaidh; rinn Daniel urnuigh air son saorsa d'a shluagh a bha ann am braighdeanas, agus bha e air eisdeachd, Daniel iv. Rinn na naoimh urnuigh air son Pheadar, air dha bhi 'sa phrìosan, agus dh'eisdeadh riu, oir shaoir an Tighearn e. Gnìomh. xii. 15. Tha Pòl ag radh ri Timoteus, 'Bheiream buidheachas do Dhia, do'm bheil mi deanamh seirbhis o'm shìnsireachd le coguis ghlan, gu'n do chuimhnich mi ort ann am urnuighean a latha agus a dh'oidheche gun sguir.' Cìod e tuille? Tha'n sgrìobtuir làn do eisimpleiribh, mar iad so. 'Nis, an urrad so air a cheud nì gur coir dhuinn urnuigh a dheanamh.

An ath nì an deigh so, eadhon, 'deanamh urnuigh leis gach uile ghne urnuigh agus ghuidheadh,' se sin, dean urnuigh air son gach uile ghne ghras, agus gach uile ghne bheannachdan a tha feumail m'ar-aon air son anam agus corp, dean urnuigh air son gach uile sheorsa ghras, 'araon spioradail agus aimsireil; deanaibh urnuigh air son gu'n dealradh gloir an Tighearn ann bhur cridheachan; deanaibh urnuigh gu'n tigeadh riogheachd Dhe a nuas a dh'ionnsuidh bhur n-anama; deanaibh urnuigh air son maithneas peacaidhean ann am fuil Iosa; deanaibh urnuigh air son creideamh; deanaibh urnuigh air son aithreachas; deanaibh urnuigh air son gradh Dhe; deanaibh urnuigh air son tiodhlaisean an Spioraid Naoimh. Feudaidd tu urnuigh a dheanamh gu saor air son na'n grasaibh so uile, gun seachnadh, do bhrìgh's gu'n d'aithn Dia, agus gu'n do chuir e gealladh ris, as eugmhais cumha; oir tha'n Tighearn ceangailte an tabhairt dhuit gu saor gun seachnadh. Anns an ath aite, feudaidd tu urnuigh a dheanamh air son gach gne bheannachdan a bhuineas do'n bheatha so; ach ann an doigh eile, agus air chumha, feudaidd tu guidhe air son biadh agus deoch 'nuair a

tha thu ocrach, ach air a chumba so, feumaidh tu a chuimhneachadh, ‘Nach tig duine beo air aran a mhain, ach air gach focal a tha teachd a mach ’o bheul Dhe,’ Deut. viii. 3, agus Mata. iv. 4. Agus air a chumba so, nach bi thu cho mòr fuidh chùram air son a bhìadh a theid am mugh, ’s bhios tu air son a bhìdhe mhaireas a chum na beath sìorruidh; ach feudaidh tu urnuigh a dheanamh air son gloir Dhia, agus maitheanas do pheacaidhean, agus air son fìor-chreidimh tearnaidh, agus air son aithreachas a chum beatha, agus air son crìdhe glan, agus air son a chuid ’eile do dh’uile ghràsan an Spioraid Naoimh gu saor, gun chumba sam bith, agus bithidh so na chomhara’ cinnteach dhuit gu’m bi thu air do chluinntinn, agus t-iarrais air an deonachadh; oir ma chuir an Tighearna riamh ann do chridhe acan agus osnaichean gu urnuigh a dheanamh air son an Spioraid, agus air son gràsan an Spioraid, an sin feudaidh tu bhì cinnteach, gur e crìoch shaor an Tighearn’ an tabhairt dhuit. Se so do bharrant.

‘SA CHEUD AITE. “Gairm orms ann an là teanntachd agus eisidh mi riut.”

‘SAN DARA H-AITE. “Doirt a mach do chorruch, O Thighearn, air na teaghlàichean nach ’eil a’ gairm air t-ainm.”

‘SAN TREAS AITE. “Na h-uile a ghairmeas air ainm an Tighearna tearnar iad.”

‘SA CHEITHREAMH AITE. Biodh eadar-mheadhonair-eachd a Mhic na bharrant dhuit; tha e ag eadar-ghuidhe anns na neamha air do shon, chuir e a Spiorad ad’ ionnsuidh a dheanamh comhnadh ri ’d anmhuinneachdan, le acan agus osnaich do-labhairt; mar sin, ’nuair nach urrainn thus urnuigh a dheanamh, ni an Spiorad an taobh stigh dhìot do chomhnadh gu urnuigh a dheanamh.

‘SA CHUIGEAMH, agus anns an àit mu dheireamh. Deanadh luach fhola do neartachadh, do bhrìgh ’s gu’n do cheanraich e na gràsan so gu leir air do shon; biodh iad so na’m barrantan gu leoir dhuit, agus air do shon, gu’n d’thoir an Tighearn na gràsan so gu saor, gun luach, no cumha sam bith air iarraidh air do thaobh-sa; ach air son na’n nithe so ’o ’n taobh muigh, a bhuineas do’n bheatha so, gheall an Tighearn an tabhairt dhuit, ach air a chumba so—cho fada ’sa bhithcas iad a chum a ghloir fein, agus cho fada sa bhithcas iad a chum do

mhaith-sa, a chum do chuir air aghaidh ann an ruith do reis: oir ciod e tha agadsa r'a dheanamh ri nithe an t-saoghail, a threig agus a chuir ann an aghaidh nithe an t-saoghail so? Tha e fìor gu'n d'thug urnuigh a nuas 'o neamh beannachdan aimsireil; or thug urnuigh aran 'o neamh, a bheathaich clann Israeil anns an fhàsach rè ùin da-fhichead bliadhna; thug urnuigh air uisge ruith a mach as na creagan, a thug deoch do'n t-sluagh agus do'n spreidh ann am pailteas; thug urnuigh air am brogan agus an cuid eudaich mairsinn da-fhichead bliadhna, nach d'rinn iad aon-chuid reubadh no f'às sean choslach; agus ge d' nach robh aca aon chuid clòimh gu chardamh no lìon gu shnìomh, gidheadh cha robh iad as eugmhais eudach.

Na dheigh sin tha e ag radh, 'Deanaibh urnuigh 'san spiorad.' Tha urnuigh 'san spiorad a' gabhail a steach ceithar nithe:

'SA CEUD AITE. 'Deanaibh urnuigh 'san spiorad,' se sin, deanaibh urnuigh ann an irioslachd; 2, ann an dùrachd; 3, ann an creideamh; 4, ann an treibhdhìreas.

1. 'Gu urnuigh a dheanamh 'san spiorad,' se sin, gu urnuigh a dheanamh le cridhe iriosal; oir tha'n t-Abstol Peadar ag radh, 1 Pead. v. 6, 'Tha Dia ag cuir ann an aghaidh nan uaibhreach, ach bheir e gràs dhoibhsan a ta iriosal.' Mar an ceudna tha Dia fein ag radh, 'Anns an ionad ard agus naomh gabham-sa comhnuidh; maille ris-san fos a tha leointe agus iriosal 'na spiorad; a bheothachadh spiorad nan iriosal, agus a bheothachadh cridhe nan daoine leointe,' Isaiah lvii. 15. Rinn Abraham urnuigh ann an irioslachd, Gen. xviii. 27. ag radh, 'Ghabh mi orm fein labhairt ri mo Thighearn, agus gun annam ach duslach agus luathre.' Rinn Iacob urnuigh ann an irioslachd, Gen. xxxii. 10, ag radh, 'cha'n airidh mi air a' chuid is lugha do na trocairibh sin uile, no do'n fhirinn sin uile a nochd thu do d' sheirbhiseach.' Rinn an eis-mhaoir urnuigh ann an irioslachd, Lucas xviii. 13, 'nuair a sheas e àm fad as, agus nach b'ail leis urrad 'us a shuilean a thogail suas gu neamh, ach bhual e uchd, ag radh, 'a Dhia, dean trocair orm-sa a ta am pheacach.' Rinn an Ceannard-ceud urnuigh ann an irioslachd 'nuair a thubhairt e, 'Thighearn, cha'n fhiù mi gu'n tigeadh tu steach fuidh mo chleith.' Rinn bean Chanaain urnuigh ann an irioslachd, 'nuair a thubhairt i,

‘Biodh trocair agad orm, a Thighearn, Mhic Dhaibhidh, tha mo nighean air a buaireadh gu truagh le deamhan.’ A rìs tha i ag radh, ‘Thighearna, cuidich leam;’ agus an treas uair tha i ag radh, ‘is fìor e, Thighearn, is cù mi, gidheadh, ithidh na cèin de’n spruileach a thuiteas ’o bhord am maighstir.’ Rinn a mhuintir so uile urnuigh ann an irioslachd; uime sin, ’nuair a ni thus urnuigh, thig le cridhe iriosal a dh’ionnsuidh Dhia.

2. ‘Deanaibh urnuigh ’san spiorad,’ se sin deanaibh urnuigh gu durachdach, no le spiorad eudmhoir, oir tha urnuigh ’san spiorad a’ tabhairt teine ’o neamh, a tha fada’ a chridhe na lasair, agus a’ leaghadh cridhe an duine no a bhean aig am bheil an spiorad; mar a ta ghrian ann an là teth samhraidh a’ cuir boiscgidhean teas uaith a tha leaghadh na cèir a tha air a cuir fa chombair, eadhon mar sin tha boiscgidhean teth an Spioraid Naomh a’ tarraing a nuas teine ’o fhlaithneas a dh’ionnsuidh do chridhe, a chuireas na lasair e, agus ann an sin leaghaidh do chridhe le mothachadh air an aonachd shona, agus chaomh sin a tha eadar t-anam agus Criosd; an sin eighidh tu mach leis an Eaglais ann an Dan. viii. 6, 7. ‘Tha gràdh laidir mar am bās, tha eud aniochdmhoir mar an uaigh; is eibhle-teine ’eibhle-san, a lasair ro ghar: cha’n urrainn uisgeachan lionmhor an gradh a mbuchadh, agus cha bhath na tuiltean e. Na’n tugadh duine uile mhaoin a thigh air son graidh, dheanadh daoine tair air gu tur.’ Mar so feudaidh urnuigh (gu ceart) a bhi air a gairm durachdach, oir tha i a’ losgadh suas a chridhe le teine gaoil Dhe air a sgaoileadh a mach air do chridhe leis an Spiorad Naomh. Tha e fìor, nach bi thu do ghna mar sin ’nuair a ta thu ag urnuigh, oir ghlaodh cuid dbeth na naoimh cosmhail ri madadh-alluidh anns an fhasach, agus mar phelican ’an ionad-aonaranach, rinn iad caoidh mar cholumanibh air mulach na’n tighean, Salm cii. 6, 7. Ghlaodh cuid dhiubh le glaodhaich laidir agus le iomadh dèur; gu dearbh thug urnuigh air daoine gu’n robh iad fuidh fhalas air an aghaidh; ’nuair a chuimhnicheas mi air falas-fola ’ar Tighearn anns a gharadh, ’nuair a ’rinn e urnuigh co durachdach aon-uair, dā-uair, trí-uairean, ag radh, ‘Athair, ma tha e so-dheanta, rachadh an cupan so seachad orm;’ agus nuair a bha fhalas mar bhraona mōra fola tuiteam s. os a dh’ionnsuidh an talamh; ’nuair

a bha e-san (tha mi ag radh) a b'e oighre na'n uile, co durachlach ann an urnuigh, ciod e mar bu choir dhuinne a bhi, a tha n'ar deircich thruagh, agus aig nach 'eil a bheag ach mar a gheibh sinn uaith-san.

3. 'Deanaibh urnuigh 'san spiorad,' 'se sin, deanaibh urnuigh ann an creideamh; uime sin tha e air a radh, Mata xxi. 22. 'G'e b'e air bith nithe a dh'iarras sibh ann bhur n-urnuigh, ma chreideas sibh, gheibh sibh iad.' Cosmhuil ri Ionas ii. 2. Rinn e urnuigh 'nuair a bha e ann am broinn na muice-mara (ann an creideamh), agus chuala an Tighearn e agus bha e air a sbaoradh. Rinn urnuigh ann an creideamh iomadh nithe mora, ruith i suas a dh'ionnsuidh na flaitheanas agus thug i nuas breitheanas Dhe air a naimhde; agus a ris, thug urnuigh a chreidimh air falbh a bhreitheanas o na naimhde, agus dh'fhosgail i a bhroinn aimrid, 1 Sham. ii. 5, agus thug i oirre clann a bhreith; dh'fhosgail i uinneagan neamha, agus thug i uisg a nuas, thug i air na creagan sgoltadh, agus air uisgeachan bruchdadh a mach, dh'fhosgail i suilean na'n doill, ghlan i na muirich, thog i na mairbh, thug i air an talamh criothnachadh, dh'fhuasgail i na cuibhrichean, dh'fhosgail i dorsan a phriosan; agus, gu bhi goirid, rinn i greim air an Spiorad ghloirmhoir sin, agus thug i nuas o neamh e a dh'ionnsuidh anamaibh na'n creidmhidh; air an aobhar sin deanaibh urnuigh ann an creideamh, agus na cuiribh ann an teagamh, deir an t-Abstol Seumas i. 6, 'Oir e-san a ta cuir ann an teagamh na saoiladh e gu'm faigh e ni air bith o 'n Tighearn.'

4. Agus anns an aite mu dheireadh, 'Deanaibh urnuigh anns an spiorad,' 'se sin, dean urnuigh ann am frinn agus ann an treibhdhireas do chridhe, gun cheilg, agus cha'n ann air sgath fasan.

CRIST. Feoirichidh tu, ciod air son am bu choir dhuit urnuigh a dheanamh?

FREAGRADH. Dean urnuigh air t'us, air son gloir Dhe, agus air son gu'm biodh Rioghachd neimh air a leagail a mhain a dh'ionnsuidh d'anam fein; dean urnuigh air son fìor chreideamh, dean urnuigh air son aithreachas, dean urnuigh air son naomhachadh, agus air son a chuid 'eile gu leir de na beannachdan spioradail, a bhuineas dhuit ann an Crìosd.

2. Dean urnuigh air son gu'm faigheadh tu neart as ùr,

agus gràs as ùr gach là, a chum do chumail suas ann an là a bhuaireadh.

3. Dean urnuigh air son na h-uile ni a ta feumail anns a bheatha so, co fada 'sa bhios tu leo comasach air seirbhis Dhe a chuir air aghairt.

CEIST. 2. Co air son an dean thu urnuigh ?

FREAGAIRT. Dean urnuigh air son na'n uile dhaoine agus mhnathain a bhuineas do'n taghadh-bhithbhuan, th'air an gairm no a tha fathas as-eugmhais a bhi air an gairm; an deidh sin feudaidh tu urnuigh a dheanamh air son pearsaibh sonruichte fa-leth, ris am bheil agad ceangal sonruichte. Tha ceangal sonruichte eadar am fear-posd agus a bhean-phòsd, eadar na pàrantaibh agus a chlann. Rinn Iacob urnuigh air son a bhean agus a chlann, Gen. xxxii. 11. Tha fear-posd fuidh cheangal urnuigh a dheanamh air son a bhean, agus a bhean-phòsd air son a fir. Tha na parantan fuidh cheangal urnuigh a dheanamh air son na cloinne, agus a chlann air son na'm parantan. Tha ceangal sonruichte eadar am Maighstir agus an seirbhishach; uime sin, ghuidh seirbhiseach Abraham air son deadh shoirbh-eas do ghnothuch a mhaighstir, Gen. xxiv. 12. Tha ceangal sonruichte eadar an Rìgh agus a chuid iochd-ranaibh; uime sin rinn Solamh urnuigh air son a shluagh, agus rinn iad-san urnuigh air a shon-san, 1 Rìgh viii. 22, 66. Tha ceangal sonruichte eadar am Ministir agus a threud, agus eadar am Maighstir agus an sgoilear; uime sin rinn Pòl urnuigh air son Timoteus, agus dh'iarr e air Timoteus urnuigh a dheanamh air a shon-san. Rinn Samuel urnuigh air son a shluagh (1 Sam. xii. 18.) aig an iarrtais; agus chuir an Tighearn teine agus tairneanaich, maille ri uisge o neamh; agus bha eagal an Tighearn air an t-sluagh. Mar so bu choir dhuinne urnuigh a dheanamh air son a cheile; oir rinn urnuigh an dara h-aon air son an 'aon 'eile nithe mòra; oir tha Eoin ag radh, 1 Eoin, v. 16. 'Ma chi neach sam bith a bhrath'air a' peacachadh peacaidh nach 'eil a clum bais, iarradh e o Dhia, agus bheir e beatha dha; tha so na ni m' r. 'Nuair a bha fearg Dhia air lasadh ann an aghaidh Israeil, rinn Maois urnuigh, agus bha fearg Dhia air a pilltinn air falbh. Rinn Iob urnuigh air son a Mhic agus a nigheanan, Iob i. 5. am feadh a bha iad air chuilm agus galeilheadh iad.

Rinn na naoimh urnuigh air son Pheadar 'nuair a bha e anns a phrìosan, agus shaor an Tighearn e le aingeal, Gnìomh. xii. 5.

'Nis ma ta, deanaibh urnuigh, agus choisinn sibh an latha : 'se so a nis an t-àm is mo feum air urnuigh, o'n uair sa chruthaicheadh an saoghal ; oir tha feum mòr ri urnuigh. Tha mi feoireach ri 'ur coguisibh fein mur 'eil feum agaibh ri urnuigh no nach 'eil ? Co uaith a tha'n doille so uile, am mi-chreideamh so gu leir, ach o easbhuidh urnuigh. Uime sin, deanaibh urnuigh, oir bithibh-se cinnteach, a cheart cho luath 'sa sguireas sibh-se do dh'urnuigh, gu'm bi an diabhul a cheart cho luath ullamh gu'r buaireadh. Thuille oirne fein, tha againn ri urnuigh a dheanamh air son uile naoimh Dhe air an talamh. An amhaire sibh ris an talamh, an amhaire sibh ris an t-saoghal, agus riu-san a tha fuidh uachdaranachd an Tuirc ; amhaireibh air an-ìochd, a tha 'cuir a luchd cogaidh a dh'ionnsuidh na'n Crìosduidhean, agus a tha toirt an clann mhac 'o bhroilleach an mathair, agus a tha ga'm foghlum suas na chreideamh fein, air doigh 's nach faigh iad gu brath cead eolas fhaotainn air Crìosd ; agus 'nuair a thig iad gu aois, tha e ga'm foghlum suas ann a chuid cogaidhean, agus 'gan deanamh na'n nainilide is romarbhtich air na Crìosduidhean, ionnas gur e am Mac is ro ullamh a bhios gus a chlaidheamh a shathadh 'na Athair. Ciod e ma thig a bhreitheanas so gu Alba ? Ann an sin dh'fhèudadh sinn a radh, mo thruaighe ! cha do ghabh sinne riamh saothar a chum 'ar clann a thogail suas ann an eagal an Tighearn ; uime sin, is ceart a thainig so oirne. Ma ta deanaibh urnuigh air an son-san a tha fuidh thrailleileachd an Ana-crìosd ; agus cuimhnicibh mar an ceudna 'ar n-Eaglais bhochd ann bhur tìr choimhearsnach, a tha air a cumail fuidh dhaorsa, aig nach 'eil an t-saorsa gu seirbhis a thoirt do Dhia mar a ta againn. Tha feum againn a bhi ag urnuigh nach d'fhugadh Dia uainne an solus soisgeil a ta againn, agus nach bi sinn air n-ar caitheamh as leis a phlaigh a tha anns an tìr so. B'aill leam gu'm biodh sibh uile smuaineachadh air na nithe so, air son am bu choir dhuibh 'bhi g-urnuigh ; uime sin, guidheam oirbh, deanaibh urnuigh nach imich glòir an Tighearn, a tha 'dealradh anns an t-soisgeil so, a ni tha na spiorad agus na bheatha, air falbh uainne. Cha'n

'eil mi a' ciallachadh a ghloir o'n taobh a muigh. rachadh sin a dh'ionnsuidh Babel, agus gus an Ana-criosd, oir is e-san aig am bheil òr agus saibhreas an t-saoghail so; ach tha gloir an Tighearn a' tabhairt air 'ar cridheachan crathadh 'us criothnachadh. B'e sin gloir an Tighearn 'nuair reub creagan cridheachan dhaoine agus mhathan aig guth an t-soisgeil; agus b'e sin a ghloir-san, 'nuair a dh'eirich daoine agus mnathan a bha 'nan luidhe marbh, agus air lōbhadh, ann an uaigh an truailidheachd, o bhās gu beatha, aig dhoibh a ghuth a chluinntinn ann am ministear'lachd an t-soisgeil. Tha dā bhreitheanas an crochadh 'os-ceann ar cinn, se sin, a phlaigh ann am meadhon na tìr, agus coslach gloir an Tighearna a bhi ag imeachd a mach as an tìr; oir tha e ag athrachadh agus a' tabhairt air falbh a lathaireachd fhaicsinneach 'o mheadhon na'n Cherubich, tha e a' tabhairt air falbh a chumhachd o'n a ministear'lachd anns an tìr so, oir tha e do-dheanta gu'n urrainn a lathaireachd-sa agus 'ar peacaidhean fantainn cuideachd. Co fada 'sa chumas sinne 'ar peacaidhean, agus nach gabh sinn aithreachas air an son, cha'n urrainn an Tighearn fantainn maille ruinn; agus ma theid e air falbh, tha mi ann an sin a' cuir an ceill breitheanas a theachd an deigh sin; agus cha mhis' a tha 'ga cuir an ceill, ach an Tighearn, a tha ag radh, Anaobliin duibh 'nuair a theid mis air falbh agus a dh'fhagas mi sibh. Leubhaibh Saim lxxviii. Chi sibh ann an sin caochladh do phlaighean air an doirteadh a mach air cloinn Israeil air son am peacaidhean 'nuair a dh'fhag an Tighearna iad dhoibh fein. Tha mi a' cuimhneachadh, 'nuair a chuala Eli gu'n do ghlacadh àire Dhe, ni a bha na shamhladh air lathaireachd fhaicsinneach Dhe, gu'n do thuit e an comhar a chuil agus gu'n do bhris e ambach, agus gu'n do bhasaich e; agus 'nuair a chuala bean a Mhic gu'n do ghlacadh aire Dhe, chom si i fein, agus thainig saothair chloinne oirre, agus bhasaich ise mar an ceudna. Cìod bu choir dhuinne a dheanamh ma ta, 'nuair nach e a mhain gu'm bheil sinn a' cluinntinn, ach le 'ur suilean a' faicsinn, lathaireachd fhaicsinneach Dhia air a tabhairt a mach a cridheachan dhaoine agus mnathan, agus tha e coslach ri bhi air a tabhairt a mach as an tìr gu h-ìomlain? Ach ma theid thus air falbh, 'Thighearn, 's maith dha'n duine a gheibh

bothan ann an tìr 'eile ! Oir tha tuairisgeil eagalach gu theachd an deigh sin, tha claidheamh gu theachd a bhios air a chuir air mhisg le fuil naoidheana agus chiochrana, anns nach bi aon chuid sean no òg, duine no bean, bochd no beartach, air an caomhnadh. Tha fios aig an Tighearna co uaith a tha e, ach tha mise a' smuaineachadh nach urrainn domh a bhi saor uaith ; ach feumaidh an tìr so, a tha air a truailleadh le fuil, a bhi air a glanadh le fuil a rìs. Ach na'm b'urraim sinn a bhi iriosal, agus ruith a dh'ionnsuidh an Tighearna le urnuigh ; na'm b'urra dhuinne a bhi ag iarraidh an Tighearua le trasgadh agus bròn, agus na'm b'urra dhuinn oidhearpachadh ann 'ar teaghlaichean 's 'nar pearsan fa' leth, gun teagamh leanadh beannachd na dheidhe, agus math-dh'fheuta gu'm biodh sith air a cuir o Dhia ann 'ar lathaibh-ne ; air an aobhar sin tha mi a' cuimhneachadh ciod e a tha 'm faidh Sephaniah ag radh, ' Cruinnichibh sibh fein ri cheile, 'seadh cruinnichibh ri cheile, O fhineadh gun iarraidh, mu'n tig an t-ordugh gu buil, mu'n siubhail 'ur là seachad mar mholl : mu'n tig corruich gharg an Tighearna oirbh, mu'n tig là feirge au Tighearn oirbh : iarraibh-se an Tighearn, uile dhaoine ciuin na talmhainn a dh'oibrich a bhreitheanas : iarraibh fireantachd, iarraibh macantachd : feudaidh e bhi gu'n tearnar sibhse ann an là feirge an Tighearna.' Sephaniah ii. 1, 2, 3. Mar so, a bhraithrean, cruinnichibh-se sibh fein ri cheile, mu'n tig an t-ordugh gu buil ; oir ma thig e a mach, cha'n urrainn e a bhi air a ghairm air ais a rìs ; agus cha'n urrainn a bheag a bhacadh ach aithreachas ; uime sin, tha mi guidhe oirbh bròn a dheanamh, agus bhur bròn athnuadhachadh mar nach deanadh sibh bròn rianh roimhe, agus co a's urrainn innseadh nach dean an Tighearn trocair oirne. Gidheadh, ma bheireas a bhreitheanasan oirne, feudaidh e bhi gu'm bi ni-eigin do thomhas soluis air fhagail aig 'ar sliochd, air dhoigh 's gu'm feud iad a radh, buidheachas do Dhia gu'n d'fhag 'ar n-Athraichean an urrad-sa do sholus na'n deidh dhuinne.

Cha chan mi tuille aig an àm, ach a bhi ag earbsa na bhla air a labhairt ri grasa Dhia ann an Crìosd Iosa, Dha-san, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, gu'm bi gach uile urram agus gloir, a nis agus gu siorruidh. AMEN.

AIR IOMADH PUING CHREIDIMH.

SEARMOIN XX.

AIR IOMADH PUING CHREIDIMH.

1 Eoin, iv. 7.—A mhuintir ionmhuinn, gradhaicheamaid a cheile, oir is ann a Dhia tha'n gradh; agus gach neach a ghradhaicheas, ghineadh o Dhia e, agus is aithne dha Dia.

Air do chuid a bhi air am mealladh agus air an cuir seachad leis an diabhul, tha iad a' smuaineachadh gur aithne dhoibh Dia, agus gu'm bheil iad 'ga ghradhadh maith na 's leoir, 'nuair fathast nach fhac agus nach do ghradhaich iad a riamh e; agus uime sin, cha robh iad riamh cinnteach gu'n do ghradhaich Dia iad-san: oir cha'n 'eil a h-aon 'sam bith aig an robh creideamh air gradh Dhe dhoibh fein, nach d'rinn an creideamh sin gradh oibreachadh suas 'nan cridhe do Dhia agus d'a chuid naoimh air a sgath-san. Mar sin ma ta, cha robh agadsa riamh dearbhachd air gradh Dhia do t'anam fein. ni mò a bha thu riamh fathast air taobh steach cuairt a ghraidh sin, aig nach robh riamh gradh do Dhia, no do 'chuid naoimh air a sgath-san; air an aobhar sin na meallaidh sibh fein. Ach air bhur son-sa a tha 'nar clann do Dhia, b'aill leis an diabhul bhur mealladh, 'nuair a b'aill leis a thoirt oirbh barail an-dana a bhi agaibh mu na ghradh so dhuibh fein, agus a b'aill leis a thabhairt oirbh tuiteam 'nar codal. nuair a fhuair sibh aon uair blasad air mothachadh a ghraidh-san 'nar cridhibh fein, agus a bha sibh air bhur lionadh le gairdeachas an Spioraid Naoimh; agus a nis air dhuibh seilbh a ghraidh sin a chall, tha e a' saothrachadh gu thoirt a chreidsinn oirbh nach robh bhur dochas fìor, agus mar sin gu 'ur tarruing a chum an-earbsa. Ach ciod bu choir duibh a dheanamh anns a chor so? Na gabh fois gu brath gus am faigh thu do dhochas air ath-nuadhachadh, agus iarr fathast a dhaighneachadh thairis a ris, agus na brudairibh dhuibh fein mu ghradh air son nach 'eil

agaibh barrant o fhocal Dhia ; an sin, 'nuair a their Dia agus fhocal gu'n do ghradhaich e thu, an sin, tha mise cinnteach gu'n tarruing ia-l uile so 'mach a t-anam :

'SA CHEUD AITE. Gradh do Dhia an t-Athair, mar thobair do shlainte.

'SAN DARA H-AITE. Gradh do Dhia am Mac, mar fhear coimhleanaidh agus deanamh iomlain do shaoraidh.

'SAN TREAS AITE. Gradh do na Spiorad Naomh, mar t-fhear solasachaidh agus naomhachaidh.

'SA CHEITHREAMH, AGUS ANNS AN AITE MU DHEIREADH. Gradh do gach aon do naoimh Dhe. Tha fhios agam gu maith gu'm bheil fein-fhiosrachadh aig moran agaibh air an so, aig iomadh am, 'nuair a fhuair sibh mothachadh air a ghradh so air a chraobh-sgaoileadh ann bhur cridheachan leis an Spioraid Naomh, aig an am sin bha agaibh mor ghairdeachas agus shòlas ; ach nuair a chaill sibh so agus bhur mothachadh, do bhrìgh 's gu'n robh bhur gradh do Dhia agus do a naoimh-san air a lagachadh, air an aobhar sin bha sibh air bhur creach de na h-uile sòlas air son 'ur n-anama. 'Nis, uime sin, a mhuinntir ionmhuin, ge b'e uair a gheibh sith an dearbhachd so, foghlumadh e an leasan so dhuibh, a th' air a thabhairt leis an Abstol Phol, Titus ii. 12, 13, 14. 'Oir dh'fhoillsicheadh gras slanteil Dhe do na h-uile dhaoine, a' teagasg dhuinn gach mi-dhiadhachd agus anamhiannan saoghalta aicheadh, agus 'ar beatha a chaitheadh gu stuaim, gu cothromach, agus gu diadhaidh anns an t-saoghal so 'lathair, air dhuinn suil a bli againn ris an dochas bheannaichte sin, eadhon foillseachadh gloir an De mhoir, agus ar slanuighear Iosa Crìosd, a thug e fein air ar son, a chum gu'n saoradh e sinn o gach aingidheachd, agus gu'n glanadh e dha fein, sluagh sonruichte, eudmhor mu dheadh oibribh. Mar so tha mi guidh oirbh, air sgath an Tighearn, mar a b'aill leibh gu'm biodh sòlas milis an Spioraid a' fantuinn ann-aibh, bithibh air bhur faicill o anamianaibh feolmhoir, bithibh air bhur faicill o cheilg an diabhuil, leis am b'aill 'ur creach dheth mothachadh a ghraidh so, a chum 's gu'n lagaicheadh e 'ur gradh do Dhia, agus do 'a naoimh-san ; uime sin, mur is mō a b'aill leis mothachadh a ghraidh so a lagachadh annaibh, biodh sibhse do ghnath na's treise gu greim a chumail deth, agus na d'thugadh e buaidh, ach fasaibh ann an gradh, agus ann an creid-

eamh, agus ann an gaol ionmhuinn Dhe beathaichibh bhur n-anama fein. Mar sin 'se ceud bhuaireadh an t-Satain air a thilgeadh ann an aghaidh leanabh Dhe, a thabhairt ort a bhli ann an teagamh co-dhiubh a ghradhaich Dia riamh thu, no nach do ghradhaich. Agus e'ar-son? (Gu do gbradh do Dhia a lagachadh, gu do choguis a lagachadh, a chum lasair fhacadh suas 'an sin, a chum 's gu'n loisg i thu, agus mar sin gu do chumail fo theagamh 's fuidh uambais; oir co fhad 'sa tha thu 'cuir ann an teagamh gradh Dhia ann an Criosd dhuit fein, cha'n urrainn thu gu brath do chridhe a shuidheachadh gu h-ionlain a chum Dhia a ghradhaich, no a naoimhsan air a sgath; cha'n urrainn thu gu brath gradh agus ullamhachd a bhli agad a chum gach uile dheadh oibre a dheanamh; agus cha'n urrainn thu gu brath a bhli firinneach aon-chuid do Dhia no do dhuine ann do ghairm. Cha'n urrainn thu a bheag a dheanamh ann an creideamh agus ann an gradh co fhad 'sa tha thu a' cuir gradh Dhia ann an teagamh ad' thaobh fein. Uime sin, a mhuinntir ionmhuinn, bithibh air bhur faicill o theagamh, bithibh seasmhach 'sa chreideamh; cuiribh an aghaidh an diabhuil, agus seasaibh gu daingean ann an la a bhuaireadh; cumaibh bhur casan gu daingean a chum 's nach d'thoir e oirbh gu'n tuislich sibh; na leig leis an diabhal gu brath do chreach de' dhearbhadh air gradh Dhe; agus 'nuair a tha e 'tabhairt ort gradh Dhia a chuit ann an teagamh, tha aig-san aobharan agus a chrioch fein air a shon. Air an aobhar sin,

'SA CHEUD AITE. Their e, chaidh muinntir eile cho fada air an aghaidh ann an diadhachd 'sa chaidh thusa, agus shaoil leo iad fein a bhli cinnteach na bu leoir a gradh Dhe; agus gidheadh, anns a chrioch bha iad air an cuir air eul, agus dh'fhoillsich a chriche gu'n robh an creideamh na an-danadas. A chum so a dhaingneachadh, tilgidh e orra cisiomplair Cain, a dh'aidich a pheacadh do Dhia, agus a thabhairt, "gu'n robh iad na bu truime na b'urraim e ghiulan; rinn e bròn air son a pheacaidh, agus thabhairt e, 'Feuch dh'fhogar thu mi an diugh a mach o d' ghnuis, agus tarlaidh ge b'e neach a gheibh mi, gu'm marbh e mi' Agus fhuair e am freagairt so o'n Tighearn, 'uime sin ge b'e air bith a mharblas Cain, nithear a sheachd uibhir do pheanas air; agus chuir an Tighearn comhara air Cain, a chum 's ge b'e

neach a gheibheadh e nach marbhadh se e.'” Gen. iv. 14, 15. Gidheadh bha e air a chuir air cùl. Tilgidh e steach Iudas, a dh'aidich, aig radh, ‘pheacaich mi ann am bratha na fola neo-chiontaich, agus mar dhearbhadh air aithreachas, thilg e air ais an t-airgiod a rìs, gidheadh bha e air a chuir air cùl. Tilgidh e steach eisiomplair Esau, a dh'iarr a bheannachd le deuraibh; gidheadh b'u duine e a chuireadh air cùl. Tilgidh e steach ceithir seorsan grunna a ghabh ris an t-sìol, agus cia cho choslach 'sa bha 'n torradh a thug cuid diubh a mach, gidheadh nach robh ach a h-aon diubh a thug a mach deadh thoradh. Tilgidh e steach sin a tha air a radh anns an vi. caib. de'n litir chum nan Eabhruich, cia mar a gheibh an dream a thuiteas air falbh ‘soillsichidhean agus blasadan de na tiodhlacaibh neamhaidh, agus a bhi na'n luchd compairt de'n Spiorad, agus blasad air deadh fhocal De, agus air cumhachdan an t-saoghail ri teachd; gidheadh gu'n do thuit iad air falbh, agus cha robh aite air fhagail air son an aithreachais;” uime sin, bha iadsan air an cuir air cùl ach cha b'urrainn thusa riamh a theachd co fada riu so. Ciod am barrant a ta agadsa ma ta air son gradh Dhia? 'Nis, gu iad so a thabhairt air falbh, freagraidh tu: tha e fìor gu'n robh aig an dream a chuireadh air cùl, an soillsichidhean agus an gradh-bhoilsgidhean fein o neamh air an tilgeadh le ainneart a dh'ionnsuidh an cridheachan, agus a leigeadh leo gloir fhaicinn nach d'fhuair iad riamh da ionnsuidh, no nach bu dana leo riamh an lamh a chuir a mach a chum ruigsinn air, agus a ghabhail dhoibh fein; tha e fìor gu'n robh e na fhear com'pairt do thiodhlacaibh an Spioraid, ach cha robh aig riamh spiorad na h-uchd-mhacachd, a chum 's gu'n glaodhadh e Abba Athair, ni mo bu dana leis riamh trocair Dhe a thagair, no geallaidhean na slainte, no'n comhchuir ri chridhe fein. Tha e fìor gu'n robh aige a bhlasadan air maitheas milis Dhia, agus air buaidh na fola sin, ach cha do bheathaich e riamh air fuil Iosa, cha robh riamh fheoil agus fhuil na biadh agus na deoch do dh'anam, ni mò a ghabh anam riamh tlachd no toilinntinn ann am focal De, air a leithid do dhoigh 's gu'm b'urrainn e smuaineachadh air a là agus a dh'oidhch; ni mo a runaich e riamh a dheanamh na riaghailt beatha dha, no na riaghailt gu bhi beo leis, no na lochran do' chasan, agus na aon fhear-iuil a mhain.

gu a threoirachadh a chum rioghachd neamh; tha e fìor gu'n robh aca coslais do chreideamh agus do bhathas gealltainneach, agus gu'n do leasaich iad iomadh ní, mar a rinn Herod, Marc vi. 20. Chriothnaich iad aig searmonachadh an fhocail, mar a rinn Felics, Gnìomh. xxiv. 25. Ach cha robh aca riamh rùn bhuan-mhaireanach na'n cridhe a chum na h-uile nithe a leasachadh; ni mò a rùnaich iad riamh gu'n òladh iad a steach bainne fìorghlan focail Dhe, air son lòn d'an anama bochd; tha e fìor gu'n do bheannaich siad iad fein 'nuair a mhalluich Dia iad, agus gu'n d'eigh iad sìth, 'nuair nach robh a bheag ach leir-sgrìos obann gu theachd orra; agus mar so bhrudairich iad air gaol Dhia; ach cha do mhothaich iad riamh gu faireachdail gradh Dhia ann an 'anama fein, agus air a dhoirteadh a mach ann an cridheachan leis an Spìorad Naomh. Cha robh riamh aig an duine aingidh spìorad na h-uchdmhacachd; cha robh aig riamh gaol do na naoimh, ni mo a b'urrainn da a radh riamh maille ri Daibhidh, Salm xvi. 2, 3, 'Thighearna, cha ruig mo mbaitheas ortsa, ach a thaobh na'n naoimh a ta air thalamh agus na'm flath', tha mo thlachd uile annta.' Cha robh riamh aige fuath do na pheacadh, no fìor iartais an deigh fireantachd; cha b'e riamh rùn a chridhe gu'n sguireadh e dheth na h-uile ghne aingidheachd, ach tha do ghnath aon seorsa no seorsa eile peacaidh, aig am bheil lamh an-uachdar os a chionn, no a tha rioghachadh 'na chridhe, ach tha aig leanabh Dhia na comharan so uile na chridhe ann an tomhas eigin.

Gu sibh fein a dhearbhadh, uime sin, leis na comharaidhean so, amhaircibh ma bha riamh agaibh faireachd-uinn bheothail air gaol Dhia air a sgaoileadh a mach ann bhur cridheachan, agus amhaircibh ma ghin so annaibh fìor ghaol Dhia, agus gaol do 'ur braithrean air son Chrìosd; amhaircibh ma bha agaibh riamh spìorad na h-uchdmhacachd a' togail fianuis le'r coguisibh, gu'n do ghradhaich Dia sibh, gu'n do thagh Dia sibh, gu'n do shaor a Mhac sibh, a' dearbhadh dhuibh gu'm bheil sibh air bhur gairm o dhorchadas gu solus, gu'n d'fhuair sibh maitheanas ann am fuil Iosa, gu'n robh agaibh fireantachd Chrìosd gu'r comhdachadh, agus an d'fhairich sibh buaidh na fola so gu'r n-ionnluid o pheacadh agus gu'r naomhachadh a chum nuadhachd beatha. **AN SIN.**

ma ta, cuimhnich nach robh aig duine aingidh riamh gradh do Dhia 'o iochdar a chridhe; fìor ghradh do Chrìosd, no do na naomh air sgath Chrìosd: cha robh riamh creideamh aig duine aingidh air gaol Dhe dha fein; cha robh riamh duine aingidh cinnteach a thaghadh, cha robh riamh an droch-dhuine cinnteach a shaoradh; cha robh an droch-dhuine cinnteach a ghairm; cha robh riamh an droch-dhuine cinnteach a fhìreanachadh; no cinnteach a naomhachadh; ni mò a bha aige riamh earbsa chinnteach as a ghloir gun chrìoch sin.

Cìod, ma ta, bu choir duibh a chnuasachadh de 'na so? bu choir dhuit a chnuasachadh, tha mi cinnteach as na comharaidhean agus na dearbhachdan so, agus tha mo choguis a' togail fianuis dhomh gu'n robh na nithe so agam aig cuid do dh'amaibh; uime sin, foisichidh mi air m'eolas no air mo mhothachadh air gradh agus caoimhneas Dhe 'san àm a chaidh seachad; agus uime sin, cha bhi an diabhl gu brath comasach air mo chreach' de an ni sin a tha lán fhios agam a bha agam aon uair: oir ge d' fhailnich mo mhothachadh mi, gidh-eadh, cha'n fhailnich mo chreideamh gu brath mi; air an aobhar sin, their mi maille ri Iob, Thighearna, 'ge' do mherbhadh tu mi, fathast cuiridh mi mo dhochas annad.' Mar sin 'nuair a chailleas tu d'fhaireachduinn, agus a thoisicheas do dhearbhadh air lagachadh; an sin cuimhnich air an fhaireachduinn a bha agad 'san àm a chaidh seachad air gaol Dhia ad' thaobh fein, agus ni so do chumail suas. An uibhir so air son a cheud bhuaireadh leis am bheil an diabhl a' tabhairt ionnsuidh air 'ur creach de ghaol Dhia.

'SE'N DARA BUAIREADH. 'Nuair a their e riut, tha e fìor gu'm bheil an Tighearna giulan gaol d'a dh'Eaglais, agus tha'n gradh so coitchionn, tha a gheallaidhean uile coitchionn; ach air do shonsa, cha'n 'eil thu ach ad aon fa' leth, cìod ma 'seadh do ghnothach-sa ris na geallaidhean coitchionn so, tha gradh Dhia saor, tha a ghràs saor, agus tha thiodhlacan uile air an tabhairt do na chreid-mheach gu saor, agus thug e aithn araidh do na h-uile h-aon creidsinn; uime sin tha'n gealladh coitchionn, agus an aithn air leth na bharrannt na's leoir dhomhsa a tha creidsinn, gu'm buin na geallaidhean dhomh. A ris bheir e ort a chuir ann an teagamh co dhiubh a tha thu ad' bhàll do'n Eaglais no nach 'eil? agus co dhiubh.

a bha thu riamh air do shuidheachadh ann an corp Chrìosd no nach robh? Tha e, tha e fìor na'm b'aithe dhuìt gu maith thu a bhì ann an Crìosd, agus gu'n robh thu ad' bhàll de a chorp, agus ann an uchd na h-Eaglais; tha fios agam an sin gu'm feudadh tu do lamh a chuir ris le danachd, agus na geallaidhean a chomh-chuir riut fein; oir tha iad air an deanamh do na h-uile anns a choitchionn, ach do'n Eaglais air mhodh sonruichte: ach innis thusa dbomhsa co dhiubh a tha thus' ad' bhàll do'n Eaglais no nach 'eil?

'Nis freagraidh tu dha 'na so, 'se Crìosd Fear-saoraidh pheacach, 'seadh chinn-fheadhna na'm peacach, agus nam peacaich a's ro-chomhraichte. 1 Tim. i. 15. Eoin ix. 5. 'Se Crìosd solus agus beatha an t-saoghail, oir tha e a' fuasgladh cuibhrichean a bhàis, agus a' leagadh leis na prìosanaich a dhol as saor, tha e a' dealradh ann am meadhon dorchadais, agus a' toirt soluis dhoibhsan a tha siubhal ann an gleann agus 'an sgail a bhàis; agus mar a tha gradh an Athair saor, eadhon mar sin tha fuil a Mhic saor do na h-uile 'thig agus a ghabhas i, 'Oir cha'n 'eil leth-bhreth pearsain maille ri Dia,' Rom. ix. 15. 'Tha e nochdadh trocair air an dream is aill leis.' Cìod a bhacadh e, ma ta, nach deanadh e trocair ormsa, ma thig mi agus gu'n iarr mi e, agus gu'n comhchuir mi e rium fein? An ni a tha mi a' deanamh; uime sin, 'nuair a tha 'n t-Abstol ag radh, ghradhaich Dia an saoghal, tha e a' cuir ris, agus mise mar an ceudna, ni leis am bheil e comhchuir gaol coitchionn Dhe ris fein gu sonruichte; mar gu'n abradh e, 'Ghradhaich Dia an saoghal,' agus ghradhaich e mise mar an ceudna.' Air an doigh cheudna ann an aite 'eile, 'nuair a thubhairt e, 'Tha e na radh fìor gu'n d'thainig Crìosd a thearnadh pheacach, tha e a' cuir ris, de 'm mise an ceann-feadhna,' 1 Tim. i. 15. Air an aobhar sin an neach ni Crìosd a thearnadh, measaidh se e fein na cheann-feadhna na'm peacach. 'Nis, cha sabhail e a h-aon ach a bhuilt fein, agus cionnas a tha fios agadsa gu'm bheil thu ad' bhàll do Chrìosd? Air son freagradh do 'n so, na'm b'aill leat fios fhaotain co' dhiu' a tha thu ad' bhàll do Chrìosd no nach 'eil, cha'n fhaod thu thu fein a rannsachadh le do staid san àm, oir feudaidh tu a bhì cuid do dh'amaibh slàn, agus aig àmaibh 'eile tinn, agus 'nuair a tha thu tinn, cha'n eil' thu anns an aon staid anns

an robh thu 'nuair a bha thu slàn; oir feudaidh tinneas do chreach dheth do mhothachadh, agus mar sin a thoirt ort a smuaineachadh gu'm bheil thu a chaochlaidh do dhuine 'sa tha thu, agus feudaidh tu a bhi co tinn, 's nach 'eil ach beag eadar-dhealachadh eadar thu agus am bàs; a mhain so, gu'm bheil t-fheith-ean a' gluasad, do chuilean a' bualadh, d'anail a' siubhal, cho fad 'sa tha so agad, tha thu beò; oir innis dhomhsa, an do cheangail thu riamh ri corp Chrìosd? Agus ge d' fhead thu a bhi tinn, agus as eugmhais feum ceart dheth do mhothachadh, agus feudaidh tu a bhi tinn air son tamull, ach cha bhàsaich agus cha d' theid thu am mugha anns an tinneas sin; oir e-san is e an ceann cha dì-chuimhnich e buill a chuirp fein. 'Nis air dhuit fhaicsinn gu'r aithne dhuit gu maith gu'n robh thu aon uair ad' bhall deth a chorp fein, feudaidh tu a bhi cinnteach nach leig e leat a dhol am mugha; oir aon uair anns a chorp sin, agus gun thu a bhi air do spionadh uaith tuille, aon uair air do thoirt a dh'ionnsuidh uchd na h-Eaglais, agus gun thu a bhi air do dbruideadh am mach gu brath tuille, aon uair a' tarruing beatha a' mach a Chrìosd, agus gun bhàsachadh gu sìorruidh tuille. Mar sin feudaidh tu bhi tinn, agus fada tinn, gidheadh gun a bhi tinn a chum bàis.

An treas buaireadh, an ni a tha na's mò chunnairtiche na iad sin a chaidh ainmeachadh roimhe, 'se so e, their e, cionnas as urrainn thusa a tha ad' pheacach truailidh, thu fein a dheanamh cinnteach a gràdh Dhia ad' thaobh fein? Oir tha Dia naomh, agus tha thus mi-naomh; tha Dia na sholas agus tha thus ad' ìnorchaidas; tha Dia firinneach, agus tha thus mi-fhirinneach. C'ed an chomh-chomunn a's urrainn a bhi eadar thus agus e-san? Tha Dia a' gabhail grain do na pheacadh ge b'e aite anns am bheil e, agus tha e a' fuathachadh a pheacaidh anns na h-uile chreutair, agus tha fios agadsa gu'm bheil peacadh na's leoir annad fein; cionnas a's urrainn e do ghradhachadh-sa ma 'seadh? No cionnas is urrainn gràdh agus fuath comh-sheasamh mar aon ann an Dia? Do thaobh 's gu bheil Dia firinneach, feumaidh e ceartas a dheanamh, agus feumaidh e peacadh a pheanasachadh as eugmhais leth-bhreith pearsaibh. 'Nis, 'se peanas a pheacaidh am bàs, mar aon anam agus corp, ann an teine sìorruidh na h-ifrinn gu brath.

tuilleadh; pheacaich thus? air an aobhar sin, feumaidh e-san do pheanasachadh gu siorruidh le teine na h-ifrinn; cionnas is urrainn e do ghradhachadh ma ta? Ciod an danadas ma 'scadh? no ciod e an toibheum a th'ann, air do shonsa, a tha do pheacach cho oilteil, thu fein a dheanamh cinnteach gu'n do ghradhaich Dia thu, an Tì a dh'fheumas peacadh a pheanasachadh le neo-thruacantas gharg? thusa tha bruarachadh nu ghradh nach feaird thu gu brath, tha Dia fìor-ghlan agus gun small, agus tha e 'gradhachadh fìor-ghlaine, tha thus neo-ghlan, uime sin bi air t-fhaicill roimh an-danadas.

Ciod am freagradh is urrainn thu thabhairt dha'n so? Innsidh mi dhuit, feudaidh tu a radh, 's urrainn do Dhia peacaich a ghradhachadh, agus ambarc orra le suil trocair, eadhon an uair a ta iad na'n luidh na'm peacaidhean, oir dh'amhaire e air a bhoirionnach pheacach a 'shuidh aig a chosaibh, agus a dh'ionnluid iad le a deuraibh, agus a thiormaich iad le folt a cinn,' Lucas vii. 37, a bha na leithid do bhana-pheacach a's gu'n do thilgeadh a mach aisde seachd diabhlhan, Lucas viii. 2, a bha na bana-pheacach co mòr, a's gu'n dubbairt fear an tigh, na'm l'aithne dha ciod a ghnè bhoirionnach a bha 'n so nach fhuingeadh e dhi teachd am fagus da, ni mo a cheadaicheadh e dhi a bhi na chuideachd: gidheadh tha'n Tighearn ag radh ris ann am brìgh, tha i na's ionraic na thusa air son iomadh aobhar a dh'ainmich e, nach ruig mi leas aithris; ach ciod a thubhairt e ris a bhoirionnach? 'A bhoirionnach, bi do dheadh mhiseach tha do pheacaidhean air am maitheadh dhuit;' agus uime sin, ghradhaich thu mi gu mòr, do bhrìgh 's gu'n robh mòran air am maitheadh dhuit.

Agus co a bha na pheacach cho mòr ris an duine fhuilteach sin Pol, Guimh. ix. 1, a bha seideadh a mach bagraidh agus casgairt ann an aghaidh naoinh an 'Tighearn'; fathast ghradhaicheadh le Dia e, agus air a leithid do dhoigh 's gu'm bheil e air a dheanamh na shoitheach taghte a chum ainna Iosa ghiulan; agus tha e air a dheanamh na leithid do shoitheach trocair 'a's far an do mheudaich am peacadh, ann an sin gu'm bu ro mhò a mheudaich gras.' Agus ge' do bha e na aon a rugadh ann an 'an-ām, gidheadh shaothraich e ni bu mho na 'chuid eile de na h-Abstoilibh gu leir.'

Co a bha na pheacach co mòr ri Manasseh? A thug

air sraidibh Ierusalem ruith le fuil na'n naoimh, agus a lion am baile le iodhal-aoradh, agus a thilg sios na h-altairean agus am fíor chreideamh ; a thug barrachd ann an aingidheachd air na h-uile Rìghre a bha roimhe ; gidheadh ghradhaicheadh le Dia e ; oir an uair a thugadh ann am braighdeanas e gu tír eile, agus a bha e ann an sin air a chuir am prìosan, agus as a phrìosan a dh'aidich e a pheacaidhean do Dhia, agus dh'èigh e air son trocair, an sin b'è toil an Tighearna trocair a nochdadh dha ; mar sin cha do leig e leis an diabhl a mhealladh. 2 Rìghre xxi. 3, 4. Agus mar sin na leig-sa leis an diabhl thu fein a mhealladh, ann a bhì toirt ort a chreidsinn nach urrainn Dia do ghradhachadh do bhrìgh 's gu'n bheil thu ad' pheacach : 's urrainn Dia peacach a ghradhachadh, ach an leithide sin do pheacaich a mhain do'n aithne gu'n do ghradhaich Dia iad fein ann an Crìosd ; an sin toisichidh iad ri bròn air son am peacaidhean do bhrìgh 's gu'n d'thug an cuid peacaidhean Crìosd a nuas o neamh a dh'ionnsuidh na h-uaigh ; an sin tha iad-san a' toiseachadh air Dia a ghradhachadh air ais a rìs, agus do bhrìgh 's nach urrainn do'n gaol faotainn a dh'ionnsuidh Dhia anns na neamhan, uime sin, doirtidh iad a mach an gradh air na naoimh air an talamh air a sgath-sa ; (mar sin thugaibh an aire do'n so) oir cha'n e na h-uile peacach a tha Dia a' gradhachadh, 'se a mhain peacaich aithreachail agus chreid'mhach a tha e 'gradhachadh.

'Nis, a chum a dhearbhadh dhuibh gur urrainn Dia peacaich a gradhachadh, suidhicibh an steidh so, 'ann an so dh'fhoillsich Dia a ghradh, nuair a bha sinne n-ar naimhde, gu'n do chuir e a Mhac gu bàs fhaotainn air 'ar son ;' nuair a bha sinne n-ar traillean do na pheacadh, 's do'n t-satain, b'è a thoil-san ar leigeadh as saor, agus ar deanamh n'ar n-ìochdraineas saor dha fein, a chum seirbhis a thabhairt da as eugmhais eagail ; 'nuair a bha sinne marbh ann am peacadh, agus nach robh againn focal gu labhairt ris, nì mò a b'urraim duinn urrad ri eigheachd air son trocair, b'è a thoil-san beatha chuir ann ar n-anamaibh marbh, agus briathran ann ar beoil ; agus 'nuair a bha sinne balbh, agus bodhar, agus dàll mar an ceudna, b'è a thoil ar cluasan fhosgladh, 's ar teangan fhuasgladh, agus a thoirt oirnne eigheachd air son trocair, nach robh so na ghradh mòr a thug e dhuinn ?

'eadhon 'nuair a bha sinne n-ar naimhde dha, cia mò mhòir a ghradhaicheas e nis sinn, air dhuinn a bhi air n-ar deanamh reidh ris trid Chriosd,' Rom. v. 9, 10. Agus do bhrìgh 's gu'n do ghradhaich e-san sinne, 'nuair nach b'urrainn sinn aon-chuid fhabhair iarraidh, no a ghradhachadh a rìs, cia mò mhòir a ghradhaicheas e sinne a nis, 'nuair a tha iartais againn a bhi air n'ar gradhachadh leis, agus aig oidhearpachadh a ghradhachadh-sa rìs?

A rìs, cuimhnichibh gu'm bheil gaol Dhia saor, oir cha'n 'eil e 'gar gradhachadh air son ar fiù-alachd, agus ar fireantachd fein, ach tha a ghradh a' dol air taobh thall ar 'n-uile pheacaidhean. Ghradhaich e thu o ghràs, thagh e thu o ghràs, shaor e thu o ghràs, ghairm e thu o ghràs, dh'fhireanaich e thu o ghràs, agus ghloraidh e thu o ghràs; mar so na h-uile a tha e deanamh dhuit 's ann o ghràs a ta e, agus cha'n ann o speis sam bith a tha aige do theircead no do lionnhoireachd do chuid-sa peacaidhean; oir b'aithne dha, mu'n do ghradhaich e, no mu'n do thagh e thu, ciod na peacaidhean anns an tuit-eadh tu, agus bu toil leis trocair a dheanamh air an dream sin a b'aithne dha a bhiodh nam peacaich bu romhò, a chum 's gu'm bu ro mhò a dhealraicheadh a shaor-ghràs ann thus a thearnadh. Mar so a nis, gu do shaoradh o na bhuaireadh so, 'se so am freagradh, 's ann ann an Criosd a ta 'n t-Athair 'ga do ghradhachadh, agus tha fireantachd a Mhic air a mheas dhuit, a chum 's gu'm biodh tusa air do dheanamh a d'fhireantachd Dhe trid fhireantachd-san; uime sin air dhuitsa bhi air do chombdach le fireantachd a Mhic, cha'n 'eil an t-Athair a' faicinn peacadh air bith annad.

'Nis, anns a bhuaireadh mu dheireadh, tha dà nì. A cheud nì their Satan ri do choguis, mur creid thu mise, no eisimplair na'm muinntir a chaidh romhad, no do chridhe fein, gidheadh creid an Tighearna; agus tha so na bhuaireadh laidir, gn'n d'thoir am meirleach a steach an Tighearna ann 'ur n-aghaidh. Seall, deir esan, ris na buillean agus ris na slatan a tha'n Tighearn a' cuir ort; na'm biodh gradh aige dhuit, cha bhiodh a lamh cho trom ort; na'm biodh gradh aige dhuit cha nochdadh e comharan cho soilleir de' dh'fhearg agus de' a chorruich ad' aghaidh. Tha so na bhuaireadh goirt.

Ach freagairidh tus e air an doigh so, tha thus ad'

bhreugair, a Shatain; 'oir an dream is ionmhuinn le Dia smachdaichidh se iad; agus tha'n t-slighe gu neamh cumhang agus aimh-leathan, oir is ann trid iomadh amhghairibh a dh'fheumas sinne a theachd a dh'ionnsuidh rioghachd Dhe,' Mata. vii. 14. 'Ia'san uile le'm b'aill rioghachadh maille ri Crìosd, feumaidh iad fulang maille ris,' 2 Tim ii. 12. 'Is maith dhomhsa gu'n do smachdaich an Tighearna mi,' Salm cxix. 71. Ma 'seadh, feumaidh sinn a bhi 'nar luchd compairt do chrann-ceusaidh Chrìosd, na'm b'aill leinn a bhi 'n ar luchd com-pairt de chrùn a ghloir. 'Is lionmhor amhgharan an fhìreìn: ach asda air fada saoraidh an Tighearn e,' Salm xxxiv. 19. Uinne sin feumaidh sinn a bhi toilichte le'r trioblaidean, agus an giùlan gu foighidneach car tamul bheag; 'oir tha 'ar n-amhgharan eutrom nach 'eil ach car tiotadh, aig aobharachadh dhuinn an tuille an-abarra agus trom chudthrom sìorruidh do ghloir.'

An earrann eile de'n bhuaireadh so, 'se so e, ciod an t-suim a th'ann de na croisean coitcheinn a th'aig daoine 'eile? Ach tha agadsa dearbh thùs na h-iuthurn a' choguis, agus tha thus a' mothachadh corrach Dhia a' deanamh greim air t-anam, agus tha agadsa saighde feirge an Uile chumhachdaich a' ruith tromhad, agus a' tolladh do chridhe, Salm lxxxviii. 7. Iob vi. 4. Air a leithid do dhoigh 's nach 'eil agad a bheag sam bith ach comhragan o'n leth-muigh, agus uamhasan o'n taobh stigh, agus do chridhe an taobh stigh air caitheamh as le bròn, tha do ehnamhan air tiormachadh suas agus air seargadh as-eugmhais brìgh, cha'n 'eil suspainn air bith annta, Salm xxxii. 3, 4. Tha do choguis air a losgadh suas le dearbh lasraichean piantan na h-ifrinn; cionnus ma 'seadh as urrainn do Dhia thus a ghradhachadh, air dhuit a bhi anns a choir so? Gu cinnteach tha mi ag aideachadh gur e so am buaireadh is truime do na h-uile, ach gus a phuine so a shoilleireachadh dhuibh, tha ceithir nithe air am bheil rùn orm labhairt,

'SA CHEUD AIT. Tha moran ann a tha mothachadh fearg, agus fathast nach 'eil fuidh fhearg, ach fuidh ghaol.

'SAN DARA H-AIT. Tha cuid ann nach 'eil a' mothachadh fearg, ni-mo a tha fuidh fhearg, ach ann an gaol do Dhia.

'SAN TREAS AIT. Tha cuid ann a tha fuidh fhearg, agus gidheadh nach 'eil fathast a' mothachadh fearg.

'SA CHEITHREAMH AIT, agus an t-ait mu dheireadh. Tha cuid ann a tha 'mothachadh fearg, agus tha iad fuidh fhearg, agus tha aca dearbh lasraichean teine na h-ifrinn air toiseachadh amnta, aig nach bi crìoch gu brath. An deidh sin, tha mi gu innseadh dhuibh cia mor a dh'aithnìcheas sibh agartas na'n aingidh a tha mothachadh fearg, agus a tha fuidh fhearg, bho'n agartas a tha co'-fhreagarach do leanabh Dhia a tha 'mothachadh fearg, agus gidheadh nach 'eil fuidh fhearg. Na nithe so tha rùn orm, trid grās Dhe, innseadh dhuibh na 's ro fharsuing, agus gus an àm sin tha mi ga'r n-carbsa fein maille ris na nithe a bha air an labhairt ri grās Dhe ann an Iosa Crìosd. Dha-san, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomb, gu'n robh gach uile mhòlachd, urram, agus ghloir, a nis, agus gu sìorruidh. Amen.

AIR IOMADH PUING CHREIDIMH.

SEARMOIN XXI.

AIR IOMADH PUING CHREIDIMH.

2 Cor. vii. 5. Ach bha sinn fuidh ambghar air gach taobh; an leth am muigh bha combraig, an leth a stigh bha 'eagail.

Salm lxxxviii. 1. A Thighearn, Dhe mo shlainte, a là agus a dh'oidheche ghlaodh mi a'd' fhianuis.

Tha fios agam nach 'eil ach teire dhìbh aig am bheil feum air a chomfhurtachd so, air am bheil mi gu labhairt; agus gidheadh cha'n urrainn mi innseadh cia co luath 'sa dhuisgeas an Tighearn bhur coguiscean, air a leithid do dhoigh 's gu'm biodh sibh aoibhneach air son a chomfhurtachd a's lugha a bhuineas do'n neacha 's

lùgha de na naoimh ; agus am biodh sibh subhach air son an dearbhachd a's lùgha air gaol Dhia, a bha aig a h-aon riamh de a chlann a bha romhaibh : agus am biodh sibh toilichte air son an tomhas is lùgha de ghràs. agus de an tomhas is lùgha de'n' Spiorad gu 'ur cumail suas ann bhur comhragaibh. Air an aobhar sin, feitbidh mi gus an cuir an Tighearn an dusgadh grasmhor so a dh'ionnsuidh cuid agaibh. Agus tha mi guidhe air Dia, air sgath a Mhic fein, gu'n cuireadh e a Spiorad fein, a chum an fhirinn so a ghiulan a dh'ionnsuidh gach cridhe agus anam agaibh, a chum's gu'm bi am focal so na aileadh beatha a chum beatha dhuibh. Tha na buairidhean goirt air am bheil mi labhairt gle chunnartach agus trom.

'SA CHEUD AIT. 'Nuair a chi clann Dhe an solus, an t-èud, agus gràs cuid de na mhuintir a chuireadh air chùl, agus gidheadh nach robh iad air an tearnadh ; agus 'nuair bheir iad fa'near nach b'urra dhoibh a dhòl na b'fhaide, an sin toisichidh iad ri reusonachadh cionnus a bhitheas creideamh aca-san mu ghradh Dhia ?

Air son freagairt do na so, ciod air bith mar a bha e gu'n robh aca-san an cuil gràsan fein, gidheadh cha d'fhuair iad riamh gaol Dhia, no gaol Chrìosd, no gaol do na naoimh air son Chrìosd ; cha d'rainig iad riamh air fìor fhuath do na pleacadh, cha d'fhuair iad riamh fìor ghradh na fìrionteachd ; cha d'fhuair iad riamh creideamh tearnaidh, no aithreachas a chum beatha. Ach an neach eile, sin r'a radh, leanabh Dhia, tha e faotainn a dh'ionnsuidh so uile ann an tomhas-eigin.

'Nis ciod an comhfhurtachd a bhiodh agaibh, na'n comh-chuireadh sibh uile gheallaidhean na'n gràs ribh fein, agus na'n abradh sibh, is leinn fein iad, gabhaidh mi do m' ionnsuidh iad, oir buinidh iad dhomh-sa gu sonruichte ; uime sin ni mi an comh-chuir ri m' anam fein ? Ciod an sòlas a dh'fheudadh sibh a bhi agaibh o na so, fagaidh mi e do'r beachd-smuaineachadh fein.

Mar air son an dara buaireadh, ma tha thu a' cuir an teagamh co-dhiubh a tha thu a'd' bhall beothail de chorp Chrìosd no nach h-eil, bithidh fios agad air le so, ma bha riamh aonachd eadar Crìosd agus t'anam, agus ma bha riamh comh-chomunn eadar thus agus na h-uile ball de a chorp, agus ma bha thu riamh air do spionadh a mach a' vadur, agus air do shuidheachadh ann an gras, 'an sin

feudaidd tu a bhí cinnteach gur ball thu do chorp Chríost, nach bí air do spionadh uaith gu bráth tuille.

'Nis, air son an treas buaireadh, do bhrígh aig iomadh ám gu'n do thomhais thus' a ghradh-san ri do mhi-thoillteanas fein, agus cumbhachd Dhe ri do laigse fein; agus do bhrígh 's gu'n d'thug mothacladh air do tharcuis mór bhrón do t'-anam, rinn so do chreach de dh'iomadh scéas mór agus lionnhor; biodh so na chomhfhurtachd a nis dhuit, ge do tha thu ad' pheacach mór, gidheadh tha do pheacaidhean críochnaichte, agus tha gaol Dhia neo-chríochnuichte. Ge d' tha thus caochlaideach agus neo-sheasmhach, gidheadh tha gaol Dhia seasmhach agus neo-chaochlaideach; 'oir an dream a ghradhaich e, ghradhaich e agus a chríoch iad.' Ge d' tha thus lag agus furas ri buaidh fhaotainn ort, gidheadh tha gradh Dhia laidir agus uile-bhuadhbach; agus cuimhnich gu'm bheil gradh Dhe saor, agus a ghrás saor; air an aobhar sin, ciod sam bith cho mór 'sa tha mo mhi-thoillteanas-sa, cha'n urrainn e grás Dhe a bhacadh bho dheabradh anns an aite agus anns an ám is aill leis fein, cha mho is urrainn e a bhacadh o 'throcair a dheanamh air an dream air an aill leis trocair a dheanamh; uime sin nach gabh mise ri a throcair, air dhomh fhaicinn gur aill leis trocair a dheanamh?

'SAN AIT MU DHEIREADH. Do bhrígh 's gu'n d'thoir na h-ambgharan so o'n leth nuigh, agus na trioblaidean pearsanta, ort air iomadh ám smuaineachadh, mur biodh diomadh aig Dia ann ad' aghaidh, nach buineadh e mar so ruit. An saoil sibhse nach robh so na bhuaireadh goirt do Lasarus, nach robh aige uiread ri neach a cheangladh suas a lotan, a bheireadh sólas da, no a bleireadh mír arain dha gu a bheothachadh, ach gu'n robh e air a chomh-eigneachadh gu luidhe aig doras an duine shuibhir ag iarraidh na deirce, agus b'aoibhinn leis gu'n d'thainig na coin agus gu'n d'ímlich iad a chreuchdan? Lucas xvi. 20, 21. 'Nach roth e na bhuaireadh goirt do'n duine bhacach a bha na luidh cho fada aig lochan Bethesda, agus 'nuair a thainig an t-aingeal a chuir an uisg troimh-cheile, aig nach robh neach sam bith a chuireadh anns an lochan e? Agus nach robh so na bhuaireadh goirt do Dhaibhidh, 'nuair a threig a luchd-daimh uile e, agus a dh'fhag a chairdean a b'fhaisg e, agus an uair a thog iadsan a shuidh aig a

‘bhōrd fein an sãil suas na aghaidh, an saoil sibh nach robh sin na bhuaireadh goirt? Gidheadh bheiream-sa cinnte dhuibh, gu’m feud na trioblaidean so bho’n leth muigh comh-sheasamh gu maith ri gaol Dhia, oir cha dana leibh a radh nach robh gradh aig Dia do Lasarus, fathast air son uile chreuchdan agus a thrioblaidean o’n leth-muigh, do bhrìgh an deidh a bhais gu’n robh anam air a ghiulan gu uchd Abraham, se sin, chum rioghachd neimh. Cha dana dhuibh a radh nach do ghradhaich Dia an duine bacach sin, ge do luidhe e cho fada aig a phòll, agus ge d’ nach robh neach aige a chuireadh sios ann e, do bhrìgh’s gu’n do chuir e a Mhac fein gu a leigheas. Cha dana dhuibh a radh nach robh gradh aig Dia do Dhaibhidh, fathast air son uile thrioblaidean, chroisean, agus amhgharan, a dh’fhuing e mu’n d’thainig e a dh’ionnsuidh na rioghachd; do bhrìgh’s gu’n do shaor an Tighearn e mach asda gu leir, agus gu’n do chuir e a naimhdean uile gu nàire, agus gu’n do chuir se esan ann an sealbh shìothchail air a rioghachd.

‘Nis, mar air son a bhuaireadh mu-dheireadh, ‘ni’s e is ro chunnartaich de’ na h-uile, oir feudaidh ‘ar laigsinn agus ‘ar n-euslaintean cuirp a bhì gle mhaith air an giulan, eho fad ‘sa tha ‘n spiorad slàn; ach ‘nuair a ta ‘n spiorad fo’ thrioblaid, agus an cridhe briste, ciod e an sin a’s urrainn do shòlasachadh? Agus ‘nuair a ta ‘n t-anam air a losgadh suas le teine millteach, agus le lasair loisgeach, agus ‘nuair a tha ‘n cridhe air a bhruthadh sios le uamhasan na feirge, agus ‘nuair a tha ‘n t-anam coslach ri sgineadh o cheile le gairgead corruich Dhia, agus ‘nuair a tha saighde feirge an Uile-chumhachdaich a’ ruith tromhad, agus ‘nuair a tha thu air do thabhairt gu a leithid do theanntachd as nach ‘eil thu a’ faicinn dorus dol as, co is urrainn an staid neo-shòlasach sin a ghiulan? Ciod an sòlas a dh’fhaodas a bhì air a thoirt do ‘n dream a tha ann a leithid sin do staid? ‘Nis, gus a phùine so a shòileireachadh dhuibh, bha mi ‘g iunseadh dhuibh, gu’m bheil ceithir seorsan do dhaoine agus do mhnathan anns an t-saoghal. A cheud seorsa—Tha cuid ann a tha ‘mothachadh fearg Dhia a’ deanamh greim air an coguisean, gidheadh nach ‘eil fuidh fhearg. An dara seors—Tha cuid ann nach ‘eil a’ mothachadh fearg Dhe, cha mho a tha iad fuidh fhearg. An treis seors—Tha cuid ann nach ‘eil a’ mothachadh fearg Dhe,

gidheadh tha iad fuidh fhearg. An ceithreamh seors, agus an seors mu dheireadh—Tha cuid ànn a tha 'mothachadh fearg agus tha iad fuidh fhearg d'a rìreadh.

Mar air son a cheud seorsa, a tha 'mothachadh fearg Dhe air an anama agus air an coguiscean, agus gidheadh nach eil fuidh fhearg, 's iad a mhuinntir so naomh Dhe. Tha eisiomplairean agaibh an so, Pol, soitheach taghte Dhe, a tha 'giulan ainm Iosa, bha aige comhragan o 'n taobh a mach, agus eagail o 'n leth-stigh. Thubhairt Heman an t-Esrach, 'tha tonnan feirge an Tighearna air dol thar mo cheann, air a leithid do dhoigh 's gu'm bheil iad cosmhail ri mo bhathadh; tha mi a' fulang grabhan agus ioncheist o'm òige 'nuas, air dhoigh 's nach urrainn dhomh idir a bhi saor uatha,' Salm lxxxviii. 7. Agus bha iad so mar-aon na'n clann ionmhuinn do Dhia. 'Nis, ma their thu gu'm bheil thu de' na mhuinntir so, nach 'eil a' mothachadh a bheag sam bith ach fearg, agus gu'm fèoirich thu cia mar a bhreithnicheas tu, aon-chuid ma bha thu anns an staid so, no ma tha thu ann 'nuair a thu 'giulan a leithid do dh'fhearg, 'seadh ge do chuireadh tu gaineamh na fairge gu leir anns a mheidh maille ris, nach cothromaicheadh se e; agus 'nuair a tha agad a leithid do theine ann do choguis, 'seadh, ge do chuireadh tu iarunn agus ùmha 'san teine sin, gu'n leaghadh so iad, oir cha robh iad comasach air a ghiulan. Cionnas ma ta a bhitheas fios agad, 'san staid so, gu'm bheil thu air do ghradhachadh le Dia, agus gu'n do thagh se thu a chum na beatha-siorraidh.

Tha mi 'g innscadh dhuit, mu's leanabh taghte le Dia thu, agus soitheach trocair, fuidh mbothachadh air fearg anns an staid so, bithidh so na ghne dhuit.

'SA CHEUD AITE. Fuathaichidh tu agus gabhaidh tu gràin do d' pheacadh, a nì 'se aobhar do thruaigh, agus a thug a dh'ionnsuidh a phein so thu.

'SAN DARA H-AITE. Feumaidh tu ni-eigin do mhulad agus do bhròn a bhi agad air son do pheacaidh, agus tha thu a' deanamh tuireadh do bhrìgh 's gu'n do bhrosnaic' thu Dia gu fearg ann ad' aghaidh.

'SAN TREAS AITE. Bithidh iartas agad air son a bhi air do dheanamh reidh ri Dia agus b'aoibhinn leat a bhi ann an sìth ris, a chum 's gu'm biodh do pheacaidhean air an toirt air falbh as a shealladh.

'SA CHEITHREAMH AITE. Bithidh ocras agus tairt

ort an geall air fuil Chrìosd, a chum an fhearg sin a mhùchadh, agus air son fhìreantachd a chum t-anam a chomhdach.

'SA CHUIGEAMH AITE. Bithidh feitheamh gu foighidneach air saoradh an Tighearna, agus an uair nach urrainn thu faotainn a dh'ionnsuidh a chreidimh so. gu'm bi dochas os-cionn dochas, agus gu'n abair thu maille ri Iob xiii. 15. 'Thighearn', cuiridh mi mo dhochas annad, ge do mharbhadh tu mi. Their thu, tha e na nì furas dhomhsa mo dhochas fein a thilgeadh air falbh, tha fios agam gur beag an nì a chuireadh thar a bhruthaich mi; gidheadh cha bhì mi ann an eu-dochas mu thròcair Dhe, ach ma theid mi am muga ag urnuigh, agus ma theid mi do dh'ifrinn, theid mi ann le dochas ann am fuil Iosa. Their thu maille ri Daibhidh, "Ge do threigeadh na h-uile dhaoine mi, fathast, a Thighearna, cumaidh tusa suas mi; ge do shiubhail mi fuidh sgail an dorchadais, agus ann an gleann a bhais, fathast aisigidh tusa m'anam a chum beatha."

Ach feoirichidh tu, ciod e a bhios na chleachdadh dhuit 'nuair a bhios tu anns a chor so, agus fuidh mhothachadh feirg? Innsean dhuit gu'm feum thu ceithir nithe a dheanamh.

AN TUS. Dean mar a rinn do cheann agus do Shlanuighear ann an ãm eagail, agus fuidh mhothachadh air fearg Athair, le ard ghlaodhaich agus iomadh deoir, agus le urnuigh dhurachdach agus athchuinge, ruith e a dh'ionnsuidh caithir trocair Dhia, agus ghuidh e air, na'm biodh e so-dheanta, gu'n rachadh an cupan a thoirt uaith, na'm biodh e co-sheasamh ri toil Athair; b'e so a chleachdadh, 'agus dh'eisdeadh ris anns an nì sin air son an robh eagal air.'

Cia mar a dh'eisdeadh ris? An robh an cupan sin air a thabhairt uaith ma 'seadh? Cha robh, ach ge do bhlais e do shearbhalachd a chupain sin, gidheadh fhuair e foighidinn gu a ghiulan, agus aig a chrìoch fhuair e buaidh, agus mar sin fhuair e thairis air. Eadhon mar sin dean thus; ruith a dh'ionnsuidh Dhia le urnuigh, agus guidh air an fhearg agus a chorruch gharg sin ath-rachadh, ma 'se sin a thoil; agus bheir e dhuit foighidinn gu a ghiulan, agus neart a chum buaidh fhaotainn air. Ciod e tuille bu choir dhuit a dheanamh? Greimich ris na geallaidhean mar is urrainn thu. Amh-

aire bho 'n fhearg, agus cum do shuil air trocair ; amhaire troimh an teine a dh'ionnsuidh fuil Criosd, feith air am saoraidh an Tighearna mar a's urrainn thu, gleachd ann an aghaidh a bhuaireadh mar is urrainn thu ; amhaire troimh theine dian-loisgeach feirge Dhia a dh'ionnsuidh Fear-saoraidh agus Eadar-mheadhonair, agus guidh air an teine sin a mhùchadh le fluil fein ; seall a dh'ionnsuidh doimhne gun iochdar gaoil an Athair, an tùs d'a Mhae fein, agus anns an ath ait dhuite-sa air a sgath-san, agus ann an sin gheibh t-anam fois agus sith. B'e so an cleachdadh bu choir dhuit a bhi agad 'nuair a ta thu anns a choir so, nach 'eil thu a' mothachadh a bheag sam bith ach fearg. An uibhir so air son a cheud seorsa dhaoine agus mhnathan a tha 'mothachadh fearg, agus gidheadh nach 'eil fuidh fhearg.

'Nis, an deibh so tha a' leantuinn an dara seorsa, nach 'eil a' mothachadh fearg, ni mo a tha fuidh fhearg ; agus tha ceithir seorsan ann de 'n dream so, agus bunaidh iad uile do rioghachd Dhe.

An toiseach, tha cuid ann do chlann De, aig an robh an gairm tla, le gairdeachas agus brùiteachd cridhe, 'nuair a dh'fhosgail Dia an cridheachan ann an tiota, mar a rinn e air cridhe Lidia, a bha air a h-ionpachadh le aon searmon ; oir chaidh am focal a dh'ionnsuidh a cridhe, agus chreid i, agus bha i air a baisteadh, Gnìomh xvi. 14. Mar sin tha cuid ann a tha Dia a' gairm gu mìn agus gu tla ; agus tha cuid ann a tha e gairm le' na's mò do dh'ainneart. Mar sin tha seorsa eile ann aig an robh an cuid uamhasan agus gleachd le fearg Dhia ; ach, le gràs Dhe, tha iad air an tabhairt do'n trid, agus a nis tha iad air factainn aoibhneas agus solas an Spioraid Naoinh ; a thug fianuis do'n coguisibh gu'm bheil iad air an gradhachadh le Dia ann an Criosd. Tha iad air an taghadh a chum na beatha siorruidh, tha iad air an saoradh le fuil Iosa ; tha iad air an gairm bho dhorchadas gu solus, tha iad air am fireanachadh le fireantachd Mhic Dhe, tha iad air an ghlanadh trid creideamh ann-san ; agus tha iad ann an dochas gloir siorruidh, agus thug so aoibhneas agus sith do-labhairt do'n coguisibh, a tha dol thar gach uile thuigse. Cha'n 'eil an dream so a' mothachadh fearg, ni mo tha iad fuidh fhearg, oir tha iad air dol thairis air gach uile chunnart gu'n d'theid iad am mugha.

AN TREAS SEORSA. Tha cuid ann nach 'eil a' mothachadh fearg, agus nach 'eil fuidh fhearg, ni mo a ruigeas iad a leas eagal na feirge a bhi orr; agus 's iad so an dream a mhothaich gaol Dhia air a dhoirteadh na'n anama agus na'n cridheachan f'in leis an Spiorad Naomh, agus fhuair gairdeachas agus s'las leis an fhocal, agus leis an Spiorad Naomh, agus tha iad a' foiseachadh air an aoibhneas so; uime sin cha'n 'eil iad cho mèr fuidh thrioblaid le uamhasaibh na coguis, oir fhuair iad trocair ann am fuil Iosa, agus rinn mothachadh air an trocair sin an cridheachan a thaiseachadh; oir mar a tha cruadhachadh cridhe an neach a chuireadh air cùl a' teachd trid feirg, mar sin tha taiseachadh cridhe pobuill taghta Dhia a' teachd o ghradh agus o throcair; mar sin. 'nuair a dh'fhosgla Dia an cridhe gu caomh. agus 'nuair a bheir Dia air daoine agus mnaibh a bhi ag òl a steach bainne fìor-ghlan focail Dhe gu toileach, mar lòn an anama, agus an uair a dh'easbhuidh mór dhoilbheachd a thagaireas iad còir air geallaidhean na trocair, ciod an t'aobhar a tha aca air gaol Dhia a chuir an teagamh, a ni trid creideamh air an d'rinn iad greim; agus uime sin cha'n 'eil iad mothachadh fearg, ni mo a tha iad fuidh fhearg?

AN CEITHREAMH SEORSA dhiubh-san nach 'eil a' mothachadh fearg ni-mo a tha iad fuidh fhearg. is iad a mhuintir sin nach 'eil gu mèr air an gluasad, aon-chuid le mothachadh milis air trocair Dhia, ach a tha co-chuir nan geallaidhean riu feir, ni mo a bheanadh riu fathast air son iad a bhi a dh'easbhuidh fearg Dhe, agus a shearbhadas, agus gidheadh tha iad a' creidsinn gu'n tuit uile mhallachdan agus bhagraidhean Dhia air na h-aingidh. Agus gu dearbh 'se so an staid is cruaidh de 'na h-uile, 'nuair nach 'eil thu aon-chuid a' mothachadh fearg ann an gnuis Dhe a' cuir eagal ann ad' anam, air son do pheacaidh leis am bheil e-san air faotainn oilbheum, no fathast nach 'eil thu a' faotainn trocairean milis Dhe 'ga do thaladh agus 'ga do bhrosnachadh gu e-san a ghradhachadh a ris, no 'taiseachadh agus a' bris-eachd do chridhe le bròn, air son an oilbheum a thugadh dha-san, air dha 'bhi na Athair cho gradhach dhuit-sa, agus thus na do mhac cho aingidh; agus na Dhia cho trocaireach dhuit-sa a tha na do pheacach cho aingidh; tha sin na chor doilbh. Agus an uair a tha thu

mar sin, their thu, an urrainn an Spiorad Naomh a bhi anns an ait am bheil reasgachd agus cruas cridhe? Tha mo chruadhachadh cosmhuil ri dearbh chlach. Cionnas ma 'seadh a bhitheas impidh air a chuir orm gu'm bheil Spiorad Chrìosd agam? agus cionnas a's urrainn mis' a bhi cinnteach mu ghradh Dhe do mo thaobh fein? agus cionnas a bhios barrant agam-sa nach 'eil mi fuidh fhearg? Tha fios agam gu maith, na'n robh agam fìor mhothachadh air a ghradh sin, gu'm blathaicheadh agus gu'n leaghadh e mo chridhe le gradh dha-san air ais a ris; tha fios agam gu maith, na'n rachadh a bhagraidhean agus a mhallachdan a dh'ionnsuidh mo chridhe, gu'm briseadh e le bròn air son na peacaidhean a chiontiach mi na aghaidh, agus le eagal na mallachd a thoill mi gu dligeach. Cionnas ma 'seadh, is urrainn impidh a bhi air a chuir ormsa, gur leanabh le Dia mi, a' faicinn gu'm bheil agam a leithid do chruas cridhe, agus a' faicinn gu'm bheil mi am luidh ann a leithid do fein-thearuinnteachd? Gu dearbh tha e cruaidh impidh a chuir ort mu ghradh Dhe, co fhad 'sa tha thu 'san staid so; agus gidheadh 'se so staid a mhoir-chuid do chlann Dhe; tha iad a' tuiteam na'n codal, tha iad a' luidh thairis ann am fein-thearuinnteachd, agus tha iad gu minig a' gearan air cruas an cridhe, agus air easbhuidh lathaireachd Spioraid Dhe. 'Nis, gu leagail fhaicinn duibh gu'm bheil iad mar sin, air chor as thus a tha gearan air cruas do chridhe, agus 'a deanamh bròn air son easbhuidh lathaireachd an Spioraid, gu'm feud thu comfhurtachd a ghabhail ad' ionnsuidh fein, do bhrìgh 's nach e so do choir-sa na d' aonar, ach gu'n robh e na chrannchur do chlann De romhad; tha thu a' faicinn gu'n do thuit na h-oighean glic na'n codal, agus nach b'urraim iad a bhi air an dusgadh gus an d'rinneadh an glaodh, 'tha am fear-nuadh pòsda teachd:' gidheadh nuair a bha iad air an dusgadh, bha ùla 'nan lochranaibh, a dh'ullaich iad roimh lamh, agus las iad an lochranaibh, agus chaidh iad a steach maille ris an fhear-nuadh-phòsd a dh'ionnsuidh a sheomar. Thuit Daibhidh na shuain chodal ann am fein-thearuinnteachd fo' chiont fola agus striopachais, agus cha do dhuaisg e riamh gus an d'thainig am faidh Natan ga ionnsuidh agus an do dhuaisg se e; ach 'nuair a bha e air a dhusgadh, fhuair e mar aon mothachadh air fearg Dhia na luidh air

a choguis air son a pheacaidhean, agus bha e cho tront dha, mur b'e gu'n do fhritheil am faidh Natan comhfhurtachd dha gun dail, 's nach biodh e comasach air a ghiulan; agus fhuair e mar an ceudna mothachadh air trocair Dhe, a' tairgse maitheanas da air son a pheacaidhean, ann am fuil Fear-saoraidh, anns an do chreid e-san, a bha gu teachd a mach 'o a leasraidh fein. Thuit Peadar na shuain-chodal a dh'ain-dheoin air gach rabhaidh a fhuair e. an tùs leis an Tighearna fein, ag radh, 'Air an oidheche so fein, mu'n goir an coileach. aicheidh tu mi trì uairean;' 's an ath aite, leo-san a dh'fhosgail an dorus; 's an treas aite, le ban-oglach; agus anns an aite mu dheireadh, leis na h-uile a sheas mu-thimchioll an teine maille ris; gidheadh air son na rabhaidhean so uile, cha b'urrainn a bheag sam bith a dhusgadh, gus an do thionndaidh an Tighearna e fein mu'n cuairt agus an do sheall se air; ach air dha a bhi air a dhusgadh, 'chaidh e a mach agus ghuil e gu goirt.' Agus thuille air an so, an dearbh cheile, a tha faotainn a leithid do chliu anns a cheithreamh caibidil de Dhan-Solaimh, tha eadhon ise fein a' tuiteam 'na codal, ach bha a cridhe 'na dhuisc, agus ge do sheas an Tighearn e fein aig an dorus a' bualadh, agus aig eigheachd a muigh, 'fosgail dhomh m'aon ghraidh, mo cholaman, m'aon sgiamhach agus neo-shalach,' gidheadh cha'n eireadh i bho leabaidh a fein-thearuinnteachd, gus an d'imich e roimhe; 'an sin dh'ionndrain i e, agus air dhi ionndrain, tha i ag eiridh, agus a' dol g'a shireadh, agus cha'n 'eil i a' gabhail fois gu brath gus am bheil i 'ga fhaotainn. Mar so tha sibh a' faicinn gu'm bheil codal ann a dh'fhaodas tachairt do dhearbh chlann Dhia fein, agus cho fad 'sa tha iad 'nan codal ann am fein-thearuinnteachd, cha'n urrainn iad aon-chuid a bhi air an gluasad le fearg no le trocair. Ach feudaidh tus fheoireachd, cia mar a dh'aithnicheas tus, a tha ad leanabh do Dhia, do mhi-churam fein, 'o mhi-churam na'm muinntir a chuireadh air cùl? Innsidh mi dhuit, bithidh fios agad air le so, am bheil thu a' faicinn agus a' mothachadh do mhi-mhothachadh agus do mhi-chreideamh fein? Am bheil thu aig ionndrain an Spiorad Naomh air falbh? Am bheil thu a' deanamh bròn air son eas-bhuidh lathaireachd Dhia ann do chridhe? Am bheil thu a' deanamh bròn air son do pheacaidhean, a thug a mhi-churam so ort? Am bheil

thu a' gleachd' ann an aghaidh do chruas-chridhe? An bheil fadal ort air son ath-philleadh an 'Tighearn' a dh'ionnsuidh t'anam? agus am bheil thu a' saothrachadh gu do chridhe fhaotainn a' sgoltadh agus air a tharruing as a cheile, a chum 's gu'm bi gaol Dhia fathast air a dhoirteadh am mach ann do chridhe trid an Spiorad? Agus am bheil thu a' gnathachadh na meadhonan gu di-chiollach? Ma 'se so do chor fuidh do theanndachd agus do mhi-churam, tha e na chomharadh neo-mhearachdach gu'm bheil thu ad' leanabh do Dhia, oir far am bheil dian-iarrtuis agus di-chioll gu maith a dheanamh, tha Dia a gabhail ris an toil, agus na àm fein bheir e dhuit an neart agus an gras gu a dheanamh. Mar so feudaidh tuiteam ann am fein-thearuinteachd comh-sheasamh gu maith maille ri neach aig am bheil gràs. An tilg thus ma 'seadh air falbh do dhochas ann an àm do chion-faire? Cha tilg, nar leigeadh Dia! oir ann an àm do chion-faire, cha'n urrainn dhuit thu fein a thuigsinn, oir cha'n 'eil fhios agad ciod e thu fein, cha'n fheud thu ma 'seadh sealltuinn air do chridhe fein, le duil gu'm faigh thu do shonas an sin. Cha'n fheud, cha'n fheud, ach feumaidh tu ambarc ri rùn Dhia anns an ordachadh neo-chacchlaideach sin, far an do rùnaich e do ghradhachadh gu sìorruidh, air a leithid do dhoigh, as ciod air bith cho mòr 'sa dh'fheudas do neo-churam a bhì, gidheadh tha dorus a throcair air a chumail fosgailt dhuit, agus air an aobhar sin na h-uile peacadh a rinn thu, ciod air bith cho lionmhoir, no cho mor, cha'n urrainn iad dorus na trocair a dhunadh cho fhad 'sa chumas e-san fosgailt e; ni mo a's urrainn doibh a bhacadh o do ghradhachadh, agus o throcair a nochdadh dhuit, a chionn 's gu'n do rùnaich e trocair a dheanamh.

'Nis, mar air son an treas seorsa dhaoine agus mhnathain anns an t-saoghal, tha iad na'm muinntir nach eil' a' mothachadh fearg, agus gidheadh a tha fuic'h fhearg; agus tha a mhoir-chuid do'n mhuinntir a chuireadh air cùl anns a chór so, mar a thubhairt Daibhidh, 'Cha'n 'eil aig na h-aingidh cuibhreach ann am bás,' is fuath leo a bhì air an ath-leasachadh, 'do bhrìgh 's nach 'eil iad a' mothachadh caochladh air bith, uime sin cha'n 'eil eagal ort;' tha iad aig radh 'n an cridhe, nach urrainn do Dhia aon-chuid maith na ole a dheanamh; 'tha iad a' deanamh cumhnant ris a bhàs agus ris an

uaigh; 'uime sin tha iad an duil gu'm bheil dearbhachd na 's leoir aca. 'Nis, de' na h-uile cor fuidh neamh, 'se do choir-sa is ro-thruagh, thus aig am bheil do chridhe air fas reamhar agus air reothadh le tiodhlacan Dhe, agus gidheadh a tha deanamh tair air fialuidheachd a throcair shaibhir, fhoighidin, agus fhad-fhulangais, gun fhios agad gu'm bu choir do mhaitheas agus fad-fhulangas Dhe do threorachadh gu aithreachas: ach tha thus a reir do chruas agus do ebridhe neo-aithreachail, a' carnadh suas dhuit fein fearg air chionn là na feirge, agus foillseachadh ceart breitheanas Dhe. Agus thus, aig nach 'eil curam air bith eile anns an t-saoghal ach do dhruim agus do bhroinn, mar an geocair-saibhir, a bha beo gu soghail gach aon là, agus a bha air eideadh le purpur agus anart grinn; agus maille ris an duine shaibhir, a thilg sìos a sheann saibhlean, agus a thog saibhlean nuadh 'nan aite, agus a thubhairt ri anam, 'Nis anam gabh fois, oir thaisg thu suas lòn dhuit fein air son moran bhliadmaibh.' Ach thoir fainear ciod a thubhairt an Tighearn ris, 'amadan, air an oidheche so fein, iarrar t-anam uait.' Mar sin, ciod th'annad-sa ach amadan, air am bheil do churam a bhain mu nithe na beatha so, agus nach 'eil ag amharc ri siorruidheachd, agus ris a bheatha a ta ri teachd? Mar so feuchaibh nach bi sibh sa choir so, agus nach d'theid sibh 'n'ur codal do dh'ifrinn, gun a bhi idir a' smuaineachadh mu thimchioll ifrinn a bhi ann gus an tuit sibh 'na meadhon.

Mar air son a'n t-seorsa mu dheireadh, a tha mar aon a' mothachadh feirg, agus a ta fuidh fhearg, is muinntir iad so a chuireadh air cùl, ach fagaibh mi sibh gus an ath àm, agus tha mi a'g earbsa na bha air a labhairt ri gras Dhe ann an Iosa Crìosd. Dha-san maille ris an Athair agus ris a Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile nholadh, urram agus gloir, 'o so a mach agus gu siorruidh. Amen.

AIR IOMADH PUING DIADHACHD.

SEARMOIN XXII.

AIR IOMADH PUING DIADHACHD.

SALM LXXVII. 1, 2 3. Le mo ghuth dh'eigh mi ri Dia, le m' ghuth dh'eigh mi ri Dia, agus dh'eisd e rium. Ann an là mo theinn dh'iarr mi an Tighearn; shineadh mo lamh a mach 'san oidhche gun sguir, dhiult m'anam solas a ghabhail. Chuimhnich mi air Dia agus bha mi fo' bhuaireas, rion mi gearain agus chlaoidheadh mo spiorad. Selah.

Ann an so tha gearan duine do reir cridhe Dhia; duine air an do bhuilicheadh tiodhlacan an Spioraid Naoimh; ann an so tha gearan anam saraichte air a thilgeadh sìos le dubhachas agus cradh cridhe; ann an so tha e ag aideachadh gu'n d'eisd an Tighearn ris 'nuair a ghlaodh e, ge' nach robh fhios aig air sin anns a cheart àm. An deigh aideachaidh, tha e a' briseadh a mach ann a mion chunntais air a thrioblaid, far am bheil e ag radh, 'ruith mo leoin 'san oidhche, gun sguir; mur gu'n canadh e, cha d'fhuair mi fois a là no dh'oidhche, dhiult m' anam solas a ghabhail; 'se sin, bha combhfurtachd air a thairgse dhomh, agus cha b'aill leam a ghabhail; bha mi air mo laimhseachadh cho goirt, air a leithid do dhoigh a's 'nuair a thairgeadh dhomh iad, nach èlainn de' dh'aibhnichean an t-sòlais; an deigh sin, tha e ag radh, 'smuainich mi air Dia, agus bha mi fo' amhghar;' mar gu'n canadh e, e-san bu choir a bhi na aobhar solais bu mhò dhomh, b'e aobhar bu mhò cradh dhomh, 'nuair a' smuainich mi air, an sin, tha e ag radh, 'rinn mi urnuigh, agus bha mo spiorad lán doruinn;' 'se sin, cha robh oisinn ann a m'anam nach robh air a lionadh le bròn agus cradh; an sin tha e cuir ris am focal Selah, nì leis am b'aill leis gu'n d'thugadh na h-uile dhaoine fainear meud a chraidh; 'an sin tha e ag innseadh dhuibh, le cuid agus cuid, e bhi aig eiridh a mach as a thriobluid, agus a lion ceum 'us ceum cionnas a tha e teachd a dh'ionnsuidh sòlais,

Air tùs 'thug e fainear na laithean 'o shean, agus bliadhnaichean na'n aimsir chein; agus tha e a' deanamh cainnte ris fein, agus ag radh, ciod e so a tha mi deanamh? Tha fios agam gu maith gu'n robh àm anns an robh agam sòlas, ge d' nach 'eil a bheag 'sam bith agam a nis. A ris tha e ag radh, 'chuimhnich mi mo cheol 'san oidhche; chuimhnich mi gu'n robh àm ann anns an n-eirichinn mu mheadhon oidliche gu do mholadh; an sin a deir e 'rinn mi caint ri 'm chridhe fein, agus rannsaich mo spiorad gu geur.' Mar gu'n abradh e, nach leigeadh se a chuis as mar sin; ach dh'fhosgail mi suas firian na cuis gu h-iomlain; an sin air a so, tha e a' toiseachadh air reusanachadh mar so ris fein, ag radh, 'An cum an Tighearn air ais a lathaireachd fein gu brath?' bha e aon uair air lathair, tha fhios agam gu maith gu'n robh e agam aon uair, ach a nis tha e air falbh; gidheadh, am fan e air falbh gu brath? 'An d'fhalbh a throcar gu buileach? an d'fhailnich a ghealladh gu brath?' Bha e ann an so 'an iomcheist chruaidh, an deigh sin tha e a' co'dhunadh, 'se so mo bhàs,' mar gu'n abradh e, cha 'n 'eil annam ach duine marbh: agus gidheadh cha robh e mar sin. 'Nis, air so tha e a' enuasach sòlas, agus tha e 'g innseadh dhuibh, gu'm bheil e a' enuasach sòlas ann a chridhe, agus tha e ag radh, 'Chuimhnich mi bliadhnan deas-laimh an Ti a's airde, tha mi a' cuimhneachadh oibre an Tighearn', gu deimhin tha mi a' cuimhneachadh d'iongantais, O Thighearna, o'n aimsir chein, agus bheachd-smuainich mi mar an ceudna air d'oibre gu leir.' An deigh sin tha e ag innseadh, air dha bhì 'cuimhneachadh agus a' beachd-smuaineachadh air na nithe so gu'n d'fhuair e comhfhurtachd. 'Se so ann am briathran aith-ghearr iuntinn an fhaidh anns an t-Sailm so.

Gu'n treoraicheadh an Tighearn mise, agus gu'm fosgail Spiorad an Tighearn' cridheachan gach aon agaibh-se, a chum 's gu'm bi a bheannachd a dheonaicheas e do fhocal fein air a dhoirteadh air anam gach neach agaibhse, a chum 's gu'm faigh sibh comh-fhurtachd an diugh; agus tha mi a' sealltainn air son uibhir do throcair o Dhia, agus ma 'se 's gu'm bi an soisgeil so air fholach o a h-aon sam bith agaibh, nach bi e air fholach o neach ach o'n leithidibh sin 'sa bhios cailte.

'Nis, tha mi air teachd a dh'ionnsuidh na rùn a bha

againn 'san lamh air na laithibh a chaibh seachad, a nì b'è so, gu leagail fhaicinn duibh 'ò fhocal De, cò agaibh le coir cheart a dh'fheudas gradh Dhe ann an Crìosd a thagradh air a shon fein; a chum 's gu'm broснаich cinnteachas a nì so sibh gu e-san agus a chuid naoimh a ghradhachadh. A ris, mu na buairidhean a thilgeas an diabhul a steach gu bhur creach de chinnteachas a ghraidh so: chuala sibh iad a cheana, agus cha dean ni an aithris a ris. B'è an ni mu dheireadh, na ceithir seorsan dhaoine agus mhnathan anns an t-saoghal mu'n do labhair mi.

'S IAD A CHEUD SEORSA, iad-an a tha mothachadh pein do-fhulang agus cradh spioraid, gidheadh fathast tha iad ann am fabhar, 'an gradh, agus ann an coimhcheangal Dhe, agus na'm b'aill leatsa aithne fhaotainn am bheil thu dheth na mhuinntir so, lithidh so na chleachdadh dhuit, ge do dh'fheudas do phian agus do chradh a bhi do-fhulangach, agus ge do dh'fheudas tu a bhi toirt a steach reusanan iongantach, mar a ta 'm faidh a' deanamh ann an so, ag radh.—'Se so mo bhas, gidheadh cha'n 'eil thu mar a ta thu fein smuaineachadh a tha thu; oir anns a chor so, ma tha agad tuireadh air son peacaidh, ma tha tairt ort air son thu a bhi air do dheanamh reidh ri Dia; agus ma tha fadal ort air son là do shlainte, agus gu'm bheil dochas agad os-ceann dochais, agus ma tha dochas agad air na geallaidhean; ge' nach 'eil agad mothachadh air trocair Dhe, gidheadh tha thu ann an coimhcheangal na'n gras.

'S IAD AN DARA SEORSA, an dream nach 'eil a' mhothachadh fearg, ni mò a tha iad fuiddh fhearg; agus is iad an dream so clann Dhe, a tha ann an coimhcheangal na'n gras mar an ceudna; agus de'n dream so tha ceithir seorsan mar an ceudna.

SA CHEUD AITE. Tha cuid ann aig an robh an gairm milis, 'nuair a dh'fhosgail laimh ionnuinn Dhe an cridheachan ann an tiota, mar a rinn e air cridhe Lidia, a bha air a h-iompachadh aig aon searmon.

'SAN DARA II-AITE. Tha cuid ann aig robh gaol Dhia air a dhoirteadh a steach ann an cridheachan leis an Soiorad Naomh, agus tha e furas impidh a chuir air an dream so mu ghradh Dhe do'n taobh fein, uime sin, cha'n 'eil iad a' mothachadh fearg ni mò a tha iad fuiddh fhearg.

SAN TREAS AITE. Tha euid ann a rinn gleachd troimh ro-churam an anama', agus chaidh iad troimh dhoimhne uamhaisean corruich Dhe, agus thainig iad troimhe gu sabhailt; agus fhuair iad buaidh orra; uime sin, ann an aite mulal fhuair iad gairdeachas; ann an aite grabhan, fhuair iad sith; ann an aite teaganah, fhuair iad dearbhachd, 'nach dean a bheag sam bith an dealachadh 'o ghaol Dhia ann an Iosa Crìosd;' agus uime sin, cha'n 'eil iad a' mothachadh fearg, ni mò a tha iad fuidh fhearg; ach as-eugmhais doilbheachd tha e furas impidh a chuir orra mu ghradh Dhia d'an taobh fein.

Ach air son an dream mu dheireadh, nach 'eil aon-chuid a' mothachadh grabhan na feirge, no mìsead trocair, tha e na's doilbhe impidh a chuir orra-san mu ghradh Dhe: agus gidheadh, gu cinnteach bithidh naòimh Dhe tric do dh'amaibh anns a chor so, oir tuitidh iad na'n suain chodal, agus luidhidh iad thairis ann am fein-thearuinnt-eachd air son tamuil; cosmhail ri Daibhidh, Peadar, agus a cheile fein, agus na h-oighean glie, thuit iad na'n suain-chodal; ach 'nuair a tha thu anns a choir so, c'ionnas a blitheas fios agad nach 'eil thu fuidh fhearg, ach ann an cuairt a ghaoil, agus ann an coimhcheangal na'n gras? Bithidh fios agad air le so, do mhi-churam-sa, a tha ad' leanadh do Dhia. is mi-churam e a tha air fhaicinn agus air a mhothachadh, tha e na chruas cridhe a ta air fhaicinn agus air a mhothachadh, do bhàs-sa tha e na bhàs a ta air a mhothachadh agus air fhaicinn, mar sin tha thu 'ga fhaicinn, tha thu 'ga mhothachadh, tha thu a' deanamh bròn air a shon mar is urrainn thu, agus tha thu a' gleachd' ris mar is urrainn thu; ach a ta neo-churam an neach a chuireadh air cùl, neo-fhaicsinneach agus neo-mhothachail, tha e dàil agus cha'n 'eil e 'ga fhaicinn, tha e marbh agus cha'n 'eil e 'ga mhothachadh; tha e ann an gairdeanan an diabhuil, ach cha'n 'eil e a' gleachd' a chum faotainn a mach asda, oir cha'n 'eil e 'ga mheas na diaorsa; tha e ann an truagh mhòr, ach cha'n 'eil e 'ga thuireadh, agus thoir air falbh eagal na h-ifrinn, agus mothachadh air grabhan coguis uaithe, agus cha'n 'eil e aig iarraidh flaitheanas eile, agus co fhad 's nach 'eil aige pìan ann a neo-churam, cha'n 'eil iarrtais aige air son a bhi air a dhusgadh a mach as, uime sin, mur 'eil tuille agad ach so gu'm bheil thu a' mothachadh do mhi-chreideamh, do dhoille, do neo-

churam, do chruas-chridhe, do bhōdhraid, agus do dhaorsa, agus co fhad' 'sa tha thu air do chomh-eig-neachadh gus na nithe sin nach b'aill leat a dheanamh, do bhrìgh 's gu'm bheil iad ole, agus gu'm bheil thu air do chomh-eigneachadh gus na nithe sin fhagail gun deanamh a b'aill leat a dheanamh, tha so na chomhara' cinnteach na 's leoir air gu'm bheil thu ann an coimh-cheangal na'n gras, agus air taobh steach cuairt gaoid Dhia.

An 'uibhir so air son a cheud dà sheorsa dhaoine agus mhnathan anns an t-saoghal, agus buinidh an dream so do na bheatha bhithbhuan.

'Nis, na dha eile, 'se sin, an treas agus an ceithreamh seorsa, cha bhuin iad so do ghras, ni mò a tha iad fathast fuidh chumhnant na'n gras : agus air son an treas seorsa, nach 'eil a' mothachadh pian no fearg, agus gidheadh a ta fuidh fhearg, 's iad so a mhoir-chuid de' na mhuinntir a chuireadh air cùl : agus gu deimhinn tha 'n dream so a' dol thar chaich uile ann an aireamh ; oir tha aireamh 's an t-saoghal nach d'fhairich riamh pian no imcheist ann an spioradaibh ; do bhrìgh 's nach d'fhairich iad riamh lagh 'gan casaid, 'gan agairt, agus 'gan diteadh air son peacadh, gidheadh tha iad fuidh phian agus fuidh fhearg, agus tha iad a' dol air an rathad dìreach do dh'ifrinn. 'Nis tha dà sheorsa ann de'n dream so.

'SA CHEUD AITE. Tha cuid anns an taobh muigh de'n eaglais nach robh riamh na'n luchd compairt de na chumhnant so-fhaicsinneach ; mar Iudhaich agus Turcaich, Cinnich agus Papanach, cha robh mhuinntir so riamh air an gairm, ni mò a bha 'n coguiscean riamh air an dusgadh.

'SAN DARA H-AITE. Tha cuid anns an taobh a steach de'n Eaglais, agus a tha nan luchd compairt de na choimhcheangal fhaicsinneach ; ann an eisdeachd an fhocal, agus gabhail na Sacramaidean, agus tha iad so de thri seorsan.

An tus. Tha cuid ann a tha 'g aideachadh na firinn, ach tha iad as eugmhais colais, uime sin cha'n eil aca, aig àm sam bith, gairdeachas mhothachail no pian mhothachail ann an coguisibh, do bhrìgh 's gu bheil an coguis an urra ri 'n colas ; oir mar a tha t'colas, mar sin bithidh do choguis.

Dara seorsa dhiubhsan aig am bheil eolas, ach air an litir a mhain, oir tha iad as eugmhais an Spioraid, agus mu'n dream so tha 'm fuidh a' labhairt, ag radh, ' Cluinnibh da rìreadh, ach na tuigibh, agus faicibh da rìreadh, ach na tugaibh fainear. Dean cridhe an t-sluagh so reamhar, agus dean an cluasan tròm, agus druid an suilean, mu'm faic iad le'n suilean, agus mu'n cluinn iad le'n cluasan, agus mu'n tuig iad le'n cridheachan, agus ga'n iompaichear iad, agus gu'm bi iad air an slanachadh.' Isa. vi. 9, 10. Tha aig an dream so sealladh agus eolas araidh air a thoirt doibh, ach do bhrìgh 's gu'm bheil iad 'gam mi-ghnathachadh, uime sin tha iad a' dol 'am mugha ann an ceart bhreitheanas Dhe.

Treas Seorsa, is iad sin an dream, aig am bheil an coguisean air an drosadh mar le iarrun dearg, agus tha spiorad suain air a dhoirteadh orra, agus tha cridheachan aca a tha air dol thar mothachadh; uime sin, tha iad air an toirt thairis gu peacachadh le ciocras, agus tha tlachd aca ann a bhi 'g òl a steach aingidheachd, mar a dh'òlas an t-ainmhidh suas an t-uisg. Cha'n 'eil 'eagal breitheanas air na trì seorsan so uile, do bhrìgh 's nach 'eil iad a' mothachadh fearg; air an aobhar sin tha iad mi-churamach, agus cha'n 'eil iad a' sealltainn air a shon.

'Nis, tha mi air teachd a chum na ceithreamh seorsa, ni is iad an leithide sin de na mhuinntir a chuireadh air cùl, aig am bheil an coguisean air an dusgadh, agus a tha 'mothachadh fearg air fhadadh ann an cridhe an taobh a stigh, agus an coguisean fuidh uamhan le dearbh ghathan an ditidh, a tha teachd o cheartas gharg agus o rùn neo-chaochlaideach Dhia; agus cha'n 'eil aca Spiorad Chrìosd gu an comhfhurtachadh, no gu'n gluasad suas a chum dol a dh'ionnsuidh Fear-saoidh, no a dh'ionnsuidh fhala, uime sin tha iad a' dol a dh'obair air an t-slighe mhi-cheart; oir an dara cuid muchaidh iad am pian, agus an teine 'nan coguisibh, le meadhon-aibh mi-laghail agus cuidichidhean neo-sholasach: air neo tilgidh 'siad iad fein ann an doimhne gun iochdar an eu-dochais, agus mar sin mairidh iad gu crìoch am beatha; air neo ni iad cabbaig o na phian aimsireil a chum piantan siorruidh agus neo-chrìochnaichte na h-ifrinn. Tha iad so uile fuidh fhearg; agus cha'n 'eil anns na gathan so gu leir ach tùs an agartais gun

chrioich a bhithas iad a' fulang ann an ifrinn gu sìorruidh tuille, agus cha'n 'eil anns an lasair so a tha air toiseachadh na'n coguisibh ach sràd a thainig o'n teine sin nach muchar a choidheche, far am bi mar aon coguis agus closaich a' losgadh gu sìorruidh. 'Nis, tha mi a' ceadachadh gu'm bheil Dia aig cuid do àmaibh a' dusgadh coguis na'm muinntir a chuireadh air cùl, aig cuid do dh'amaibh na 's luaithe, agus aig cuid do 'amaibh na 's fadalaich, cosmhail ri Cain, bha a choguis air a dusgadh gu h-ath-luath; oir air bàll an deigh murt a bhrathair Abel, tha'n Tighearn a' teachd d'a ionnsuidh, agus aig innseadh dha, 'Gu'n d'èigh guth fola a bhrathair risan o'n talamb, agus uime sin dhuisgeadh a choguis, agus ghlaodh e a mach, 'Tha mo pheanas na 's truime na 's urra' mi ghiulan: cha'n 'eil neach a choinnicheas mi nach mairbh mi:' agus dh'fhan e fuidh na mhothachadh agus fuidh na ghrabh so rè uile laithean a bheatha; mar so bha e-san gu h-ath-luath air a dhùsgadh, agus dh'fhan e fada fuidh. Ach bha Iudas na b'fhadalaich air a dhùsgadh, an deigh gach rabhaidh a fhuair e o'n Tighearn, agradh, feumaidh Mac an duine a bhi air a bhrath; ach is an-aobhinn do'n duine sin le 'm brathar e; fathast cha do dhùisg e riamh, gus an d'thainig sgèua g'a ionnsuidh, gu'n robh Criosd Iosa a rinn e-san a bhrath, air a dhiteadh a chum bàis. An sin tha e a' dusgadh, an deigh sin tha e a' mothachadh lasraichean na h-ifrinn air toiseachadh 'na choguis air son brath na fola neo-chiontaich. Tha e fìor mar an ceudna, gu'm bheil cuid a' giulan a phian so na 's faide, eadhon anns a bheatha so: cosmhail ri Saul agus Cain; agus cuid eile 'ga ghiulan ni's giorra: cosmhail ri Ahitophel agus Iudas. Ach tha mi a fàgail so, agus a' teachd gu puine 'eile.

'SA CHEUD AITE. Gu innseadh dhuibh mu staid na muinntir dhitidh fuidh na phian so.

'SAN DARA H-AITE. Na ceuman leis am bheil siad a teachd g'a ionnsuidh.

'SAN TREAS AITE. An t-eadar-dhealachadh a ta eadar an cleachdadh-sa agus cleachdaidhean na'm muinntir thaghta fuidh an cuid piantaibh fein.

'SA CHEITHREAMH AITE. Cia fhad 'sa dh'fhaodas a mhuinntir thaghta, agus a mhuinntir a chuireadh air cùl a theachd gu cordadh ri cheile ann am piantaibh.

'SA CHUIGEADH, agus anns an AITE mu dheireadh. Gu

innseadh dhuibh cia mar a ta 'n Tighearn a' togail an dara h-aon, agus a leigeil leis an n-aon eile tuiteam: Cia mar a ta e tionndaidh na muinntir thaghta, agus a leigeil leis a mhuinntir dhìte a dhol air an agbaidh gu'n aite fein.

A thaobh a cheud aite, nu thimchioll staid an droch-dhuine fuidh phian. Tha solus aige, agus tha mothachadh aige, tha creideamh aige. Tha solus aige a tha leigeil fhaicinn da a pheacaidhean anns an lagh 'ga chasaid, 'ga agairt, agus 'ga dhiteadh fa-chomhar caithir bhreitheanais Dhe; tha solus aige a tha foills-eachadh Dhia dha na theine dian-loisgeach na sheasamh o's ceann a chinn, agus a' leigeadh ris dha siorruidheachd do phian, mar-aon gun fhios agus gun saorsa, air ullachadh air a shon, nach urrainn e a sheachnadh. Tha mothachadh aige, oir tha e a' mothachadh fearg a tha do-ghiulan, tha e mothachadh teine millteach agus lasair loisgeach a' dheanamh greim air a choguis, agus tha e' mothachadh dearbh uamhunn an ditidh a' sgealbadh anam as a cheile; agus so tha e a' mothachadh as eugmhais fadal air son trocair, as eugmhais tairt air son sìth, as eugmhais iarrtuis gu ruith a dh'ionnsuidh Slanuighear; oir tha e a' faicsinn dorus na trocair air a dhruideadh air gu siorruidh tuille; agus tha creideamh aige, or tha dearbh-bheachd aige nach do ghradhaich Dia riamh e, agus nach do thagh se e; tha dearbh-bheachd aige nach d'rinn Crìosd riamh a shaoradh; tha dearbh-bheachd aige nach d'rinn an Spiorad riamh a naomhachadh; tha e cinnteach gu'm bheil e gu h-iomlan air a thilgeadh air falbh; agus tha dearbh-bheachd aige gu'm bheil gach creutair air thalamh fo' armachd le fearg agus dioghaltas 'na aghaidh, agus gu'm bheil iad ullamh gu breitheanas roimh-ord-uichte Dhia a chuir an gnìomh air. 'Se so a staid. 'Nis, air son na'n ceuman leis am bheil e a' teachd a chum a phein so.

'Se a CHEUD CHEUM mi-naomhachd. 'Thugaibh an ro-aire' deir an t-Abstol, Eabh. xii. 16. 'nach bi neach mi-naomh sam bith 'n'ur measg, mar Esau, a reic air son aon ghreim bidh', còir a cheud bhreith,' do bhrìgh 's nach do mheas e a bheag sam bith dheth. Mar s n 'se mi-naomhachd, no gras Dhe a mheas na ni eutrom, a cheud cheum a chum ditidh.

'Nis mar a dh'fhag Esau aon cheum air a chùl, mar sin dh'fhag Ismael ceum eile. Ciod e a bha'n sin? Rinn e magadh air a bhràthar Isaac. Mar sin 'se so an dara ceum a chum ditidh, magadh no fochaid air diadhachd, no air geallaidhean Dhia do na naoimh.

Thug Cain ceum eile leis, mhurt e a bhrathar Abel, agus an deigh dha a dheanamh, dh'aicheadh se e. Mar so 'se 'n aingidheachd so air a h-aicheadh, an treas ceum gu diteadh.

Tha Saul a' fagail ceum eile air a chul. Ciod a bha 'n sin? Dh'fhag e gun deanamh na nithe sin bu choir dha a dheanamh, agus rinn se a ni sin neach d'iarr Dia riamh air a dheanamh, fo' sgail diadhachd. Mar sin 'se a cheilg so, no am buintinn gu meallta so ri Dia, an ceithreamh ceum.

Dh'fhag Iudas ceum eile air a chul. Ciod a bha'n sin? Cha robh a chridhe riamh air ath-nuadhachadh, oir bha diabhlul aige do ghna na chridhe, agus rioghaich sannt an taobh a stigh dheth. Smuainich e am fein, gabhaidh mi an t-airgiod a th'air a thairgsinn dhomh; 's urrainn e-san e fein a shaoradh, tha fios agam gur ionmhuinn leis a bheatha mar as ionmhuinn leam-sa mo bheatha fein; tha fios agam gu'm faigh mi fhabhair a ris; mar sin gleidhidh mi'n t-airgiod, agus cha bhi fios aig neach sam bith air. Mar sin, tha sibh faicsinn, gu'm bheil an neach a chuireadh air cul a lion ceum 'us ceum a' teachd air aghaidh, agus mar sin a' dol air aghaidh ceum au deidh ceum, gus an d'thig e gus a cheum a's airde agus an ceum mu dheireadh. 'Nis, mar a baill leibh dol as o na cheum is airde, mar sin feumaidh sibh a cheud cheum agus na ceuman meadhonach a sheachnadh: air an aobhair sin faicibh, 'nach bi ann an aon neach agaibh droch eridhe mi-chreideach, ann an treigsinn an Dia bheo.' Seachnaibh slighe Chain, agus na bithibh-se gamhlasach mar a bha esan; seachnaibh slighe Esau, agus na bithibh-se mi-naomh mar a bha e san; seachnaibh slighe Ismaeil, agus na bithibh ri fochaid mar a bha e-san; seachnaibh slighe Shaul, agus na bithibh 'n'ur cealgairean mar a bha e-san; agus seachnaibh slighe Iudais, agus na altrumaibh diabhlul ann bhur eridhe mar a rinn e-san; seachnaibh slighe na daoine so gu leir, mar a b'aill leibh piantan na coguis a sheachnadh an so, agus mar a b'aill leibh a bhi air bhur cum-

ail a mach o phiantaibh siorruidh na h-ifrinn an deigh so. An uibhir so air son na'n ceumaibh leis am bheil a mhuinntir a chuireadh air cùl a' teachd a dh'ionnsuidh an piantan.

'Nis, tha mi air teachd a dh'ionnsuidh an eadar-dhealachaidh a ta eadar cleachdadh na muinntir a chuireadh air cùl fuidh an cuid piantaibh, agus cleachdadh na muinntir thaghta fuidh an grabhan fein ; cha'n urra' sibh innseadh cia cho luath 'sa dh'fheudas bhur coguis a bhi air a dusgadh, agus a dh'fheudas am pian sin a bhi air a mhothachadh leibhse ; oir feudaidh smuain deth nach do ghabhadh aithreachas an lasair sin a bheothachadh, agus dearbh chorruich na h-ifrinn a ghluasad suas ann bhur n-anama ; agus co-dhiubh a tha sibh aig an àm so a' mhuchadh solus bhur coguisean no nach 'eil, cha'n 'eil fios agam, uime sin tha mi 'gar fagail do'n Tighearn ; ach tha e do ghnath feumail air bhur son, aithne fhaotainn air ciod e an cleachdadh bu choir a bhi agaibh, 'nuair a ta bhur coguisean air an dusgadh, agus air beantainn riu leis a phian so ; cionnas ma ta a bhios fios agaibh ciod a their sibh aon-chuid ribh fein, no idir ri neach eil, 'nuair a ta sibh air bhur dusgadh ? Innseamsa dhuibhse a ta 'n'ur clann do Dhia, ciod e an cleachdadh bu choir a bhi agaibh, agus ciod e cleachdadh an droch-dhuine anns a chor so, a chum 's gu'm bi eolas agaibh air an eadar-dhealachadh a ta eadar an dà chleachadh.

'Se a cheud eadar-dhealachadh so, mar air son an neach a chuireadh air cùl fuidh a chuid piantan, 'se a mhain lamh dioghaltais Dhe 'ga phianadh air son a pheacaidhean a ta 'ga phianadh-sa ; thoir air falbh am pian, agus bithidh e-san maith na's leoir. Ach a thaobh leanabh Dhia, cha'n e am peanas cho mor a tha 'ga phianadh-sa, 's a tha chuid peacaidhean, 'ni a b'aobhar d'a phian, agus a bhrosnaich Dia gu fearg 'na aghaidh ; uime sin tha e a' fuathachadh a' chuid peacaidhean, tha e a' deanamh bron air son a pheacaidh, agus tha e gabhail aithreachas air son a pheacaidh, agus b'aoibhinn leis a bhi air a dheanamh reidh ri Dia. Mar sin, ma tha na nithe so agad, an sin tha chuis gu maith, ge' do tha agad eagail agus uamhasan ann do choguis ; oir cha robh aig an droch-dhuine riamh fìor fhuath do'n pheacadh, air doigh 's gu'm b'aoibhinn leis a bhi air a dhioladh air, do

bhrigh 's gu'n do chuir e diomadh air Dia; cha robh riamh aige fìor aithreachas a chum beath, cha robh riamh creideamh tearnaidh aige gu deanamh greim air geallaidhean Dhia, g'an comhchuir ris fein, no ocras agus tairt air son fuil Iosa, a chum reite a dheanamh eadar Dia agus anam, na nithe so cha robh aig an droch dhuine riamh, air an aobhar sin ma tha iad agaibh ann an tomhas-eigin, tha e na chomhara neo-mhearachdach dhuibh gu'm bheil sibh 'n'ur cloinn do Dhia.

'Se 'n dara h-eadar-dhealachadh so, tha pian an drochdhuine do-fhulangach, agus uime sin cha'n 'eil foighidinn aige g'a ghiulan, cha'n 'eil fìor iartais zige gu faotainn a mach as, ni mo a tha dochas aige gu'm bi e air a shaoradh a mach as; tha e an dara cuid a' saothrachadh a chum a mhuchadh, air neo tha e a' deanamh calhaig a dh'ionnsuidh na'm piantan siorruidh gun chrìoch, a' smuaineachadh gu'n toir athrachadh pein na's mō dh'fhois da. Ach cha'n 'eil a chuis mar a ta e-san an duil, oir aig an am so cha'n 'eil ach an lasair, ach an deigh so an teine; a nis, cha'n 'eil ann ach aon bhoinne, ach an deigh so bithidh cuan dbeth fearg Dhia air a thilgeadh air anam agus air a chorp, air a choguis 's air a chlosaich. Nis, air an lamh eile, tha piantan an anam thaghta so-fhulangach, oir tha e air a chumail suas le lamh dhìomhair an Dia uile-chumhachdaich; uime sin tha foighidinn aige-san gu ghiulan, tha iarrtais aige a bhi air a dheanamh reidh ri Dia, agus mar sin gu bhi air a shaoradh o agartas; agus tha dochus aige gu'm bi e air a shaoradh, air an aobhar sin tha e ag osnaich mar is urrainn e, agus tha e ag urnuigh mar a dh'fheudas e; tha e a' ruith a dh'ionnsuidh an Tighearn mar a's urra'dha, tha e tagair a gheallaidh mar is comasach e, agus mar sin tha dochas aige os-ceann dochais, uime sin tha e ag radh cosmhail ri Iob, xiii. 15. 'Ge do mharbhadh tu mi, Thighearn, fathast cuiridh mi mo dhochas annad.' Ann an sin tha e a' lagachadh agus a' fannachadh fuidh uallach, air an aobhar sin tha e aig radh, 'an cum an Tighearn air ais e fein gu brath? An do dhearmad Dia a bhi trocaireach? Agus ma tha e air a ghairm, agus ma bha aige mothachadh air trocairean an Tighearn roimh sin, "an sin b'aoibhinn a b'aill leis na laithean o shean a chuimhneachadh, agus oran anns an oidhche a ghairm gu cuimhne."

3. Tha an dream a chuireadh air cùl, ann an cuid piantan fein, a' deanamh aon-chuid mar a rinn Iudas, a rinn cabhag o na phian aimsireil a dh'ionnsuidh na'm piantaibh siorruidh; air neo tha iad a' deanamh mar a rinn Saul, a ghairm air son innealaibh ciùil gu a shòlasachadh, a chum a phiantan air lathair a chuir air falbh. Mar sin iarraidh iad sòlasan agus luchd comfhurtachd diomhain, an leithide as fearas-chuideachd agus luchd-comuinn, no itheadh agus òl; ach cha deau iad so gu leir maith air bith dhoibh. Air neo ni iad mar a rinn Cain, a dh'iarr air Dia a bheath a chaomhnadh air son tamull, agus thigeadh an deigh sin na's aill, mar sin cha'n 'eil a mhiann orra bhi air an cuir 'nam cabhaig a dh'ionnsuidh na'm piantain siorruidh sin, ach na's raognaichte an toilinntinnean a ghabhail an so air son tamull, agus an deigh so thigeadh na's aill. Air neo ni iad mar a rinn Esau, nach do chuir an suim a bheannachd a fhuair Jacob; oir cha d'iarr e cuibhriinn deth, ach mhiannaich e-san beannachd eile, mar so iarraidh iad beannachdan na beatha so, agus gabhaidh iad an cunnart do'n bheatha ri teachd; mar sin thoir dhoibh maoinn de shaibhreas, de dh'onair, de thaitneas, agus de dh'fhois, anns a bheath so, agus cha 'n 'eil suim ac air son tuilleadh.

Ach tha nadur leinibh Dhe gu mòr air a chaochladh do dhoigh; oir cha'n urrainn a bheag sam bith e-san a thoileachadh ach a shàsachadh fhaotainn de dh'fheoil agus de dh'fhuil Chrìosd; oir tha fios aige nach urrainn a bheag sam bith anam ocrach agus iotmhor a riarachadh ach sin a mhain, agus nach urrainn a bheag sam bith fearg Dhe a mhùchadh, a ta na luidh air a choguis, ach fuil Chrìosd a mhain; air an aobhar sin cha bhì aige-san fois, no socair, no sòlas, no comfhurtachd, ach sin a bheir fuil Chrìosd d'a ionnsuidh; uime sin, cha'n urrainn do ni sam bith air neamh no air talamh e-san a thoileachadh no shàsachadh gus am faigh e a riarachadh de dh'fheoil agus de dh'fhuil Iosa, ann an e-san ith agus òl troimh chreideamh.

'Nis, b'e'n ceithreamh ni air an do rùnaich mi labhairt so, gu leigeil fhaicinn duibh cia cho fagus 'sa tha'n dream a chuireadh air cùl a' teachd air a mhuinntir thaghta. Tha mi a' comhrachadh gu h-arraidh ceithir cheuman, air am bheil mar aon a mhuinntir thaghta

agus a mhuinntir a chuireadh air cùl a' dol air an aghaidh cuideachd.

'SA CHEUD AITE. Chunnaic a mhuinntir thaghta mullach am peacaidhean air dol suas gu neamh, agus air ruith a steach fa chombair caithir bhreitheanais Dhe, agus tha iad 'gan faicinn na'n seasamh an sin 'gan casaid, 'gan agairt, agus 'gan dìteadh, tha iad mar an ceudna faicinn balla na sheasamh eadar Dia agus an anama', air doigh 's nach 'eil iad a' faicinn seol ruigsinn air troc-àir; agus 'nuair a ni iad urnuigh, tha iad a' faicinn an cuid urnuighean air an druideadh a mach, agus nach leig Dia leo a theachd a steach 'na lathair; chi a mhuinntir thaghta so cho maith ris an dream a chuireadh air cùl.

'SAN DARA H-AITE. Bha iad as-eugmhais gach uile chomhfhurtachd fuidh neamh, air doigh 's nach robh aca mothachadh sam bith air gradh no dearbhachd air taghadh, agus is beag nach robh iad air dol thar na h-uile h-earbsa air gu'n d'fhigeadh iad gu brath do flaitheanas; uime sin thubhairt iad, 'An d'imich an Tighearn air falbh gu bràth? An do dhi-chuimhnich an Tighearn a chaomh-throc-àir agus a thruacantais?' Uime sin ghlaodh iad a mach, 'Chaidh tonnan feirg an Tighearn thar mo cheann, air a leithid do dhoigh 's gu'm bheil mi air mó chomhdachadh leo,' Salm lxxxviii. 16.

'SAN TREAS AITE. Taisbeanaidh an Tighearn' na namhaid gle mhoir dhoibh agus gu a bhogha a chuir air lagha agus a shaighdean a thilgeadh orra; air an aobhar sin ghlaodh iad, 'Tha saighdean feirge an uile-chumhachdaich air dol tromham.' Agus taisbeanaidh an Tighearn mar gu'n gabhadh e bruthadar agus gu'm briseadh e uile chnamban an cuirp, air doigh 's nach 'eil aon-chuid tamh no fois a là no dh'oidheche air an son; uime sin, rinn iad 'ulfhartaich mar chaillichean oidheche anns an fhasach, agus dh'eigh iad mar phelican anns an ionad aonaranach,' agus rinn iad beucaich mar leomhan anns a choille, 'rinn iad caoran mar a chorrannan, na mar ghealbhonn air mullach an tigh,' rinn iad tuireadh mar cholaman a tha as eugmhais a cheile.

'SA CHEITHREAMH, agus anns an AITE mu dheireadh. Bithidh leanabh Dhia aig cuid do dh'amaibh air a thoirt agus a chor so, gu'm malluich e an là air an d'rugadh e; malluichidh iad na h-uile a rinn comhadh rianh riu ann an àm an oige, agus bithidh iad air an tabhaint agus

an eigin so, gu'm bi fadal orra air son an là anns an cuir Dia crìoch air am beatha. 'Nis thig a mhuinntir thaghta agus na droch-dhaoine mar aon an fhada so air an aghaidh cuideachd.

'Se ni mu dheireadh a tha mhain gu bhi nis air a labhairt, gu innseadh dhuibh c'ait a' bheil iad a'm dealachadh agus a' mi-chordadh ri cheile, agus cìod e a tha deanamh an n-eadar-dhealachadh. Ann an so tha 'n eadar-dhealachadh, thus a tha ad' leanabh do Dhia, anns a cheart àm 'sam bheil thu fuidh do phian, tha obair dhìomhair an taobh a stigh dhiot nach 'eil thus a' faicinn, gus am bheil thu air do thabhairt a mach as do bhuairead. Cìod e sin? The solus impidh agus gairdeachais a ta na luidh am folach ann do choguis, a nì 'nuair a bhriseas e mach, bheir e aoibhneas do-labhairt leis, agus sìth a tha air dol thar na h-uile h-còlas, an ni a bheir air falbh do ghrabhan agus do theagaimhean gu leir, agus a bheir sgeul aobhneach ad' ionnsuidh-sa bha bròn, agus spiorad an t-subhachais ad' ionnsuidh-sa bha air do thrioblaideachadh le spiorad an dubhachais; mar sin tha'n Tighearn 'ga do chumail-sa suas nach 'eil thu a' tuiteam a dh'ionnsuidh slochd gun iochdar na'm piantan gun chrìoch sin; agus ge nach 'eil thus 'ga bhreithneachadh, gidheadh tha iarrais air son trocair ann do chridhe; agus ge do tha do ghrabhan an uachdar, air a leithid do dhoigh 's nach urrainn thu an fhuil fhaicinn a' labhairt air do shon; gidheadh b'aoibhinn a b'aill leat sealltainn troimh an fhearg ri trocair. Ach air son an droch-dhuine, tha Dia ga fhagail, tha e-san a' tuiteam ann, agus mar is mò a ta e dol fuidh anns na doimheachdan so, 'sann is mò a tha buaidh air a thabhairt leo; mar sin cha'n 'eil e a' faotainn a mach gu bràth tuille.

Nis, a' faicsinn gu'm bheil sibh uile ann an cuid de na ceithir seorsan dhaoine agus rahnathan so, mu'n do labhair mi, tha mi dearbhta gu'm bheil a mhoir-chuid de'n treas seorsa, nach do mhothaich riamh fathast fearg, gidheadh a tha fuidh fhearg. Cha'n urrainn mi innseadh dhuibh cia cho luath 'sa dh'fheudas sibh a bhi air bhur saoradh uaith' (agus tha mi guidh air Dia gu'n cum e sibh 'n'ur duisg); oir tha mi toirt cinnte dhuibh gu'm bheil an Tighearn a' teachd, agus cha'n urrainn sibhse innseadh cia cho luath sa dh'fheudas dorus na trocair a bhi air a dhunadh, uime sin, seallaibh ribh

fein, a chum 's gu'm faigh sibh a steach ann an àm, a chum 's 'nuair a dhruidear an doras gu'm faighear sibhse air an taobh a stigh; oir, air a so tha mi toirt fianuis duibh, tha teine nach bi air a mhùchadh, agus piantan siorruidh, air ullachadh air an son-san uile a tha 'nan luidh thairis a' codal ann am mi-churam, agus nach bi air an dusgadh, 'us nach dean aithreachas ann an trà; air an aobhar sin, do bhri gur e so an t-àm, guidheam oirbh gu durachdachd sibh a ghabhail ris; oir ma leagas sibh leis an àm so dol seachad, agus ma bhàsaicheas sibh gun aithreachas, cha'n fhaigh sibh a leithid gu siorruidh tuille, ni mò a chi sibh beatha gu siorruidh, no a gheibh sibh trocair gu brath tuille air a thairgse dhuibh, dean-aibh ris mar is aill leibh. Cha chan mi tuille aig an àm so. Deanamaid urnuigh.

AIR IOMADH PUING DIADHACHD.

SEARMOIN XXIII.

AIR IOMADH PUING DIADHACHD.

SALM xlii. 1. 2. 3. Mar a thogras am feadh a chum nan sruth visge, mar sin tha m'anam a' togairt a d'ionnsuidhse a Dhe. Tha tairt air m'anam chum Dhe, chum an De bheo: e'uin a thig mi agus a nochdar mi am fianuis Dhe? Is iad mo dheoir is biadh dhomb a là agus a dh'oidhche, 'nuair a theirear rium gach là, e'ait am bheil do Dhia?

Tha ann an so dearbh dealbh anam craiteach a' gleachd le craidh, agus le mōr imcheist agus doilghios inntinn; agus tha e sgrìobhte air son comfhurtachd an leithide sin gu leir, aig am bheil an anam air an cleachdamh ri'n leithid sin do bhunaidhean craidh no doilghios air son easbhuidh lathaireachd Dhe. Cha'n urrainn an teagasg so a bhi taitneach agus tairbheach do neach sam bith, ach do'n neach sin aig am bheil 'anam craiteach agus a tha air a thilgeadh sìos; cha'n eil feum aig an anam a tha air a lìonadh le comfhurtachd, agus an t-anam a tha na

luidh ann a mi-chùram, agus nach 'eil air a dhusgadh, cha'n urrainn e-san a chomh-chuir ris fein; uime sin, fathast cha'n 'eil feum aige ris; ach an t-anam a ta air a dhusgadh, agus a tha faicsinn nach 'eil Dia air lathair, agus air an aobhar sin air am bheil tairt an deigh an Dia bheò, agus an t-anam a tha mi-shuaibhneach, agus nach urrainn fois fhaotainn, agus a mhuintir so aig am bheil tonna feirge Dhe dol tharis orra, agus aig am bheil aon doimhne gairm air doimhne eile, agus a tha na'n seasamh eadar gaoth is tòn, iadsan, tha mi 'g radh, air dhoibh a bhi air an tumadh ann an doimhne feirge Dhia, leis am b'aill sealltainn le aoibhneas ri doimhne trocair Dhia; an leithide sin, tha mi 'gradh, a tha air an doigh so air an tilgeadh sìos, giulainidh iadsan leis an teagasg, agus ni iad gairdeachas air a shon; a mheud agaibh 'sa tha air bhur lionadh le sòlas giulainidh sibhse leis mar an ceudna, agus a mheud agaibh 'sa tha ann fein-thearuinnteachd, agus leis am b'aoibhinn a bhi air bhur dusgadh, giulainidh sibh leis mar an ceudna; oir an dream is ro-fhein-thearuinnte aig an àm so, feudaidh e bhi gu'n tig àm orra gu'n toir cuimhneachadh air na nithe so comhfhurtachd do bh. Ach gu a theachd gus an nì a bha anns an rùin.

An nì aig na stad mi b'è so e, cia fhad 'sa dh'fheudas leanabh Dhe a theachd air aghaidh maille ris an neach a chuireadh air eul, cia fhad 'sa dh'fheudas e a bhi air a thilgeadh sìos, agus ciod iad ceuman a thilgidh sìos? 'Nis, tha lan-fhios agam, gu'n d'thoir beachd-smuaineachadh air so meudaigean de shòlas do'n dream a ta air an tilgeadh sìos, 'nuair a chluinneas iad gu'n robh naoimh Dhia rompa air an toirt a dh'ionnsuidh so, gu'm faic iad am peacaidhean 'gan casaid, gan agairt, agus 'gan diteadh fa chomhar caithir bhreitheanais ceartais Dhia, agus gum faic iad 'nuair a ni iad urnuigh, gu'n robh an urnuigh air a druideadh a mach, bha iad air an creach deth gach sòlas, chaill iad mothachadh a ghraidh, chaill iad cinnteachas an taghaidh, chaill iad tioddlae a chreidimh agus an aithreachais, agus ann am beachd fein air an creach deth gach gras agus trocair; agus anns an aite mu dheireadh, is beag nach do thilg iad air falbh an dochas, agus nach do mhalluich iad an là, an oidhche, an t-àm, agus an uair air an d'rugadh iad, agus nach do mhalluich iad gach creutair a rinn maith sam bith riabh

dhoibh, agus a nochd doibh sòlas air bith. Tha cuimhne agam gu'n dubhairt Iob vi. 2. 'O nach robh mo dhoilghios air a lan-chothromachadh;' mar gu'n abradh e, tha e co trom, 's nach urrainn do neach sam bith a ghiulain; agus ann an aite eile, tha e 'g radh, 'Am bheil mis am iarunn no am ùmha?' mar gun abradh e, tha iongantachas oirbh ri mo bhuaireas-inntinn, ach na'm biodh iarunn no ùmha ann am aite, agus na'm biodh iad air an tilgeadh anns an lasair a tha na m'anam, tha mi cinnteach gu'n deanadh an lasair sin an leaghadh. 'Nach robh so na phian iongantach fuidh 'n robh e? Agus am bheil sibhse a' smuaineachadh so na nì beag, a thug air Mac Dhe fein a bhi fuidh eagal, air doigh as gu'm bu shubhach leis comhfhurtachd iarraidh air a dheiscioblaibh fein, nach b'urrainn comhfhurtachd a thabhairt d'à, agus le'm b'aobhinn a thuireadh a dheanamh, agus gearan anam a dhoirteadh a mach dhoibh, ag radh, 'Tha m'anam ro-bhronach, eadhon gu bàs,' agus dh'iarr e orra' faire agus urnuigh a dheanamh maille ris, agus rinn e urnuigh na'm feudadh e bhi gu'n rachadh an cùpan seachad air. Mata. xxvi. 39. Ciod a thug air so a dheanamh an saoil sibh, ach dearbh phiantan agus ioghan teine na h-ifrinn, a dh'fhuiling e na anam air son ar peacaidhean, a bha aig-san na'n luidh air a dhrùim? 'Nis cha'n 'eil a h-aon agaibh as urra innseadh cia cho luath 'sa bhitheas gnothach agaibh-se ri so, no fathast cia cho luatha 'sa dhuisgeas Dia bhur coguis air son bhur peacaidhean, agus bhiodh bhur n-anama ann an sin aobhneach air son an drop bu lugha do sòlas a bharriamh air a thabhairt do neach air bith de phobull Dhe. Air son feum cleachdaidh, ma ta, na'm b'aill libh focal comhfhurteachd ann an àm so na feum, feumaidh sibh a thuigsinn gu'm bheil obair dā-fhillte aig Dia ann an anama na droing is leis fein a tha air an tilgeadh sìos; tha aon de na h-oibre diomhair, agus cho diomhair, 's gu bheil e mhain 'gan giulain suas air doigh 's nach tilg iad air falbh an earbsa; ach tha iad a' seasamh a' feitheamh le foighidin gus an d'thoir Dia comhfhurtachd dhoibh; agus tha 'n obair so cho diomhair, 's nach urrainn thu sealltain an taobh a stigh do d' chridhe fein gu fhaicinn am bheil gras sam bith ann an sin gu comhfhurtachd a thabhairt dhuit; gidheadh bithidh neo-thoileachas ann air son peacadh a thug air aghaidh breitheanas

cho mōr ort, bithidh fuath agus grāin ann da ; bithidh ocras agus tairt ann an deigh fireantachd ; bithidh fad-uigheachd ann air son ām saoiridh an Tighearn, bithidh fuireach gu foighidneach ann, agus dochas o's cionn dochais : bithidh na nithe so uile agad ann do chridhe, ge d' nach 'eil fhios agadsa orra.

Ach their thus, cha'n urrainn domh comfhurtachd fhaotainn ann an sin. Ach thoir an aire do na so, 'nuair a tha thu sa choir so, cha'n fhead thu breith a thoirt ort fein le do thuigse no le do mhothachadh fein, cha'n fhaod thu foiseachadh air, ach mar is mò a tha thu air do bhacadh 'o chreidsinn, saothraich na's mō gu greim-eachadh ris na geallaidhean, agus faic an eigin so air a cuir ort, feumaidh mi creidsinn air neo a bhi air mo dhìteadh gu siorruidh ; feumaidh mi dochas a bhi agam os cionn dochais, air neo cha'n fhaigh mi gu brath an siol beannaicht sin Crìosd Iosa. Agus mur gluais an eigin so thu gu creidsinn, an sin bi air t-fhaicill nach cuir thu an toibheum so ris a chuid eile de' do pheacaidhean, a leithid agus breugair a dheanamh deth Chrìosd : oir thubhairt e-san, 's beannaicht iadsan air am bheil ocras agus tairt an deigh fireantachd. Tha ocras agus tairt ortsa, air an aobhar sin feumaidh tu a bhi beannaichte ; mar sin mar is mò a dh'fhailnicheas do mhothachadh dhuit, creid thus na 's ro mhò, oir tha so a' tabhairt na 's mò do ghloir do Dhia.

'SAN AITE MU DHEIREADH UILE. Foisich air geallaidhean Dhia, ag radh, ' thigibh 'am ionnsuidh-se sibhse uile a tha sgùth agus trōm luchdaichte, agus bheir mise fois dhuibh ; e-san a chreideas cha bhi e gu siorruidh air a dhìteadh ;' creid agus chi thu iongantasan. Ach ma their thu, cha bhuin na geallaidhean dhomhsa, bi air t-fhaicill roimh na sin, na druid thu fein a mach, oir cha do dhruid Dia a mach thu, co-dhiubh is Iudhach no Geintileach thu, no ciod sam bith cinneach d'am bheil thu, cha'n eil thu air do dhruideadh a mach. Ciod sam bith cho mōr 'sa tha do pheacaidhean, agus t-anam dearg mar scarlaid, fathast tha thu air do ghairm a theachd a dh'ionnsuidh an Tighearn sin, agus ni se e cho geal ris an t-sneachd. Ciod sam bith cho dāll, cho bodhar, cho crōm, no cho bacach 'sa tha thu, seadh, ciod sam bith cho lobhrach, gidheadh tha thu air do chuireadh a theachd dh'ionnsuidh banais-phosaidh Mhic an

Rìgh. Mar sin cha'n e so a bhi tabhairt ùmhlachd do ghairm Dhia, a bhi tilgeadh air falbh geallaidhean Dhe ; ach so aithn Dhia greimeachadh ris na geallaidhean, agus coir 'us tiodal a thagradh ann an Crìosd.

Obair eile tha aig an Tighearn ri a mhuinntir fein, nuair a tha e air teachd agus air tabhairt sòlas dhuit, an sin theid e air falbh a ris. Nuair a tha e air dol air falbh, an sin toisichidh tusa air uile obair Dhia roimhe, a chuir ann an teagamh, agus toisichidh tu air a chuir ann an teagamh, co-dhiùbh a b'e an Tighearn a thainig ad' ionnsuidh no nach b'e. Ach gu aithne fhaotainn gur e an Tighearn a bh'ann (thoir fàinear an nì a tha mi gu labhairt ruit), 'nuair a thig an Tighearn, bheir e solus leis, agus agus tha'n solus so a' dealradh ann ad' anam cho soilleir, as gu'm bheil thu a' faicinn mar aon neamh agus ifrinn ; agus cha'n fhaig an solus so gu brath thu gus an cuir e impidh ort gu'n do ghradhaich an t-Athair thu anns a Mhac, gu'n do shaor an Mac thu le fhuil fein, agus gu'm bheil do pheacaidhean uile air am maith-eadh dhuit ; an sin bheir an dearbhachd so aoibhneas do-labhairt leis, agus sìth a dh'ionnsuidh do choguis a tha air dol thar na h-uile tuigse.

'Nis, 'se 'n Spiorad a ta aig oibreachadh na'n nithe so, ge nach urrainn thus innseadh cionnas. Air an aobhar sin, gu a rannsachadh an e so fìor obair an Spioraid Naoimh annad ; comharaichidh tu na trì nithe so :

'SA CHEUD AITE. Comharaich cìod an staid 'san robh thu mu'n d' thainig an solus so ad' ionnsuidh ; seall an robh doille air a mhothachadh, cruas cridhe air a mhothachadh, agus casbhuidh lathaireachd an Spioraid air a mhothachadh ; an sin tha'n solus so a' leigeil fhaicinn dhuit do dhoille, do chruas-chridhe trid mi-churam, agus a' leigeil fhaicinn dhuit casbhuidh lathaireachd an Spioraid, air doigh as gur urrainn thu a bhreithneachadh 'nuair a ta e air lathair, agus 'nuair nach 'eil e air lathair ; tha thu a' faicsinn so, agus tha thu a' gabhail iongantais ris an athracbadh 'nuair a thig e.

'SAN DARA H-AITE. Comharaich eumhachd an t-soluis so ma tha e 'g ath-nuadhachadh do chridhe, agus ma tha thu a' faotainn athrachadh nuadh agus caochlaidh ann ad' inntinn, agus ma tha e a' leigeil fhaicinn dhuit na nithe so, nuair a thig e, tha e a' leigeil fhaicinn dhuit gradh an Athair gu soilleir, tha thu a' faicinn fuil Chrìosd a' labhairt

air do shon gu soilleir, agus tha thu a' faicsinn gu soilleir maitheanas air do shon, agus tha thu a' faicinn gu soilleir d'ainm air a chuir suas ann an leabhar na beatha.

'SAN TREAS AITE, agus 'SAN AITE MU DHEIREADH UILE. Comharaich na dealbhan no na comharraidhean a tha'n solus so a' fagail na dheigh annad; seall am bheil an gradh so a leigeil fhaicinn gradh Dhia dhuit fein; agus ma tha e 'g ad' chomb-eigheachadh-sa le gradh dha-san a ris, air a leithid do dhoigh 's gu'm bheil d' uile thlachd ann a lathaireachd, agus ma dh'fheudas tu a radh, Tha'n Tighearn a tha'n solus a' foillseachadh dhomhsa, na 's ionnmhuinn leam na ni sam bith eile air neamh no air talamh; tha lathaireachd so mo Dhia na's milse do m' anam na tha na h-uile tolinntinn a tha fuidh neamh; cha'n 'eil mi 'g iarraidh gairdheachas air bith eile ach a bhi mealtuinn a lathaireachd, agus an aoibhneas a tha teachd o'n t-solus sin. A ris, amhaire ma tha'n solus sin a leigeil fhaicinn dhuit do pheacaidhean air am maitheadh dhuit ann am fail Chriosd; ma tha e a' tabhairt leis fuath agus grain do na h-uile ghne pheacadh, agus 'nuair a dh'fheudas tu a radh, is maith a tha m'anam, 'nuair a tha fios agam gu'm bheil urram air a thoirt do mo Dhia; ach is truagh a tha m'anam 'nuair a tha fhios agam gu'm bheil eas-urram air a thoirt dā. Agus faic ma tha'n solus so a leigeil ris dhuit do laigsinn, agus a' tabhairt ort fadal a ghabhail air son lā do chaochlaidh, agus air son lā foillseachaidh an Tighearn' anns na neul-aibh, a chum 's gu'm faic thu lā do shlaint air a choimh-lionadh. Ma 'se is gu'n d'fhag an solus so na comharraidhean so na dheigh, an sin thainig e o'n Tighearn, agus cha'n fhag e gu h-iomlan thu gu brath; 'oir tha tiodhlaicean agus gairmean Dhe gun aithreachas; uime sin, ma fhuair thu solus fìor an Spioraid, agus ge nach biodh e ach aon uair ann an àm do bheatha, faodaidh tu a bhi aoibhneach; oir ann ad' uile bhuaireidhean bidhidh Dia maille riut, agus cha leig a throcair neo-chriochnach leat buaidh a bhi air a thabhairt ort le fearg.

Cha'n abair mi tuille aig an àm so; ach dearbhaibh bhur solus leis na comharraidhean so a dh'innis mi dhuibh. Agus tha mi 'g earbsa na bha air a labhairt ri gras Dhe ann an Iosa Chriosd. Dha-san, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh moladh, urram, agus gloir, a' nis agus gu sìorruidh. Amen.

AIR IOMADH PUING DIADHACHD.

SEARMOIN XXIV.

AIR IOMADH PUING DIADHACHD.

ISAIAH. xlii. 1. Feuch m'oglach a chumas mi suas, m'aon thaghte anns am bheil tlachd aig m'anam.

MATA xi. 4. Fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, imichibh agus innsibh do Eoin na nithe a ta sibh a' cluinntinn agus a' faicinn: a ta na doill a' faghail an radharc, agus na bacaich ag imeachd, a ta lobhair air an glanadh, agus na bodhair a' cluinntinn, &c.

Tha'n t-Athair'an so a' labhairt mu na Mhac, a bha e gu chuir a dh'ionnsuidh an t-saoghail, tha e 'ga chomharachadh a mach air an doigh so: Tha e 'ga ghairm a sheirbhiseach, do bhrigh 's gu'n d'thainig e a chum seirbhis a thabhairt da; mar a tha e fein a' toirt fianuis, ag radh, 'Cha d'thainig Mac an duine a chum 's gu'n deanta frith-ealadh dha, ach a chum frithealadh.' An sin tha e 'ga ghairm a sheirbhiseach, do bhrigh 's gu'n do thagh se e gu bhli na cheann os cionn eaglais fein uile, agus Slan-uirghear a chuirp fein: an deigh sin tha e ag radh gu'n earb e as, oir tha e ag radh, ann am Mata. iii. 17. 'Se so mo Mhac ionmhuinn, anns am bheil mo mh'ir thlachd.' An sin tha e aig innseadh dhoibh, gu'n aithnich iad e air an leithide so agus air an leithide sud do chomharraidhean, 'Foilsichidh e breitheanas do na Cinnich, cha ghlaodh e, agus cha tog e iolach, agus cha chluinnear a ghuth anns na sraidibh.' Agus ann am measg chaich tha e ag radh, 'A chuile bhruite cha bhris e, agus an lion de'm bheil caol smuid cha mhuch e.' 'Se so a phuing aig am b'aill leam a bhli, agus sin trid gras Dhe, tha rùn orm beantuinn ris ann an nì-eigin aig an àm so. 'Nis chuir Eoin Baist, 'nuair a bha e anns a phrìosan, dithis de a dbeisciobluibh gu Crìosd, a chum a bhli air an teagasg leis ann an diomhaireachd an slainte, Mata xi. 2, 3. Tha Crìosd a' toiseachadh aige so, agus aig innseadh an obair a bha aige ris gach neach a thainig da ionnsuidh, 'Tha na doill a' faighinn an radhaire, agus na bacaich ag imeachd, a ta

na lobhair air an glanadh, agus na bodhar a cluinntinn, a ta na mairbh air an dusgadh, agus an soisgeul air a shearmonachadh do na bochdaibh, agus is beannaichte an ti nach faigh oilbheum annamsa,' rann 5. 'Nis, ciod e an sōlas a thairgeas an dā aite so de'n sgrìobtuir dhuibh, cluinnidh sibh an deigh so.

B'e an ni mu dheireadh a cluala sibh, cia cho domhain aig iomadh ām 'sa bhios clann Dhe air an cuir fodha ann am buairidhean, agus ciod an an-shocair eagalach a bheir e do'n anamaibh, agus cia mar a bheir an Tighearn orra dearbh pheacaidhean an oige a shealbhachadh; agus cia mar a sgrìobhas e nithe searbh 'nan aghaidh, dh'innis mi dhuibh a ris, cia cho iongantach 'sa ta iad air an cumail suas, air dhoigh, as ged' tha e leis an aon lamh 'gan tilgeadh sìos, gidheadh leis an lamh eile tha e 'gan cumail suas, uime sin 'siad so na comharraidhean leis an feud leanabh Dhe, ann a chuid buairidhean, a bhi air aithneachadh o'n droch-dhuine. Anns a phian so tha brōn diomhair aig clann Dhe air-son am peacaidhean, iarrtais dhiomhair air son a bhi reidh ri Dia, iarrtais dhiomhair gu bhi air an dioladh air an truailidheachd, dochas diomhair nach toir iad thairis, mur urrainn iad urnuigh a dheanamh, gidheadh ni iad osnaich agus acain; agus mur bi iad comasach air labhairt, gidheadh seallaidh iad suas; agus an uair a dhearbhas an Tighearn iad, agus a leaghas e'n cridhe ann an amhuinn a a bhuaireidh, ann an sin l'aoibhinn leo gu'm faigheadh iad neach a dh'innseadh dhoibh deagh-sgeul: 'an sin, mu dheireadh, tha'n Tighearn a' cuir do'n ionnsuidh solus an aite dorchadas, sìth an aite eagal, agus aoibhneas ann an aite uamhais; an sin tha'n solus so a' tabhairt dearbhachd dhoibh air gaol Dhia ann an Crìosd dhoibh fein; tha an solus sin a comharachadh a mach an duine Iosa Crìosd, air am bheil anam an Athair a' socrachadh, oir ann-san tha e lān-thoilichte; air dhoigh 's gu'm bheil fhearg air a ciūineachadh. Tha'n solus sin a tabhairt ort sealltainn ris, agus tha e-san air eigneachadh le a h-aon de do shuilean, oir cha'n urrainn e a ghiulan. Uime sin, gus an t-solus so a rannsachadh, co-dhiubh a thainig e o Dhia no nach d'thainig, a ni 'nuair, a rannsaicheas sibh e, agus ciod an t-ām an d'fhuair sibh e, dh'fhaodadh sibh mēr shōlas a bhi agaibh troimhe ann an ām bhur trioblaid do ghnath, mur

do rannsaich sibh riamh e, bithibh glic anns an Tighearn, agus rannsaichibh fathast e, a chum 's gu'm faic sibh gu cinnteach gu'n robh an Tighearn anns an aite so, ge nach robh fhios agam-sa air. Tha trì nithe ann gu a rannsachadh leis.

'SA CHEUD AITE. Amhaire air an staid 'san robh thu mu'n d'thainig e.

'SAN DARA II-AITE. Amhaire air do nadur 'nuair a thainig e.

'SAN TREAS AITE. Amhaire air na combarraidhean a tha e a' fagail 'na dheidh.

1. Mar air son do cheud staid mu'n d'thainig e, seall ma bha thu dàll, agus gu'm bheil thu faicinn gu'n robh thu dàll; amhaire ma bha thu cailte ann do shealladh fein, agus gu'm bheil thu faicinn sin; amhaire ma bha thu bodhar, agus balbh, agus bacach, agus air cromadh, agus ad' lobbhair, agus gu'm bheil thu a' faicinn gu'n robh e mar sin: agus am bheil solus agad a nis nach robh agad roimhe? Am bheil thu faotainn athrachadh ann ad' anam nach robh agad roimhe? Ann an sin tha'n t-Athair ag innseadh dhuit ann an so, gur h-e Spiorad Chrìosd air a chuir ad' ionnsuidh a dh'òibrich an t-athrachadh so; mar a chuir Eoin dithis dheisciobluibh a dh'fheoireach dheth, 'An tus e-san a bha ri teachd no am bi suil againn ri Fear-saoraidh eile?' Tha Crìosd a' freagairt, 'rachaibh, innseadh do Eoin, gu'm bheil na doill a' faotainn an radharc, agus na bacaich ag imeachd, gu'm bheil na mairbh air an togail, agus na lobbhair air an glanadh, agus an soisgeil air a shearmonachadh do na bochdaibh.' Mar sin, am b'aill leat fios fhaotainn am bheil t-Fhear-saoraidh air teachd a dh'ionnsuidh t-anam? Agus am b'aill leat fhios a bhi agad ma fhuair thu earlas do shlainte, nach bi gu brath air a thabhairt uait a ris? Bithidh fios agad air le so, bha thu dàll, ach a nis tha thu a' faicinn; bha thu marbh, ach a nis tha thu beo, oir rinn an fhuil sin d'ath-bheothachadh; bha thu ad' lobbhair, ach rinn an fhuil sin do ghlanadh; bha thu bochd agus uir-easbhuidheach, ach a nis tha thu air do dheanamh saibhir ann an Crìosd. Am bheil na nithe so agad? An sin bheircam-sa cinnte dhuit gu'm bheil earlas do shlainte, agus rioghachd neamh air a leigeil a nios a dh'ionnsuidh d'anam; uime sin, buinidh e dhuit, agus cha bhi an t-earlas so gu siorruidh air a thabhairt

vait, gus am bi thu air do chuir ann an sealbh air a bheath-bhithbhuan, agus air an oighreachd neamhaidh sin, dheth an d'fhuair thu an t-earlas.

'SAN DARA H-AITE. 'Se 'n ath ni gus an t-solus a rannsachadh leis, a bhi comharachadh nadur do staid, 'nuair a thainig e gu d'ionnsuidh, seall am bheil an solus so a leigeil fhaicinn dhuit gu soilleir gaol Dhia dhuit fein air d'ainm, agus ma leig e fhaicinn dhuit d'ainm fein air a chuir suas ann an leabhar na beatha, agus air an aobhar sin cuiridh tu a nis clogaid na slainte air do cheann; uime sin, ni thu 'nis thu fein fiu-ail air gairm Dhia, agus mar dhuine no mar bhean air an ceannach le fuil Iosa Criosd, agus air an deanamh na'n oighre air a bheath bhithbhuan; uime sin, bithidh fadal ort air son la do chaochlaidh, a chum 's gu'm bi thu maille ri do Thighearn, agus amhaircidh tu gach la air son a theachd anns na neulaibh, ma 'se so do chor, an sin tha do sholus fìor.

SE'N 3 ni gus an t-solus so a rannsachadh leis, na comharraidhean a tha'n solus so a' fagail na dheidh. Agus 'siad so na comharraidhean. An solus sin a thug air lathair dhuit Athair ionmhuinn ann am Mac ionmhuinn, le a Spiorad ionmhuinn. Ni so d'anam aoibhneach aithne a bhi agad air an Trianaid bheannaichte sin: bheireadh so ort a radh, gu cinnteach b'aill leamsa an t-Athair ionmhuinn a ghradhaich, 'ghradhaich e-san mise, agus thagh e mi mu'n robh an saoghal ann,' gu cinnteach b'aill leamsa mo Thighearn ionmhuinn agus mo Slanuirhear Iosa Criosd a ghradhaich a rinn mo shaoradh le fhuil luachmoir fein; gu cinnteach b'aill leam-sa an Spiorad beannaichte a ghradhaich, a rinn mo chomhfhurtachadh, air dhomh a bhi ann am mór thrioblaid agus amhghar. Agus cho fad 'sa mhaireas so, ni e thu na's saorsail maille ri Dia na bha thu riamh maille ri do bhean a tha na luidh 'n ad' uchd, no na bha thu riamh ri do leanabh fein, agus na's saorsail na bha thu riamh ris a chairid a b'ionmhuinn a bh'agad 'san t-saoghal. Agus fagaidh an solus sin an comharadh so: gu'n toir cuimhne air comhfhurtachd ad' ionnsuidh an deidh sin, agus fagaidh e'n comharadh so, aig an àm sin, air a chuid a's lugha, gu'n d'fhuathaich thu 'm peacadh ge' b'e aite am faca tu e, no an cuala tu uime, agus bu dubbach thu 'nuair a bha fhios agad gu'n robh Dia

air eas-onorachadh, agus bha thu aoibhneach 'nuair a bha fhios agad gu'n robh onoir air a chuir air Dia, agus gu'n d'fhuair e a ghloir fein. 'Nis, tha e coslach gu'n can euid, feudaidh an duine no a bhean sin a bhi aoibhneach gun cheist, a mhothaich na nithe so ann an anama, agus ge' nach biodh e ach aig aon am re am am beatha; tha fhios agam gu maith gu'm bheil iadsan air an taghadh a chum na beatha siorruidh; agus tha fios agam gu maith gu'm bi iadsan air an crunadh le gloir gun chrìoch. Ach ciod a ni thu riu-san nach do mhothaich riamh na nithe so? Am bheil focal air bith sòlais gu bhi air a thabhairt no air a labhairt ris an anam sin nach do mhothaich riamh an solus creidimh sin, an solus ath-nuadhaichidh sin, an solus comhfurtachaidh sin, agus an solus gairdeachais sin? Nach 'eil a bheag sam bith agad ri radh riu-san aig nach robh an solus so riamh? Cha do mhothaich m'anam-sa riamh an gairdeachas aoibhinn sin a tha teachd troimh an t-solus sin. Ciod a tharlas domhsan ma seadh? Agus ciod am barrant ma ta a dh'fheudas a bhi agam-sa mu ghradh Dhe? 'Nis, air son lasachadh a thoirt dhuit anns a phuine so, tha dà ni agam ri labhairt ruit mu'n timchioll.

'Se aon ni dhiubh, gu innseadh dhuit mu'n tomhas is mò do sholus de'n aoibhneas bhudhach sin a's uarainn an t-anam fhaotainn anns an t-saoghal so, nach 'eil aon eile os'cionn an t-soluis sin. Se'n aon eile, gu innseadh dhuibh an tomhas a's lugha a tha Dia a' tabhairt da mhuintir fein anns a bheatha so, air doigh 's ma tha an tomhas a's lugha agad, gu'm feud thu bhi cinnteach nach d'fheid thu gu siorruidh am muga.

Mar air son a CHEUD nì, an tomhas is mò do sholus agus do ghairdeachas a dh'ionnsuidh an urrainn sibh fàotainn, agus nach urrainn duibh a dhol na's faide anns an t-saoghal so, se so e, 'nuair a tha gradh Dhe, trid an Spiorad Naomh, air a dhoirteadh a mach mar thuil air t-anam, air dhoigh 's gu'm bheil sruthanan a ghaoil sin a' giùlan leis uile iartais agus aignidhean do chridhe; agus 'nuair a tha do chridhe ri gairdeachas le aoibhneas ro mhoir, air dhoigh 's gu'm bheil gach oisinn deth air a lionadh 'o thaobh gu taobh, agus a' cuir thairis, air doigh 's nach urrainn thu a chumail a steach; agus an uair a dh'fhaodas tu eigheachd a mach, a Bhàis, tha mi nis a' toirt do dhubhan; Ifrinn, tha mi nis a toirt do dhubh-

ian ; Uaigh, tha mi nis a toirt do dhubhlan ; a Pheacaidh agus a Shatain, tha mi toirt 'ur dhubhlan uile a nis. " Oir tha dearbhachd agam, nach bi bas, no beatha, no aingeal, no uachdaranachdan, no cumhachdan, no nithe a ta lathair, no nithe a ta ri teachd, no airde, no doimhne, no creutair 'sam bith eile, comasach air mise a sgaradh o ghradh Dhe a ta ann an Iosa Crìosd mo Thighearn,' Rom. viii. 30, 39. 'Se so an ceum a's airde de dh'oibhneas a's urrainn neach sam bith factainn da ionnsuidh anns a bheatha so, agus gheibh na naoimh e aig cuid do àmaibh, ach cha mhair e fada ; agus tha iad 'ga fhaotainn aon-chuid ann an urnuigh, 'nuair a tha ac a leithid do iarrais laidir agus do-shasaichte gu bhi air an lionadh leis a ghradh sin, air dhoigh 's nach urrainn iad aicheadh a ghabhail ; agus ge nach 'eil thu 'ga fhaicinn le suilean do chuirp, gidheadh tha t-anam air a lionadh le aoibhneas do-labhairt, trid dealradh a ghnuis ionnhuinn a tha dealradh ann ad' anam. Aig cuid de dh'amaibh gheibh iad e trid eisdeachd an fhocail, 'nuair a ta am focal agus an Spiorad a' comh-cibreachadh le cheile ann a bhi a' deanamh do dhearbhadh cinnteach. Aig amaibh eile gheibh iad e le beachd-smuaineachadh, 'nuair a ta 'n cridhe agus an iartuis air neamh, ag amharc air glòir an Tighearn a ta ann an sin ; agus aig cuid de dh'amaibh gheibh iad e ann am breith-buidheachais ghloirmhoir 'nuair a tha cridhe 'us teangaidh 'us beul, agus na h-uile air an lionadh le moladh Dhe.

Nis, ciod e an tomhas a's lugha tha Dia a' buileachadh air a mhuinntir fein, leis am feud iad a bhi toilichte, agus air am feud iad socrachadh, agus sabhaladh an anam earbsa, agus a dh'fheumas tus a bhi agad mu'm fag thu an saoghal so, air neo cha'n urrainn thu dearbhachd a bhi agad air a bheatha shiorruidh ? A chum 's gu'n tuig thu e na's fearr, feumaidh tu thabhairt fainear gu'm bheil thu nis aon-chuid ann do ghairm, agus gu'm bheil ni-eigin de dh'agartas ann do chridhe, agus mòr shearbhadas ann ad' anam, agus gu'm bheil Spiorad an dubhachais air a chuir air do chridhe, agus ort fein. Ma 'se is gu bheil thu mar so, an sin 'se 'n tomhas a's lugha do ghràs a dheonaicheas an Tighearn dhuit, ocras agus tairt air son thu bhi air d'ath-bheothachadh agus air do lionadh le fuil Iosa, do bhrìgh 's gu'm bheil beatha a's leoir gu bhi air fhaotainn ann-san, agus do bhrìgh 's

gu'm bheil na h-uile nithe ad' aghaidh; gidheadh, bithidh dochas agad os-cionn dochas, agus feithidh tu gus am faigh thu do làn de dh'fheol agus de dh'fhuil Chrìosd, agus cha tilg thu air falbh muinighin; agus ge nach urrainn thu an dearbhachd sin fhaotainn air a ghradh dhuit fein, fathast cha dāna leat a radh nach 'eil gradh aig-san dhuit-sa. Mar sin, tha mis a' toirt cinnte dhuit, ma tha'n tairt agus an t-ocras so ort an deidh Chrìosd agus fhìreantachd, ge 'd rachadh tu a dh'ionnsuidh na h-uaigne gun tuille ach sin fein, is dana leam impidh chuir ort gu'm bi thus air do lionadh le gairdeachas neimh mu-dheireadh. Ach ma tha thu air do ghairm, agus gu'n do bhlaist thu maraon air searbhachd a pheacaidh, agus air milseachd gaòil Dhia ad' thaobh fein, a mhaith dhuit gu saor do pheacaidhean; ma 's ann mar so a tha thu, tha thu air do chuir fodha ann an uamhasan basmhor a rìs, air neo tha thu air tuiteam ann am mi-churam, air neo tha agad sìth ann do choguis, agus tha thu ullamh a chum gach deagh oibir a dheanamh, agus tha do staid dheireanach a' fantainn na's giorra maille riut. Air son uamhasan na dream a ta air an gairm; tha iad aig cuid de àmaibh ag eiridh suas 'o eagal dall; aig cuid do àmaibh tha iad aig eiridh 'o chiont peacaidh a bha air a ghnìomhrachadh na'n òige, mar uamhasaibh Iob; aig cuid do amaibh tha iad aig eiridh o'n pheacadh air a ghnìomhrachadh ann an aghaidh solus an coguis; no eiridh iad o' fhein-thearuinnteachd anns an robh iad fada na'n luidhe mar a bha a cheile. 'Nis, ma tha e ag eiridh o fhein-thearuinnteachd fhada agus ma tha thu anns a chor so, gu'm bheil thu ag ionndran do Thighearn, gu'm bheil thu faicinn gu'm bheil e air dol air falbh, is subhach a b'aill leat eiridh suas agus a shìreadh, agus cha bhi thu gu brath toilichte gus am faigh thu e, ni mo a ghabhas tu comhfhurtachd eile 'na aite, gus an tig fìor chomhfhurtair d'anam a rìs; agus ma tha smuaineachadh easbhuidh a lathair eachd na bhas dha d'anam, tha so na's leoir gu do chumail suas, oir thig e a rìs, agus gheibh thus e mu-dheireadh ge do chosdadh e dhuit mòr phian agus shaothair mus faigh thu e. Ach their thu, ciod a ni an duine no a bhean sin a ta na'n luidhe ann am fein-thearuinnteachd, agus nach urrainn eiridh suas gus an Tighearn a shìreadh, 'us nach urrainn urnuigh a dheanamh, no na

meadhonan a ghnathachadh gu subhach a chum fhaotainn? Freagram. Gabh thus an comhfhurtachd so gu do chumail suas ann an so. Isa. lxii. 3, 'A chuile bhruite cha bhris e, ni mo a mhuchas e an lion de'm bi an deat-each:' mar sin ma 'se is gu'm bheil agad-sa toil gu bhi aige, bheiream-sa cinnte dhuit gu'n d'thig e-san ad' ionnsuidh, ge nach urrainn thus a theachd da ionnsuidh-san. Ge air bith cho beag an solus a tha air fhagail ann ad anam, ged' nach biodh ann ach an fhein-thearuinnteachd a' cuir do choguis fuidh smachd, bheiream-sa cinnte dhuit nach cuir e as an solus sin; oir tha mise 'toirt dearbhachd dhuit, gu'm feud Spiorad Iosa a bhi ann an cridhe fein-thearuinnt, 'seadh, ann an cridhe cruaidhe, Isa. lxiii. 17. Thubhairt Isaiah, 'Car son a chruadhaich thu ar cridhe, agus a thug thu oirn a dhol air seacharan o do shlighibh?' Agus tha mise cinnteach gu'n robh Spiorad Dhia aig an fhaigh 'nuair a thubhairt e so; 'seadh, ma 'se's gu'm bheil agad-sa doille air a mhothachadh agus air fhaicinn, tha comhfhurtachd so agad do ghnath, ann an so tha Fear-saoraidh gu fradharc a thabhairt do na doill; ann an so tha Fear-saoraidh a chum cluasan a thoirt do na bodhar, gu lamhan a thabhairt do na criplich, cosan do na bacaich, agus teangaidh do na bhalbhan: ann an so tha Fear-saoraidh gu cridhe an lobhair a ghlanadh, ciod air bith cho truailidh le lobhar, agus tha'n comhfhurtachd so agad a tha air a radh mu Lasarus, 'Thighearn, tha'n duine is ionmhuinn leat tinn.' 'Seadh feudaidh an duine is ionmhuinn leis an Tighearn a bhi marbh air son tamull, agus feudaidh e bhi na luidhe air son uinn fhada tinn, agus ann an uaigh an truailidheachd; gidheadh 'se so do chomhfhurtachd; ma bha thu riamh air do ghradhachadh agus ma bha riamh agad beatha ann an Criosd, cha bhi an tinneas so marbhtach, ni mo a luidheas tu fada ann an uaigh d' fhein-thearuinnteachd, ach thig an comhfhurtair mu-dheireadh, agus togaidh e thu a chum beatha a ris. Cha chan mi tuille aig an am so, ach cho iomadh dhibh 's aig am bheil feum air, comh-chuiribh na nithe so ri blur n'anama' fein. Tha mi 'gur n-carbadh ri gras Dhe ann ann Iosa Criosd. Amen.

AIR IOMADH PUING DIADHACHD.

SEARMOIN XXV.

AIR IOMADH PUING DIADHACHD.

Eoin xi. 3, 4—11, 12, 13, 14. Uime sin chuir a pheathraichean fios da ionnsuidh, ag radh, A Thighearn, feuch, tha 'n ti a's ionmhuinn leat tinn. 'Nuair a chuala Iosa so, thubhairt e, cha'n 'eil an tinnneas so a chum bais, ach a chum gloir Dhe, chum gu'm bi Mac Dhe air a ghloireachadh do thaobh. Na nithe so thubhairt e, agus na dheigh sin thubhairt e riu, Tha ar caraid Lasarus na chodal, ach a ta mis a' dol a chum 's gu'n duisg mi as a chodal e. An sin thubhairt a dheisciobuil, A Thighearn, ma tha e na ehodal, bithidh e slan. Gidheadh labhair Iosa mu a bhas, ach shaol iadsan gu'n do labhair e mu thimchioll fois codail. An sin thubhairt Iosa riu gu soilleir, fhuair Lasarus bas.'

Tha mhain aon nì gu bhì air a labhairt air a phuinc so, agus na'n ceadaicheadh an Tighearn, chomh-dhuna-ainn aig an àm so, agus rachainn a dh'ionnsuidh an dara nì. Tha mi gu innseadh ciod iad na buairidhean a thilg-eas an Satan anns a chridhe, a chum leanabh anamhunn Dhe a chreach dheth ghradh an Athair ann an Criosd do pheacach bochd, an gradh sin, nì is e tobair 'ar slainte. Be an ni mu-dheireadh a chuala sibh, staid thri-fillte leinibh Dhia a ta air a ghairm; tha e an dara cuid na chodal, agus fathasd a chridhe na dhuisg; air-neo tha e ag imeachd fuidh ghrabh, gidheadh saor o fhearg; air-neo tha e 'deanamh caithream ann an sith agus ann an gairdeachas trid mothachadh air a ghradh agus air fhabhair; agns cha'n 'eil a h-aon agaibh a bhariamh air a ghairm o dhorchadas gu solus, ma bhuineas sibh do Dhia, nach 'eil ann an aon de'n a coran so. An dara cuid tha thu fuidh ghrabhan, agus a' cuir gradh Dhia ann an teagamh; air-neo thug esan, an ti 'se fìor bhuaichail d'anam, dachaidh thu air d' ais a rìs, mar chaoire sheachranach, an deigh dhuit dol fada air seachran, agus mar sin tha thu a' gabhail iongantais ri gaol neo-chaochluideach Dhe nach 'eil gu brath ag athrachadh; air-neo tha thu ad chodal, agus tha do shuilean air

an duineadh, air doigh 's nach urrainn thu faicinn ; tha do chluasan air an druideadh, air dhoigh 's nach urrainn duit cluinntinn ; tha do chridhe gun mhothachadh, air dhoigh 's nach urrainn thu aon-chuid urnuigh a dheanamh no Dia a mholadh ; agus tha d'anam a' gabhail grain do sholas, do bhrìgh 's gu'm bheil do stamag air a lionadh, agus nach urrainn thu a ghabhail, agus 's ann uaith so tha e a' teachd, gu'm bheil thu ach gu beag ullamh gu do dhochas a thilgeadh air falbh, mur biodh air son am mothachadh a bha agad roimh air gradh Dhe, agus air a chaoimhneas, mur b'e sin thilgeadh tu air falbh gach uile ghras uait. 'Nis, do na trì staidean so, 'se a h-aon diubh a tha mhain solasach, 'se sin, staid creid'mhach beothail, 'nuair a chi thu agus a bhlaiseas tu, ann an doigh, an dearbh aoibhneas a th' aig na naoimh air neamh, an sin tha do chridhe deanamh gairdeachas le aoibhneas ; ann an sin tha agad sìth 'na d' choguis, an sin tha thu ullamh a chum gach uile dheadh oibir a dheanamh, agus an sin tha intinn thoileach agad a chum Dia a thoileachadh anns na h-uile nithe. Gu dearbh tha na dhà eile lan do mhi-mhisneachdan, agus tha fios agam gu maith gu'm bheil iomadh a' deanamh bròn, do bhrìgh 's nach 'eil iad anns an staid aoibhneis bhuadhach sin, air dhoibh fhaicsinn gur i a staid sin a mhain a's mò chuireas do ghloir air Dia ; agus tha iomadh ri bròn do bhrìgh 's gu'm bheil an cor cho chaochluidheach, agus do bhrìgh 's gu'm bheil an anama na 's tric ann an aon de'n dà theanntachd so, gu'm bheil iad do ghnath ann an fein-thearuinnteachd no fuidh grabhan. 'Nis, gu dearbhadh gu'm feud leanabh Dhe a bhi anns an dà theanntachd so, eadhon an deigh dhoibh a bhi air an gairm a dh'ionnsuidh dochas na gloir sin, mu'n cuala sibh a cheana, agus cha ruig mi leas aithris a rìs. B'aill leam gu'n cuimhnicheadh sibh cleachdadh leinibh Dhe anns a chor sin ; tha iartas aige a bhi reidh ri Dia, cha'n 'eil gradh aige do a-mhi-churam agus do as-chreid-eamh fein ; tha e ruith chum urnuigh mar is urrainn e, tha e ag osnaich 'nuair nach urrainn e urnuigh a dheanamh, tha tairt air an geall air an Dia bheo ; agus 'nuair nach urrainn e eigheach, leigidh e le a chuid deoir glaodhaich air a shon, agus cha'n aontaich e gu brath a dhochas anns an fhuil sin a thilgeadh air falbh, agus cha ghabh e gu brath ri solas sam bith eile, gus am faigh e an

Comhfhurtair fein; agus cha'n fhaigh e fois gus am faigh e gairdeanan a Thighearna mu thimchioll 'anam. An uiread so, air ceud chor clann Dhe, 'nuair a tha iad fuidh grabhan nì a ta gle chunnartach, an deigh do dhuine a bhi air a thabhairt a mach as na doimhneachda', an sin a bhi air a thumadh annta a rìs, tha so na nì do-fhulangach.

'Nis, tha staid eile na mi-churam cho chunnartach, oir ann do mhi-churam tha thu ad' chodal, ach tha do chridhe na dhuisg, gidheadh cha'n 'eil agad mothachadh air d' uireasbhuidhean; agus ge do tha thu mi-churam-ach mu do choir air beath-bhibhuan, gidheadh cha reic thu agus cha d'thoir thu seachad do choir air a bhean-nachd, mar a rinn Esau; agus ge nach urrainn thu fhaotainn gu suidh aig a bhord maille ris a chlann, gidheadh their thu, leig dhomh ith de'n spruileach a tha tuiteam o bhord na cloinne; agus mur urrainn thu fhaotainn cho fada 'sa bhi ad mac, gidheadh their thu, Thighearn, leag dhomh a bhi am sheirbhiseach. Ach their thusa, ciod e an t-aobhar gu'm bheil thu uin na 's giorra agus na 's ainmig anns a staid sin is mo a tha tabhairt do ghloir do Dhia? Freagram, tha so a tachairt air son dà aobhar: tha a cheud aobhar annainn fein, air fhaicinn gu'm bheil annainn a leithid do dh'anmhunnachd anns an anam, nach fhad a tha e comasach air giulan na cudthrom neo-chriochnuichte sin do ghairdeachas; cha'n 'eil, air son aon mhionaid na h-uaire mur biodh e air a chumail suas le cumhachd miorbhuileach Dhe; agus uime sin, air son feum, tha 'n Tighearn a' ceadachadh an t'atharrachadh no 'n caochaladh so a bhi anns an anam, air doigh 's gu'm bheil thu aig an àm so ann an gairdeachas aoibhinn; agus an ceann tamull tha thu ad luidhe ann an mi-churam, agus an deigh sin fuidh eagail, agus fuidh grabhan uamhasach, air dhoigh as an uair a tha thu ann an fein-thearuinnteachd, agus an deigh sin fuidh grabhan, ann an sin gu'm faic thu am feum a tha agad air gras Dhe gu do chumail suas, agus gu do chumail ann do staid a's fearr. 'Nis, feoirichidh tu, cionnas a ghleidheas tu do staid a's fearr? Freagram, air son cumail do staid shona, 'nuair a gheibh thu t'-earbas air a thabhairt dhuit, mar chomharadh air gu'm bheil Dia 'ga d' ghradhachadh ann an Criosd, an sin taisg suas e ann do chridhe, agus coimhead gu maith e, cha'n ann

cho mor air son an earlais fein, no air son fheum-as fein a mhain, ach a chum do chumail ann an dearbhachd air gaol an Dia dhileis sin, a tha an drasd agus a rìs a' sìneadh a nuas gras o neamh a dh'ionnsuidh d'anam ann an so, agus gu'n do thaisg e suas air do shon staid neo-chaochluideach do ghloir shiorruidh ann an neamh; uime sin bhiodh e gu maith air do shon gu'n comharraicheadh tu na h-aitean sonruichte, agus na h-àman, agus na cuideachdan, an t-àm, 'san t-aite, agus an dream an measg an d'fhuaire thu a leithid do bheannachd, a chum 's 'nuair a bhios feum ris gu'n d'thoir thu mach e, agus gu'n toir thu a lathair e fa chomhar an Tighearn, agus gu'm feud thu a radh, Thighearn, an gras so agus an gras ud eile thug thu dhomh ann an so, mar lorg agus mar chomharradh air t'-fhabhair agus do ghradh, uime sin cha sguir thu do bhi ga mo ghradhachadh a dh'ionnsuidh na chriche. 'Nis, ma ni sibh so, gheibh sibh mòr sholas ann an lā na trioblaid; agus an uair a tha sibh air tuiteam, gheibh sibh e na' s fhuaras eiridh a rìs.

'Nis, air son dearbhachd sgriobtair, 'an so, tha Lasarus a' cuir a dhithis pheathraichan a dh'ionnsuidh an Tighearn, a thubhairt ris, 'A Thighearn, tha esan a ghradhaich thu tinn,' far am bheil mi 'faicinn gu'm bheil tinneas comh-sheasamh gu maith ri gaol Dhia; oir an dream a ghradhaich e, tha e 'gan smachdachadh. An sin tha 'n steigh-theagaisg ag radh, 'dh'fhan e dā lā mu'n deach e g'a fhaicinn; mar so na biodh iongantach ort ge do dh'fhanus an Tighearn uait-sa ùinn fhada, agus nach tig e ann an tiotadh; oir leigidh e dhuit eigheach, agus eigheach a rìs, agus feitheamh air t-athais, agus tha e deanamh so gu bhi dearbhadh t-fhoighidin. An deigh sin tha e ag innseadh ciod e a ghne thinneas a bha aige, ag radh, 'Cha bhi an tinneas so a chum bās;' far am bheil mi a' faicinn, ge do dh'fheudas anam tinn leinibh taghta Dhe a bhi gu trom air a phianadh le mi-chur-am agus grabhan, gidheadh nach teid e am mugha fuidh. Na dheigh sin tha e aig innseadh ciod e bu chrìoch d'a thinneas, sin ri radh, 'gloir Dhia, a chum 's gu'm bi Mac an duine air a ghloireachadh.' Mar sin, 'se so a chrìoch air son am bheil Dia a' cuir trioblaid a dh'ionnsuidh a mhuinntir fein, a chum 's gu'm faigheadh e fein gloir trid an cuid saoraidhean cumhachdach.

'Nis, 'nuair a tha Iosa a' teachd a dh'fhaicinn Lasarus,

tha Marta teachd a mach 'na chomhail, agus tha i ag radh, 'Thighearn, na'm biodh tus an so, cha'n fhaigh-eadh e bas. Far am feud sinn fhaicinn ciod e is aobhar do na mharbhalachd a ta ann an cridheachan clann Dhe, eadhon eusbhuidh lathaireachd Dhe, far gur e, air an lamh 'eile, seilbh a lathaireachd beatha naoimh an Tigh-earna. 'Na dheigh sin, 'nuair a thubhairt e, 'gu'n eir-eadh e a rìs,' fhreagair i 'tha fhios agam gu'n eirich e a rìs 'san ais-eirigh air an là dheireanach;' leis am bheil e soilleir, gu'n do chreid i ann an aon phart, agus gu'n robh i fuidh amharus ann an aon eile. 'Se'n ni a tha mi tabhairt fainear ann an so, gu'm bheil mi faicsinn creidimh na droing is ionmhuinn do chlann Dhe, air a mheasgadh le amharusaibh, ni mo a's urrainn e bhi iomlan am fad 'sa bhios iad anns a bheatha so. 'Nis, tha e ag radh rithe a rìs, 'Smis' an as-eirigh agus a bheatha;' mar gu'n abradh e, cha'n urrainn a h-aon eiridh o na mairbh ach leam-sa; cha'n urrainn a h-aon a bhi beo beatha an fhìrean ach tromham-sa; thuille air sin tha e ag radh, 'Esan a chreideas annam-sa, ge do bhiodh e marbh, gidheadh bithidh e beo; agus ge b'e neach a ta beo agus a tha creidsinn annam-sa, cha'n fhaigh e bàs am feasd.' Cionnas a tha sin a tachairt? Feudaidh e gu maith blasad air a cheud bhàs, nì nach 'eil ach na dhol steach a chum na beatha sìorruidh; ach cha bhlais e gu brath air an dara bàs, ni is 'se pianadh araon an anam agus a chuirp ann an teine na h-ifrinn gu sìorruidh. 'Se'n nì air am bheil mi gabhail beachd, so; tha mi a' faicsinn gu'r h-urrainn do chreideamh mìorbhuilean oibreachadh, 's urrainn e thabhairt air anam marbh, ge do bhitheadh e a' brothadh ann an uaigh na truailidh-eachd, fathasd eiridh e agus bithidh e beo a rìs trid cumhachd an Tì is e tobair ar creidimh; mar so 's mòr bu choir dhuibh a dheanamh de'n chreideamh, sibh-se aig am bheil e; agus a leithid 's a tha as-cugmhais, bu choir dhoibh na h-uile a ta aca reic agus an creideamh a cheannach; oir is e a mhain neamhnuid an 'anam e.

'Nis 'nuair a thainig Iosa a dh'ionnsuidh na h-uaigh, agus a chunnaic e an t-aite anns an do chuir iad e, ghuille e gu goirt.' Far am feud sinn fhaicinn gradh caoimhneil Dhe, iochd agus a thruais da thaobh a phobuil fein, ge' do tha e ag cuir croisean agus trioblaidean orra, gidheadh tha truas aig riu, agus mar a ta Athair gradhach a'

smachdachadh a leanabh, o 'nuair 'sa chuir e air an t-slat. Tha e a' gabhail aithreachas gu'n d'rinn se e; uime sin, 'nuair a sguireas e, tha e a' gabhail an t-slait agus 'ga tilgeadh a dh'ionnsuidh an teine: 's ann eadhon mar so tha'n Tighearn a' buntainn r'a chlann fein.

'Nis, 'se'n ni mu dheireadh anns an aite so, rann 39, 'dh'aithne e a chlach a bhi air a carachadh air falbh, agus rinn iad mar sin,' An ni tha mi gabhail mar chomharadh, air gu'm bu choir dhuine gach amaladh a thoirt as an rathad, a dh'fheudadh ar bacadh 'o eiridh as ar fein-thearuinnteachd, bu choir dhuinn peacadh a thilgeadh uainn a tha gar cuartachadh timchioll, agus a tha'n crochadh teann oirne, air neo cha'n urra sinn gu brath eiridh gu nuadhachd beatha: uime sin, mar a b'aill libh an duine nuadh a bhi air ath-bheothachadh ann bhur n-anama, feumaidh sibh ni's mò agus ni's mò, an seann duine a cheusadh gach lā, agus mar sin clach a pheacaidh agus a chruas a ta na luidh air bhur cridhe a charachadh air falbh. 'Nis, cha'n abair mi tuille, ach gu'n deonaicheadh an Tighearn dhuine gras gus na nithe so a dheanamh, trid comhnadh Spiorad na'n gras, ann an Iosa Criosd. Amen.

AIR IOMADH PUING DIADHACHD.

SEARMOIN XXVI.

AIR IOMADH PUING DIADHACHD.

EABH. XI.—'Nis, 'se chreidimh brìgh na'n nithe ri'm bheil dochas, dearbh chiante na'n nithe nach fhaicear.

'Se crìoch mo mhinisteir'lachd-sa ann bhur measg a bhi g'ar suidheachadh agus g'ar freumhachadh anns an Tighearn Iosa, air dhoigh as gu'm faigh sibh gras annsan agus tridsan, agus a chum's gu'm bi sibh air bhur lionadh le a shith-san, agus le gairdeachas anns an Spiorad Naomh, agus a chum gu'm bi bhur beoil air an lionadh le a mholadh. 'Nis, cha'n 'eil nì as urrainn bhur suidheachadh ann an Criosd ach creideamh, agus cha'n 'eil nì a bheir air Criosd comhnuidh a ghabh-

ail ann bhur cridheachan ach creideamh ; agus cha'n 'eil a bheag a bheir oirbh a bhi air bhur freumhachadh agus air bhur suidheachadh anns a Mhac, ach creideamh anns an Tighearn Iosa.

'Se creideamh suim na h-uile ni a tha'n Tighearn ag agradh oirbh ann a shoisgeil, 'se creideamh a tha e ag agradh oirbh-se, a cheannaich e le fhuil, agus a rùnaich e a ghloireachadh le bheath-bhithbhuan agus le gloir shiorruidh, 'se is suim do na h-uile creideamh anns an Tighearn Iosa, agus aithreachas a thaobh Dhe ; tha an dā ni so air an ceangal ri cheile, agus cha'n urrainn iad gu cheart a bhi air an dealachadh, mar ann an soisgeil Mharc, i. 15, 'Deanaibh aithreachas, agus creidibh an soisgeil ;' agus ann an Gniomh. ii. 38, 'Deanaibh aithreachas, agus bithibh air bhur baisteadh gach aon agaibh ann an ainm Iosa Crìosd : 'oir 'se am baisteadh sèula a chreidimh, agus, (ann an Gniomh.,) 'a thabhairt fianuis araon do na h-Iudhaich agus do na Cinnich, aithreachas a thaobh Dhe, agus creideamh a thaobh ar Tighearn Iosa Crìosd.'

Mar sin tha dā nì 'an so air son am b'ù choir do gach uile Chrìosduigh saothrachadh a chum fhaotainn, 'se sin. creideamh agus aithreachas ; oir as-eugmhais creidimh tha e do-dheanta gur urrainn thu a bhi air do thearnadh, agus as-eugmhais creidimh tha e do-dheanta gur urrainn thu Dia a thoileachadh, agus as-eugmhais creidimh cha'n 'eil anns na h-uile nì a ni thu ach peacadh, Rom. xiv. 23, ann am fianuis Dhia, 'Cìod sam bith nach 'eil o chreideamh is peacadh e.' T-ith agus t-òl, do chodal agus do dhusgadh, do chuid urnuighean agus bhreith-bhuidheachais, 'seadh, na h-oibre is fearr a ni thu, mur dean thu iad troimh chreideamh, cha'n 'eil annt' ach graineil-eachd ann an sealladh an Tighearn ; agus do ghnath mar is mo an oibir, ma tha thu as-eugmhais creidimh, 's ann is mo do pheacadh ; oir do ghnath mar is gloine agus is ro-luachmhor an deoch-laidir, 's ann is mō an cāll 'nuair a thig e troimh an t-soitheach neo-glhan ; mar so, mar a ta agaibh anns an 6 rann, 'as-eugmhais creidimh tha e do-dheanta Dia a thoileachadh.' Cha'n 'eil rathad air fhagail do'n a ghinealach chailte agus do shliochd truailidh Adhaimh ; cha'n 'eil rathad air fhagail do dhuine no do bhean leis an urrainn iad Dia a thoileachadh, ach a mhain trid creidimh anns an Tighearn Iosa ; oir cha'n

‘eil d’urnuighean gun chreideamh ach na’n graineileachd fa chomhar an Tighearn ; cha’n ’eil ann ad eisdeachd ach peacadh, mur ’eil e air a mheasgadh le creideamh. ‘Oir shearmonaicheadh an soisgeil duinne, amhuil a rinneadh dhoibh-san ; ach cha robh tairbhe dhoibh anns an fhocal a chaidh shearmonachadh, do bhrìgh ’s nach do mheasgadh e le creideamh anns an dream a chuala e.’ Mar sin cha dean searmonachadh an lagha, no an t-soisgeul maith gu brath dhuit, mur eisd thu e le creideamh ; agus, ann an aon fhocal, as-eugmhais creidimh cha bhì thu gu brath air t-iompachadh anns a bheatha so, no idir air do thabhairt gu beatha shiorruidh an deigh so. Air an aobhar sin tha Mac Dhia fein a’ tabhairt fianuis, Eoin iii. 16. ‘S ann mar so a ghradhaich Dia an saoghal, gu’n d’thug e aon ghin Mhic fein, a chum ’s ge b’e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu’m bi a bheatha shiorruidh aige ;’ ach anns an 18 rann, ‘An tì a chreideas ann cha ditear e, ach an tì nach creid tha e air a dhiteadh a cheana, a chionn nach do chreid e ann an ainm aon-ghin Mhic Dhe.’ Agus anns an rann mu dheireadh de’n Chabidil cheudna, ‘An tì a chreideas anns a Mhac tha a bheatha mhaireannach aige, ach an tì nach ’eil a’ creidsinn anns a Mhac, cha’n fhaic e beatha ; ach a ta fearg Dhe a’ gabhail comhnuidh air.’ Air an aobhar sin cha’n ’eil a bheag ach diteadh air a sheuladh ann do choguis, mur creid thu anns a Mhac ; agus as-eugmhais creidimh cha’n ’eil a bheag a’ feitheamh ort ach diteadh ionlan.

Air son an aobhar so tha rùn orm, ma cheadaicheas an Tighearn, agus anns an tomhas a bheir e dhomh, a legeil fhaicinn duibh c’ait am bheil cleachdadh creidimh beothail agus sabhailidh a’ comh-sheasamh, agus cia mar a ghnathaicheas sibh e, agus ni mi a laimhseachadh do reir ’s mar a tha e air a chuir sìos ann an so, le eisiomp-lairibh naomh Dhe ; oir ’se creideamh an steigh a dh’fheumas a bhì air tùs air a shuidheachadh, air neo cha’n urra dhuibh gu brath caithe-beatha gras-mhoir a bhì agaibh a chum Dia a ghloireachadh leis ; oir as-eugmhais creidimh, ’seadh, eadhon bhur n-oibre a’s fearr, mar a bha mi ag innseadh dhuibh, tha iad na’n grainealachd ’na laithair-san, agus na h-oibre a’s fearr a ni thu, cha’n ’eil iad ach mar cho liugha peacadh sgiambhach ann an lathair Dhe ; agus uime sin cha d’thoir iad sòlas air

bith ad' ionnsuidh anns an là mhòr sin. Mar sin, anns a cheud aite, suidhichidh mi am bunait dhuibh, air am feud sibh a chuid eile gu leir do'r giulan Chriosduigh a thogail, agus a deigh sin tha rùn orm a leigeil fhaicinn duibh an rathad sonruichte, anns am bu choir do gach neach agaibh, aig am bheil iarrtais a dh'ionnsuidh na rioghachd sin, a bhi ag imeachd ann an lathair an Tigh-earn' bhur Dia.

Mar air son a cheud nì. Thagh mi an t-aite so de'n a Scriptorair gu 'ur seoladh. 'Nis, a chum 's gu'n tuig sibh ciall a chaibidil so uile, mar a ta e air a chuir sios leis an Abstol, 's ann a chum na dream a dh'ionnsuidh am bheil e a' sgrìobhadh earalachadh, air son gu'n treigeadh iad peacadh, agus gu'n leanadh iad creideamh; mar a ta e agaibh ann an tos an ath chaibidil, far am bheil e ag radh, 'Uime sin, air dhuinne bhi air ar cuairteachadh le neul cho mòr de fhianuisibh, cuireamaid dh'inn gach leth-trom, agus am peacadh a ta gu furas ag iadhadh umainn, agus ruitheamaid le foighidin an rèis a chuireadh romhainn, ag amharc air Iosa, ceannard agus fear crìochnaich ar creidimh, neach air son an aoibhneis a chuireadh roimhe, a dh'fhuiling an crann-cèusaidh, a' cuir na naire ann an neo-shuim, agus a shuidh air deas rìgh-chaitreach Dhe.' 'Nis, se'n argumaid a tha e gabhail gu'n gluasad a chum so, ereideamh. Se creideamh an tiodhlac a's luachmhoire a thug Dia riamh do dhuine no do bhean, no do Mhic chailte Adhaimh; is e a ghibht a's ro luachmhoire a bhuilich Dia riamh air peacach; oir de na h-uile tiodhlac a tha Dia a' tabhairt, cha'n 'eil a h-aon ann an coimeas ri tiodhlaic a chreidimh. Uime sin bu choir an tiodhlac a's ro-luachmhoire a bhi nì's ro-mho air a leantuinn; agus a chum luachmhoireachd a chreidimh a dhearbhadh, air tus, tha e a' comhrachadh a mach tri buaidhean a th'aig a chreideamh, agus nithe nach 'eil aig tiodhlaic sam bith 'eile bho Dhia a leithid. 'Se ceud bhuaidh a chreidimh, 'Brìgh na'n nithe ri'm bheil dochas, agus dearbh-chinntè na'n nithe nach faicear;' se sin, 'surrainn e a thabhairt air nithe a bhi ann, nach 'eil fathasd air teachd, agus 'surrainn e thoirt air nithe nach 'eil air am faicsinn, a bhi air am faicsinn le inntinn an duine, nach faca an t-suil riamh, agus nach cuala a chluais riamh, agus nach b'urrainn cridhe duine gu brath a thuigsinn; mar sin, cha'n

'eil annad-sa ach neach marbh dall a tha as-eugmhais creidimh. 'Uime sin cha b'urrainn iad creidsinn, do brigh's gu'm bheil Isaiah ag radh, dhall e an suilean, agus chruaidhich e'n cridheachan, a chum's nach faic-eadh iad le'n suilean, agus nach tuigeadh iad le'n eridhibh, agus gu'm biodh iad air an iompachadh, agus gu'n Slanaichinn-sa iad.' 'Se dara buaidh a chreidimh 'so, 'surrainn e a thoirt air peacach a bhi fuidh dheadh ehliù, araon aig Dia agus aig daoine, cosmhail ri Enoch. 'San treas aite, 'surrainn e a thoirt air uile dhiombhair-eachdan Dhe, a tha do-chreidsinn agus ann an ceart-aghaidh mothachadh agus reusan an duine, a theachd gu a bhi air an creidsinn agus air an aithneachadh leo gu feir. Na trì buaidhean so, tha iad agaibh air an cuir sios anns na ceud trì rainn. 'Se'n t-ath nì a tha e a' rabhairt a stigh gu oirdheirceas a chreidimh a dhearbhadh, so, na h-uile maith a fhuair a h-aon de' na naoimh riamh, gu'n d'fhuair iad e trid creideamh a mhain; agus na h-uile maith a rinn a h-aon de' na naoimh riamh, gu'n d'rinn iad e a mhain trid creideamh. Rom. i. 17 Bithidh am firean beo tre chreideamh. A chum 's gu'n tuig sibh an earrann so na's fearr, tha e ag innseadh roimh, gu'n robh e ullamh gus an t-soisgeil a shearmonachadh do na h-uile chreutair, agus tha e ag innseadh an t-aobhar, 'se sin, 'Nach robh e fuidh naire air sou soisgeil Chriosd a Thighearn, oir is e cumhachd Dhe a chum slainte e do gach neach a chreideas e.' Agus ciod uime, mar gu'n abradh e, am bithinn-sa fuidh naire de'n t-soisgeil sin, a nì 'se gairdean Dhia do'n dream a chreideas; oir tha'gach uile neach a chreideas a' mothachadh dearbh-ghairdean Dhia 'gan tarruing a mach a ifrinn. A ris, 'is e fireantachd Dhe e,' agus is fireantachd eile i so a bharrachd air fireantachd an lagha; oir tha'n soisgeil ag innseadh dhuit gu'n dean fireantachd a Mhic do thearnadh, agus na h-uile a chreideas ann; agus a nis, tha e ag innseadh, gu'm bidh am 'firean beo tre chreideamh.' Tha trì nithe ann an so:

AIR TUS. An duine fireanta, 'se sin, e-san a tha air a chomhdach le fireantachd Chriosd, tha e-san beo tre chreideamh; 'se sin, tha e beannaichte: agus tha Daibhidh anns Sailm xxxii. l., ag radh, agus tha an t-Abstol ag radh, 'Is beannaichte iadsan do'n do mhaitheadh an eusaontais, do'm bheil am peacaidhean air fholach; 's

beannaichte an tì nach cuir an Tighearn peacadh as a leth.' Mar sin cha bhi thusa gu brath beo gu maith agus gu diadhaidh, mur bi fios agad, agus mur creid thu gu'm bheil do pheacaidhean air am maitheadh dhuit; agus mur bi dearbhachd agad gu'm bheil do pheacaidhean gu leir air am maitheadh gu h-iomlan agus gu saor ann am fuil Iosa, cha bhi thu gu brath beo gu diadhaidh ann an so, ni mo a gheibh thu a bheatha shiorruidh an deidh so.

'SAN DARA H-AITE. 'An sin mata tha'm firean beo, sin ri radh, tha'n duine fireanta 'deanamh lagh Dhe na thoilinntinn da, na deich aitheantan so, air an cuir an ceill a mach as an teine uamhasach sin air beinn Shinai, a ni nach b'urrainn an slugh seasamh ri eisdeachd, deich aitheantan so an Dia uile-chamhachdaich, tha e-san 'gan deanamh na'n tlachd do 'anam. Air tìs, bithidh Dia aige na chridhe, agus cha bhi ni air bith eile aige a thuille air, no os a chionn. Anns an ath aite, Cuiridh e suas uile mheadhonan aoraidh Dhe ann am firinn 'na chridhe.

'SAN TREAS AITE. Bithidh speis aige do ghloir Dhia thar gach ni air bith eile, agus 'se so a mhain is curam araidh dha, nach bi ainm gloirmhòir a Dhia air eus-on-oirachadh.

'SA CHEITHREAMH AITE. Tiondaidh se air falbh a chois o'n t-sabaid, 'o a bhi deanamh a thoil fein, na 'e a bhi labhairt focal diomhan air an latha sin.

'SA CHUIGEAMH AITE. Tha 'm firean beo, ach cionnas? Tre chreideamh. 'Nis, co aig am bheil fios ciod a bha sibhse a' deanamh o'n a bha sibh an so 'sa mhaduin? Ciod am fios a th'agam-sa ma bha a h-aon agaibh 'gar cronachadh fein, agus 'ga thiondaidh thairis ann bhur ìridheachan, agus a' smuaineachadh leibh fein, ciod a bha mise a deanamh? An bu choir dhomhsa teachd a dh'ionnsuidh an t-saoghail agus nach bithinn ach air seachran fad laithean mo bheatha? Cha do shuidhich mi mo chridhe riamh fathast gu seirbhis a thoirt do Dhia ann an neart m'anam. An d'rinn Dia mo naomhachadh, agus an do ghradhaich an Tighearna mi, agus an d'thug e a bheatha sios air mo shon? Ro-mhaith, Thighearna. An d'rinn thusa so? Nach e mo ghnothach-sa thus' a ghradhachadh a rìs? Is e mo ghnothach-sa fheoireach ri m'anam, ciod a ni mise a chum Dia a ghloireachadh re uile chùirse mo bheatha? Cionnas a chuireas mi urram air Dia anns an t-saoghal so? A rìs, an robh

sìbh a' smuaineachadh so, gu'm bheil agaibh speis do dh'uile aitheantean Dhe?

AN TUS. Feumaidh sibh a radh, is tusa, o Dhe, mo Thighearna, agus cheannaich thu mi le t'fhuil luachmhoir, agus shaor thu mi 'o ifrinn agus 'o dhiteadh, agus air dhomh fhaicinn gur tus a mhain is Tighearn ann; uime sin ni mise roghainn dliot-sa mhain a chum thu a bhi ad' Tighearn agus ad' Dhia dhomh. An do runaich sibh air a so? Ro-mhaith, ach gidheadh cha'n 'eil e na's leoir; oir cha'n fhaigh sibh bhur sàth de Dhia, agus de a lathaireachd gu furras, air doigh as gur e bhur n-uile mhiann, bhur gradh, bhur n-eagail, bhur n-umhlachd, bhur meas, agus gu e bhi na h-uile agus anns na h-uile dhuibh; agus tha Criosd ag radh, 'Ma ghradh-aicheas neach air bith mise, coinheadaidh e mo bhriathre, agus gradhaichidh m-Athair esan, agus thig sinn da ionnsuidh, agus gabhaidh sinn comhnuidh maille ris.' O! air sou Dia a bhi agad na chomhnuidh ann ad' anam, nach robh sin na chomhnuidh milis dhuit? Dia a theachd ad ionnsuidh, e-san a tha lionadh neamh agus talamh, an Dia uile-chumhachdach agus uile-fhreagairach, a bhi chomhnuidh ann an anam peacach, tha sin na nì iongantach. 'S ann an sin a dh'fheudadh sibh a radh maille ri Daibhidh, Saim xxvii. 1. 'Se Dia mo sholus agus mo shlainte, co a chuireas eagal orm? Se'n Tighearn neart mo bheatha, co a chuireas geilt orm?' 'S ann an sin a dh'fheudadh sibh a radh, 'Se 'n Tighearn mo bhuaichille, cha bhi mi ann an dith.' Tha Dia leam, co a dh'fheudas a bhi 'am aghaidh? 'Tha Dia ga'm fhireanachadh, co a dhiteas mi? Rom. viii. 33. 'No co a sgaras mi bho ghradh Dhe?' Mar sin nach biodh so na naigheachd aoibhneach dhuit, aithne a bhi agad air Dia a bhi na Dhia dhuit? Ach 'nuair a tha tighearn eile agad, toil-inntinn eile, ionmhas eile, urram eile, agus suim eile, nach 'eil air son an Tighearn do Dhia; ann an sin tha agad Dia eile, agus cha'n 'eil e-san a' gabhail comhnuidh ann do chridhe, air an aobhar sin cha'n urrainn thu a bhi beo gu diadhaidh. Tha e air a radh, gu'm bheil Dia a' gabhail tlachd ann an comhnuidh a ghabhail maille ri duine a tha do spiorad bruite agus iriosal. Ciod an toilinntinn, agus ciod an t-urram, a tha so a' tabhairt a dh'ionnsuidh Dhe, a shaolas tusa, 'nuair a ta e faicinn do chridhe air a ghlanadh tre chreideamh,

a bha roimh na fhail bhreun, na chro air son an diabhuil, agus air son eunlaidh neo-ghlan gu comhnudh a ghabhail ann? Ciod an taitneas a ghabhas e ann a bhi faicinn an namhaid air a thilgeadh a mach as do chridhe, agus a spiorad fein a' gabhail comhnuidh ann do chridhe?

Am feoirich sibh mata, cia mar a bheir sibh urram do Dhia anns a bheatha so? Innsidh mi dhuibh, tha aig deich earrainnean ann, do reir na deich aitheintean.

AIR TUS. Na gabh Dia sam bith eile ad ionnsuidh ach e-san, agus dean e na thoilinntinn iomlan do d'anam, agus gradhaich e le uile neart do chridhe.

'SAN DARA II-AITE. Ma tha gradh agad da, cleachd uile phairtean de' aoradh. Dean urnuigh do ghnath; anns na h-uile ni thoir buidheachas do Dhia, eisd fhocal, agus gabh a shacramaintean; biodh do chomh-labhairt mu fhocal agus mu oibre Dhe, beachdaich air uile bheannachdan Dhe, beachdaich air uile chronaichidhean agus bhreitheanasan, agus criothnaich rompa; amhaire le suil a chreidhimh air uile chreutairean Dhia, a chum 's gu'm faic thu annt-san mordhalachd Dhe; agus a chum 's gu'm feud thu a radh, 'Cia oirdheire an Tighearn ann a oibre gu leir! agus cia oirdheire a tha d' ainm, O Thighearn, anns an t-saoghal uile! a shocraich do ghloir o's ceann na neimhe; oir tha na neamhan a' cuir an ceill gloir an Tighearn, agus tha na speuran a' cuir an ceill oibre a lamhain.' An aill leat so a dheanamh, agus oidhearpachadh do ghnath a bhi ag aoradh do Dhia, 'nuair a tha thu aig a bhord, no an uair a tha thu anns na raointibh, no an uair a tha thu ann an cuideachd, no ann do sheomair, no ann do theaghlach? Feumaidh tu do ghnath aoradh Dhe a chuimhneachadh. Nach cuimhniche thu gu'm bheil e na Dhia laidir agus eudmhoir, a tha leantainn peacaidhean na'n athraichean air a chlann, agus an treas agus an ceithreamh ginealach; agus uime sin feumaidh tu aitheantan a choimhead, air neo gabhaidh e dioladh dhiot? An coimhead thu 'aitheantan, agus an sin soirbhichidh tu anns na h-uile nì ris an cuir thu do lamh, agus bithidh gach beannachd agad air an do labhradh ann Deut. xxviii.? Ach ann an ceart aghaidh sin, mar d'thoir thu seirbhis do'n Tighearna do Dhia, agus mur coimhead thu aitheantan uile; ann an sin bithidh agad na mallachdan so uile, agus na plaigh-ean se uile a tha air an cuir an ceill anns a chaibidil

cheudna, no ann an leabhair Dhia uile, gu a bhi air an doirteadh air t'-anam, do choguis, agus do chlosaich : ge 'fheud thu dol as uatha anns a bheatha so, gidheadh mothaichidh tu troimh na bhìbhuantachd iad anns an t-saoghal ri teachd ; uime sin tha e maith air bhur son a bhi ag aoradh Dhe.

'Nis, 'se 'n treas earrann de'n urram sin so, a thuille air an aoradh uaigneach agus fhollaiseach a dh'fheumas tu a chleachdadh, tha mi a' gairm sin mar t-aoradh uaigneach agus follaisach, nì se, 'nuair a bheir thu aoradh do Dhia anns a chomhchruinneachadh, no anns an teaghlach, no ann ad' urnuighean uaigneach agus do bheachd-smuainte, 'nuair a tha thu ad aonar ; thuille air so, tha mi ag radh, tha an treas earrann de'n onair agus de'n aoradh so, air a chuir sios anns au treas aithn ; 'se sin, ainm an Tighearn do Dhia a naomhachadh. Thoir fainear do smuaintean, do bhriathran, agus do ghniomhran ; bu choir do na so moir ghairdeachas a thabhairt dhuit, ge' nach biodh tu ach a' sguabadh an tigh, agus a ridealadh na luathre, no ag ullachadh do bhiadh ; ma tha thu a' saoilinn mar so leat fein, 'Thighearn, tha mi a' deanamh so a chum d' onoir-sa, mo Dhia. Tha sin na mhoir ghloir do Dhia, 'nuair a tha thu, le neart do chridhe, co-dhiubh ann do phearsa fein, no ann do ghairm, no ann an cridheachan do theaghlach, no ann an cridheachan mhuinntir eile, gu'm bheil thu a' saothrachadh a chum ainm glormhoir an Tighearn do Dhia a chuir suas ; agus uime sin feumaidh tu runachadh maille ri Iosuah, xxiv. 14. 'Roghnaichibh-sa an diugh co dha a ni sibh seirbhis, 'ach bheir mise agus mo theaghlach seirbhis do'n Tighearn.' Dean-sa so, mur dean thu e, cha mheas an Tighearn neo-chionntach thu, ciod air bith d' aoradh o'n leth muigh agus o'n leth stigh, mar oidhearpaich thu ainm an Tighearn a naomhachadh ann ad' uile shlighean. Na ceud trì aitheantan so feumaidh tu a bhi agad ann ad' inntinn fad uile laithean an t-seachdain, feumaidh tu Dia a bhi agad ann do chridhe na h-uile la, feumaidh tu aoradh Dhe a bhi agad air a chuir suas ann do chridhe na h-uile là, agus feumaidh tu gloir Dhe a bhi agad fa chomhar do shuil na h-uile là ; cha'n fheud thu iad so a chumadh ris an t-sabaid a mhain, ach feumaidh tu iad a bhi agad mar an ceudna re uile laithean na seachdain, ach air a leithid do

dhoigh 's gum feud thu do ghnathaichean laghail mar an ceudna a chleachdadh. Ach a thaobh là na sabaid, feumaidh tu a chuir gu h-iomlan air leth air son seirbhis Dhe, agus feumaidh tu an là sin gu h-iomlan a chaitheamh ann an aoradh Dhia, as-eugmhais buntainn a bhi agad ri d' ghairm, 'Nis, ciod an aoibhneas a dh'fheudadh a bhi agaibh anns a chaithe-bheatha dhiadhaidh agus Chriosduigh so, na'n cleachdadh sibh e? An aill leibh so a dheanamh, agus aithne fhaotainn air ciod e a t'ann a bhi 'ga dheanamh? Innseam dhuibh gur e so an aon rathad a chum beath' a chumail 'san anam. Bha aig cuid agaibh deadh ghluasadan aig cuid do àmaibh, agus aig cuid do àmaibh bha agaibh mor sholas: ach 'nuair a chaidh na gluasadan so air falbh, an sin chaill sibh bhur n-uile sholas, agus thoisich bhur bron a rìs, do bhrìgh 's nach do sheall sibh air a chaith-bheatha dhiadhaidh bu choir leantuinn 'na lorg, 'se sin, gu'm bu choir dhuibh Dia a bhi agaibh 'n 'ur n'anama', agus gu'm bu choir dhuibh toilinntinn a ghabhail ann an aoradh Dhia do ghnath, agus gu'm bu choir dhuibh gloir Dhia a bhi agaibh do ghnath fa chomhar bhur suilean, agus gu'm bu choir dhuibh aon là iomlain anns gach seachdan a chairsigeadh air son seirbhis Dhe. Cia iomadh agaibh leis an do shaoil gu'n d'rinn sibh gu maith na 's leoir, mur 'robh bhur pearsa' air an cumail air an ais 'o Thigh an aoradh, ge' do dh'fhag sibh bhur cridheachan aig an tigh, no ann an ait' eigin eile? Ach cha robh sin na 's leoir, air dhuibh fhaicsinn gu'n robh na bu mho air iarraidh oirbh, oir dhoibh-san do'n d'thugadh moran, bithidh moran air iarraidh orra rìs. Agus tha moran an duil gu'm bheil iad a' deanamh gle mhaith, mur 'eil far-mad aca ri 'n coimhearsnaich, agus mur 'eil iad ag iarraidh dioghaltas air an naimhde, mur 'eil iad a' giulan gamhlais 'nan cridhe, ach gur urrainn iad cridhe fhaighinn gu cordugh riu, agus mur 'eil fuath aca dhoibh, tha iad an duil gu'm bheil iad a' deanamh gle mhaith; agus tha iad 'ga shaoilsinn na's leoir ma bhios iad beo gu stuaim iad fein, agus iriosal do thaobh na'n uile dhaoine; mur 'eil droch rùn aca do dhuine sam bith, agus mur h-'eil droch rùn aig duine sam bith dhoibh-san, cha'n 'eil iad a' deanamh cron air duine sam bith, agus cha'n 'eil duine sam bith a' deanamh cron orra-san. Ach nach d'thig sibh a dh'ionnsuidh na puinc so, guidheam

oirbh, an do ghradhaich sibh bhur coimhearsnaich mar sibh fein, agus sin air sgath Chrìosd, do bhrìgh 's gu'n d'aithn e dhuibh a cheile a ghradhachadh? Cha'n aithne dhomh duine sam bith dhìbh a shuidhich a chridhe gu so a dheanamh. Gu'm fosgail an Tighearna bhur suilean gu fhaicinn, a chum's gu'n abair sibh, Thighearn, bha mis ro-fhad deanamh mo thoil fein, a nis toisichidh mi air do thoil-sa dheanamh, agus aig faicinn gur e do thoil-sa, gu'n gradhaich mi mo choimhearsnach mur mi fein air do sgath-sa, uime sin, ni mis' e do bhrìgh 's gu'n d'aithn thus' e a bhì deanta mar sin. Nis, an gradh sin bu choir duibh a bhì agaibh da 'ur coimhearsnaich, bristidh e a mach anns na sea dleasdanas so a tha air an cuir sìos anns na h-aitheantaibh eile.

'SA CHEUD AITE. Brisidh tu a mach ann a bhì feuchainn an ard-inbhe, agus an urram bu chubhaidh dhuit a thabhairt, do chaochlaidh phearsa' dha'n dlighe e a bhì air a thabhairt doibh, co-dhiubh le aois, no le gairm, anns an Eaglais no ann an Comunn, do inbh-airde no do inbh-ìosal. Am 'bheil so na bheag onoir do Dhia, an saoil sibh-se, 'nuair a their thu, Thighearn, cha'n e a mhain gu'n d'thoir mi onoir dhuitsa, agus urram do do ghloir, ach bheir mi mar an ceudna urram do do dhearbh ìomhaidh, agus chos-cheumaibh do ghloir; dìonaidh mi urram na dream a chuir Dia os mo cheann air sgath Chrìosd. Ach math-dh'fheudte gu'n abair sibhse, Co tha comasach air so a dheanamh! O! ach cha'n 'eil so do-dheant, 'oir bithidh am firean beo tre chreideamh.' Mar sin, matā, ma shìneas sibh suas bhur lamh a dh'ionnsuidh fuil Chrìosd, agus nu chuireas sibh i ri bhur n-anama, ann an sin b'u choir dhuibh a bhì faotainn an Spiorad a' sgrìobhadh gach aon de' na laghan so air bhur chridheachan.

'SAN ATH AITE. Anns an t-seathamh aithne, bithidh beatha do choimhearsnaich cho ìomhuinn leat, air dhoigh 's gu'm bi ìochd agad air beatha do choimhearsnaich 'nuair a ta e ann an amhghar; agus do bhrìgh 's gu'n do shèid Dia ann anail na beatha, bithidh tusa neo-thoileach smuaineachadh air beatha h-aon sam bith de do choimhearsnaich, no de do theaghlach a bhì graineil no craiteach dhuit; ach 's roghnaich leat a radh, tha tlachd agam ann an leithid do theaghlach, ann an leithid do Eaglais, no chomunn, anns am faic mi aoradh Dhe air

a chuir suas. 'Nis, 'smaith do'n 'anam a tha rùnachadh a bhi beo ann an leithid do dhoigh, as gur urrainn thu a radh, 'gloir a bhi do Dhia anns na neamhaidh is airde, oir cha ghabh mise sgios gu brath de bhi gloireachadh mo Dhia,' ge do bhitheadh e ann am meadhon a chomh-chruinnich ann am measg mo bhraithre, 'teagaisgidh mi do na h-aingidh do shlighean,' Saim li. 13. 'Agus iompaichear peacaich ad' ionnsuidh.' Oir feudaidh tu anam do choimhearsnaich a mhurt, cho maith 'sa 's urrainn thu a chorp a mhurt; ach 's maith da'n anam sin as urrainn anam a choimhearsnaich a thearnadh. Ciod a ghloir a bheireadh e do Dhia, agus ciod an aoibhneas agus an t-sìth do'r coguisibh fein, na'n oidhearpaicheadh sibh a bhi beo a leithid do chaithe-beatha, 'sa bheireadh gloir do Dhia, sìth do'r n-anama fein, agus slainte do bhur coimhearsnaich!

AN SIN, 'SAN TREAS AITE. Anns an t-seachdamh aithn, feumaidh sibh uile neoghlain a chuirp a sheachnadh; feumaidh tu do chorp a choimhead glan agus naomh, oir anaobhinn dhuitsa a thruaileas an corp sin a cheanaich Criosd cho daoir; feumaidh tu gach uile chainnt shalach agus chombluadair truailidh a sheachnadh, air dhoigh 's nach tig iad a mach as do bheul, agus feumaidh tu a bhi air t-fhaicill roimh gach smuainte neoghlain agus truailidh, oir fuadaichidh iad Spiorad Iosa air falbh.

AN SIN, 'SA CHEITHREAMH AITE. Anns an ochdamh aithn, cha'n fhaod thu meadhonan mi-laghail a ghnathachadh a chum do theachd-an-tìr a chosnadh. Oir am bheil thu ad' bhaig'ear? Gidheadh cha'n fhaod thu goid, do bhrìgh 's gu'n do thoirmisg Dia e; ach gu ma fearr leat a radh, rinn Dia bochd mi, do bhrìgh 's gur aithne dha gur e sin staid a's fearr air mo shon anns a bheatha so. Ciod an cron? Tha mise toilichte, gheibh mi rioghachd na flaitheanais, agus a saibhreas do-rannsuichte, Criosd, gu mo dheanamh saibhir; thug Dia dhomh an t-saibhreas sin leis am bu choir dhomh bhi toilichte. Agus sibhse do'n d'thug Dia saibhreas, abraibh, thug Dia dhomh-sa saibhreas a chum's gu'n gnathaich mi e gu laghail a chum a ghloir fein, agus gu'n dean mi suas feumas na'm bochdain. Cha'n 'eil mis ach am' stiubhard air na nithe sin a thug Dia dhomh; uime sin, builichidh mi iad air na bochdaibh a rìs air a sgath-san.

a thug dhomh iad ; agus tha mise creidsinn, gu'm bheil 'e-san a bheir do na bochdan, a' tabhairt air iasachd do'n Tighearn ;' agus gabhaidh Dia air riadh e, agus paighidh Dia màl mòir bliadhnaile air a shon. Tha Crìosd ag radh, 'Deanaibh-se dhuibh fein cairdean le mammon no le saibhreas na h-eucoirich, a chum 's nuair a bhitheas sibh uireasbhuidheach, gu'n gabhair sibh a dh'ionnsuidh aitean combnuidh siorruidh. E-san a tha firinneach anns a chuid is luagha, tha e mar an ceudna firinneach ann a' mèran. Mur robh sibh firinneach anns an t-saibhreas eucoireach, co a dh'earbas ribh an saibhreas no'n t-ionmhas fìor? Agus mur robh sibh firinneach ann an cuid duine eile co a bheir dhuibh a ni sin is leibh fein?' 'Nis tha mi guidh oirbh a bhi firinneach, agus na d'thugaibh air falbh 'o 'ur coimhearsnaich gu h-eucoireach, agus gheibh sibh beannachadh Dhe air son a dheanamh. Agus ge do choisneadh sibh deich mìle pùind-Shasnaich air breug a dheanamh, gidheadh na deanaibh e, do bhrìgh 's gu'm bheil na h-uile a tha air a chosnadh air an doigh sin, na bhathar a ta air a ghoid. Nis, na'm biodh an treibhdhreas so ann, cha bhiodh sibh a' mill-eadh a cheile mar ta sibh a' deanamh ; agus na'm biodh an gradh sin ann bhur measg, cha'n fhaiceadh sibh dìth air a h-aon do bhur coimhearsnaich.

'SA CHUIGEADH AITE. Anns an naothamh aithn, na'n cuimhnicheadh sibh i, cha bhiodh sibh a mionnachadh cho tric aig deanamh bhur cuid baraganan, ach a mhain a a radh, an uiread so bheir mi air a shon, agus an uiread so bithidh agam a rìs, air neo bitheadh e agad dhuit fein ; oir ge do choisinn daoine mòir shaibhreas le'm breugan agus le'n cuid mionnan, agus le foill, fathast, ciod an taitneas a bhitheas aca annta 'nuair a bhith-eas iad air leabaidh am bàis ! cha d'thoir iad aon-chuid sòlas dhoibh fein, no buannachd do'm mnaibh no do'n clann. A rìs, cha bu choir duibh breug a chuir air bhur coimhearsnaich a chum an tabhairt gu nair no mi-chliu ; seadh, ge do b'e do dhearbh namhaid bhiodh ann. Agus a rìs, 'nuair a thig neach air bith a dh'innseadh droch sgeul air a choimhearsnach, bu choir dhuit a radh, cha'n èisd mi riut, tha thu anns an dochair, bu choir dhuit innseadh da fein air tùs.

'Nis, na'm biodh sibh air bhur cleachdadh mar so, am biodh bhur teangan air an cleachdadh ri trod, agus ri

cùl-chàineadh bhur coimhearsnaich mar a ta iad? Cha bhiodh, cha bhiodh, ach theireadh sibh maille ri Daibhidh, 'Bheir mi an aire do mo shlighibh, nach peacaich mi le mo theangaidh, coimhididh mi mo bheul mar le crein am feadh a ta an t-aingidh am lathair.'

AN SIN, 'SAN AIT MU DHEIREADH. Anns an deicheamh aithn, gabh a leithid do chumtas de do smuaintean, air dhoigh 's ma dh'eireas droch smuain, no droch dhurachd ann do chridhe do d' choimhearsnach, ann an sin gu'm feud thu a radh, chuir Dia lagh ann mo chridhe, air dhoigh 's nach fheud mi uiread ri droch smuain a smuaineachadh ann an aghaidh mo choimhearsnaich : air an aobhar sin, imich uam a shàtain, agus na bùair mi, oir is iad so do smuainte-sa, agus cha'n iad mo smuainte-se.

Ach ma dh'fheoiricheas sibh, cia mar a gheibh sibh so deanta? Freagram sibh. Gheibh sibh e tre chreideamh ; oir tha na h-uile ni so-dheanta dha-san a chreideas, agus cha d'theid thu 'am mearachd air fhaotainn, 'nuair bhitheas tu dearbhte air na sea nithe so :

AIR TUS. 'Nuair is urrainn thu a radh, tha mi dearbhte a mo shabhaladh ann an Iosa Criosd, do bhrìgh 's gu'n do thearuinn e ge b'e air bith a chreideas ann, agus cha bhi iad gu brath air an dìteadh.

'SAN DARA H-AITE. Tha dearbhachd agam gu'n sgrìobh Dia a lagh uile air mo chridhe, agus gu'n cuir e eagal ann mo thaobh a steach, air dhoigh 's nach imich mi gu bràth uaith.

'SAN TREAS AITE. Tha dearbhachd agam nach robh beannachd air a tabhairt dhomh riamh o Dhia, nach 'eil air a thabhairt dhomh 'o ghradh ; agus nach robh smachdachadh riamh air a chuir g'am ionnsuidh o Dhia, nach 'eil air a chuir g'am ionnsuidh o ghradh, gu'm irioslachadh, agus a chum mo chridhe a chumail fuidh, air dhoigh 's nach atadh e le àrdan, 's nach coidileadh e ann am mi-churam.

'SA CHEITHRAMH AITE. Leanaidh mi am meadhon so, agus am meadhon ud eile ann mo ghairm ; do bhrìgh 's gu'm bheil mi dearbhte, gu'n do chuir Dia romham e ; cha tilg mi a steach an teagamh so no an teagamh ud eile, ach cleachdaidh mis' na meadhonan, agus carbaidh mi an t-soirbheas ri Dia : oir 'se so an t-aobhar air son am bheil sibh air bhur mi-mhisneachadh ann bhur

gairm, 'nuair a chi sibh nach 'eil nithe a dol leibh mar a b'aill leibh ; eadhon do bhrìgh 's nach 'eil sibh a' fàgail a chuis agus an soirbheachadh do Dhia ; ach na'n tilgeadh thusa do churam air an Tighearn, gun amharus ghabhadh e-san curam umad. Mar so, ciod air bith mar bhitheas a chuis, feudaidh tu a radh, tha mi a' toirt seirbhis do Dhia arn mo ghairm, agus uime sin shoirbhich e leam ; agus ma chuireas e buaireas 'ad ionnsuidh ann do ghairm, gidheadh, feudaidh tu a radh, tha fios agam gu'n do chuir an Tighearn an crannchuir so do m' ionnsuidh a chum m'fhoighidinn a dhearbhadh, agus gu mo chuir ann an cuimhne air-san a tha ag òrduchadh na h-uile ni do reir a thoil fein.

'SA CHUIGEADH AITE. Bheir creideamh ort a radh, 'Nis, theid mi a dh'ionnsuidh mo ghairm gu h-aoibhneach, tha barrantas agam air a shon o' fhocal Dhe, do bhrìgh 's gu'm bheil fhios agam gu'm bheil an Tighearn 'ga cheadachadh, agus tha gealladh agam air beannachd maille ris, agus tha fios agam gu'm faigh Dia gloir leis, agus mar sin gheibh mise solas ann.

'SAN AITE MU DHEIREADH. Their creideamh riut, oibrichidh na h-uile nithe a chum maith dhoibh-san aig an bheil gradh do Dhia ; ' Cia sam bith mar theid cùisean leam ann mo ghairm no nach teid, tha fios agam gu'n oibrich na h-uile ni a chum mo mhaith ; oir tha gradh agam do Dhia, agus tha gradh aig Dia dhomh-sa. Ciod uime, an urrainn duine sam innseadh ciod e an caithe-beatha mhilis a bhitheadh an so dhuit ? Tha mi guidh air Dia gu'n d'thugadh e dhuibh blasad air a mhilsead, a chum an deidh sin gu'n oidhirpicheadh sibh a bhi beo an caithe-beatha naomh agus neamhaidh sin, a chum as an deidh na beatha so gu'm bi sibh nu'r luchd seilbh air a bheatha shiorruidh maille ri Iosa Crìosd bhur Tighearn. Dha-san, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile mholadh agus ghloir o so a mach agus gu siorruidh. Amen.

AIR IOMADH PUING DIADHACHD.

SEARMOIN XXVIII.

AIR IOMADH PUING DIADHACHD.

GAE. ii. 20. Gidheadh tha mi beo, ach cha mbise, ach Crìosd a tha beo annam.

Tha agaibh ann an so sàmhladh agus cleachdadh air an nì a chuala sibh an là roimh, 'se sin r'a radh, 'gu'm bheil am firean beò tre chreideamb.' Tha'n t-Abstol a' tabh-airt fianuis ann an so, gu'm bheil mothachadh aige air a so ann a chridhe agus ann a phearsa fein. Dh'innis mi dhuibh, an nì a b'e beatha na diadhachd. (Tha mi guidh air Dia gu'n d'thugadh e dhuibh cridheachan a chum a chuir 'an gnìomh.) A chum, a mach a cridhe glan agus treibhdhireach, air a ghlanadh tre chreideamb anns an Tighearn Iosa, gu'n oidhirpich sibh gluasad ann an uile aitheantan Dhe, agus gu'm bi sibh air bhur faicill a chum a thoileachadh 'sna h-uile nithe; agus gu'm bi sibh a' giulan toradh ann a fhion-lios, agus air bhur cleachdadh do ghnath ris gach uile dheadh oibir, a chum 's, trid bhur tabhairt a mach mòr thoradh, gu'm bi Dia air on-oireachadh leis, a ghairm sibh a dh'ionnsuidh dòchas na gloir sin; agus a chum 's gu'm bitheadh agaibh aoibhneas agus sìth ann bhur coguisibh, a tha dol thar na h-uile tuigse nàdarach; oir is mòr an aoibhneas agus is mòr an t-sìth a tha teachd a dh'ionnsuidh a chriosduigh, a thug a chridhe a dh'iarraidh an Tighearna do ghna. Tha e 'ga shaoilsinn mar a shonas 'nuair a ta fhios aige gu'm bheil Athair làn toilichte leis ann an Crìosd

AIR TUS. Do thaobh fireantachd Crìosd, a chuir e air.

S'AN DARA II-AITE. Do thaobh a ghras sin a th'air toiseachadh, a tha air oibreachadh ann an cridhe an neach aig am bheil an Thighearn a chomhnuidh ann. Agus an gras so air toiseachadh, ge nach 'eil e iomlan, gidheadh tha e a' tabhairt gloir do Dhia agus tha'n

t-Athair a' gabhail ris ann a Mhac fein, mar gu'm biodh e iomlan; agus tha so a' tabhairt aoibhneas a dh'ionnsuidh na coguis aig am bheil e, agus tha e cinnteach, mar a ta e-san a' gloireachadh Dhia anns an t-saoghal so, mar sin gu'n gloirich Dia e-san anns an t-saoghal a tha ri teachd. Ach, mo thruaighe! an gairdeachas uile, agus an solas uile, a tha aig a mhòir-chuid, tha e aca ann an so, gu'm bheil Dia trocaireach do pheacaich: ach air son an aoibhneis a tha teachd trid a chaith-beatha naomh so, cha'n 'eil e ach beag maille ri iomadh, agus uime sin tha so ag aobhrachadh cho gann do chriosduighean a bhi a' dealradh a mach, trid an deadh oibre ann am fianuis dhaoine. Agus air son an imeachd so maille ri Dia, mar a rinn Enoch, is ni e cha 'ne a mhain nach d'fhuair a mhoir-chuid de'n t-saoghal éolas riamh air, ach a mhoir-chuid do chriosduighean; do bhrìgh 's gu'm bheil am beatha cho làn do thrioblaidean agus do mhì-mhisneachdan, uime sin saoilidh iad, deth na h-uile beatha 'san t-saoghal, gu'r e beatha chriosduigh a's ro thruaighe. Ach tha mise toirt dearbhachd dhuibh-se, a bhraithre, nach 'eil e mar sin, oir co 's urra innseadh ciod e an aoibhneas do-labhairt ghlormhoir, a tha ann an anam duine no bean aig am bheil an caithe-beatha air neamh? Gu dearbh, na'm b'urrainn sibh fhaotainn, theireadh sibh, 'se sud an neamhnuid a bha mise 'g iarraidh, reicinn na bheil agam 'san t-saoghal a chum a cheannach leis; agus reicinn na h-uile h-aoibhneas agus taitneas a tha agam 'san t-saoghal, agus gach uile shaorsainn fbeoil-mhoir, a chum e a bhi agam do ghnath, agus a bhi 'g imeachd mar ann an lathair Dhe. Dh'innis mi dhuibh an rathad anns am biodh so air fhaotainn, 'Tha'm firean beo tre chreideamh.' 'S ann a mhain tre chreideamh a dh'fheumas sibh so fhaotainn, feumaidh sibh lamh 'ur creidimh a shineadh a mach, agus greim a dheanamh air an t-slaime so ann am fuil Chrìosd; agus biodh so na bhonn do 'ur caithe-beatha aoibhinn, gu'm bheil slaime air a thairgse dhuibh gu saor ann an Crìosd; oir c'ait am bheil gairdeachas agus solas gu a bhi air fhaotainn, mar bi e air fhaotainn annta--san aig am bheil an caithe-beatha air neamh maille ris an Trianaid ghloirmhoir sin? Tha 'n aoibhneas sin do labhairt, agus ro-ghlormhoir; ma ta sin a mach do lamh a dh'ionnsuidh na h-uile gealladh a tha anns an fhocal, agus

gheibh thu mor sholas ann ; creid nach e a mhain gu'n d'thoir an Tighearn maitheanas, ach gu'm marbh e do pheacaidhean mar an ceudna ; oir tha buaidh eile ann am bas Chrìosd a thuilleadh air paigheadh t-eiric, eadhon buaidh a chum t-uile pheacaidhean a cheusadh, agus a chum an adhlacadh uile anns an uaigh, a chum 's nach eirich iad gu brath tuille ; oir cha'n e an gealladh a mhain gu'm bi do pheacaidhean air am maitheadh, ach mar an ceudna gu'm bi do chridhe air athnuadhachadh, agus a lagh uile a bhi air a sgrìobhadh air do thaobh a stigh, agus ann do chridhe a shuidheachadh anns na h-ionadaibh neamhaidh far am bheil Chrìosd. Buinidh an gealladh mar an ceudna dhuit-sa tha creidsinn, agus tha 'n Tighearna ceangailte le a ghealladh agus le a mhionnan gus an dara h-aon a choimhlionadh cho maith ris an aon eile. Mar so, tha mi ag radh, tha buaidh ann am bas Chrìosd a bheir ort a bhi gach là basachadh do na pheacadh ; agus tha buaidh ann an ais-eiridh Chrìosd a thogas tu gach là o bhas gu beatha, agus do dheanamh ad' chreutair nuadh ; tha buaidh ann an dol suas Chrìosd gu do thogail suas gu neamh, agus gu do chridhe a shocrachadh suas far am bheil Chrìosd. Uime sin, tha mi ag radh, gur e creideamh a mhain is urrainn so a dheanamh, 's urrainn e lamh t-anam an taobh a stigh dhìot a thabhairt a steach ann an dearbh lanachd na diadhachd a tha gabhail comhnuidh gu corparran ann an Chrìosd, agus ann an sin 's urrainn e tharruing a nuas ad' ionnsuidh gras air son gras' a mach a tobair na slainte sin, a's urrainn a thabhairt ad' ionnsuidh solus agus beatha uaith-san, an tì 'se e fein solus agus beatha ; 's urrainn e na h-uile nì a thabhairt a bheir air duine a bhi beo gu maith ann an so, a chum 's gu'm bi e beo gu maith gu sìorruidh an deigh so. A rìs, 'nuair a tha moran a failleachadh ann an aoradh Dhe, gidheadh nì creideamh aoradh Dhe furas dhuit-sa, 'nuair nach urrainn thu urnuigh a dheanamh, gheibh creideamh briathran na's leoir ; 'nuair nach urrainn thu cridhe fhaotainn gu buidheachas a thabhairt do Dhia, 's urrainn creideamh fhaotainn dhuit, agus 'nuair nach urrainn thu an Spiorad fhaotainn, gheibh creideamh dhuit e ; agus cha'n 'eil gras a tha freagarach 'san lagh no 'san t-soisgeil nach faigh an creideamh dhuit e, ma 's urrainn thu creidsinn, agus a radh, Thighearna 's tu m' Fhear saor-

aidh, tha mi creidsinn, mar a mhaith thu dhomh mo pheacaidhean gu leir, mar sin tha mi mar an ceudna creidsinn gu'n dean thu m' athnuadhachadh, oir gheall thu an dara nì cho maith ris an nì eile. 'Nis, na'n d'thugadh sibh creideamh leibh dheanadh e gach earrainn do dh'aoradh Dhe furas dhuibh. Cionnas a dh'innich Enoch maille ri Dia? Nach b'ann tre chreideamh? C'aite an d'fhuair Abraham gras gu a thìr fein fhagail, agus gus a ghealladh a thagair, 'ann do shliochd-sa beannaichear uile fhineacha' na talmhainn?' Nach b'ann tre chreideamh? C'aite an d'fhuair Maois gras 'gu diultadh a bhi air a ghairm na mhac do nighean Pharaodh, agus a roghnachadh ni's fearr a bhi fulang amhghar maille ri sluagh Dhe, na a bhi mealtainn toiltintinnean a pheacaidh car tamull, agus a bhi meas masladh Chrìosd na shaibhreas na's mo na ionmhasan na h-Ephit? Nach b'ann tre chreideamh? C'aite an d'fhuair Maois gras gus an Ephit a threigsinn, agus nach robh eagal air roimh chorruch an Rìgh? Nach b'ann tre chreideamh? Cionnas a dh'orduich e an dol-thairis, ach tre chreideamh? 'C'ionnas a chaidh clann Israeil troimh na mhuir ruadh mar troimh thalamh tioram? Ach le creideamh. C'ionnas a thuit ballaichean Ierichosios, ach tre chreideamh? C'ionnas a ghabh Rhahab ris an luchd rannsachaidh gu sìoth'chail, ach tre chreideamh? C'ionnas a fhuair Gideon buaidh, ach tre chreideamh? Agus gu bhi goirid, Co uaith a tha uile dhaoine naomh Dhe a' faotainn an deagh theistean anns an sgrìobtuir, ach o chreideamh? Mar sin, ma tha thu as eugmhais creideamh, cha'n 'eil annad ach meall marbh, agus cha dean thu maith gu brath ann an aoradh Dhia; ach cumaidh creideamh beatha Mhic Dhe ùr ann do chridhe, agus a mach as-san tarruingidh e beatha. Uime sin, tha 'n t-Abstol ag radh ann an so, 'Gidheadh tha mi beo, ach cha mhise, ach Crìosd a tha beo annam,' oir tarruingidh an creideamh a nuas e, agus bheir e air gu'n gabh e a chomhnuidh anns an anam. Ciod e creideamh ma ta? Coimhead geallaidhean Dhia ann an Crìosd, agus comhchuir iad ri t-anam, agus 'se sin creideamh, oir cha'n e t-fhaireachduinn creideamh, ach 'se comhchuir na'n geallaidhean creideamh. Ach their sibhse, C'ionnas is urrainn creideamh so 'a dheanamh? Freagram, cha'n e do chreideamh a tha 'ga dheanamh,

ach Criosd, an tì 'se cuspair do chreidimh. Cha'n e an lamh a tha cuir a bhiadh na d' bheul a tha ga d' bheathachadh, ach am biadh fein, agus cha'n e na lamhan a tha cuir an eudaich ort a tha ga d' eideadh, ach an t-eudach fein; ni mo se'n lamh a tha cuir a chungaidhleighis ris an lòt, a tha leigheas an lòt, ach a chungaidhleighis fein. Mar sin, cha'n e do chreideamh a tha beathachadh t-anam, ni-mo tha 'ga eideadh, no tha deanamh t-anam tinn slan, agus ga d' bheathachadh, agus ga d'eideadh. Uime sin, a deir e, 'Cha mise a tha beo ach Criosda tha beo annam.' Ach cionnas a tha Criosd beo annad? O! trid creideamh; agus uime sin tha e ag radh, 'Tha mi beo tre chreideamh Mhic Dhe;' 'se sin, tha mi creidsinn gu'n do ghradhaich Mac Dhe mi o'n uile-bhith-bhuantachd; tha mi creidsinn gu'n do roghnaich Mac Dhia mi gu bhi am aon deth a bhuill mu'n robh an saoghal ann; tha mi creidsinn gu'n do bhasaich Mac Dhe air mo shon, agus 'sann ann an sin a tha mo bheatha-sa comh-sheasamh. Oir cha'n fheud thu greim a chreidimh a leigeil as, tha mi beo air creideamh ann am Mac Dhe; oir feumaidh tu gradh Dhe ann an Criosd a ghabhail ad' ionnsuidh, agus feumaidh tu creidsinn, ge nach 'eil thu 'ga mhothachadh; feumaidh tu a chreidsinn gu'n robh Criosd air a cheusadh, agus gu'n do bhasaich e air do shonsa, feumaidh tu greim a dheanamh air a sin agus thu fein a chomhfhurtachadh leis, agus a chomhchuir riut fein, ghradhaich Criosd mi, agus bhasaich e air mo shon, air neo cha mhothaich thu gu brath cumhachd beatha Chriosd a' gabhail combnuidh ann ad' 'anam. So mata an ni a dh'innis mi, bha sibh air 'ur cuir ann an cuimhne air a so, air son a ghraidh a thug Criosd dhuibh, agus air son uile throcairibh Dhe do'r taobh gu'n d'thugadh sibh suas bhur 'cuirp mar bheo job-airt, naomh, thaitneach, agus gun smal, do Dhia, a ni 'se bhur seirbhis reusonta.' 'Se'n Lagh riaghailt na seirbhis so, feumaidh sibh suim a bhi agaibh do uile aithntibh Dhe; bheireadh so oirbh a ghnath a bhi dol air aghaidh 'n'ur turas; agus cha leigeadh e dhuibh suidh sios; chumadh so sibh do ghnath ann an eagail agus ann an urram do Dhia. 'Nuair a dh'ambhairceadh sibh ann an sgathan an Lagha, theireadh sibh, am bheil Dia fathast na h-uile anus na h-uile do m'anam? O!

am bheil m'uire mhiann ann an lathaireachd Dhe? Am bheil mo chridhe an geall air a bhi faicsinn gu soilleir Mòrdhalachd neo-chriochnuichte Dhe? Am bheil mo ghradh, agus mo thlachd, agus mo ghairdeachas, agus m'uire bheatha, ann a bhi ag amharc air an Tighearna ghormhoir sin? A rìs, am bheil agam a lethid do ghradh agus do churam do dh'aoradh, 's gu'm bheil mi a' creidsinn gu'm bheil a shuif uile-leirsinnich do ghnath ag amharc orm, a chum 's gu'm biodh a lagha na'n smuaintean domh a là agus a dh'oidhche? Oir cha'n urrainn e gu brath a bhi air ath-aithris leat-sa gu leoir; uime sin, thubhairt Daibhidh mu'n duine bheannaichte, 'gu'm bheil a thlachd ann an lagh an Tighearn', agus anns an lagh sin gu'm bheil e a' beachd-smuaineachadh a là agus a dh'oidhche.' Nach 'eil a bhi smuaineachadh air an lagh 'san là na's leoir ge nach bi e 'san oidhche? Cha'n 'eil, tha Dia ag iarraidh na's mò oirbh; oir tha e ag agradh gradh bhur n'anam le'r n-uile neart, oir tha e-san fiughail air gu leir. A rìs, tha agaibh ri amharc ris an dara h-aithn, ciod an suim a tha agaibh air meadhonaibh adhraidh. A rìs, tha agaibh ri amharc ris a treas aithn, ciod an cùram agus an dicheoll a ta agaibh a chum Dia a ghloireachadh ann bhur caith-beatha. A rìs, anns a cheithreamh aithn, tha agaibh ri amharc gu'n cuir sibh air leth gach seachdamh là de'n t-seachdain air son seirbheis Dhe. A rìs, anns a chuigeamh aithn, ciod e an urram, agus an onoir, agus an umhlachd, a thug sibh dhoibh-san a ta ann an aird-inbhe, agus ciod e an gradh agus an cùram a ghabh sibh dhiubh-san a tha ann an inbhe-iosal; agus, anns a chuid eile de na h-aithntean, tha sibh gu amharc ciod e am meas a bha agaibh do bheatha, do onoir, do mhàoinn, agus do phearsaibh bhur coimhearsnaich. Leigidh so dhuit fhaicinn nach 'eil thu aig crìoch do thuruis: fathast cha' d'rainig mi'n comharadh, cha do chomhrag mi fathast an deagh chomhrag; uime sin, feumaidh mi neart as ùir, agus gras as ùir o Chrìosd, a chum 's gu'n tòisich mi a rìs far an do sguir mi; feumaidh mi mo cheangail ath-nuadhachadh ris a rìs, oir cha'n 'eil na's leoir ann a m'anam fathast gu mo chruth-athrachadh a dh'ionnsuidh iomhaigh ghloirmhoir fein. 'Se so a cheud ni.

2. Feumaidh sibh oidhirpeachadh tre chreideamh, 'se sin, feumaidh sibh greim laidir a ghabhail deth; feumaidh

aidh sibh sealltain na's fearr ri a theachd 'san fheoil, ri a bhreith, ri a bheatha, agus ri a ghiulan, na's fearr ri a roghainn, na's fearr ri a bhàs, agus na's fearr ri ais-cirigh, agus a dhol suas; agus cha 'ne sin a mhain, ach bheir creideamh ort greimeachadh ris na h-uile gcalladh a tha anns an fhocal, agus bheir so ort a bhi aoibhneach ann an deanamh gnothach do ghairm; air dhoigh 's ma tha thu a' faotainn beannachd ann, bheir creideamh ort a radh, tha barrant an Tighearn' aig a ghairm so, uime sin bheannaich e mi, agus ma gheibh thu mallachd ann, bheir creideamh ort a radh, thoill mo pheacaidhean so, uime sin, tha'n Tighearna 'gam chronachadh, do bhrigh 's gu'm bheil curam aige dhomh, uime sin tha e 'ga mo smachdachadh, agus na h-uile a chum m'fhoighidinn a dhearbhadh.

Mar sin 'se so an dara puinc, a bhi beachd-smuaineachadh air teachd Chrìosd anns an fheoil, air a bhreith, air a bheatha, air a bhas, air ais-eirigh, agus air a dhol suas, agus uile gheallaidhean Dhe ann a fhocal a chomh-chuir riut fein. 'Nis, do bhrigh 's gu'm bheil cuid agaibh a' faotainn cho beag do chumhachd grais ann bhur cridheachan gu so a choimhlionadh, uime sin tha sibh neothoil-each taiseachadh; ach cha'n fheud sibh sin a dheanamh, feumaidh tu a chreidsinn gu'n cuir Dia a Spiorad a chum a lagh gu leir a sgrìobhadh ann do chridhe, ann an sin feudaidh tu a radh, 'Tha Crìosd beo annam-sa, agus tha mise beo ann-san.' 'Nis, tha dà nì eile a b'aill lean a radh.

Air tùs. Do bhrigh 's gu'm bheil moran air an mi-mhisneachadh anns a bheatha so, agus 'ga shaoilsinn do-dheanta seirbhis a thoirt do Dhia air a leithid do dhoigh, uime sin cha'n 'eil iad idir a' toiseachadh.

2. Tha cuid 'ga shaoilsinn na's leoir ma gheibh iad deagh ghluasadan an drasd' agus a ris, agus tha cuid 'ga shaoilsinn na's leoir ma dh'fhagas iad ni-eigin do dh'òc, agus ma ni iad ni-eiginn do mhaith; agus tha cuid an duil ma rinn iad mar a thubhairt mi, nach ruig iad a leas tuille a dheanamh, ach tha iad uile air am meal-ladh, oir cha'n 'eil so do-dheanta, oir rainig na Naoimh romhainn air a so. Dh'imich Enoch maille ri Dia do ghnath, agus bha Abraham beo ann an creideamh, agus fhuir e bas anns a chreideamh; bha Maois dileas ann an uile thigh Dhe. Ciod a bha Iob? Bha e na dhuine

coimhlionta agus dìreach, agus na neach air an robh eagal De, agus a sheachainn olc. 'Nuair a bha e ann an soirbheachadh, dh'amhaire e air son caochladh, agus 'nuair a thainig an trioblaid, ghiulain se i gu foighidineach. Ciod e a thubhairt Daibhidh? 'Chuir mi an Tighearna do ghnath fa chomhar mo shuilean: tha e aig mo dheas lamh, agus cha ghluaisear mi gu brath. Coimhididh mi do reachdan. Dh'fholaich mi do gheallaidhean ann mo chridhe, a chum 's nach peacaichinn ad' aghaidh. Ann an slighe do theisteis rinn mi gairdeachas, mar os ceann gach uile shaibhreas. Air t-aitheantan beachd-smuainichidh mi agus dearcaidh mi air do cheumannaibh. Ann ad' reachdaibh gabhaidh mi tlachd; cha di-chuimhnich mi do bhriathra, &c. 'Nis, ma bha aig na daoine so a leithid sin do ghradh Dhe, agus a leithid do thlachd ann a aithntean, na's mò gu mòir a dh'fheudas sibhse a nis a bhi agaibh, air fhaicsinn duibh gu'n dh'fhuair bhur Tighearn a bhuaidh, agus gu'm bheil e a nis a' riaghladh air neamh; agus feudaidh sibh mothachadh a bhi agaidh a nis gur am grais so, agus tha na's leoir gu a bhi air fhaotainn ma thig sibhse agus a ghabhail. 'An ti a thig am' ionnsuidh-sa,' tha Crìosd ag radh, 'bithidh beatha aig ann am pailteas;' oir tha e-san ro-shaibhir agus pailt ann an gras ris am bheil agaibh ri dheanamh, agus feudaidh sibh a dhol le danachd do ionnsuidh, oir cha tilg e neach sam bith air falbh a thig d'a ionnsuidh.

Agus, anns a cheud aite. Ma bhitheas tusa beo beatha 'Chriosduidh, ann an sin bithidh Dia gu mòr air a ghloireachadh, agus tha mis' an dùil nach 'eil sin na ni beag dhuit-sa a tha gradhachadh a ghloir sin; tha mi cinnteach gu'm bi e na argumaid chudthromach dhuitsa, a tha ad' leanabh do Dhia, 'seadh, na's cudthromaich na e-san a bheireadh dhuit deich mìle saoghal. 'Nis, na'm b'urrainn thu creidsinn, gu'm bheil an imeachd so do ghnath, maille ri Dia a' tabhairt na's mò ghloir do Dhia na tha obair cruthachaidh an t-saoghail, nach deanadh tu stri gu a dheanamh. Ciod a ghloir a tha so tabhairt do Dhia? 'nuair a dh'fheudas sibh a radh, bha'n duine ud dàll, ach a nis tha e a' faicsinn; bha e bodhar, ach a nis tha e a' cluinntinn; bha e bhalbh, ach a nis tha e a' labhairt; bha e crùbach agus bacach, ach a nis tha a chosan agus a lamhan air an aisig dha a rìs, bha e marbh

ach a nis tha e beò. Ciod e a ghloir a bha ann do Dhia a bhi faicsinn athrachadh Shachèuis, a bha na chis-mhoir, agus gidheadh air a dheanamh na mhac do Abraham, agus do fhear-foirneirt, a bha air thabhairt gu leth a mhaoin a thoirt do na bochdan, agus a bha air a thabhairt gu aisig ceithir-fillte a bheag sam bith a thug e air falbh le casaid bhreige? Lucas xix. 5. Ciod a ghloir do Dhia bh'ann a bhi faicinn atharrachadh an Abstoil Phoil, a thainig o bli na fhear geur-leanmhuinn fuilteach gu a bhi na shearmonach comharaichte? Ciod a ghloir a bha ann a bhi faicsinn a leithid do bhana-pheacach, mu'n dubhairt iad, 'na'm b'aithne dha co i am boirionnach so, nach fuilingeadh e dhi a theachd am fagus da;' a bhi faicsinn a leithid do dh'atharrachadh innnt, 's gu'n robh i na 'suidh aig a chasaibh' agus ga'n ionnlaid le deuraibh, agus ga'n tiornachadh le folt a cinn? Luc. vii. 37. Mar sin, ciod a ghloir, ciod an aoibhneas, agus ciod an taitneas, a bhiodh ann an so do Dhia, 'nuair a chi e sibh-se gluasad na fhianuis anns a bheatha agus anns a ghiulan Chriosduidh so.

'SAN DARA H-AITE. Ciod an onoir a bhiodh ann duit fein? Ciod bu choir a bhi air a labhairt umad ann an sin? B'e gloir Sholamh, gu'n do thog e tigh a chum ainm an Tighearn a bhi air a ghairm ann an sin. Ciod e a ghloir ma ta a bhiodh ann dhuit-se tigh a thogail do'n Tighearn ann do chridhe fein? Tha 'n t-Athair air a ghloireachadh 'nuair a tha cridhe or air a dheanamh de' do chridhe cloich-sa, agus a leaghas se e le tein a Spioraid. Tha 'm Mac air a ghloireachadh 'nuair a chi e a leithid do fheartuinn ann a fhuil, agus tha e a' deanamh gairdeachas ann a bhi faicsinn a leithid dh'atharrachadh air a dheanamh leis an fhuil cheudna; agus cha'n e a mhain gu'm bheil e-san a' deanamh gairdeachas, ach tha mar an ceudna na h-ainglean air neamh a' deanamh gairdeachas ri iompachadh peacach. Tha 'n t-Athair neo-chriochnuichte ann fein, a' deanamh gairdeachas ann a Mhac, a chuir e gu oibreachadh a mach oibir 'ur slainte. Tha am Mac a' deanamh gairdeachas anns an Athair, air son gu'n d'earb e riamh ris a leithid do dh'oibir. Tha 'n Spiorad Naomh a' deanamh gairdeachas anns an Athair, agus anns a Mhac, gu'n do naomhaich e riamh, air tús an ceann, agus na dheidh sin na buill. 'Nis, ma tha thusa creidsinn na'n nithe so, bheir-

eadh so ort a radh, 'Tha fear mo ghraidh-sa geal agus dearg, sonruichte am measg dheich mìle. Tha a cheann mar an t-òr as gloine, a chiabha bachlagach, dubh mar am fitheach. Tha a shuilean mar shuilibh choluman laimh ri sruthaibh uisgeachan, a nigheas iad fein ann am bainne, air an suidheachadh gu ceart. Tha a ghruaidhean mar leabaidh spiosraidh, mar bhathaidh cubhraidh; a bhilean mar lilidhibh, a' sìleadh mirr ruidhteach. Tha a lamhan mar fhainnibh òir suidhichte le berilibh; a chom mar fhiacail Elephaint liobhta, air a cuir thairis le saphairibh: Tha a chosan mar phuist marmoir, suidhichte air bonnaibh do'n òr as gloine; eugais mar Lebanon, barraichte mar na seudair. Is ro' mhilis a bheul; seadh, tha e gu leir ionmhuinn.' Dan Sholaimh v. 10,—16. Agus bheireadh so air Criosd a dheaghteistean a thabhairt dhuit-sa ris, 'Feuch tha thu aillidh a bhean mo ghaoil, feuch tha thu aillibh, tha suilean choluman agad; Feuch, tha thu aillidh, fhir mo ghraidh, agus taitneach, agus ta 'ar n-uirigh uainne, eirich, a bhean mo ghaoil, m'aon sgiambhach, agus thig leam, mo choluman a ta ann an sgoltadh na creige, ann an ionad diomhair a bhruthaich, leig dhomh amharc ort, leig leam do ghuth a chluinntinn; oir a ta do ghuth binn agus t-eugais maiseach.'

'Nis, 'se'n TREAS agus an T-AOBHAR MU DHEIREADH SO. B'u choir do 'ur solus dealradh fa chomhar dhaoine, a chum 's air dhoibh, bhur deagh oibre fhaicsinn, gu'n gloiricheadh iad bhur n-Athair a ta air neamh.' Agus eiod e an gloir a bheir so do Dhia! Agus eiod an t-aobhneas a bheir e do'r n-anam', 'nuair nach e a mhaiu gu'n gloirich sibh fein an Tighearn ann 'ur beath agus ann bhur giulan, ach gu'n gloirich daoine eile mar an ceudna Dia air son bhur deagh oibre!

'Nis, tha mi a' fagail a chuid eile aig an àm, agus tha mi guidh air Dia gu'm beannaicheadh e dhuibh na bha air a labhairt ribh ann an ainm an Tighearn Iosa. Dhathan, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile chliù, onoir, agus gloir, gu saoghal na'n saoghail. AMEN.

☞ Tha air iarraidh air an Leughadair aire a thoirt gu'm
bheil an xxvi agus an xxvii Searmoin air an aonadh
r'a cheile aig an taobh-duileag 183—Rom. i. 17.

